




25<sup>th</sup> L. 34.2.  
Capt<sup>r</sup>. M<sup>e</sup>. Gregor's  
Library

1.00  
True Church Carr B

March 1864

36  
B





EACHDRAIDH FIRINNEACH

MU'N

# CHOGADH NAOMH,

A RINNEADH

LE RIGH SADDAI RI DIABOLUS, A CHUM ARD-BHAILE  
AN T-SAOGHAIL ATH-BHUANNACHD;

NO

CALL AGUS ATH-GHLACADH BAILE ANAM-AN-DUINE.

LE IAIN BUINIANN.

---

"Ghnàthaich mi cosamhlachd."—*Hosea xi. 10.*

---

EADAR-THEANGAICHTE GU GAELIG,

LE  
IAIN ROSE.

AN DARA CLÒ-BHUALADH.

DUNEIDIN:

CLÒ-BHUAILLE AGUS R'AN REIC LE THORNTON & COLLIE.


---

1846.



---

Edinburgh : Printed by Thornton & Collie, 19, St David Street.



BAILE ANAM-AN-DUINE.

## E A C H D R A I D H MU'N

# C H O G A D H   N A O M H.

### CAIBIDIL I.

Maise baile Anam-an-duine, agus a staid shona am feadh a bha e so riaghadh SHADDAI—Fuath agus farmad Dhiaboluis agus a chuid còmpanach—an as-innleachdán an aghaidh Anam-an-duine—an dol air aghairt chuilbheartach—Mhàrbhadh Ceannard-nach-géill agus Neo-chiontas—Fhuair Diabolus seilbh air a' bhaile, agus dhaingnich e an caisteal air a shon fén.

AIR dhomh a bhi 'gimeachd tre iomadh tir agus dùthaich, thainig mi dh'ionnsaidh Tìr-mòr ainmeil a' Chruinne-ché, dùthaich ro mhòr agus fharsuinn. Tha i 'na luidhe eadar an aird-an-ear agus an aird-an-iar, direach am meadhon ceithir airdean nan néamh. Is àit' e a tha bòidheach air a shuidheachadh, air a dheagh uisgeachadh, agus air

a sgeudachadh gu maiseach le beanntaibh agus le gleanntaibh ; agus far an robh mise, bha chuid mhòr dheth gle thorach, mar an ceudna, bha e air a dheagh àiteachadh, agus bha an t-àile gle fhalain.

Cha'n eil an sluagh uile a dh'aon aogas, no chleachdad, ni mò tha iad a dh'aon chànan, no doigh aoraidh, ach tha iad ag eadar-dhealachadh gu h-anabarrach. Tha cuid ceart, agus cuid docharach dhiu.

B'e mo chrannchur a bhi air thuras anns an dùthaich so, agus bha mi air chuairt an sin ùine cho fada, 's gu'n dh'fhòghlum mi mòran de'n càinnt, maille ri 'n gnàthaibh agus ri 'n cleachd-aibh ; agus a dh'innse na firinn, bha mòr thlachd agam do dh'iomadh ni a chunnaic agus a chuala mi nam measg ;<sup>1</sup> seadh, bha'n cleachdainnean cho taitneach leam 's gu'n caithinn mo bheatha, agus gu'm basaichinn nam measg, mar b'e gu'n chuir mo mhaighstir<sup>2</sup> fios orm dhachaigh d'a thigh, a dheanamh seirbhis dha, agus a dh'fhaicinn a sheirbhis deante.

Tha ann an dùthaich so a' Chruinne-ché, baile maiseach, d'an goirear Anam-an-duine,<sup>3</sup> baile a thaobh aitreibh cho neònach, a thaobh a shuidheachaidh cho freagarrach, a thaobh a shochairean cho cothromach, (tha mi ciallachadh a thaobh a cheud togail,) ionnus gu'm faod mi 'g ràdh mu thimchioll, mar chaidh a' ràdh roimhe so mu'n Tìr-mhor anns a' bheil e air a shuidheachadh, cha'n eil a leth-bhreac fo neimh.

A thaobh suidheachaidh a' bhaile so, tha e 'na luidhe direach eadar an dà shaoghal, agus cho fada 's as urrainn mise fhòghlum o na h-eachd-draidhibh<sup>4</sup> is fearr agus is ro fhìrinniche, 'se neach d'an ainm Saddai<sup>5</sup> bu cheud shear-suidh-

<sup>1</sup> Tha staid nàduir taitneach do'n fheadil.—<sup>2</sup> Criod.—<sup>3</sup> An duine no anam an duine.—<sup>4</sup> Na Sgriobturan.—<sup>5</sup> An t-Uile-chumhachdach.

eachaidh agus togalach air; agus thog se e air son a thaitneas féin. Gen. i. 26. B'e glòir gach uile ni a rinn e 'san dùthaich sin, eadhon am mìr a b'urramaich; seadh, bha Anam-an-duine 'na bhaile cho maiseach, an uair a thogadh e an toiseach, 's gu bheil e air a ràdh le cuid, gu'n tainig na h-ainglean, a nuas 'ga fhaicinn, mu àm a chur suas, agus gu'n do shéinn iad le aoibhneas. Agus mar a rinn se e maiseach ri amhairc air, mar sin rinn se e cumhachdach chum uachdaranachd a bhi aige os ceann na dùthcha uile mu'n cuairt; seadh, dh'áithneadh do na h-uile Anam-an-duine aideachadh agus ùmhachd a thoirt dhà, mar an Ard-bhaile; mar an ceudna, bha barantas agus ùghdarras aig a' bhaile bho a Rìgh, seirbhis agairst dhe na h-uile, agus neach sam bith a dh'áich-eadh sin a dheanamh a thoirt fo cheannsal.

Thogadh ann am meadhon a' bhaile so lùth-chairt<sup>1</sup> ro urramach agus rimheach; a thaobh neirt, dh'fhaodte caisteal a ghairm dh'i; a thaobh taitneachd, phàrras; a thaobh meudachd, àite cho farsuinn 's gu'n gabhadh e an saoghal gu léir. Ecles. iii. 11. 'S ann air a shon féin a mhàin, a rùnaich an Rìgh Saddai an t-àite so, agus cha b' ann air son neach sam bith eile: ann an cuid a thaobh an tlachd a ghabh e ann, agus ann an cuid do bhrigh nach b' àill leis gu'm biodh eagal air a' bhaile bho choigrich. Mar an ceudna, rinn Saddai an t-àite so na dhaingneach, ach dh'earb e ghleidheadh ri daoinibh<sup>2</sup> a' bhaile mhàin.

Bha ballachan a' bhaile air an deagh thogail, seadh, bha iad cho gramaile daingean air an teumadh's air an ceangal r'a chéile, 's mar bhithheadh muinntir a' bhaile féin, nach b' urrainn iad a chaoidh a bhi air an criothnachadh no air am bristeadh.

Oir is ann an so a bha gliocas òirdheirc an Tì a

<sup>1</sup> An cridhe.—<sup>2</sup> Comasan an anma.

thog Anam-an-duine ri fhaicinn, nach b' urrainn na ballachan<sup>1</sup> a bhi air an dochann no air am bristeadh sios gu bràth leis na naimhdibh bu naimhdeil<sup>2</sup> agus bu ro chumhachdaiche, mar aontaicheadh muinntir a' bhaile ris.

Bha air a' bhaile iomraiteach so Anam-an-duine cùig geatachan; agus rinneadh iad so mar an ceudna, freagarrach do na ballachaibh, eadhon, do-ghlacte, air dhoigh 's nach b' urrainn iad gu bràth a bhi air am fosgladh le ainneart, ach le'n aontasan a bha steach. B' iad so ainmean nan geatachan; Geata-na-cluaise, Geata-na-sùla, Geat'-a'-bheòil, Geata-na-sròine, agus Geat'-a'-mhothaichaidh.<sup>3</sup>

Bha sochairean eile ann a bhuineadh do bhaile Anam-an-duine,<sup>4</sup> a bheir an tuilleadh dearbhaidh air glòir agus neart an àite so. Bha pailteas loin an còmhnaidh an taobh a stigh d'a bhallaibh; bha na reachdan a b' fhearr, agus bu ro òirdheirc ann a bha 'san àm sin air an t-saoghal. Cha robh daoidhear, slaòightear, no cealgaire an tràth sin an taobh a stigh d' a bhallaibh; bu daoine firinneach air an ceangal gu daingean r'a chéile iad uile (agus tha fhios agaibh gur mòr a' chùis so,) fo dhion agus fo thearmann Shaddai, agus b' e 'thlachd e, cho fad 'sa bhuanaich e dìleas dhà.

Aig àm àraid thug famhair cùmhachdach d'am b' ainm Diabolus<sup>5</sup> ionnsaidh air a' bhaile iomraiteach so Anam-an-duine chum a ghlacadh, agus ionad còmhnaidh féin a dheanamh dheth. Bha am famhair so na Rìgh os ceann cumhachdan an dorchadais,<sup>6</sup> agus bu chronail am prionns' e. Ephes. vi. 12. Ma's àill leibh, labhraidh sinn air tùs mu shìnnnsireachd an Diaboluis so, agus a rithist mar ghlac e 'm bàile urramach so Anam-an-duine.

<sup>1</sup> An corp.—<sup>2</sup> Na cùig ceud-fathan. Slighean dol a steach a mhaith agus an uile.—<sup>3</sup> Staid anam an duine roimh an tuiteam.—<sup>4</sup> An Diabhol.—<sup>5</sup> Diabhoil, na h-ainglean a thuit.—Faic 2 Pead. ii. 4., agus Iudas 6.

Gu cinnteach tha'n Diabolus so 'na phrionnsa mòr agus cùmhachdach, gidheadh tha e araon bochd, agus tràilleil. A thaobh a shinnnsireachd, bha e air tùs 'na aon do sheirbhisich an Rìgh Saddai, agus chuireadh leis-san e anns gach cùmhachd agus uachdranachd a bhuiineadh do'n chuid a b' fhearr d'a chrìochaibh agus d'a rioghachd. Isa. xiv. 12. Rinneadh an Diabolus so 'na Mhac na Maidne, agus is ann aige féin a bha'n deagh àite. Thug e mòr ghlòir, agus teachd a steach da ionnsaidh a dh'fhaodadh a chridhe diabholaidh a thoileachadh, mar biodh e do-shàsaichte agus cho farsuinn ri ifrinn féin.

Mar sin, air dha e-féin fhaicinn air àrdachadh gu mòrachd agus urram, agus air a chaoothach 'na inntinn air son staid agus inbhe n'a b' àirde, thoisich e air smuaineachadh ann féin cionnas a gheibheadh e bhi 'na thighearn thar na h-uile, agus an t-iomlan de'n uachdranachd a bhi aige fo Shaddai. 2 Pead. ii. 4. Iudas 6. A nise għleidh an Rìgh an t-ùghdarris so air son a Mhic, agus thug e dha e cheana; uime sin smuainich Diabolus air tùs ciod a b' fhearr dhà dheanamh, agus an sin leig e ris inntinn do'n chuid eile de chòmpanaich, a dh'aontaich leis. Mar sin chodhùin iad an ionnsaidh a thoirt air Mac an Rìgh, chum a mharbhadh, gus am biodh an oighreachd aca féin. Mata. xxi. 38. Chaidh an t-àm a shuidheachadh, agus thugadh an ionnsaidh. A nise cha b' urrainn do ni sam bith tachairt 'na rioghachd gun fhios do'n Rìgh agus d'a Mhac; agus do bhrigh gu'n għraddhaich e a Mhac mar e féin, bha e gu mòr air a bhrosnachadh: uime sin, għlac e iad aig a' cheart àm air an tug iad an ionnsaidh an rùn a chuir an gniomh, dhàt e iad air son an ar-a-mach, na reubaltachd uabhasach, agus na ceannairec a dheilbh iad, agus air an tug iad ionnsaidh a chuir an gniomh, agus thilg e iad

a mach gu léir as gach dreuchd, ùghdarras-tàirbhe, urram, agus àrd-inbhe; air dha so a dheanamh, dh'fhògair e iad o chùirt, thilg e sios iad do'n t-sloc uabhasach, ceangailte gu daingean le slàbhraiddhibh, gun dùil a bhi aca ris a' chaoimhneas is lugha bho 'làimh-san gu bràth tuilleadh, ach a bhi air an coimhid fa chomhair a' bhreitheanais a dh'òrduich e, tre bhith-bhuantachd.

Mar so bha iad air an tilgeadh a mach, agus air dhoibh fios a bhi aca gu'n do chaill iad deagh-ghean am Prionnsa gu sìorruidh, chuir iad ri'n ceud àrdan gach mi-rùn agus corraich a b' urrainn iad, an aghaidh Shaddai agus a Mhic. 1 Pead. v. 8. Uime sin, bha iad a' siubhal sìos agus suas ann am mòr chorraich o àite gu àite, air tòir ni-eigin fhaotainn a bhvineadh do'n Rìgh, chum iad féin a dhioladh air; thainig iad a dh'ionnsaidh na dùthcha móire so, do'n Chruinne-ché, agus gu baile Anam-an-duine: agus air dhoibh a thoirt fainear gu'm b' e am baile sin aon do thaitneasaibh agus do dh' àrd oibre an Rìgh Saddai, thug iad ionnsaidh air. Bha fhios aca gu'm buineadh Anam-an-duine do Shaddai, oir bha iad 'san lathair 'nuair a thog se e agus a rinn e maiseach e air a shon féin. Mar sin 'nuair a fhuair iad an t-àite, rinn iad iolach òillteil le aoibhneas, agus bheuc iad os a cheann mar leòghan os ceann a chriche, ag ràdh, a nise fhuair sinn an geall, agus an doigh air a bhi ath-dhiolte air an Rìgh Saddai air son na rinn esan oirnne. Mar sin, shuidh iad sìos agus ghairm iad comhairle chogaidh, agus smuainich iad aca féin, ciod an dòigh a b' fhearr dhoibh a ghabhail chum am baile urramach so Anam-an-duine<sup>1</sup> a ghlachadh; an sin thug iad fainear na ceithir nithe so:

1. An e iad féin a thaisbeanadh còladh do bhaile Anam-an-duine, bu fhreagarraiche dhoibh?

<sup>1</sup> Deilbhean Shàtain an aghaidh Anam-an-duine.

2. An e dol agus suidhe sios fa chomhair Anam-an-duine anns an sgeudachadh thruagh agus dhùaichnidh a bh' orra nis', an doigh a b' fhearr dhoibh?

3. An e an rùn agus an t-aobhar mu'n robh iad a leigeadh ris do dh' Anam-an-duine; no an tugadh iad ionnsaidh air le briathraig agus le ráidibh ceilge, an doigh a bh' fhearr dhoibh?

4. Co dhiu a b' fhearr dhoibh òrdugh uaig-neach a thoirt do chuid de'n còmpanaich, cothrom a' gabhail gu h-aon no ni bu mhò de chinn-fheadhn' a bhaile a thilgeadh, nam b' e 's gu'n saoileadh iad leis a sin a dheanamh gur ann a b' fhearr a shoirbhicheadh leo, no nach b' ann?

Mar fhreagar do'n cheud ni a rùnaich iad, cho-dhuin iad, nach biodh math do'n iomlan dhiu iad-féin a thaisbeanadh còmhla fa-chomhair a' bhaile, do brigh nan tigeadh mòran dhiu am fradharc gu'm faodadh so allsgadh a chuir air; ach mar tigeadh ach aon no dithis dhiu an lathair, nach biodh e cho cunnartach air sin a dheanamh. Agus a chum an tuilleadh cudthrom a thoirt do'n comhairle so, chuireadh ris, ma's e 's gu'n gabh Anam-an-duine màoim, no gu'm faigh e cais-meachd, tha e do-dheante, arsa Diabolus, gu'n glac sinn am baile; oir cha'n urrainn a h-aon, dol a steach ann as eugmhais aonta féin; uime sin, na tugadh ach beagan, no a h-aon, ionnsaidh air Anam-an-duine; agus a réir mo bharail-sa, arsa Diabolus, bitheamsa an t-aon sin. Dh'aontaich iad ri so uile.

Mar fhreagairt do'n dara ni a rùnaich iad, eadhon,—An e dol agus suidhe sios fa chomhair Anam-an-duine anns an sgeudachadh thruagh agus dhuaichnidh a bha orra nis an doigh a b' fhearr dhoibh? cho-dhuin iad nach biodh sin freagarrach air sheòl sam bith; do bhrìgh, ged a bha aig baile Anam-an-duine eòlas, agus gu'm b'aithne dha nithibh neo-fhaicsinneach roimhe so, gidheadh

cha'n fhaca iad riamh fhathast aon sam bith de'n co-chreutairibh ann an staid cho òillteil agus cho duaichnidh ruinne. Agus b' e so comhairle Alecto bhùirb. An sin thubhaint Apolion, " Tha chomhairle iomchuidh ; oir na'm b' e 's gu'n taisbeanadh eadhon a h-aon dinne sinn féin dhoibh mar a ta sinn a nise, ghineadh e smuaintean annta a chuireadh a leithid do dh'uamhas spioraid orra, 's nach b' urrainn iad gun a bhi air am faicill ; agus ma thàrlas sin ars' esan, is diomhain dhuinne bhi smuaineachadh am baile ghlacadh." An sin thubhaint am famhair cumhachdach sin, Beelsebub, " tha chomhairle thugadh cheana ro thearuinte; oir ged chunnaic muinntir Anam-an-duine a leithid 's a bha sinne roimhe so, gidheadh cha'n fhaca iad riamh fathast ar leithid-ne a nis' agus a réir mo bharail-sa, is fearr dhuinne teachd orra ann an aon do na cruthaibh sin air am bheil iad eòlach." Dh'aontaich iad ris a so. B' e 'n ath nì a bha r'a thoirt fainear, ciod an cumachd, no 'n coltas, anns an taisbeanadh Diabolus e-féin 'nuair a bheireadh e 'n ionnsaigh air Anam-an-duine ghlacadh. An sin thuirt a h-aon mar so, agus a h-aon eile mar sud. Mu dheireadh fhreagair Lucifer. Gu'm b' e bharail-san, gu'm b' fhearr dha Mhòrachd corp a h-aon de na creutair-ean sin a' ghabhail, air an robh uachdarananachd aig muinntir a' bhaile ; oir, ars' esan, cha'n e mhàin gu bheil iad eòlach orra sin, ach air dhoibh uachdarananachd a bhi aca os an ceann, cha smuainich iad gu bràth gu'n tugadh iadsan ionnsaigh air a' bhaile ; agus gus an fhoill a chleith, gabhadh e corp aon de na h-ainmhidhibh sin a tha Anam-an-duine a' meas a bhi ni's glice na càch. Gen. iii. 1. Tais. xx. 1, 2. Mhol iad uile a chomhairle so, mar sin cho-dhuin iad gu'n cuireadh am famhair Diabolus e féin ann an cruth dragoin, oir bha iad cho eolach air anns na laithibh sin, 'sa tha'm balachan an diugh

air an éun. Oir cha robh ni sam bith na iongantas dhoibh a bha 'na cheud staid.

Ann am freagairt do'n treas ni a rùnaich iad, eadhon,—An e 'n rùn a leigeadh ris do dh'Anam-an-duine, an doigh a b'fhearr dhoibh? Cho-dhùin iad nach freagradh so, do bhrìgh gu'm bu shluagh laidir Anam-an-duine, ann am baile laidir, aig an robh a bhallachan agus a gheatachan do-ghlacte, gun a bheag a' ràdh mu'n chaisteal aca, nach b' urrainn iad a bhi air an glacadh ach le'n aonta féin. A thuilleadh air sin, arsa Légion, “nam b' e 's gu'n leigeamaid ris ar rùn dhoibh dh'fhaodadh sin an gluasad gu 'n cuir a dh'ionnsaidh an Righ air son cobhair, agus nam b' e 's gu'n tàrladh sin tha, fhios agamsa cia mar dh'éireadh dhuinne. Uime sin thugamaid an ionnsaidh orra le bhi gabhail oirnn a bhi toirt gach uile chothrom dhoibh, a' ceiltinn nan nithe a tha air ar n-aire le breugaibh agus le miodal, ag aithris nithibh nach tachair gu bràth, agus a' gealltann dhoibh nithe nach fhaigh iad am feasd. ’Se so an rathad gu Anam-an-duine bhuannachd, agus gu thoirt orra an cuid geatachan fhosgladh dhuinn d'an deòin, agus iarraidh oirnn a theachd a' steach do'n, ionnsaidh. Agus ar leam gu'n dean an seòl so an gnothach, do brìgh gu bheil gach aon do mhuinntir Anam-an-duine a nis' aon-fhillte agus neo-chiontach; an t-iomlan dhiu ionraig agus firinneach; oir cha'n aithne dhoibh fathast ciod is ciall do dh'ionnsaidh a bhi air a thoirt orra le fòill, le céilg, agus le mealltaireachd. Tha iad 'nan coigrich do bhilibh cealgach agus breugach; uime sin, creididh iad ar breugan mar ràdh fior, agus ar cuilbheartachd mar ghniomharran treidhireach. Creididh iad na nithe a gheallas sinne doibh: gu h-araid ma's e 's gu'n gabh sinn oirnn gràdh mòr a bhi againn dhoibh, agus gur e mhàin an ònoir agus am buannachd-san a tha 'n ar beachd.” Cha deach aon fhacal a' ràdh an

aghaidh so, agus an sin thug iad fainear an ni mu dheireadh a rùnaich iad, eadhon, co dhiu a b'fhearr dhoibh òrdugh a thoirt do chuid dhe'n cuideach, a h-aon no na bu mhò do chinn-fheadhna bhaile a thilgeadh, nam b'e 's gun saoileadh iad leis a sin a dheanamh gur ann a b' fhearr a shoir-bhichead leo, no nach b' ann?

Chòrd iad ris a so; agus b' e 'n duine a rùnaich iad a mhàrbhadh, Fear-nach-géill, d'an goirear air mhodh eile Ceannard-nach-géill, duine mòr, ann an Anam-an-duine, agus roimh 'n robh tuilleadh do dh' eagail air an fhamhair Diabolus agus air a bhuidhean na bha orra roimh bhaile Anam-an-duine gu h-iomlan; agus chomharraich iad Tisiph one, aon do bhaobhan an t-sluic, gus am mòrt a chuir an gniomh.

Air dhoibh crìoch a chuir air a chomhairle chog-aidh, chaidh iad air an aghart a dh'ionnsaidh Anam-an-duine, gidheadh 's ann air mhodh neo-fhaicsinneach a thriall iad uile, ach a h-aon a mhàin; ni mo thainig esan am fagus do'n bhaile 'na choltas féin, ach ann an cumadh dragoin.<sup>1</sup>

Mar sin shuidh iad sios fa chomhair Geata-na-cluaise, oir b' e sin an t'àite chum gach ni bha'n taobh a mach do'n bhaile chluinntinn; mar a b' e Geata-na-sula an t'àite faicinn. Mar a thubhairt mi, chaidh e suas chum a' gheata, agus rinn e feall-fhalach air son Ceannard-nach-géill, mar ùidhe urchair bogha do'n bhaile. Cha 'tug e a h-aon maille ris ach Droch-theagamh, neach a bha na chainntear aige anns gach cùis chruaidh. A nise, mar a thubhairt mi, air dha teachd suas chum a' gheata, a réir gnàths nan amannan sin, shéirm e 'thròmpaid air son éisdeachd; leis an fhuaim sin, thainig a nuas cinn-fheadhna baile

<sup>1</sup> Tha naimhdean 'ur 'n anama air an taisbeanadh mar dhream a ta làn do cheilg. Goirear am fear-meallaidh do Shatan, agus tha rábhadh air a thoirt do na creidich an aghaidh a chuilbheirteau.

Anam-an-duine, mar a ta, Neo-chiontas Morair-na-toile,<sup>1</sup> Morair-a-bhaile, Seanachaидh,<sup>2</sup> agus Cean-nard-nach-géill ; a chum a' bhalla a' dh'fhaicinn co bh'ann, agus ciod a thachair ; agus dh'fharraid Morair-na-toile dheth co e, agus c'arson a thainig e, agus c'arson a chuir e baile Anam-an-duine troimhe chéile le leithid do dh'fhuaim neo-abhaisteach ?

An sin labhair Diabolus mar gu'm b' uan e, agus thubhairt e : “ A dhaoine uaisle bhaile urramaich Anam-an-duine, cha'n eil mise, mar a dh'fhaodas sibhse fhaicinn, a chòmhnaidh fada uaibh, ach dlù dhuibh, agus tha dh'fhiachaibh orm leis an Rìgh gach ùmhachd, agus seirbhis a ta 'nam chomas a dheanamh dhuibh ; uime sin, a chum gu'm bi mi firinneach dhomh féin agus dhuibhse, tha ni-eigin cudthromach agam ri innse dhuibh. Air an aobhar sin, ceadaichibh dhomh labhairt ribh, agus éisdibh rium gu foighid-neach. Agus air tùs, gu cinnteach cha'n e mi féin, ach sibhse, cha'n e mo bhuanachd féin ach 'ur buannachd-sa, tha mi 'g iarraidh leis a ni tha mi a' deanamh an tràth-sa, mar a làn shoilleirichear 'nuair a chuireas mi 'n céill dhuibh na tha air m' aire ; oir, a Dhaoine uaisle, thainig mi a nochdadh dhuibh cionnas a dh'fhaodas sibh saorsa fhaotainn, o'n daorsa fo am bheil sibh 'nar traillean, ann am braighdeanas gun fhios dhuibh féin.” Thoisich baile Anam-an-duine<sup>3</sup> ri éisdeachd ris a so. “ Ciod a th' ann ? ” arsa iadsan. Agus thubhairt esan ; “ tha ni-eigin agam ri ràdh ribh mu thimchioll 'ur Rìgh, mu thimchioll a lagha, agus mar an ceudna mu'r timchioll féin. Mu thimchioll 'ur Rìgh, tha fiòs agam gu bheil e

---

<sup>1,2</sup> Toil an duine.—<sup>2</sup> A choguis a tha cuir air chuimhne ar gniomharran.—Rom. ii. 15.—<sup>3</sup> Tha Anam-an duine ag éisdeachd ri buaireadh.

mòr agus cùmhachdach; gidheadh, cha'n 'eil na h-uile ni a thubhairt e ribh aon chuid fior no chum 'ur buannachd. 1. Cha'n 'eil e fior, oir an ni sin leis an robh e a' cur eagal oirbh gus a nise cha tachair e, ni mo choilionar e, ged dheanadh sibh a ni sin a thoirmisg esan: ach ged a bhiodh cunnart ann, ciod e 'n tràilleachd a bhi caitheamh 'ur beatha fo ghnàth eagal nam peasan an is mò, air son ni cho beag agus cho suarrach ri beagan meas itheadh! 2. A thaobh a reachdan;<sup>2</sup> their mi ni's faide, tha iad araon mi-reusonta, deacair, agus do-ghiulan. Mi-réusonta mar thugadh fainear cheana, do bhrigh nach eil am peanas co-ionann ris a' chionta. Tha mòr eadar-dhealachadh agus neo-ionannachd eadar a' bheatha agus ubhal; gidheadh feumair an darna h-aon a chall air son an aoin eile, a réir lagh 'ur Saddai-sa. Mar an ceudna tha iad deacair, oir 'sa cheud àite, tha e 'g ràdh, faodaidh sibh itheadh do gach uile mheas; agus gidheadh an deigh sin, tha e toir-misg dhuibh itheadh do dh' aon mheas. Agus 'san àite mu dheireadh, feumaidh e bhi do-ghiulan, do bhrigh gur e am meas a tha air a thoirmreasg dhuibh itheadh, ma 's e 's gu'n deach meas air bith a thoirmreasg dhuibh, a meas sin a mhàin, a tha comasach le itheadh dheth, am math sin a cho-pairteachadh ribh, air am bheil sibhse fathast aineolach. Tha so soilleir o dhearbh ainm na craobh: goirear Craobh Eòlais a Mhath agus an Uile dh'i; am bheil an t-eòlas sin agaibhse fathast? Cha'n eil, cha'n eil; ni mò is urrainn sibhse bhreithneachadh cia math, cia taitneach, agus cia mòr r'a mhiannachadh 's a tha e gu neach a dhean-amh glic, cho fhad 'sa bheir sibh géill do dh' àithne 'ur Rìgh. C'arson ma ta a bhiodh sibh air 'ur cumail ann an aineolas agus ann an doille?

<sup>2</sup> Tha cuilbheartachd Dhiaboluis a' co-sheasamh ann am breug-aibh. 'S esan athair nam breug.

C'arson nach biodh 'ur 'n eòlas agus 'ur tuigse air am meudachadh? Agus a nise, ah! luchd-àiteachaidh a' bhaile iomraitiche Anam-an-duine, ann an labhairt gu ro shònraighe ribh, cha mhuinntir shaor sibh! Tha sibh air 'ur cumail araon ann an daorsa agus ann an trailleachd, agus sin le bagairt chràiteach, gun aobhair sam bith air, ach gur ann mar so is àill leams e; agus mar sin bithidh e. Agus nach cràiteach ri smuain-eachadh, gur e 'n dearbh ni a tha air a thoirmeasg dhuibh a dheanamh, nam b' e 's gu'n deanadh sibh e, a bheireadh dhuibh araon gliocas agus onair: oir an sin fosglar bhur suilean, agus bithidh sibh mar dhée. A nis 'a chionn gu bheil a chùis mar so," arsa esan, "an urrainn sibh a bhi air 'ur cumail le prionnsa sam bith ann an tuilleadh daorsa, agus fo thraigheachd ni's mò, na tha sibh air an latha 'n diugh? Rinneadh iochdarain dhibh, agus tha sibh a' fulang mòran ana-cothrom, mar a nochd mi dhuibh; oir ciod an daorsa is mò, na bhi air 'ur cumail ann an doille? Nach innis reusan dhuibh, gur fearr dhuibh sùilean a bhi agaibh na bhi as an eugmhais? agus gur fearr a bhi aig saorsa, na bhi air 'ur dùnadh suas ann an uaimh dhorch agus bħreun?"<sup>1</sup>

Am feadh a bha Diabolus a' labhairt, thilg Tisi-phone air Ceannard-nach-géill, far an robh e na sheasamh air a' gheata, agus thug e lot bàis dha 'sa cheann; ionnus gu'n thuit e sios glan mhàrbh thar a' bhalla, ni a chuir mòr uabhas air muinntir a' bhaile, agus a thug misneach do Dhiabolus. Air do Cheannard-nach-géill a bhi màrbh agus gu'm b' esan a mhàin an t-aon fhear cogaidh a bh'anns a' bhaile, cha robh misneach aig Anam-an-duine gu seasamh 'na aghaidh. Ach bha so mar bu mhiànn leis an Diobhal e. An sin sheas Droch-

<sup>1</sup> Coimeas so ri cunntas an tuiteam. Gen. iii. 1-4.

theagamh suas, am fear sin a thug Diabolus leis mar chainntear, agus labhair e ri baile Anaman-duine, mar a leanas:

*Droch-Theagamh.*<sup>1</sup> “ A dhaoine uaisle ars’ esan, is e sonas mo mhaighistir, gu bheil luchdeisdeachd tosdach agus so-theagaiste aige air an latha ’n diugh ; agus tha dòchas againn, gu’m buadhaich sinn oirbh gu’n deagh chomhairle a chuir air cùl. Tha gràdh mòr aig mo mhaighistir dhuibh ; agus ged is math tha fhios aige gu bheil e ann an cunnart corraich an Rìgh Saddai a tharruinn air féin, gidheadh a thaobh a ghaoil dhuibhse fuiligidh e sin agus ni’s mò na sin air bhur sonsa. Cha’n eil aobhar air facial tuilleadh a’ ràdh, gu daingneachadh firinn na labhair esan : faodaidh dearbh ainm na craoibhe crìoch a chuir air gach uile chonnsachadh mu’n chùis so. Uime sin, fo sheoladh, agus le cead mo thighearna, cha chuir mi ris ach a mhàin a chomhairle so dhuibh aig an àm-sa (agus le sin a’ ràdh, rinn e ùmhllachd do Dhiabolus). Thugaibh fainear a bhriathran ; anharcaibh air a chraoibh, agus air an toradh thaitneach a tha oirre ; cuimhnichibh mar an ceudna nach eil ’ur ’n eòlas fathast ach beag, agus gur e so an rathad chum an tuilleadh eòlais fhaotainn : agus mar bi bhur reusan air a threòrachadh chun gabhail ri leithid so do dheagh chomhairle, cha sibh na daoine a shaoil leamsa sibh a bhi.” Agus an uair chunnaic muinnntir a’ bhaile gu’n robh a chraobh math a chum bìdh, agus gu’n robh i taitneach do’n t-sùil agus ’na craoibh r’ a miannachadh a dheanamh neach glic, rinn iad mar chomharlaich seann Dhroch-theagamh dhoibh, ghabh iad d’a meas agus dh’ith iad. Bu chòir dhomh innse dhuibh roimhe so, ’nuair a bha Droch-theagamh a’ labhairt ri muinntir a’ bhaile,

---

<sup>1</sup> Is droch-theagamh e ’nuair a bhios sinu ann an ioma chomhairle agus a dh’ésdeas sinn ri buaireadh.

(co dhiu is ann le ùrchair o chàmp an fhamhair, no bho thinneas obann a ghlac e, no mar is dòcha leam, bho anail bhreun an t-slaoichtir chealgaich seann Dhroch-theagamh,) thuit Neo-chiontas sios marbh far an robh e 'na sheasamh, 's cha b' urrainn e bhi air theirt beò tuilleadh.<sup>1</sup> Mar so bhàsaich an dithis dhaoine ùrramach sin; goiream daoine urramach dhiu, oir b' iad mais' agus glèir Anam-an-duine, fhad 'sa bha iad beò ann.

Air do na daoine so a bhi màrbh, chuir a chuid eile de mhuinntir a' bhaile, celtach ri daoinibh a gheibheadh phàrras amadain, air bàll dearbhadh air briathraighean an fhamhair; agus air tùs rinn iad mar a chomhairlich Droch-theagamh dhoibh: dh'amhaire iad, thug iad fainear, thaitinn am meas toirmisgte riu, ghabh iad dheth agus dh'ith iad, agus air dhoibh ithe, air ball dh'fhàs iad air mhisg leis; mar sin dh'fhosgail iad na geatachan, araon Geata-na-cluaise, agus Geata-na-sùla, agus leig iad a stigh Diabolus agus a chuideachd uile, a' di-chuimhneachadh gu tûr deagh Shaddai, agus a lagh, agus am breitheanas a cho-cheangail e ris an lagh le bagairt shòlaimte 'nan aghaidh-san, nam b'e 's gu'm bristeadh iad e.

Fhuair Diabolus a nis' a steach, chaidh e suas gu meadhon a' bhaile, chum a bhuaidh a dheanamh cho cinnteach 'sa b' urrainn e; agus air chionn an àma so, air dha aignidhean an t-sluagh fhaotainn a' dian dhlùthachadh ris, rinn e duan chealgach eile dhoibh, ag ràdh, " Mo thruaighe, a dheòir bhochd, Anam-an-duine! gu cinnteach rinn mise mòr sheirbhis dhuit, le t' àrdachadh gu h-urram, agus le do shaorsainn a mheudachadh, ach a nise, mo thruaighe! mo thruaighe! a dheòir bhochd Anam-an-duine, tha thu dh'easbhuidh aon a chum do dhion, oir bi-sa cinnteach 'nuair a chluinn-

<sup>1</sup> Air bàll 'nuair a dh'eisd ar ceud sinnsear ri buaireadh, chàill iad an neo-chiontas. Seumas i. 15. Rom. v. 18, 19.

eas Saddai an ni a rinneadh, thig e ; oir bithidh e brònach gu'n do bhrist thu a chuibhrichean, agus gu'n do thilg thu dhiot a chùing. Ciod a ni thu ? An deigh bhi air do chuir fa sgaoil, an ceadaich thu do shochairean a bhi air an toirt uat ? Ciod a tha rùn ort ?” An sin, thuirt iad uile a dh'aon aonta ris an dris, “ Bi-sa a' d' rìgh oirnn.” Breith. ix. 14. Ghabh e ris an tairgse, agus thainig e gu bhi 'na rìgh air baile Anam-an-duine. ’Nuair a rinneadh so, b'e 'n ath ni seilbh a thoirt dha air a' chaisteal, agus mar sin air an iomlan do neart a' bhaile. Uime sin, chaidh e do'n chaisteal : an caisteal a thog Saddai air son toil-inntinn agus taitneas dha féin, ann an Anam-an-duine : agus thainig e gu bhi 'na uamh agus 'na gharaidh do'n fhamhair Diabolus, agus rinn e daingneach dha féin dheth, mar an ceudna neart-aich agus rinn e laidir e an aghaidh an Rìgh Saddai, no an aghaidh an dream a bheireadh ionnsaidh air a thoirt air ais gu ùmhlachd dhasan a rithist.<sup>1</sup>

---

1 Tha cridhe an duin' a nis, a thaobh nàduir, fo chùmhachd Shàtain, mar tha e air a thaisbeanadh ann an cosamhlachd an duine laidir fo armaibh. Lucas xi. 21, &c.



LOSGADH IAGHANNAN SHADDAT.

## CAIBIDIL II.

Chuir Diabolus Cinn-fheadhna bhaile imrich, agus chuir e a bhannal taireil féin 'nan àite—Chuireadh Morair-a-bhaile, Fear-na-tuigse as àite, agus thogadh tür fa chomhair a thighe chum a dhórch-achadh—Chuireadh an Seanachaидh, Fear-na-coguis, á dreuchd-gidheadh cha b'urrainnear a chuir 'nathosd—Rinneadh uachdaran do Mhorair-na-toile—Thilgeadh laghan Shaddai air falbh, agus dhubhadh a mach iomhaigh maille ri mòran eile de'n leithidibh sin a ghniomharan—Ghiulanadh teachdaireachd mu thimchiollan nithe so uile chum Shaddai—A rùn tròcaireach chum Anam-an-duine a shaoradh bho chumhachd Dhiabolus—An t-aoibhneas a bha 'sa chüirt an àm cluinntinn na teachdaireachd so—Bha Diabolus fo thrioblaid mu'n naigheachd so, agus rinn e uile dhich-ioll chum, a sheilbh do dh'Anam-an-duine dheanamh tearuinte.

Cha do mheas Diabolus e féin fathast tearuinte gu leòir, anns an ath àite, chuir e 'm baile ann an òrdugh as ùr, ag àrdachadh an fhir so agus a' leagadh sìos an fhir sin eile, a réir a thoile; uime sin, chuireadh Morair-a'-bhaile, d'am b' ainm Morair-na-tuigse, agus an Seanachaيدh, d'am b' ainm Fear-na-coguis, á'n dreuchd agus á'n ugh-darras.

A thaobh Morair-a'-bhaile, ged bu duine tuig-seach e, agus mar an ceudna, ged a dh'aontaich e leis a' chuid eile de mhuinnitir Anam-an-duine, am famhair a leigeadh a steach do'n bhaile, (2 Cor. x. 4, 5,) gidheadh cha do mheas Diabolus iomchuidh fhagail's an dealradh agus anns a' ghlòir 'san robh e roimhe sin, do brigh gu'm bu duine geur-sheallach e. Ephes. iv. 18, 19. Uime sin, dhòrchaich se e, cha'n e mhàin le ùghdarris agus a dhreuchd a thoirt uaithe, ach mar an ceudna, le tùr àrd agus laidir a thogail eadar uinneagan lùchaint a Mhorair agus a' ghrian; leis an d' rinnead ionad còmhnaidh gu h-ionlan na dubh dhòrchedas, agus air dha bhi mar so air a sgaradh o'n t-solus, dh'fhàs e mar neach a bheirte dall. Mar so bha am Morair air a dhùnadh a steach 'na thigh, mar ann am prìosan; agus cha'n fhaodadh e dol ni b'fhaide na chrioch féin. Agus a nise 'ged bhiodh misneach aige chum saoithreachadh air son Anam-an-duine, ciod a b' urrainn e dheanamh, no ciod anns am b' urrainn e bhi tàrbhach dha? Mar sin, cho fad 'sa bha Anam-an-duine fo chùmhachd agus fo riaghadh Dhiabolus, 's ann a bha Morair-a'-bhaile na cnap-starra agus cha'n ann na bhuannachd do'n bhaile ùrramach sin.<sup>1</sup>

A thaobh an t-Seanachaidh,<sup>2</sup> mu'n deach am baile a ghlacadh, bha e 'na dhuine gle fhoghluimte ann an laghaibh a Rìgh, agus mar an ceudna, bha e 'na dhuine treubhach treibhdhireach, chum an fhìrinn a labhairt aig gach àm; agus bha theanga ullamh gu labhairt cho ghlic, 'sa bha cheann cho làn do thuigse. A nise cha b' urrainn Diabolus an duine so fhlolang, air sheòl sam bith, oir ged a dh'aontaich e leis gu leigeadh a steach do'n bhaile, gidheadh cha b'urrainn e

<sup>1</sup> Tha'n tuigse air a dorchachadh leis a' pheacadh agus le Sàtan.

<sup>2</sup> An Seanachaidh (no choguis) air'a chuir á dreuchd.

leis gach cealg, cuilbheirt, agus innleachd a bha 'na chomas, a bhuanachd gu h-iomlan dha féin.

Thae fior, chaill e mòran de dh'iomhaigh a cheud Rìgh, agus mar an ceudna bha e gle réidh ri iomadh do laghaibh agus do sheirbhis an fhamhair: ach cha deanadh so an gnothach, do bhrigh nach robh e 'na sheirbhiseach dha gu h-iomlan, smuainicheadh e an dràsta 'sa rithist air Saddai, agus bhiodh eagal a lagh air, agus làbhradh e le guth cho àrd ri beucaich leòmhainn, an aghaidh Dhiaboluis; mar an ceudna, aig amannaibh àraidh 'nuair bhiodh teum air (oir bhiodh teuman uabhasach air air uairibh), bheireadh e air Anam-anduine uile criothnachadh le 'ghuth.<sup>1</sup>

Uime sin, bha tuilleadh eagail air Diabolus roimh 'n t-Seanachaiddh, na bh' air roimh neach air bith a dh'fhagadh beò ann am baile Anam-anduine, do bhrigh mar a thubhairt mi, gu'n criothnaicheadh a bhriathran am baile uile mar thairneanach. Mar sin a chionn nach b' urrainn am famhair a thoirt gu h-iomlan gu taobh, smuainich e gu'n cuireadh e inntinn 'na breislich, agus gu'n cruadhaicheadh e chridhe ann an slighibh an diomhanais; agus choimhlion e 'n ni sin a bha'na rùn.<sup>2</sup> Tharruinn se e a lion cuid a's cuid gu peacadh agus aingidheachd, air dhoigh 's gu'n robh e mu dheireadh cha'n e mhàin air a shalachadh, ach gu h-inbhe bhig cha mhòr nach do chaill e gach uile mhothachadh coguis mu pheacadh. Agus cha b' urrainn Diabolus dol ni b' fhaide. Uime sin, dh'fheuch e ri toirt air muinntir a' bhaile chreid-sinn gu'n robh an Seanachaiddh air a chaothach. agus mar sin nach b'fhiach e feairt a thoirt air, Agus mar dhearbhadh air so, thubhairt e, gu bheil muinntir air a chaothach buailteach do theuman-aibh, agus an uair a bhios iad annta gu'm bi iad a' labhairt cainnt ghòrach; agus is ann mar sin,

<sup>1</sup> Labhraidd a choguis air son Dhé air uairibh.—<sup>2</sup> Tha Diabolus a' toirt an ionnsuidh air a choguis a' chuir sàmhach,

arsa esan, a thachair do'n t-seann duine-uasal bhoilisgeach so. Mar so, air aon doigh no doigh eile, fhuair e Anam-an-duine gu dearmad agus tàir a dheanamh air ciod sam bith a làbhradh an Seanachaидh. Oir a thuilleadh air na chuala sibh cheana, bha doigh aig Diabolus a bheireadh air an t-seann duine uasal, 'nuair a bhiodh e suilbhear, dol as aicheadh agus cuir an aghaidh an ni a labhair e gu dearbhta 'nuair a bha teum air;<sup>1</sup> agus, gu'n amharus, b'e so an dòigh gu e féin a dheanamh na chulaidh mhagaidh, ionnus nach gabhadh neach sam bith sùim dheth. Mar an ceudna, cha labhradh e nis' aig àm air bith d'a thoil féin air taobh Righ Saddai, ach do ghnà 'nuair a bhiodh e air éigneachadh agus air a chuir thuige. Osbarr bhiodh e 'n dràsta glé dhian an aghaidh an ni mu nach fosgladh e 'bheul a rithist, mar so bha e nise cho neo-sheasmhach 'na dheanadas. Bhiodh e air uairibh mar gu'm b'ann 'na thròm-chadal, agus air uairibh eile mar gu'm biodh e màrbh, eadhon 'nuair a bhiodh am baile gu léir-a' dian-ruith an deigh diomhanais.

Uime sin, bu ghnà le Anam-an-duine air uairibh a bhi fo eagal le guth uabhasach a cheud Seanachaидh, agus an uair a dh'innseadh iad sin do Dhiabolus, 'se fhreagradh e, nach ann aon chuid o ghràdh dhasan, no bho thruas riusan, a bha 'n seann duine uasal cho iomaganach, ach o'n déidh amaideach a bh' aig' air a bhi ri glagaireachd ; mar sin chuireadh e sìth agus tosd orr' uileadh a rithist. Agus a chum 's nach biodh argumaid sam bith a dh'easbhuidh air-san gu iadsan a dheanamh tearuinte, theireadh e gu tric riu, "O Anam-an-duine ! thugaibh fainear, a dh'aindeoin dian-chorraich, agus àrd chàinnt bhuaireasach an t-seann duine uasail, cha chluinn sibh facal

<sup>1</sup> Tha daoine aingidh a' feuchainn ri spòrs a dheanamh dhe na choguis.

aige mu Shaddai féin ;” thubhairt e so, am fior bhreugair agus mhealltair a bh’ann, ged a b’e so guth Dhé leis-san dhoibh-san, seadh na h-uile glaodh a bha’n Seanachaidh a’ toirt an aghaidh peacaidh Anam-an-duine. A bharr air sin thuirt Diabolus, “ Tha sibh a’ faicinn nach eil sùim aig Saddai do chall no do cheannairec a’ bhaile, ni mo chuireas e dragh air féin ann an gairm a’ bhaile gu cunntas air son iad-féin a thoirt thairis dhomhsa. Tha fhios aige ged bu leis-san sibh, gur leamsa sibh a nise le ceartas, agus mar sin, dh’fhág e sinn do aon a chéile.”

“ Os bàrr O Anam-an-duine ! ” ars’ esan, “ thug-aibh fainear cionnas a rinn mise seirbhis dhuibh, leis na nitibh is fearr a ta agam, no b’urrainn mi ullachadh air ’ur son, anns a t-saoghal so, eadhon cho fhad ’sa ta ’nam chomas : a thuilleadh air so, is dàna leam a’ ràdh, gu bheil na laghan agus na cleachdannan fo ’m bheil sibh a nis, agus leis a’ bheil sibh a’ deanamh ùmhachd dhomhsa, a’ toirt ni’s mò do thoil-inntinn dhuibh na bha ’m Phàrras a shealbhaich sibh air tùs. Mar an ceudna, mar is math a ta fhios agaibh, tha ’ur saorsa gu mòr air a meudachadh.<sup>1</sup> Fhuair mi sibh ’n ’ur sluagh fo ghlais, ach cha do chuir mise cuibhreach sam bith oirbh : cha ’n eil sibh fo lagh, reachd, no bhreith-eanas leamsa gu eagal a chuir oirbh ; cha ’n eil mi a’ gairm a h-aon agaibh gu cunntas air son ’ur deanadais, ach am fear caothaich so,<sup>2</sup> tha fhios agaibh co e tha mi ciallachadh ; cheadaich mi do gach aon agaibh bhi beò mar phrionnsa ’na ionad féin, eadhon leis cho beag bacadh uamasa, ’sa tha agamsa uaibhse.”

Mar so, chuireadh Diabolus sìth agus sàmhchair air Anam-an-duine, nuair a bhiodh an Seanachaidh a bha air tùs ann, a’ cur mi-shuaimhneas

1 Miodal Shatain ris an Anam.—2 A choguis.

orrà air amannaibh ;<sup>1</sup> agus le cainnt mhallaichte mar so, chuireadh e am baile uile air a chaothach an aghaidh an t-seann duine uasail : seadh, air uairibh bhiodh a' ghràisg gun diù air son a mharbh-adh. 'S minig a ghuidh iad 'nam éisdeachd gu'm biodh e chòmhnaidh mìle de mhìlltean uapa. Oir chuireadh, a chuideachd, a bhriathran, agus sealladh dhe-mòr uabhas agus thrioblaid orra, agus gu h-àraigd 'nuair a chuimhnicheadh iad cionnas a bhagradh e orra agus a dhìteadh e iad anns na h-amannaibh o shean, ged bha 'n Seanachaидh a nis' air sgur de sin ann an tomhas mòr.

Ach bha na dùrrachdan so gu léir an diomhanas ; oir bha'n Seanachaيدh air a ghleidheadh beò nam measg, ach cha'n eil fhios agam cionnas, mar a h-ann tre chumhachd agus ghliocais Shaddai. A thuilleadh air sin, bha thigh cho laidir ri caisteal, agus sheas e faisg air daingneach laidir a bh'anns a' bhaile, agus nam b'e's gu'n tugadh a ghràisg<sup>2</sup> ionnsaidh air a mharbhadh aig sàm am bith, b'urrainn e na tuil-dhorsan<sup>3</sup> fhiosgaladh, agus tuiltean a leigeadh a steach a bhàthadh na h-uile mu'n cuairt d'a.<sup>4</sup>

Ach ann a bhi fagail an t-Seanachaيدh, agu sa' teachd a dh'ionnsaidh Mhorair-na-toile, fear eile de dh'uaislibh baile iomraiteach Anam-an-duine. Bha Morair-na-toile so na dhuine cho uasal, agus na shealbhadair cho mòr, mar a robh n'a bu mhò, na bha mhòr chuidh dhìu anns a' bhaile : a thuilleadh air sin, ma's math mo chuimhne, bha cuid de shochairean aige bhuinneadh gu sònraichte dha fein, ann an Anam-an-duine. Maille riu so, bha e 'na dhuine gle laidir, misneachail, agus treubhach,

<sup>1</sup> Tha earg air na h-aingidh ri 'n coguis. ————— <sup>2</sup> Droch-smuaintean. ————— <sup>3</sup> De dh 'eagalaibh. ————— <sup>4</sup> Cha'n eil a' choguis do ghnàth a' cuīt an aghaidh peacaidh anns an t-sluagh neo-iom-paichte, gidheadh tha i iomadh uair a' cur mi-shuaimhneas orra 'nan toil innitinnean.

oir cha b'urrainn neach sam bith an ni a rùnaicheadh e a thoirt às a bheachd. Ach co dhiu is ann o àrdan as 'inbhe, as a shochairean, as a neart, no ciod air bith cia as (ach 's cinnteach gur ann o àrdan á ni éigin a bha e) cha bu diù leis a bhi 'na thràill ann an Anam-an-duine ; uime sin, rùnaich e dreuchd a ghabhail fo Dhiabolus, chum gu'm biodh e 'na fhear riaghlaidh agus 'na uachdaran beag anns a' bhaile, agus mar so thoisich e gle thràthail, oir is e am fior dhuine ceann-laidir a bh'ann. Oir 'nuair a rinn Diabolus a dhuan aig Geata-na-cluaise, bha 'n duine so air aon do'n cheud mhuinntir a bh'air son aontachadh ri 'bhriathraibh, agus a bha air son gabhail ri chomhairle mar chomhairle fhallain, agus a bha air son an geata fhosgladh, agus esan a leigeadh a steach do'n bhaile. Uime sin, bu toil le Diabolus e, agus chomharraich e àite dha ; agus air dha a chruadal agus a threubantas fhaicinn, ghabh e deigh air fhaotainn gu bhi na aon de dh'ard-uaislean, chum nan gnothaichean bu ro chudthromaiche a chur air aghaidh.

Mar sin chuir e fios air, agus labhair e ris mu'n ghnothach uaigneach sin a bha 'na bheachd, ach cha d'iarr e mòr choiteach a dheanamh air, air son na cùise so. Oir mar bha e an toiseach toileach air Diabolus a leigeadh a steach do'n bhaile, mar sin, bha e toileach a nis' air seirbhis a dheanamh dha. Uime sin, 'nuair a chunnaic an t-aintighearna cia cho deònach 'sa bha 'm Morair air seirbhis a' dheanamh dha, agus gu'n robh aomadh inntinn an rathad sin, rinn se e 'na cheannard air a' chaisteal,<sup>1</sup> 'na uachdaran air a' bhalla,<sup>2</sup> agus 'na fhear gleidhidh air geatachaibh<sup>3</sup> Anam-an-duine ; seadh, bha pòng 'san ughdarras a fhuair e, nach rachadh ni sam bith a' dheanamh anns a' bhaile

<sup>1</sup> An eridhe.—<sup>2</sup> An fheoil.—<sup>3</sup> Na ceud-fathan.

uile as easbhuidh-san ; ionnas gu'm be Morair-na-toile a nis' an' ath-dhuine do Dhiabolus féin ann an Anam-an-duine ; 's cha'n fhaodadh ni sam bith a bhi deanta' ach a réir a thoil-san. Rom. viii. 7. Mar an ceudna, bha neach d'am b'ainm Fear-na-h-inntinn na chléireach aige, duine anns na h-uile doigh coltach ri 'mhaighistir : <sup>1</sup> oir bha e e-féin agus a Mhorair a réir a chéile ann am beachd, agus cha robh mòr mhùthadh eatorra ann an stéidh no'n cleachidadh. Ephes. ii. 2—4. Cheannsaicheadh Anam-an-duine nis', agus thugadh e gu bhi coilionadh ana-mhiannaibh na toil' agus na h-inntinn.

'Nuair a thugadh ùghdarras do Mhorair-na-toile dh'fhàs e 'na dhuine gun athadh. An toiseach, dh'aicheadh e as an aghaidh nach robh mar fhiachaibh air-san seirbhis air bith a' dheanamh d'a cheud Uachdaran agus d'a Ard-Thighearna. Anns an ath àite, air dha bhi air a shuidheachadh 'na àrd inbhe agus 'na dhreuchdaibh, mhionnaich e gu'm biodh e dileas d'a àrd-mhaighistir Diabolus ; Oh ! cha'n urrainn duibh a smuaineachadh mar faiceadh sibh e, an obair uabhasach a rinn am fear so ann an Anam-an-duine.

Air tùs, labhair e do ghnàth gach uile olc an aghaidh an t-Seanachaidh ;<sup>2</sup> cha'n fhuiligeadh e aon chuidh sealladh deth fhaicinn, no éisdeachd ri càinnt a bheoil ; dhùineadh e shùilean 'nuair a chitheadh se e, agus dhuineadh e chluasan 'nuair a làbhradh e. Mar an ceudna, cha cheadaicheadh e gu'm biodh eadhon fuigheal do lagh Shaddai ri fhaicinn an àite sam bith 's a bhaile. Mar eiseam-plair de so, bha aig a' chléireach Fear-na-h-inntinn, cuid do sheann mhìrean reubta do lagh dheagh Shaddai 'na thigh. Neh. ix. 26. Ach 'nuair a chunnaic Morair-na-toile iad, thilg e iad air a chul-

<sup>1</sup> Is naimhdeas an inntinn fheolmor an aghaidh Dhé.

<sup>2</sup> Tha'n inntinn fheolmor a' cur an aghaidh na coguis.

thaobh. Tha e fior gu'n robh cuid do na laghan aig an t-Seanachaидh 'na sheomar-mearachaidh, ach cha b'urrainn am Morair ruigeachd orra air sheol sam bith : mar an ceudna, smuainich e agus thubh-airt e, gun robh uinneagan tigh sheann Mhorair-a-bhaile ro shoilleir air son math Anam-an-duine.<sup>1</sup> Cha b'urrainn e solus coinnle fhulang. Mar so, cha taitneadh ni sam bith ri Morair-na-toile, ach an ni a thaitneadh ri Diabolus a Thighearna.

Shiubhladh e troimh uile shràidean Anam-an-duine, a' moladh a Thighearna Diabolus ;<sup>2</sup> agus ge b'e àm na àite 'san tachradh a sheirbhisich ris, bhiodh e mar aon diù féin. Dheanadh e gach droch-bheairt gun chuireadh, agus gach olc gun iarraidh.

Mar an ceudna, bha fo-uachdaran aig Morair-na-toile, d' am b'ainm Aigneadh ; neach a bha rò thruaillidh 'na bheachdaibh, agus 'na chaithe-beatha. Rom. i. 25. Bha e gu h-iomlan air a thoirt do'n fheoil, agus uime sin their iad Aigneadh-gràineil ris. A nise, thuit e ann an gaol air Miann-feol-mhor, nighean Fir-na-h-inntinn, agus phòs iad ; agus bha mòran cloinne aca, d'am b'ainm, Ladarnas, Beum-bheulach, agus Fuath-do dh'-achmhasan ; bu bhalachannan dubha an triuir so ; agus a thuilleadh orra so, bha triùir nighean aca, eadhon, Sgeig-air-firinn, Dearmad-Dia, agus b'e ainm na té a b'òige Dioghaltas.

'Nuair a dhaingnich am famhair e féin mar so ann an Anam-an-duine, agus a leig e sios cuid agus a dh'árdaich e cuid eile a réir mar a chunnaic e iomchuidh, an sin thoisich e ri milcadh. A nise, bha ann an àite na féille anns a' bhaile, agus mar an ceudna air geatachaibh a chaisteil, iomhaigh an Rìgh bheannaichte Saddai ; bha 'n iomhaigh so do dh'òr, agus bha ni bu mhò dh'fhamhachd

<sup>1</sup> Is toigh leis an toil thruaillidh tuigse dhòrch. — <sup>2</sup> Smuaintean diomhain.

aice ri Saddai féin na ri ni sam bith eile bha 'sant-saoghal aig an àm sin.<sup>1</sup> Dh' àithn am famhair gu suarrach iomhaigh Shaddai a mhilleadh, agus iomhaigh eagalach sgreataidh Dhiaboluis a chur suas na h-àite ni a rinneadh gu tàireil le Cion-firinn, mar dhìmeas do'n ceud Rìgh, agus mar mhasladh do dh' Anam-an-duine.

Os barr, mhìll Diabolus na h-uile fuigheall do laghaibh agus do reachdaibh Shaddai,<sup>2</sup> a bha teagasg aon chuid diadhachd no beusan, maille ris gach uile riaghailt nàdurrach agus mhodhail, a b'urrainn e fhaotainn ann an Anam-an-duine. Gu bhi aithghearr, dh'iarr esan agus Morair-na-toile, gach math a dh'fhagadh anns a' bhaile a bhi air a mill-eadh: oir rùnaich iad le Cion-firinn Anam-an-duine a thionnda gu bhi na bhrùid, agus a dhean-amh coltach ris a' mhuic-chollaiddh.

'Nuair a mhill e gach lagh agus deagh riaghailt a b' urrainn e, chum Anam-an-duine a chuir air seachran ni b'fhaide bho Shaddai a Rìgh, dh'àithn e dhoibh a reachdan, agus àitheantan diomhain féin a chuir suas,<sup>3</sup> 'sna h-uile àite co-chruinneachaidh 's a' Bhaile. I Eoin ii. 16. Eadlion na nithe a bha tabhairt saorsa do dh'ana-miannaibh na feola, do dh'ana-miannaibh na sùla, agus do dh-uabhar na beatha, nach robh o Shaddai, ach o'n t-saoghal. Thug e gach cuideachadh agus misneach a b'urrainn e dhoibh, chum na h-uile mi-bheus, ain-diadhachd, agus aingidheachd a chuir air aghaidh ann an Anam-an-duine. Gheall e sìth toileachas, aoibhneas agua sonas dhoibh, nan coimheadadh iad àitheantan-san, agus nach biodh iad gu bràth air an gairm gu cunntas air son ni sam bith a rinn iad.

A nise, bha Anam-an-duine gu h-iomlan fo

---

1 Rinn Dia an duine 'na iomhaigh féin, ach mhill am peacadh an coltas.—2 Laghannan Dhé air an cuir air chùl. Cha'n urrainn Satan am fulang.—3 'S e droch leabhraichean is do cha le Diabolus.

riaghlaadh-san, cha robh ni sam bith ri chluinntinn no ri fhaicinn an sin, ach an ni sin a bha treorachadh chum esan àrdachadh ; agus bha eagal air mar cumadh e suas mòrachd a' bhaile, gu'm faodadh iad a thilgeadh air féin gu'n d'rinn e dochair dhoibh ; uime sin a chum 's gu'm faiceadh iad nach robh a rùn air an greadhnachas a lughdachad, no ni sam bith de 'n goireasan a thoirt uapa, thagh e Mhorair-baile, agus Seanachaiddh dhoibh, a làn thoilich iad 'nan cridhe, agus a thaitinn ris féin gu h-iongantach math.

B'e ainm a Mhorair-bhail' a rinn Diabolus, Anamiannach,<sup>1</sup> duine aig nach robh aon chuid sùilean no cluasan ; agus na h-uile ni a rinn e, 's ann a thaobh aomadh nàdur mar a bhrùid, cò-dhiù is ann mar dhuine, no mar fhear-dréuchd a rinn se e ; agus cha robh spéis aige riamh do'n ni a bha math, ach a ghnàth do'n olc.

B'e ainm an t-Seanachaiddh Dì-chuimhnich-math,<sup>2</sup> agus cha robh ann ach fear gle bheag an diù : cha b'urrainn e ni sam bith a' chuimhneachadh ach an t-olc, agus chuir e 'n gniomh e le taitneas. Bha aomadh aige thaobh nàduir chum nithe bha cronail a' dheanamh ; eadhon cronail do dh' Anam-an-duine, agus do 'luchd aiteachaidh air fad. Rinn an dithis so mòr chrön, agus shuidhich iad an sluagh cumanta ann an raidibh docharach,<sup>3</sup> le'n ughdarras agus le'n cleachdad, le 'n eiseamplairibh agus le'n dàimh ris an olc. Oir faodaidh neach air bith fhaicinn 'nuair a tha na h-uachdaranan tàireil agus truaillidh, gu bheil iad a' truailleadh an iomlan do'n tìr agus do'n dùthaich anns am bheil iad, a' gabhail comhnaidh.

A thuilleadh orra so, rinn Diabolus mòran iochdaranan agus uachdaranan ann an Anam-an-duine ;

<sup>1</sup> Anam-an-duine fo chumhachd ana-mianna. — <sup>2</sup> Tha ar cuimhne do ghnàth ullamh chum an t-olc a chuimhneachadh ged tha i ealamh chum a mhath a dhearmad. — <sup>3</sup> Smuaintean.

as am faodadh am baile 'nuair a bhiodh feum air, ceannardan agus luchd-riaghlaidh a thaghadh, Agus is iad so ainmeannan nan cinn-fheadhn' aca. As-creidimh, Uabhar, Mionnan, Strìopachas, Cruas-creidhe, An-iochdmhor, Corraich, Cion-firinn, Seas-a'-bhreug, Sìth-fheallsa, Misg, Mealltaireachd, Fear-aicheadh-Dhé; an t-iomlan trideug. B'e As-creidimh bu shine dhiu, agus Fear-aicheadh-Dhé<sup>1</sup> a b'òige dhiu.

Mar an ceudna, bha luchd-comhairlich, agus luchd-dreuchd eile aca; mar a ta earaidean agus maoir, &c., ach bha iad uile coltach riu sin a roimh-ainmicheadh, air dhoibh a bhi aon chuid 'nan aithrichean, 'nam bràithrean, 'nan clànn pheathr-aichean no nam bràithrean dhoibh.

An sin thog am famhair trì daingnichean laidir anns a' bhaile, a bha air am meas do-ghlacte. Dh'ainmich e a cheud aon diu, Daingneach-andùlain, do bhrigh gu'n robh e gus am baile uile a riaghlaidh, agus gu chumail o eòlas air a sheann Rìgh. Dh'ainmich e an dara h-aon diu Daingneach-mheadhon-oidhche, do brìgh gu'n do thogadh e a dh'aon obair chum Anam-an-duine a chumail o fhior eòlas fhaotuinn air féin. Dh'ainmich e 'n treas aon diù Daingneach-a'-pheacaidh-mhilis, do bhrigh gu'n do dhaingnich e leatha sin Anam-an-duine an aghaidh na h-uile deagh iarrtais. Bha a' cheud aon do na daingnichibh so dlù do Gheata-na-sùla, a chum gu'm biodh uiread 'sa ghabhadh deanamh de'n t-solus air a dhòrachachadh an sin. Thogadh an dara h-aon diù duinte ris an t-seann chaisteal, a chum na'm biodh e so-dheante, gu'm biodh e air a dheanamh ni bu dùirche. Agus thogadh an treas aon diù ann an àite na féille.

Rinneadh truaghan anabarrach toibeumach, d'am

<sup>1</sup> Tha'n t-as-creideamh a' treòrachadh gu bhi 'g aicheadhl Dhé.

b'ainm Naimhdeas-do-Dhia, 'na uachdaran air a' cheud daingneach; bha am fear so air aon de'n ghràisg a thainig maille ri Diabolus an aghaidh Anam-an-duine. Rinneadh aon d'am b'ainm Fuath-do-sholus 'na uachdaran air Daingneach-mheadhon-oidhche: bha esan mar an ceudna air aon de'n fheadhainn a thainig an toiseach an aghaidh a' bhaile. Agus b'e Ana-miannach a b' ainm dhasan a rinneadh 'na uachdaran air Daingneach-a-pheacaidh-mhilis: bha esan mar an ceudna 'na thruaghan ro ghràineil, ach cha b'ann o 'n aon duthaich ri each a thainig e, agus gheibheadh am fear so ni bu mho thaitneas ann an ana-miann gràineil, na gheibheadh e ann an uile Phàrras Dé.

A nise, mheas Diabolus e-féin tearuinte; ghlac e Anam-an-duine; dhaingnich se e-féin an sin; chuir e sios na seann cheannardan, agus dh'àrdaich e ceannardan nuadha 'nan àite; dhubh e mach iomh-aigh Shaddai, agus chuir e suas iomhaigh féin; mhìll e na seann leabhraichean lagha, agus chuir e air chois a bhreugan diomhain féin; rinn e luchd-riaghlaidh ùr, agus thog e daingnichean ùru; agus rinn e so uile chum e-féin a' dheanamh tearuinte, air eagal gu'n tigeadh deagh Shaddai no a Mhac 'na aghaidh.<sup>1</sup>

Faodaidh sibh a smuaineachadh, gu n do ghiulaineadh fios gu deagh Rìgh Saddai, fada roimh an àm so, cia mar a chaidh Anam-an-duine, ann am Mòr-thir a' Chruinne-cé a chàll; agus mar a rinn am famhair Diabolus, a bha roimhe so 'na sheirbhiseach d'a Mhòrachdsan, ceannairec an aghaidh an Rìgh, agus mar glac e am baile dha féin. Ghiulaineadh teachdaireachd mu na nithibh so uile chum an Rìgh.

Mar anns a' cheud àite, Cionnas a thàinig Diabolus air Anam-an-duine, le fòill, le breugaibh, agus

---

1 Dealbh uabhasach de'n duine thuit.

le céilg, nuair a bha iad fhathast 'nan sluagh aon-fhíllte agus neo-chiontach ; agus a mhàrbh e gu fealltach an ceannard uasal agus treubhach aca, an Ceannard-nach-géill, 'nuair a bha e 'na sheasamh air a' bhalla ; mar an ceudna, cionnas a thuit Neo-chiontas gaisgeanta sios marbh 'nuair a chual' e a Thighearna dligheach agus a Phrionnsa laghail Saddai air a mhì-ghnathachadh, le beul ifrinnich cho truaillidh ris an t-slaoightear sin d' am b' ainm Droch-theagamh. Os barr dh'innis an teachdaire, an deigh do Dhroch-theagamh dùan aithghearr a dheanamh do mhuintir a' bhaile, as leth a mhaghistir Diabolus, gu'n do chreid an sluagh aon-fhíllte na chaidh a' ràdh riu, agus le aon aonta gu'n d'fhosgail iad am priomh gheata, Gheata-na-cluaise, agus gu'n tug iad dha-san agus d'a luchd-uilc uile sealbh air baile ùrramach Anam-an-duine. Fòs nochd e, cionnas a chuir Diabolus Morair-abhaile agus an Seanachaидh, as gach uile ùgh-darras agus dreuchd a bh'aca. A bharr air so, leig e ris, gu'n do thionndadh Morair-na-toil', agus Fear-na-h-inntinn, an cléireach aige, gu bhi nan luchd-ceannaire, agus gu'n robh iadsan a' siubhail le chéile sios agus suas air feadh a' bhaile, agus gu'n do theagaig iad an slighean féin do no h-aingidh. Thubhairt e fòs, gu'n do chuireadh Morair-na-toile so ann am mòr ùghdarras, agus gu h-àraigd gu'n do chuir Diabolus fo riaghlaadh Mhorair-na-toile na huile daingneach ann an Anam-an-duine ; agus gu'n d'rinneadh Aigneadh 'na uachdaran fo Mhorair-na-toil, 'na ghnothaichibh ro cheannairceach. Seadh, ars' an teachdaire, dh'aicheadh an uabh-bheist so, Morair-na-toile, mar so gu follaiseach a Righ Saddai, agus thug e a ghealladh agus a mhionnan gu h-uabhasach gu'm biodh e dileas do Dhia-bolus.

Mar an ceudna, ars' an teachdaire, rinn an t-aintighearna so Morair-baile agus Seanachaيدh dha

féin os ceann Anam-an-duine, a bha uair-éiginn na bhaile ùrramach, ach a tha nis càllte. Rinn e Morair-baile de Ana-miannach agus Seanachaiddh de Dhì-chuimhnich-math ; dithis de na daoinibh is gràineile th'air fad a' bhaile. Mar an ceudna, dh'innis an teachdaire dìleas so, ciod na bùirdeisich nuadh a rinn Diabolus ; os bàrr, gu'n do thog e mòran thuraidean, dhùintean, agus dhaingnichean laidir ann an Anam-an-duine ; agus cionnas a' chur Diabolus Anam-an-duine fo àrmaibh, chum 's gur ann bu chòmasaiche iad air seasamh an aghaidh Shaddai an Righ, nam b'e 's gu'n tugadh e ionnsaidh air an ath-aiseag chum an ceud ùmhlaichd.

Cha'n ann an uaigneas a chaidh an naigheachd so aithris, ach anns a' chìurt gu follaiseach, oir bha an Righ agus a Mhac, na Morairean, na h-àrd Cheannardan, agus na Mòr-uaislean a lathair 'ga h-eisdeachd. Ach air dhoibh an t-iomlan de'n sgeul so a chluinntinn, nam be 's g'um biodh neach sam bith an sin gu thoirt fainear, chuireadh e iongantas air a bhi faicinn, am bròn, agus an cràdh spioraid a bha nam measg so uile, air dhoibh a bhi smuaineachadh gu'n deach am baile iomraideach sin Anam-an-duine a nis a' ghlacadh : Ach chunnacas so uile leis an Righ agus le 'Mhac fada roimh làimh, seadh, agus dh'ullaich iad gu pait air son fuasgladh do dh'Anam-an-duine, ged nach d'fhoillsich iad sin do na h-uile. Gidheadh cho' aonaich iadsan mar an ceudna ann an caoidh, agus ann an tròm bhròn a dheanamh air son truaighe agus càll a' bhaile. Gen. vi. 5, 6.<sup>1</sup> Thuirt an Righ gu soilleir, gu'n do thog è dòilgheas da 'na chridhe ; agus faodaidh sibh a bhi cìnnteach nach lugha thog e d'a Mhac. Mar so, dhearbh iad do na h-uile mu'n cuairt dhoibh,

<sup>1</sup> Am bheil Dia a' toirt fuath do na pheacach, agus nach toir sinne fuath dha ?

gu'n robh gaol agus truas aca do bhaile ùrramach Anam-an-duine. 'Nuair a chaidh an Righ agus a Mhac air leth do'n t-seòmar-uaigneach, chuir iad an comhairle r'a cheile an sin mu thimchioll an ni a rùnaich iad air tùs, eadhon, mar a cheadaich-eadh do dh'Anam-an-duine tuiteam, mar sin, a cheart cho cìnnteach gu'n rachadh a thogail a rithist, agus 'na leithid a dhòigh 's gu'n toilleadh e araon d'an Righ agus d'a Mhac cliù agus glòir shiorruidh 'na thogail. Uime sin, an deigh na comhairle so, rinn Mac<sup>1</sup> Shaddai (a bha na neach ro òirdheirc agus ionmhuinn, aon aig an robh mòr ghràdh dhoibh-san a bh'ann an àmhghar, ach aig an robh naimhdeas bàsmhor 'na chridhe do Dhiabolus, do bhrigh gu'n do mhiannaich esan a chrùn agus ùrram ;)—(Isa. xl ix. 5; 1 Tim. i. 15; Hos. xiii. 14.) Tha mi 'g ràdh, chòrd Mac so Shaddai r'a Athair, agus gheall e bhi 'na sheirbhiseach dha chum am baile bhuanachd a rithist, sheas e r'a ghealladh, agus cha do ghabh e aithreachas as.<sup>2</sup> B'e brìgh a chòrdaidh, a bha eatorra, gu'n rachadh Mac an Righ, aig àm àraig a shònraicheadh leo le chéile, air turas gu dùthaich a' Chruinne-ché, agus gu'n suidhicheadh e an sin bunait làn saoradh do dh' Anam-an-duine bho Dhiabolus, agus bho aintighearnas, ann an rathad cothrom agus ceartais, le dioladh a thoirt air son amайдeachd a' bhaile sin.

Os bàrr, am feadh 'sa bha Diabolus ann an seilbh air Anam-an-duine, rùnaich Emanuel aig àm iomchuidh gu'n deanadh e cogadh<sup>3</sup> ris an fhamhair Diabolus; agus gu'n sgiursadh e mach e gu h-iomlan, as a dhaingneach, le neart a làimhe, agus gu'n gabhadh e dha féin e, mar àite còmhnuidh.

Air do Shaddai a bhi suidhichte air Anam-an-

<sup>1</sup> Mac Dhé.

<sup>2</sup> Oir is ann mar sin a gràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon-ghin Mhic féin, chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a'bheatha shiorruidh aige.

<sup>3</sup> Léis an Spiorad Naomha.

duine a shaoradh, thugadh àithne do'n Ard-rùn-chléireach<sup>1</sup> cùimhneachan a sgriobhadh mu dhéighinn an ni a bha air a rùnachadh, agus òrdugh a thoirt gu'm biodh e air a chuir an céill anns gach cearnaidh do rioghachd a' Chruinne-ché. Ma's àill leibh, faodaidh sibh cùnnatas aithghearr fhaotainn do shùim an sgriobhaidh so, mar a leanas :

Biodh fhios aig na h-uile dhaoine dh'am buin e, gu'n do cheangail Mac Shaddai, an Righ mòr, e fein ann an cumhnanta ri 'Athair, gu'n tugadh e Anam-an-duine air ais da ionnsaidh a rithist ; agus tre chùmhachd a ghaoil gu'n choimeas, gu'n cuireadh se e ann an staid mòran n'a b'fhearr agus n'a bu shona, na bha e mu'n do ghlacadh e le Diabolus.

Chaidh na sgriobhaidhean so a chraobh-sgaoileadh ann an caochladh àiteachan, agus chuir iad buaireas nach bu bheag air an aintighearna Diabolus : " Oir a nis," arsa esan, " bithidh mi air mo ghluasad, agus bithidh m' ionad-còmhnaidh air a thoirt uam.

'Nuair a rinneadh rùn an Righ agus a Mhic aith-achte anns a' chùirt, rinn na Morairean, na h-Ard-cheannardan, agus na Prionnsachan ùrramach a bha'n sin, gàirdeachas anabarrach, oir bha iad uile gabhail ionantas ris an ni ghlòrmhor a bh'ann am beachd an Righ agus a Mhic a thaobh baile truagh Anam-an-duine ; agus is gànn a b'urrainn a luchid frithealaidh gaoil ni sam bith a dheanamh aon chuid air son an Righ no na rioghachd, gun bhi labhairt mu ghràdh an Righ agus a Mhic air son Anam-an-duine.

Cha b'urrainn iad so, na Morairean, na Ceannardan, agus na Prionnsachan, a bhi toilichte an naigheachd so a chumail 'sa chùirt a mhàin ; oir mu'n deach na sgriobhaidhean a dheanamh aithnichte, thainig iad féin a nuas agus dh'innis iad e anns a Chruinne-ché. Mar a thubh-

<sup>1</sup> Na Sgriobturan naomha.

airt mi, thainig e mu dheireadh gu cluasan Dhiabolus, ni a chuir mòr mhi-shuaimhneas air; oir chuir e troimhe cheile c a chluinntinn gu'n robh a leithid do rùn air a dhealbh 'na aghaidh. An deigh beachd-smuaineachadh, cho-dhuin e gu'n deanadh e na ceithir nithe so a leanas:

Air tus, Nam biodh e so-dheanta, gu'n rachadh an deagh-sgeul so a chumail bho chluasaibh Anam-an-duine;<sup>1</sup> oir ars' esan, ma's e 's gu'm bi aon uair fios aca gu bheil Saddai, an ceud Righ, agus Emanuel, a mhac, a' dealbh math air son a' bhaile, ciod is urrainn mise earbsa as, ach gu'n dean Anam-an-duine ceannairc am aghaidh-sa agus an aghaidh mo riaghlaidh, agus gu'm pill e da ionnsuidh-san a rithist?

A chum so a choimhlionadh, dh'ath-nuadhaich e mhiodal ri Morair-na-toil, agus mar an ceudna, thug e òrdugh, agus àithne theann dha, faire chumail a làth' agus a dh'òidhche air uile gheatach-aibh a bhaile, gu h àraig air Geata-na-cluaise agus air Geata-na-sùla; "oir tha mi cluinntinn," ars' esan, "gu bheil e air a rùnachadh gu'n téid Anam-an-duin' a thoirt air ais a rithist chum a cheud dhaoran, agus gu'n comharraicheadar sinn uile mar luchd-ceannaire. Tha dòchas agam nach 'eil annta so ach sgéulachan facine; gidheadh, na rachadh an leithid sin a naigheachdan air sheol sam bith innse do dh'Anam-an-duine, air eagal gu'm bi an sluagh fo dhi-misnich leo sin. Ar leam, a Mhorair,<sup>2</sup> nach urrainn so a bhi na naigh-eachd thaitneach dhuitse, agus is cinnteach nach eil i idir dhomhs' ann. Agus tha mi a' smuaineachadh gu'm bu chòir dhuinn a bhi cùramach aig an àm so chum casg a chuir air gach tuair-

<sup>1</sup> Tha Satan a' deanamh a' dhichill chum bacadh a chuir air na Sgriobtuiribh o bhi air an craobh-sgaoileadh.

<sup>2</sup> Tha'n toil air a gnàthachadh an aghaidh an t-soisgeil. Feumaidh deagh smuaintean a bhi air an cumail a mach a Anam-an-duine.

sgeul a dh'fháodadh a bhi 'nam meadhon gu trioblaid a chuir air ar muinntir; uime sin, a Mhorair, is àill leam, gu'n cum thusa freiceadanan laidir gu lathail aig gach geata 'sa bhaile. Mar an ceudna, rannsaich agus cuir stad air na h-uile thig an so gu malairt; na leig a steach iad a dh'Anam-an-duine, mar breithnich thu gu soilleir gu bheil iad nan cairdean do ar 'n uachdranachd òirdheirc féin. A bhàrr air a so arsa Diabolus, tha mi 'g àithneadh, gu'm bi luchd rànnsachaидh an còmhnaidh a' siubhal sios agus suas air feadh a bhaile,<sup>1</sup> agus biodh ùghdarras aca chum na h-uile a smachdachadh agus a sgrios do'n toir iad an aire 'bhi a' dealbh as-innleachdan 'n ar aghaidh-ne, no a labhras mu 'n ni tha Saddai agus Emanuel a' rùnachadh a' dheanamh."

A réir sin, dh'eisd Morair-na-toil ri 'mhaighstir, rinn e gu toileach a réir àithne, agus leis gach dichioll a bha 'na chomas, chum e mach as a bhaile neach air bith leis am b'àill an teachdair-eachd so thoirt gu Anam-an-duine.

'S an dara h-àite, a chum 's gu'n deanadh Diabolus Anam-an-duine cho tearuinte 'sa b'urrainn e, thug e air muinntir a' bhaile mionnan ùr a thoirt dha, agus rinn e coimhcheangal eagalach riu.: Eadhon, nach tréigeadh iad e féin na uachdranachd am feasd, agus nach mo a bhrathadh iad e, no dh'iarradh iad a laghannan atharrachadh; ach gu'n gabhadh, agus gu'n comh-aontaicheadh iad ris, gu'n seasadh iad leis, agus gu'n aidicheadh iad e mar an Righ dligheach, a dh'aindeoin neach air bith eile, a rinn, no dheanadh còir a thagradh air Anam-an-duine, fo sgàile feall-choltas, no tiodal sam bith.

Theagamh gu'n do shaoil leis nach robh de chùmhachd ag Saddai na dh'fhuasgladh iad, o na choimhcheangal so a rinneadh leo ris a' bhàs agus

---

<sup>1</sup> Tha na h-uile dheagh smuaintean agus bhriathran gu bhi air an cumail fodha.

o na chòrdadh so rinn iad ri ifrinn. Ni mò dhiult Anam-an-duine amaideach gabhail ris a choimh-cheangal òillteil so, ach mar ghearra-sgadan ann am beul muic-mhara, shluig iad e gun chagnadh. An robh iad fo thrioblaid air son so? 'S iad nach robh, ach 'sann a rinn iad uaill agus ràiteachas as an tréun dhillseachd do'n aintighearna, a bha 'gabail air féin a bhi na Righ orra, a' mionnachadh nach atharraicheadh, agus nach tréigeadh iad gu bràth an seann uachdaran air son uachdaran ùr.<sup>1</sup>

Mar so cheangail Diabolus Anam-an-duine gu daingean; ach thug an t-éud nach do mheas e-féin riamh dionghalta gu leoir, air-san anns an ath àite ionnsaidh eile thoirt, eadhon, nam biodh e so-dheanta, gu'n deanadh e Anam-an-duine ni bu ro thruaillidh:<sup>2</sup> uime sin, thug e fainear sgriobhadh neo-ghan agus graineil a bhi air a dheanamh le h-aon d'am b'ainm Drabasda, agus a chuir suas air geatachaibh a chàisteil, leis an tug e lan-chomas agus shaorsa d'a uile mhic fhirinneach agus dhileas, chum ni sam bith bu mhiann le'n càil chollaидh féin a dheanamh, agus nach fhaodadh neach sam bith bacadh a' chuir orra, fo pheanas diumaidh am prionnsa tharruinn air féin. Rinn e so air son nan aobhar a leanas:

1. A chum nam b'e's gu'n tigeadh teachdaireachd, gu'n robh e air a rùnachadh Anam-an-duine shaoradh, gu'm biodh e air a' dheanamh ni bu laige agus ni bu laige, agus ni bu neo-chomas-aiche dòchas a bhi aca, no aonta, no creideas a thoirt do dh'fhirinn na sgeul sin. Oir tha réusan ag innse, "mar is mò am peacadh gur ann is lugha an dùil no an earbsa ri tròcair."

2. Theagamh 'nuair a chitheadh Emanuel, Mac Shaddai, an Righ-san, gniomharran sgreataidh agus mi-naomha baile Anam-an-duine, gu'n gabhadh e

1 Mar a ta e sgriobhta. Isa. xxviii. 15. "Dhaingnich sinn coimh-cheangal ris a' bhas, agus ris an uaigh rinn sinn còrdadh.

2 Tha leabhairchean mi-bheusach, faoin-sgeulach, draosda, agus neo-chreidmheach a' cumail an anam bho Dhia.

aitreachas agus gu'n tarruingeadh e air ais o'choimhcheangal a choimhlionadh chum iadsan a shaoradh ; oir b'aithne dha gu bheil Saddai naomh', agus gu bheil a Mhac Emanuel naomha ; b'aithne dha so bho fhiosrachadh dòruinneach féin ; do brìgh gur ann air son a pheacaidh agus aingidheachd a chaidh e féin a thilgeadh as na neamhaibh is àirdé : uime sin, dh'fhaodadh e a chòmh-dhùnadadh, gur ann mar so a thachradh do dh'Anam-an-duine.

3. Mar an ceudna, dh'fheuch e ri toirt air na h-uile bh'ann an Anam-an-duine chreàdsinn, gu'n robh Saddai a' togail àrmait a chum iadsan a thilgeadh bun os ceann agus a sgrios gu h-iomlan, oir, ars' esan, ma's e 's gu'n craobh-sgaoil mi 'n tiomradh so, cha dean aon teachdaireachd a dh'fhaodas teachd an deigh sin drùghadh sam bith orra ; oir their Anam-an-duine, 'nuair a chluinneas iad gu'm feum iad a bhi air an saoradh, gur e is fior bhrìgh do'n sgéul sin, gu bheil Saddai a' rùnachadh an sgrios. Uime sin, chruinnich e am baile uile gu àite na féille,<sup>1</sup> agus le teangaidh chealgaich labhair e riu mar so—

" A dhaoine uaisle, agus a mhuinnitir a' bhaile ionraitiche Anam-an-duine, mo dheagh chàirdean, is aithne dhuibh féin gur sibhse uile m'iochdar-anan laghail ; is aithne dhuibh cionnas a ghiulain mise mi-féin ann 'ur measg, o'n cheud là bha mi maille ribh gus a nis, agus ciod an t-saorsa agus na sochairean mòr a mheal sibh fo m'uachdranachd ; tha dòchas agam gu'n d'rinn mi so chum m'ònoir féin agus 'ur 'n ònoir-sa, agus mar an ceudna, chum 'ur taitneas agus 'ur toil-inntinn-se. A nis, a' bhaile ionraitiche Anam-an-duine, tha e air aithris gu bheil trioblaid gu teachd oirbh : is mise tha brònach air 'ur son-sa. Oir fhuair mi sgéul an tràthsa bho Lucifer, (agus tha deagh fhiosrachadh aige-san) gu bheil 'ur seann Righ Saddai a

---

1 An t-ionad eisdeachd agus beachdachaidh.

togail àrmaitl gu teachd 'n 'ur 'n aghaidh, a chum 'ur sgrios eadar gheug agus fhreumh. O Anam-an-duine! is e so an t-aobhar mu'n do ghairm mise sibh an ceann a chéile aig an àm so, eadhon, a chum gu'n cuireamaid ar comhairle ri chéile ciod a b'fhearr dhuinn a' dheanamh anns a chàs chunnartach so. Air mo shon-sa, cha'n eil annam ach aon fhear, agus nam b'e mo shocair féin a bhithinn ag iarraidh, agus Anam-an-duine fhagail ann an cunnart, b'fhurasda dhomh deanamh air mo shon féin; ach tha mo chridhe cho daingean air aontachadh ribhse, agus co neo-thoileach air sibhse fhagail, ciod air bith gàbhadh a thacharas dhomh. Ciod a tha sibh ag ràdh, a mhuinntir Anam-an-duine! an tréig sibh a nis 'ur seanna charaid? no am bheil sibh a' rùnachadh seasamh leamsa?"—Air bàll, ghlaodh iad a mach, mar aon duine, Bitheadh an neach sin nach seas leat-sa air a chuir gu bàs.

An sin thubhairt Diabolus: "Is diomhain dhuinne dùil a bhi againn ri tràcair, oir cha'n aithne do'n Righ so tràcair a thaisbeanadh: theagamh 'nuair a bheir e a cheud ionnsaidh oirnne, gu'n gabh e air a bhi tairsge tràcair dhuinn, a chum gur ann is fhasa dha Anam-an-duine a bhuanachd a rithist; uime sin, ciod air bith a their e na creidibh facal deth oir cha'n eil e àch air son buadhachadh oirnne le leithid sin a chàinnt bhlasta, agus comharrайдhean de 'bhuaidh an iochdmhor a dheanamh dhinne am feadh a bhiodh sinne ag aoineagan ann ar fuli féin. 'Se mo bheachd-sa, gu'n rùnaich an t-iomlan againn cuir'na aghaidh gus an duine mu dheireadh, agus gun chreideas a thoirt dha air chumhadh sam bith. Oir is ann a steach air an dorus sin a thig ar cunnart. Ach am meallar 'ur beatha dhinn le brosgal? Tha dùil agam gur aithne dhuibh na's fhearr na gu'n ceadaicheadh sibh dhuibh féin a bhi air 'ur caradh mar so.

"Abair, ma's e's gu'm faigh e sinne gu striochadh gu'n caomhnadh e beatha cuid a tha nan ioch-

daranan ann an Anam-an-duine, ciod am feum a ni sin dhuibhse a tha 'nar cinn-fheadhna anns a' bhaile, gu h-àraigd dhuibhse a dh'àrdaicheadh leamsa, agus gur e 'ur dillseachd dhomhsa a' choisinn dhuibh an àrd-inbhe so? Agus abair ged nochdadadh e tròcair do na h-uile h-aon agaibh, bithibh cinnteach gun toir e sibhse fo'n daorsa sin fo'n robh sibh roimhe, no na's miosa, agus an uair a tharlas sin ciod am feum a ni bhur beatha dhuibh? Am bi bhur caitheamh-beatha cho toil-inntinneach maille ris-san, agus a tha e maille riumsa? Cha bhi, cha bhi, feumaidh sibh a bhi ceangailte fo laghannaibh a theannaicheas sibh, agus is e an dearbh ni is fuathach leibh an dràsda bheirear oirbh a dheanamh.<sup>1</sup> Seasaidh mise leibh-se, ma sheasas shibhse leamsa; is fearr bàsachadh mar ghaisgich, na bhi beò mar thraigilibh diblidh. Ach measair caithe-beatha tràill tuilleadh is math air son Anam-an-duine 'san àm so. Cha'n eil a nis ach fuli,<sup>2</sup> cha'n eil ni sam bith ach fuli anns na h-uile sgal de thròmbaid Shaddai an aghaidh Anam-an-duine. Bitibh uidheamaichte agus glacaibh bhur 'n àirm-chogaidh, a chum 's gu'n teagaisg mise a nis dhuibh lùth-chleasan cogaidh, am feadh a tha cothrom agaibh; tha àrmachd agam dhuibh, agus cha'n urrainn sibh a bhi air bhur dochann a dh'aindeoin na tha 'n comas fheachd-san a dheanamh, ma's e 's gu'n cum sibh e ceangailte agus crioslaichte air bhur leasraibh. Uime sin, thigibh, oir is e bhur beatha chum mo chaisteal-sa, agus àarmaichibh sibh féin. Ann an sin a ta mo chlogaid, m' uchd-éideadh, agus mo chlaidheamh, ma's e 's gu'n cog sibhse mar dhaoine.

"1. Is e mo chlogaid, d'an goirear air mhodh eile

1 Creididh daoine feolmhor so gu h-ealamh; ach a ta cuing Chriosd so-iomchair, agus eallach éutrom.

2 Tha eagal air gu'n càill e Anam-an-duine, mar sin tha e a' bagairt orra chum an cumail o thròcair iarraidh.

ceann-bheart, dòchas a bhi agaibh gu'n tachair gu math dhuibh mu dheireadh, ciod air bith dòigh anns an caith sibh bhur beatha. Deut. xxix. 19. Is e so an clogaid a bh' aca-san, a thubhairt, gu'm 'Bitheadh sith aca, ged a ghluaiseadh iad ann an aingidheachd an cridhe féin, a' chur misg ri pathadh ;" is àrmachd dearbhta a ta so, agus cò sam bith aig am bheil e, cha chomasach do shaigheid no ghath, no chlaidheimh, no sgiath, a chiurradh ; uime sin, cumaibh an t-àrm umaibh, agus dionaidh e sibh o ioma buille.

" 2. M'uchd-éideadh is uchd-éideadh iarruinn e. Taisb. ix. 9. Dh'ullaicheadh e a'm' dhùthaich féin, agus tha mo chuid saighdearan uile air an àrmachadh leis ; ann an càinnt shoilleir, is e an t-uchd-éideadh so, cridhe cruaidh, cridhe cho cruaidh ris an iarruinn, agus a ta cho beag mothachaidh ri cloich : ni ma's e 's gu'm faigh agus gu'n gleidh sibh e, cha dean aon chuid tròcair bhur buanachd, no breitheanas eagal a chuir oirbh. Uime sin, tha 'm mìr àrmachd so ro fheumal do na h-uile leis am fuathach Saddai, agus leis an àill cogadh 'na aghaidh fo mo bhrataich-sa.

" 3. Is e mo chlaidheamh teanga a ta air a lasadh o ifrinn. (Salm lvii. 4., agus lxiv. 3.—Seum. iii. 5.) Is urrainn i féin a dheasachadh chum olc a' labhairt mu Shaddai, m'a Mhac, m'a shlighibh, agus m'a phobull ; cleachdaibh sibhse e, chaидh a dhearbhadh thairis agus thairis mìle uair ; cò air bith aig a bheil e, agus a chumas e, agus a ghnàthaicheas e mar bu mhath leamsa, cha bhuadhaicheadh air gu bràth le m' nàmhadt-sa.

" 4. Is e mo sgiath mi-chreidimh—(Iob xv. 26 ; Salm lxxvi. 3 ; Marc. vi. 5, 6.) no a bhi a' cur an teagamh firinn an fhacail, agus na h-uile ràite a ta labhairt mu'n bhreitheanas a chomharraigheadh le Saddai airson nan aindiadadhach, cleachdaibh an sgiath so ; is iomadh ionnsaidh a thug e oirre, agus a

dh'innse na firinn, chaidh a bruthadh air uairibh, ach iadsan a sgriobh mu chogaidhean Emanueil an aghaidh mo shearbhantans', thug iad fianuis 'nach robh e 'n comas da obair chùmhachdach air bith a dheanamh an sin, air son am mi-chreidimh.' A nis, is e an doigh ceart air a bhàll-airm so a' làimhseachadh, gu'n nithe a chreidsinn ged tha iad firinneach; ma labhras e mu bhreitheanas, na biodh umhail agaibh dheth; ma labhras e mu thròcair, na gabhaibh sùim deth; ged ghealladh e, ni h-eadh, ged mhionnaicheadh e, nach deanadh e cron air bith ach math do dh' Anam-an-duine, ma philleas e dha ionnsaidh, na tugaibh feart sam bith air, cuiribh an teagamh nach 'eil falal de ceart; oir is e so an doigh a chum sgiath a mhi-chreidimh a làimhseachadh gu ceart, agus esan nach dean air a mhodh so, cha'n eil gràdh aige dhomhsa.

"5. Is e earrann eile de m' àrmachd bharraichte-sa, spiorad bàlbh gun ùrnuigh, spiorad leis nach diù gairm air son tròcair; uime sin, Anam-an-duine ma's a leamsa sibh, bithibh cinnteach gu'n dean sibh cleachdadadh de'n àrmachd-so. Seadh ! an éigh sibhse air son tròcair ? Na deanaibh sin gu bràth, nam b'aill leibh a bhi dìleas dhomhsa. Is aithne dhomh gur daoine càlma sibh, agus tha mi cinnteach gu'n sgeudaich mise sibh le àrmachd dhearbhata; uime sin, na smuainichibh am feasd éigheach ri Saddai air son tròcair. A thuilleadh orra so uile, tha òrd-mòr, léusan-teine, saighdean, agus bàs agam, an t-iomlan dhiu nan deagh àrmachd, agus ro ealanta gu màrbhadh."<sup>1</sup>

An deigh dha a dhaoine uidheamachadh mar so le àarmaibh agus le àrm-thrusgain, labhair e riu ann am briathraibh mar so, " Cuimhnichibh, gur mise bhur Righ dligheach, agus gu'n d'rinn sibh coimh-


<sup>1</sup> Is iad àn-dànanadas, cridhe air a chruadhachadh, teanga thoibheumach, mi-chreideamh, agus spiorad gun ùrnuigh, àrmachd dhaoine aingidh.

cheangal rium, agus gu'n tug sibh mionnan a bhi dileas dhomhsa agus do m'aobhar; tha mi 'g ràdh cuimhnichibh so a mhuinntir Anam-an-duine, agus dearbhaibh sibh féin a bhi 'n 'ur daoine curanta agus tréun. Mar an ceudna, cuimhnichibh an gnàth chaoimhneas a' nochd mise dhuibh, agus na sochairean o'n leth a muigh a dheònaich mi dhuibh nach robh sibhse 'g iarraidh; mar a ta saorsa, deagh-ghean, buannachd, agus urram, a ta 'g agairt gu'n taisbeanadh sibhse bhur rioghalachd dhomhsa; agus c' uin' is urrainn àm ni's freagarraiche tachairt chum sin a dheanamh, na 'nuair a ta muinntir eile ag iarraidh m' ùghdarras thairis oirbhse ghabhail 'nan làmhaibh féin? Aon fhacal eile, agus an sin sguiridh mi. Ma's e 's gur urrainn duinn seasamh agus buadhachadh an aghaidh na gàrbh-ionnsaidh so, cha'n eil mi an teagamh nach bi an saoghal uile fo cheannsgal againn ann an ùine ghearr; agus mo chàirdean dileas, an uair a thig an là sin, ni mise rìghrean, prionnsachan, agus ceannardan dhibh, agus nach sona na làthachan a bhios againn an tràth sin."<sup>1</sup>

Mar so dh'àrmaircheadh le Diabolus agus thugadh ràbhadh roimh-laimh leis d'a sheirbhisich agus d'a iochdaranan ann an Anam-an-duine, an aghaidh Shaddai an deagh Righ dligheach, agus chuir e freiceadanan dùbailte aig geataichaibh a' bhaile, agus theich e féin do'n chaisteal, oir b'e sin a dhaingneach laidir. Mar an ceudna, chum gu'n taisbeanadh a' chuid iochdaranan, an deagh-ghean agus an tréubh-antas, ghnàthaich iad a bhi fòglum cleachdaidhean an àirm gach là, agus theagaist iad lùgh-chleasan cogaidh do càch a chéile; tuilleadh eile, thug iad dùlan do'n naimhdibh, agus shéinn iad cliù an aintighearna; agus osbarr bhagair iad ciod na daoine nach biodh anntà-san, nam b'e 's gu'm biodh cogadh gu bràth eadar an Righ-san agus Saddai.

---

<sup>1</sup> Tha Satan a' gealltuinn saorsa, ach a rùnachadh tràill a' dheanamh do'n anam.



CEANNARDAN SHADDAI A'TOIRT BAIRLINT DO DH' ANAM AN DUINE.

### CAIBIDIL III.

Chuireadh àrmait le Saddai chum Anam-an-duine a thoirt gu ûmh-lachd—Na ceannardan, an ainmean, am fir-bhrrataich, agus am brataichean—An tÙghdarris a thugadh le Saddai—Rainig na ceannardan fa chomhair Anam-an-duine—Ghabh muinntir a' bhaile mor-chiataidh de'n uidheam—Bha àllsgadh air Diabolus: labhair e 'nan aghaidh—Thugadh bairlinn, do'n bhaile tri uair-ean—Labhair na ceannardan ri muinntir a' bhaile—An deas-chainnt—Chriothnaich Diabolus—Thug As-creidimh freagradb—Chrudhaich muinntir a' bhaile an eridheachan an aghaidh tairgseachan tròcair—Chuireadh Claoon-bhreth agus a dhaoine bodhar a ghleidheadh Geata-na-cluaise.

A nis ré na h-ùine so uile, bha an deagh Righ Saddai ag ullachadh àrmait, a chuireadh e gu Anam-an-duine chum a thoirt air ais bho aintighearnas Dhiaboluis; gidheadh, cha do mheas e iomchuidh, an toiseach an cuir fo laimh agus fo threòrachadh Emanueil tréun, a Mhic, ach chuir e iad fo làimh cuid d'a shearbhantaibh, a chum gu'm faicte air tùs leo-san ciod a ghne inntinn de'n robh Anam-an-duine; agus cò dhiu a bhiodh no nach biodh e 'nan comas-san am baile thoirt chum

umhlachd do'n Righ. Bha dà fhichead mìle saigh-dear dìleas anns an àrmait sin ; oir thainig iad o chùirt an Righ féin, agus bha iad air an taghadh leis féin. Thainig iad sin suas fa chomhair a' bhaile fo threòrachadh ceathrar chinn-fheadhna cùmhachdach, gach aon diubh na cheannard air deich mìle fear. B'iad so an ainmean : Boanerges, Féin-mhothachadh, Breitheanas agus Gearr-sios.<sup>1</sup>

Mheas an Righ iomchuidh, a cheathrar Cheannardan so a chuir gu Anam-an-duine, chum ionnsuidh a thoirt air an toiseach ; gun amharus, bu ghle thrice leis, a cheathrar cheannardan so a chur air toiseach na feachd 'na uile chòmhragaibh, oir bu daoine gle chàlma agus gailbheach iad : (Salm lx. 4.) ceannardan a bha comasach air an rathad a ghearradh le faobhar a chlaidheimh, agus bha'n cuid daoine coslach riu féin.

Thug an Righ bratach do gach aon de na ceannardan so, gu bhi taisbeanadh gur ann aige-san a bha'n ceartas, agus gu'm b'e chòir dhligheach-san Anam-an-duine.

B'e Boanerges, an ceud Cheannard, oir b'esan an ceann-fheadhna : b'e Tàirneanach a b'fhear brataich dha ; agus b'e 'shuaicheantas tri peileirean loisgeach tàirneinich, Marc. iii. 17.

B'e Féin-mhothachadh an dara Ceannard : b'e

1 Tha na comasan a tha Dia gu gnàthaichte a buileachadh air a mhinisteiribh, agus na toraidhean a tha gu cumanta a' leantuinn searmonachadh an fhacail, air a leigeadh ris ann an ainmeanaibh à cheathrar cheannardan so. Tha Boanerges (Marc. iii. 17) a' ciallachadh searmonachadh cùmhachdach an fhacail ; tha Féin-mhothachadh a' ciallachadh, an drùdhadh a tha air a dheanamh air coguis a pheacaich, a tha toirt air glaodhaich a mach, " Ciod a ni mi chum gu'n saorar mi ? " Tha Breitheanas a' ciallachadh bagraidhean an lagha, agus corruiich Dhé an aghaidh peacaidh ; agus tha Gearr-sios a' ciallachadh, coilionadh nam bagraidhean so air na h-uile a ta gu ceann-laidir a' diultadh na tròcair a th' air a' tairsge. Gidheadh, tha'n Spioraid Naomh air uairibh a' faicinn iomchuidh oibreachadh air eridheachaibh pheacach le meadhonaibh ni's tlàithe na iad so.

Bròn a b'fhear-brataich dhasan ; ghiulan esan a bhratach għlas, agus b'e 'shuaicheantas leabhar an lagħa gu farsuinn foggailte, as an deach lasair theine mach, Deut. xxxiii. 2.

B'e Breitheānas an treas Ceannard : b'e Uamhas a b'fhear-brataich dhasan ; ghiulan esan a' bhratach dhearg, agus b'e shuaicheantas àmhuinn loisgeach air dearg-lasadħ, Mata xiii. 40, 41, 42.

B'e Gearr-sios an ceathramh Ceannard ; b'e Ceartas a b'fhear-brataich dhasan : għiulan esan mar an ceudna a' bhratach dhearg, agus b'e shuaicheantas craobh neo-thorach agus tuadh air a cuir r'a freumh, Mata iii. 10.

An uair a chruinnich Saddai an àrmaitl, (oir is e an Righ féin a ta cur na feachd' ann an òrdugh catha) thug e ughdarras féin do gach ceannard fa leth, ann an éisdeachd nan saighdearan uilè, ag àithneadh agus ag iarraidh, gu'n tugadhiad an aire gu'n cuireadh iad gu dileas agus gu gaisgeil an gniomh iad. B'aon ni an ughdarras ann am brigh, ged a dh'haodadh beagan atharrachaidd a bhi annta, a thaobh ainm tiodal, no inbhe nan ceannardan sin. Agus is e so sùim an ughdarras a thugadh dhoibh.

"Ughdarras o Shaddai mòr, Righ Anam-an-duine, d'a Cheannard dileas agus urramach, an Ceannard Boanerges, chum cogadh a dheanamh ri baile Anam-an-duine.

"O thusa Bhoanerges ! aon de mo cheannardan, tréubhach agus uamhasach os ceann deich mīle de mo sheirbhisich dhileas agus ghaisgeil, (Mata x. 11. Luc. x. 5.) theirig thusa 'na m'ainm-sa le d' àrmaitl gu baile truagh Anam-an-duine : agus 'nuair a thig thu da ionnsaidh, taирg dhoibh an toiseach cumhachan sìthe ; agus àithn dhoibh cùing agus aintighearnas Dhiabolus mhallaichte a thilgeadh dhiu, agus pilltinn riumsa 'n Tighearna agus am Prionnsa dligheach ; àithn dhoibh mar an ceudna, iad fein a ghlanadh ona h-uile ni a bhuineas dhasan,

ann am baile Anam-an-duine, agus thoir an ro aire gu'm faigh thu deagh cheangal uatha gu'm bi iad firinneach 'nan ùmhlaichd. Mar so, an deigh dhut na nithe so àithneadh dhoibh, agus ma striochdas iad gu treibhdhìreach, an sin dean na h-uile ni a th'ann ad chomas gus a cuid is faide mach, chum daingneachd a chuir an àirde dhomhsa ann am baile urramach Anam-an-duine. Na dean dochann do'n aon is lugha a ta a' gluasad no a' tarruinn anail de mhuinntir dhùchasach a' bhaile, ma's e 's gu'n ùmhlaich siad iad féin dhomhsa, ach gabh riu mar gu'm b'iad do charaid no do bhràthair; oir a ta bàigh agam riu-san a striochdas, agus bitidh iad ionmh-uinn leam: agus innis dhoibh gu'n gabh mise an ceud chothrom air teachd dh'an amharc, a thais-beanadh dhoibh gu bheil mi tròcaireach." 1 Tesal. ii. 7—11.

"Ach, ma's e 's an deigh dhuit am bàrnaigeadh, agus m' ùghdarris a thaisbeanadh dhoibh, gu'n cuir iad a' d' aghaidh agus gu'n diult iad striochdadh, an sin tha mis' ag àithneadh dhuit t' uile sheòltachd, chomas, chùmhachd, agus neart a chleachdadadh, a chum an cuir fo cheannsail, le spionadh do làimhe. Slàn leat."

Be so brìgh nan ùghdarris a fhuair iad.

Chaidh an làth shuidheachadh, agus an t-àite 'san còmhlaicheadh iad a chomharrachadh, thainig gach aon de na ceannardan chum na làraiche; agus an deigh acidheachd as ùr fhaotainn o Shaddai, le 'm brataichibh sgaoilte mach, &c., chaidh iad uile air an aghaidh chum baile iomraideach Anam-an-duine. B'e an Ceannard Boanerges a threòraich am feachd, b'e an Ceannard Féin-mhothachadh agus an Ceannard Breitheanas tròmlachd an airm, agus b'e an Ceannard Gearr-sios bu cheann iùil do dheireadh na h-àrmait. Bha uidhe mhòr aca ri dol, oir bha Anam-an-duine fad as o chùirt Shaddai, (Ephes. ii. 13—17,) dh'imich iad troimh thìrean

agus dhùthchannan mhòran sluaigh, gun chron no ciùrradh a dheanamh air neach sam bith, ach a' beannachadh nan uile cia b'e àit an tainig iad. Mar an ceudna, bha iad beò air chosg an Righ fad na slighe.<sup>1</sup>

Air dhoibh a bhi siubhal mar so mòran làithean, mu dheireadh thàinig iad mar ùidhe fradharc do dh' Anam-an-duine, agus an uair a bheachdaich iad air, chunnaic iad air bàll cia mar bha e 'na thràill do thoil, do ròidibh agus do mhiannaibh Dhiaboluis, an sin rinn na ceannardan caoidh car tamaill air son cor truagh a' bhaile.

Mar sin, gu sgeula goirid a dheanamh dheth, thainig na Ceannardan fa chomhair a' bhaile, chaidh iad air an aghaidh gu Geata-na-cluaise, agus shuidhich iad an sin iad féin, oir b'e sin an t-àite claisdeachd ; agus an uair a shuidich iad am bùthan, agus a dhaingnich siad iad-féin ann an clais-bhlàir, rùnaich iad an ionnsaidh a thoirt.

A nis' air do mhuinntir a' bhaile, a leithid a chuideachd riomhach fhaicinn,<sup>2</sup> a bha cho barr-achte air an uidheamachadh, agus cho urramach air an ionnsachadh, le'n àrmachd lainnearach orra, agus am brataichean sgaoilte mach, bhrùchd iad as an tighean a bheachdachadh orra. Ach an deigh do'n t'sluagh an sealladh so fhaotainn, air eagal gu'm fosgladh iad na geatachan ann an graide, do na ceannardaibh, thainig Diabolus, an sionnach cuil-bheartach a nuas le cabhaig o'n chaisteal, agus dh'èithn' e dhoibh teicheadh gu teis-meadhon a' bhaile, agus labhair e 'n dùan mheallta agus bhréugach so riu.

"A dhaoine uaisle, ged is sibhse mo chàirdean

<sup>1</sup> Tha 'n duine a thaobh an tuiteam air a sgaradh gë thad as o Chruithear. Tha Dia a' cumail suas a mhinistearan, agus tha iad do ghnath an eisimeil am maighstir neamhaidh, am feadh 's tha iad 'na sheirbhis-san.

<sup>2</sup> Cha'n urrainn an saoghal gun bhi gabhail iongantas ri caithe-beatha riaghailteach pobul Dé.

dileas agus ro ionmhuiinn, gidheadh cha'n urrainn mi gu'n bheagan cronachaidh a thoirt dhuibh,<sup>1</sup> air son a bhi cho neo-fhaicilleach anns a' ghniomh mu dheireadh a rinn sibh, ann an dol a mach a bheachdachadh air an àrmait mhòr agus chùmhachdach sin a shuidhich iad féin an dé fa chomhair baile iomraideach Anam-an-duine. An aithne dhuibh cò iad? cò as a thàinig iad? agus ciod a th'air an aire le iad féin a shuidheachadh fa chomhair baile Anam-an-duine? Is iad so an àrmait mu'n tug mi ràbhadh dhuibh o chionn fhada, a thigeadh a' sgrios a' bhaile so agus is ann a chum gu'm biodh sibhs' air 'ur 'n uidheamachadh fa'n comhair a bha mis' aig dragh 'ur 'n àrmachadh o 'ur mullach g'ur bònn, a bharrachd air na daingnichibh mòr a dh-ullaich mi air son 'ur 'n inntinn. Uime sin, an uair a thaisbeanadh iad an toiseach, c'arson nach do ghlaodh sibh a mach, "Lasaibh na croinn-thàra," a chum caismeachd a thoirt do'n bhaile gu'n tainig iad, gus am faigheamaid uile bhi ann an uidheam a chum sinn féin a dhion, agus gus am bitheamaid ullamh gu cuir nan aghaidh leis an treubhantas is mò, 's ann an sin a thaisbeanadh sibh sibh féin 'nar daoine thaitneadh riumsa; ach an àite sin, leis an ni a rinn sibh, cha mhòr nach do chuir sibh leth eagal orm,<sup>2</sup> tha mi 'g ràdh leth eagal, an uair a thig iadsan agus sinne gu dlùth chòmhrag, gu'n dearbh sibh a bhi dh'easbhuidh cruadal gu seasamh ni's fhaide. C'arson a dh'òrduich mi dhuibh faire dheananmh, agus freiceadanan dùbailt a' chumail aig na geatachaibh: c'arson a chleachd mise mo dhichioll a chum sibhse dheananmh cho cruaidh ris an iarunn, agus 'ur cridheachan mar mhìr de'n chloich mhuilinn iochdraich; am bheil sibh am barail, gur ann gus an taisbeanadh sibh mar bhoirionnaich

<sup>1</sup> Uime sin, tha Satan a' feuchainn ri gamhlas a ghintinn annan nan aghaidh.—<sup>2</sup> Tha eagal mòr air Satan gu'n tionnda Ministeran Dhé, Anam-an-duine na aghaidh.

sibh féin, agus gus an rachadh sibh a mach coltach ri cuideachd de bhaothairean, a' bheachdachadh air 'ur dearg nàimdean?<sup>1</sup> Mo näire, mo näire, ullaichibh gu luath a chum sibh fein a dhion; bualainbh an druma, agus cruinnichibh an ceann a cheile gu còlgail, curanta, chum gu'm bi fios aig 'ur naimhdibh, mu'n ceannsaich iad am baile so, gu bheil daoine tréubhach ann an Anam-an-duine."

"Sguiridh mi nise de throd, agus cha chroinnaich mi sibh tuille; ach tha mi 'g àithneadh dhuibh, na faiceams' uaithe so a mach gun dean sibh gu bràth an leithid sud de ghniomharran. Na togradh duine agaibh uaithe so a mach, as easbhuidh m' òrdugh's an toiseach, uiread agus a cheann fheuchainn thar balla Anam-an-duine. Chuala sibh mi nise; deanainbh mar dh'àithn' mi, a chum gu'n gabh mi còmhnuidh gu tearuinnte maille ribh, agus mar a bhios mi air m' fhaicill air mo shon féin, is amhùil a bhios mi air son 'ur tearuinnteachd agus 'ur 'n onoir-sa mar an ceudna. Slàn leibh."

Air cluinntinn so do mhuinntir a' bhaile thàinig atharrachadh neònach orra; bha iad mar dhaoine bhiodh air am bualadh le eagal mòr; bha iad a' ruith air an ais agus air an adhart air sràidibh Anam-an-duine, a' glaoigh a mach, Cobhair! cobhair!<sup>2</sup> tha na daoine a ta cur an t-saoghal bun os ceann, air teachd an so mar an ceudna, Gniomh. xvii. 6. Thaitinn so ri Diabolus. Aha! ars esan ris féin, is toigh leam so; a nise tha chùis mar bu mhiann leam; tha sibh a nis' air taisbeanadh 'ur 'n ùmhlachd do bhur Prionnsa; leanaibhsa mar so, agus ma's urrainn doibh glacadh iad am baile. Mu'n robh feachd an Righ fa chomhair Anam-an-

1 Tha e 'gam brosnachadh gu dùlan a thoirt do Mhinisteiribh an fhacail.

2 'Nuair a tha peacaich ag éisdeachd ri Satan, tha iad air an cuir air a chaothach an aghaidh na diadhachd.

duine trì laithean, dh'áithn an Ceannard Boanerges d'a thrombair dol suas gu Geata-na-cluaise,<sup>1</sup> agus an sin, bairlinn a thoirt, ann an àinm Shaddai mhòir, do'n bhaile eisdeachd ris an teachdaireachd a bha air àithneadh dhasan a' chuir an céill dhoibh, ann an àinm a Mhaighstir. Mar sin chaidh an tròmbaidear, d'am b'ainm Thugaibh-fainear-ciod-a-chluinneas-sibh, suas a chum Geata-na-cluaise, agus an sin shéirm e thròmbaid air son éisdeachd : ach cha do thaisbeanadh a h-aon a thug freagairt no a ghabh sùim dheth, oir b'e sin òrduigh Dhiaboluis. Air bàll phill an tròmbaidear a chum a cheannaird, agus dh'innis e dha ciod a rinn e, agus mar an ceudna mar a shoirbhich leis ; air cluinntinn so do'n cheannard bha e ro dhuillich air son a sgéil, ach dh'áithn e do'n tròmbaidear dol d'a bhùth. Chuir an Ceannard Boanerges a thrombair thoirt an dara bairlinn dhoibh ; ach dh'fhan iadsan am falach, oir bha iad cho curamach mu'n aithn a thug Diabolus, an righ dhoibh, 's nach tugadh iad freagairt. An sin ghairm na cinn-fheadhna agus na ceannardan-mhilltean comhairle chogaidh, gus an smuainich-eadh iad ciod eile a dheanamh iad chum Anam-андuine ath-bhuannachd ; agus an deigh dhoibh beagan de ghearr dheasboireachd mhean a' dheanamh mu thimchioll brìgh an cuid ùghdarrasan, cho-dhuin iad bairlinn eile thoirt do'n bhaile ; ach nam b'e 's gu'n rachadh sin a dhiultadh, dh'iarr iad air an tròmbaidear innse dhoibh, gu'n do rùnaich-iadsan, gu'n tugadh iad an ionnsaidh air bàll, leis gach meadhon a bha nan comas, chum an coimeaigneachadh le neart gu ùmhachd a thoirt do'n Righ. Lucas xiv. 23.

Mar sin dh'áithn an Ceannard Boanerges d'a thrombair dol suas gu Geata-na-cluaise a rithist,

<sup>1</sup> Tha teachdaireachd an Righ air a' cuir an céill. Is ann o eisd-eachid a thig creidimh.

agus ann an ainm an Righ mhòir Saddai bairlinn gle labhar a thoirt do'n bhaile, iad a theachd a nuas gun dàil chum a' Gheata, a dh'eisdeachd ri ceann-ardaibh ro òirdheirc an Righ. Dh'imich an throm-bair, agus rinn e mar a dh'àithneadh dha. Chaidh e suas gu Geata-na-cluaise, agus shéirm e 'thròm-baid, agus thug e an treas bairlinn do dh' Anam-an-duine. Isai. lviii. 1.<sup>1</sup> Os bàrr, thubhairt e, nam b'e 's gu'n diultadh iad an deigh so aontachadh, gu'n d' tigeadh ceannardan a Phrionnsa-san agus gu'n cleachdadadh iad an dichioll chum an toirt gu umhlachd a dh'aindeoin.

Air cluinntinn so do Mhorair-na-toil sheas e suas oir b'esan uachdaran a' bhaile agus fear gleidhidh geatachan Anam-an-duine, (b'e Morair-na-toil so am fear-cùl-sleamhnachaidh, a chaidh ainmeachadh cheana.) Agus le briathraibh feargach agus atmhor, dh'fheòraich e de'n tràmbair cò a b'e, cia as a thainig e, agus ciod a b'aobhar dha a leithid a dh-fhuaim òillteil a dheanamh aig a gheata, agus c'arson a labhair e cainnt cho do-ghiùlainte an aghaidh Anam-an-duine?

Fhreagair an tràmbair, is mise seirbhiseach a cheannaird ro òirdheirc, an Ceannard Boanerges, ceann-feadhna àrmaitl an Righ mhòr Saddai, an Ti a rinn thusa agus an t-iomlan de Anam-an-duine ceannairc 'na aghaidh; agus tha teachdaireachd àraig aig mo mhaighstir do'n bhaile so, agus dhùtsa, mar aon de bhuiill a' bhaile, agus ma dh'eisdeas sibhse ris gu siothchail a' mhuinntir Anam-an-duine, tha sin gu math; ach mar éisd, fulaingibh.

An sin thubhairt Morair-na-toil, giulanaidh mis an teachdaireachd gu mo thighearna, agus cluinnidh mi ciod a their e.<sup>2</sup>

<sup>1</sup> Tha ministearan gu buanachadh air a bhi cuir an cèill teachdaireachd Dhé ged nach fhaiceach iad buaidh air bith an deigh an saothair.

<sup>2</sup> Cha'n 'eil an toil a ta na tràill aig Sàtan, a' miannachadh ni sam bith a' dheanamh a tha'n aghaidh òrduighean a mhaighstir.

Ach fhreagair an tròmbair, cha'n ann a dh'ionns-aidh an fhamhair Diabolus a tha ar teachdair-eachd-ne, ach a chum baile truagh Anam-an-duine, ni mo ghabhàs sinn sùim air bith dhe fhreagairt-san, no de fhreagairt neach air bith eile as a leth. 'S ann a chum am baile so ath-aiseag bho bhì fo aintighearnas an-iochdmhor-san a chuireadh sinne dha ionnsaidh, agus a chuir iompaidh air a bhi umhal, do'n Righ ro òirdheire Saddai, mar a b'abhaist dha anns na h-amaibh a chaidh seachad.

An sin thubhairs Morair-na-toile, giulanaidh mise do theachdaireachd a dh'ionnsaidh a' bhaile.

Fhreagair an tròmbair, na meall sinne, air eagal mu ni thu sin gur sibh féin is mò bhios air 'ur mealladh. Os bàrr, thuirt e, tha sinne rùnachadh ma's e's nach striochd sìbh gu siothchail, gu'n dean sinn cogadh 'n 'ur 'n aghaidh, agus gu'n toir sinn sibh fo cheannsgal le neart. Agus bithidh so na chomharradh dhuibh, gur i'n fhirinn a tha mis a' labhairt : chì sibh a' bhratach dhubbh, le cuid peileiribh teithe Loisgeach tairneanaich, air a' cur suas air an tòrr am maireach, mar chomharradh air gu bheil sinn a' toirt dùbhlann do Dhiabolus, agus a' rùnachadh sibhse thoirt air 'ur 'n-ais a chum ar Tighearn agus ar Righ dligheach.

Mar sin dh'fhalbh Morair-na-toile a bhàrr a bhalla, agus phill an trombair do'n chàmpa; agus chruinnich cinn-fheadhna agus ceannardan an Righ chùmhachdaich Saddai an ceann a chéile, a chluinntinn ciod a thachair. An sin dh'innis an tròmbair dhoibh an t-iomlan. Air cluinntinn sin do Bhoanerges tréubhach thuirt e, " Fanamaid tamull fathast 'n 'ur clais-dhionaidh, agus faiceam-aid ciod a nì na réubalaich ud." Nuair a thar-ruinn an t-àm am fagus anns am feumadh Anam-an-duine eisdeachd a thoirt do Bhoanerges tréubhach agus d'a chòmpanaichibh, chaidh àithneadh gu'n ullaicheadh an t-iomlan de na fir chogaidh

ann an càmpa Shaddai iad féin, chum gabhail ri Anam-an-duine gu caoimhneil, nam b'e 's gu'n striochdadadh e; ach nam b'e 's gu'n diultadh e, a thoirt fo cheannsgal le neart. Mar sin thainig an là, shéirm na tròmbairean a chum gu'm biodh na daoine ullamh.<sup>1</sup> Ach 'nuair a chuala muinntir a bhaile fuaim nan tròmbaidean, air dhoibh a shaoil-sinn gur ann a bha iad a' dol a ghlacadh a' bhaile le garbh-ionnsaidh, bha iad an toiseach fo uamhas mòr spioraid; ach an deigh tamull beag rinn iad gach ullachadh a bha nan comas fa chomhair cogaidh, nam b'e 's gu'n tughta 'n ionnsaidh an glacadh le ainneart, air neo iad féin a dheanamh tearuinte.

'Nuair a choimhlionadh an t-àm, bha Boanerges suidhichte air freagairt fhaotainn uatha, uime sin, chuir e a 'thròmbair a rithist a thoirt baillinn do dh'Anam-an-duine, iad a theachd a dh' eisdeachd ris an teachdaireachd a thug iadsan d'an ionnsaidh o Shaddai. Mar sin chaidh e agus shéid e, agus thainig muinntir a' bhaile gu mullach a bhalla, ach rinn iad Geata-na-cluaise cho tearuinte 'sa b'urrainn doibh. Sech. vii. 11. A nis, an uair a thainig iad suas, dh'iarr an Ceannard Boanerges Morair-a-bhaile fhaicinn, ach b'e As-creidimh bu Mhorair-a'-bhaile aig an àm sin, oir b'esan a thainig an àite Ana-miannach. An sin thàinig As-creidimh agus thaisbean se e-féin. Ach 'nuair a chunnaic an Ceannard Boanerges e, ghlaodh e mach gu h-osgarra, "Cha'n e so e;<sup>2</sup> c' àit am bheil Morair-na-tuigse, an seann Mhorair-a-bhaile bh'ann an Anam-an-duine, oir is esan a tha bhuam gu mo theachdaireachd a chuir an céill dha."

An sin thubhaint Diabolus ris a' Cheannard,

<sup>1</sup> Tha breithneachadh mearachdach aig an inntinn sheolnhor mu'n chrioch air son am beil an soisgeul air a shearmonachadh.

<sup>2</sup> Cha'n ann ri as-creidimh a tha teachdaireachd an t-soisgeil a' labhairt.

“ Thug thu le do ladarnas ceithir bàirlinnean aig a chuid is lugha do dh’Anam-an-duine, e féin a striochdadadh dha d’ Righ-sa, ach cò an t-ughdarras trid an d’rinn thu sin cha’n aithne dhomhsa, ni mò tha mi dol a dh’fharraid an tràthsa. Uime sin, tha mi feòraich, ciod is ciall do’n tuaireap so uile ? agus ciod a b’áill leibh a dheanamh, ma’s aithne dhuibh innseadh ?”

Cha do ghabh an Ceannard Boanerges, aig an robh a bhratach dhubbh, agus g’am bu shuaicheantas tri peileirean loisgeach tairneanaich, air gu’m faca no gu’n cuala e am famhair, ach labhair e mar a leanas ri Anam-an-duine : “ Bitheadh e aithnichte dhuibhse, O Anam-an-duine, a’ bhaile cheannaircich agus neo-shona ! gu’n do chuir mo mhaighstir’, an Righ ro ghràsmhor, an Righ mòr Saddai, mise do bhur ’n ionnsaidh, le ughdarras (agus an sin dh’fheuch e do’n bhaile séula mhòr an Righ) sibhs’ a thoirt gu ùmhachd dhasan ; agus dh’áithn e dhomh, nam b’e ’s gu’n striochdadadh sibh do mo bhairlinn-sa, buntainn ribh mar ri mo chairdibh no ri mo bhràthraigheibh ; gidheadh dh’áithn e dhomh mar an ceudna, nam b’e an deigh ’ur bairlinneadh, gu’n seasadh sibhs’ a mach gu ceannairceach ’na aghaidh gun striochdadadh, an ionnsaidh a thoirt air ’ur glacadh le ainneart.”

An sin sheas an Ceannard Féin-mhothachadh suas, (aig an robh a bhratach għlas, agus g’am bu shuaicheantas leabhair an lagha gu farsuinn fos-gailt, &c.) agus thubhairt e, “ Eisd, O Anam-an-duine ! Bha thusa, O Anam-an-duine, aon uair urramach a thaobh neo-chiontais, ach tha thu nis’ air tuiteam air falbh gu breugan agus céilg, Rom. iii. 10—19, 23 ; caib. xvi. 17, 18. Salm L. 21, 22. Chuala tu ciod a thuirt mo bhràthair an Ceannard Boanerges riut ; agus is e do ghliocas, agus bithidh e na shonas dhuit, striochdadadh agus gabhail ri cumhachan sìth’ agus tràcair, ’nuair a ta iad air an

tairgse dhuit ; gu h-àraid 'nuair a ta iad air an tairgse le aon a rinn thusa ceannaire 'na aghaidh, agus le aon a ta comasach air thusa réubadh a' d' mhìribh ás a chéile ; or tha ar Righ-ne, Saddai, comasach air a sin a dheanamh, agus cha'n urrainn neach sam bith seasamh 'na lathair 'nuair a bhios corraich air. Am bheil thusa 'g ràdh nach do pheacaich thu, no nach d'rinn thu ceannaire an aghaidh ar Righ-ne ? Riamh o'n latha air 'n do thilg thu dhiot a sheirbhis, tha'n t-iomlan dhe do dheanadas, a' toirt fianuis gu leòir a' d'aghaidh, oir b'e sin toiseach do pheacaidh. Ciod tuilleadh is ciall da gu'm bheil thusa 'g éisdeachd ris an aintigh-earn, agus a' gabhail ris mar do Righ ? Ciod eile is ciall da gu'm bheil thus a' diultadh laghannan Shaddai, agus a' toirt ùmhachd do Dhiabolus ? Seadh, ciod is ciall da so gu bheil thu a' togail suas àrmachd agus a' dùnadh do gheatachan 'n ar aghaidh-ne, seirbhisich dhileas do Righ ? Gabh comhairle ma ta, agus gabh ri cuireadh mo bhràth-ar, agus na mi-bhuilich àm tròcair, ach bi réidh ri d'eascaraid gu luath, Lucas xii. 58, 59. Oh ! Anam-an-duine, na ceadaich dhuit féin le miodal agus le cuilbheartaibh Dhiaboluis, a bhi air do chumail o thròcair, agus a bhi air do threòrachadh gu mile truaighe. Theagamh gu'n toir prionnsa na céilg sin an ionnsaidh air a thoirt ort a chreidsinn, gur ann ag iarraidh ar buannachd féin a ta sinne ris an t-seirbhis so ; ach biodh fios agad, gur ann an ùmhachd do àithne ar Righ, agus a thaobh ar gràdh do d'shonas-sa, a tha sinn a' gabhail an dleasanais so os laimh. A rithist, tha mi'g ràdh, thoir fainear, O Anam-an-duine ! cia iongantach an gràs, gu'n ùmhlaicheadh Saddai e féin mar tha e a' deanamh, 2 Cor. v. 18—21. A nis, tha e a' reusonachadh riutsa tromhainne le earalaibh agus le comhairlibh caoimhneil, chum thu-féin a striochdadadh dhasan. Am bheil a leithid a dh'fheum aige-san ortsa, 's a ta sinne cinnteach

a th'agads' air san? Cha'n eil, cha'n 'eil; ach tha e tròcaireach, agus cha'n àill leis gu'm bàsaicheadh Anam-an-duine, ach gu'm pilleadh e rìs agus gu maireadh e beò."

An sin sheas an Ceannard Breitheanas suas, aig an robh a bhratach dhearg, agus g'am bu shuaich-eantas àmhuinn loisgeach air a dearg-lasad, agus thuirt e: "O a luchd àiteachaidh Anam-an-duine! a bha caitheadh 'ur beatha cho fada ann an reùbaltachd agus ann an ceannaire àn aghaidh an Righ, Saddai, biodh fios agaibh, nach tainig sinne chum an àite so, fo ar 'n àrmachd, d'ar toil féin, le ar teachdaireachd féin, no ghabhail tòrachd air son eacoir a rinneadh oirnn féin; ach 'se ar maighstir, an Righ, a chuir sinne chum sibhs' a thoirt gu ùmhachd dhàsan, agus ma 's e 's gu'n diult sibhse géilleadh gu siochail, tha òrdugh againne 'ur coimheigneachadh gu striochdad. Na smuainichibh agus na ceadaichibh gu bràth do'n aintighearna Diabolus a thoirt oirbh a chreidsinn, nach 'eil ar Righ-ne le 'chumachd comasach air sibhse cheannsachadh, agus 'ur cuir fo 'chasaibh, oir is esan cruithear nan uile nithe, agus ma bheanas e ris na beanntaibh theid deatach asda. Cha bhi geata tròcair an Righ an còmhnuidh fosgailte, oir tha'n là a loisgeas mar àmhuinn fa chomhair-san; seadh, tha e a' deanamh dian chabhad, agus cha'n eil e a' clò-chodal. Mal. iv. 1. 2 Pead ii. 3. Am bheil e na ni gun luach 'n 'ur sealladh-sa, O Anam-an-duine! gu bheil ar Righ-ne a' taigse tròcair dhuibh, an deigh cò liugha brosnachadh 'sa thug sibh dha? Seadh, tha e fathast a' sineadh a mach a shlaite rioghail, agus cha cheadaich e gu'n dùnair a' gheata 'n 'ur aghaidh: am brosnaich sibhs' e chum a dhùnadh? Thugaibh fainear ciod a tha mi 'g ràdh; air eagal ma dhùnair e 's nach fosglair dhuibhs' e tuille gu sìorruidh. Iob xxxv. 14. Caib. xxxvi. 18. Salm ix. 7. Isa. lxvi. 15. Ma their thu nach faic thu e, tha breitheanas 'na làthair; uime sin, earb thus' as: seadh,

a chionn gu bheil fearg riut, tabhair an aire nach toir e air falbh thu le bhuelle : an sin cha saor éirig mhòr thu. Am meas e do shaoibhreas ? cha mheas, no òr, no uile neart cùmhachd. Dheasaich e a righ-chathair chum breitheanais ; oir thig e le teine, agus a charbad mar chuairt-ghaoith ; a dhòrtadh a mach a chorraich mar an-teas, agus 'achmhasan le lasraichibh teine. Uime sin, O Anam-an-duine ! thoir an aire, air eagal an deigh dhuit breitheanas nan aingidh a choimhlionadh, gun dean ceartas agus breitheanas greim ort.” A nise, fhad ’sa bha an Ceannard Breitheanas a’ labbairt mar so ri baile Anam-an-duine, thug cuid an aire gu’n do chrioth-naich Diabolus.<sup>1</sup> Ach lean an Ceannard Breitheanas air labhairt, agus thubhairt e : “ O thusa bhaile thruaigh Anam-an-duine ! nach fosgail thu fathast an geata, chum sinne a ta ’nar teachdairean d’an Righ, agus a’ mhuinnitir leis am b’ aoibhinn gu maireadh tu beò, a’ ghabhail a steach ? Esec. xxii. 14. An urrainn do chridhe fulang, no’n urrainn do làmhan a bhi laidir anns an là anns am buin e riut ann am breitheanas ? Tha mi ’g ràdh, an urrainn thu fulang a bhi air d’ éigneachadh gu cùan na corraich òl a dh’ullaich ar Righ-ne do Dhiabolus agus d’ ainglibh ? Smuainich, smuainich air so gun dàil.”

An sin sheas an ceathramh Ceannard, an Ceannard òirdheirc Ceannard Gearr-sios suas, agus thubhairt e : “ O a’ bhaile Anam-an-duine ! a bha aon uair iomraiteach, ach a ta nis coltach ris a ghéig neo-thorach ; a bha aon uair a d’ aoibhneas do luchd àiteachaидh nan neamh, ach a ta nis a’ d’ uaimh do Dhiabolus ; éisd riumsa, agus thoir cluais ‘do na briathraibh a labhras mise riut, ann an ainm Shaddai mhòir. Feuch a ta ’n tuadh air a’ cur ri fréumh a’ chroinn ; air an aobhar sin, ge b’e crànn nach

---

<sup>1</sup> Tha fios aig an Diabhol gu bheil e air a choimhid fa chomhair breitheanais ; (Taisb. xx. 10.) uime sin tha e a’ criothnachadh roimh bhi cluinntinn na binn ’ga cuir an céill. “ Tha na deamhain a’ creidsinn agus a’ criothnachadh.” Seumas ii. 19.

toir a mach toradh math, gearrar e, agus tilgear san teine e. Mata iii. 7, 10. Bu tusa, O a bhaile Anam-an-duine! gus an àm so an crànn neo-thorach so; cha do ghiulan thu a bheag sam bith ach drisean agus droigheann. Tha do dhroch thoradh a' dear-bhadh nach crànn math thu: is fion dhearcan-màrbhtach d'fhion dhearcan, tha do bhagaidean searbh. Deut. xxxii. 32. Rinn thu ceannaire an aghaidh do righ, agus faic! sinne, cùmhachd agus neart Shaddai, is sinne àn tuadh a ta air a cuir ri d' fhréumhaibh; ciod a ta thu 'g ràdh, am pìll thu? Tha mi 'g ràdh a rithist, innis dhomh mu'n toirear a' cheud bhuille, am pill tu? Feumaidh ar tuadh-ne an toiseach a bhi air a cur ri do fhréumh, mu'm bi i air a' cur ann do fhréumh; feumaidh i a bhi an toiseach air a' cur ri do fhréumh ann an rathad bàgraiddh, mu'n cuirear i ann a' d' fhreumh gu do ghearradh sios; agus is ann eadar an dà àm so a tha air iarraidh ortsa aithreachas a ghabhail, agus is e so an t-iomlan de 'n ùine a th' agad. Ciod a ni thu? Am pill thusa, nam buail mise? Ma bheir mise mo bhuille, tuitidh tusa, Anam-an-duine: oir tha ùghdarris agamsa mo thuadh a cuir a' d' fhreumh, cò math is ri d' fhréumh; agus cha chum ni sam bith mise bho do ghearradh-sa sios, ach thusa striochdadadh do ar Righ-ne. O Anam-an-duine! ciod air son am bheil thu iomchuidh, ach mar tiore tròcair thu, a bhi air do ghearradh sios agus air do thilgeadh anns an teine chum do losgadh? O Anam-an-duine! cha'n eil foighdinn agus fad-fhulangas dol a mhairsinn gu bràth: faodaidh iad mair-sinn bliadhna no dhà, no trì, ach ma bhrosnaicheas tu e rè thrì bliadhna le d'cheannaire, agus rinn thu ni's mó na so cheana, ciod a thachras ach gu'n téid àithneadh an sin, gearr sios e, ni h-eadh, na dheigh sin gearraidh tu sios e. Lucas xiii. Agus am bheil thu a' saoilsinn nach 'eil annta so ach bàgraidean, no nach 'eil ar Righ-ne còmasach air a bhriathraighean a chuir an gniomh? O Anam-an-duine! mothach-

idh tu 'nuair a dhiultair agus a nithear tàir le peacaich, air briathraibh ar Righ-ne, nach e a mhàin gu bheil bagradh anna, ach mar an ceudna gu bheil éibhlean loisgeach teine anna. Bha thu fada cheana a' d' eallach air an talamh ; agus am buanaich thu mar sin ni's faide ? Thug do pheacaidhean an àrmait so a dh'ionnsaidh do bhallaichaibh, agus an toir iad leo breitheanas a chum sgrios do bhaile ? Chuala tu ciod a thubhairt na ceannardan, gidheadh gus a nis dhùin thu do gheatachan, innis Anam-an-duine, an dean thu so fathast,? No 'n gabh thu ri cumhachan sìthe?"<sup>1</sup>

Dhiult Anam-an-duine éisdeachd ri càinnt urramach nan ceathrar cheannardan òirdheirc so ; gidheadh bhuail am fùaim an aghaidh Geata-na-cluaise, ged nach robh iad laidir gu leoир gu bhriseadh agus fhosgladh. Mu dheireadh, dh'iarr am baile ùine fhaotainn gu freagradh ullachadh do na nithibh so. An sin, thubhairt na ceannardan riu, nam b'e 's gu'n tilgeadh iad a mach dhoibh am fear sin d'am b'ainm Droch-theagamh, a bh'anns a' bhaile, a chum gu'n duaisicheadh iad e a réir oibre, an deigh sin gu'm faigheadh iad ùine gu smuaineachadh ; ach mar tilgeadh iad esan thar balla Anam-an-duine, nach tugadh iad ùine sam bith dhoibh : Oir, ars' iadsan, tha fios againne cho fad' 'sa 's beò Droch-theagamh ann an Anam-an-duine, gu'm bi na h-uile deagh smuaintean air an truailleadh,<sup>2</sup> agus nach tig ni sam bith air a' bhaile ach àimhleas.

An sin rùnaich Diabolus freagairt a thoirt dhoibh e féin, oir bha e duillich gun cailleadh e Droch-theagamh, do bhrigh gu'm b'esan a theangaire, agus faodaidh sibh a bhi cinnteach gu'n cailleadh se e nam b'e 's gu'm b'urrainn na ceannardan am meòirean a chuir air ; ach air dha a bheachd atharrachadh,

<sup>1</sup> Tha fios aig ministeribh dileas air uamhasaibh an Tighearna, agus mar sin tha iad a' cleachdadh an dichioll a chum impidh a' chuir air daoinibh.

<sup>2</sup> Cha'n fhaod an t-anam seasamh ann an ioma-chomhairle 'nuair a ta trocair air a tairgse.

dh' àithn e do dh' As-creidimh, a bha na Mhorair a-bhaile 'san àm freagairt a thoirt dhoibh.

Mar sin, a réir òrdugh Dhiaboluis, labhair As-creidimh agus thuirt e, "A dhaoine uaisle, tha sinne a' faicinn, gu'n do chàmpaich sibhs' an so an aghaidh Anam-an-duine, ni a ta na thrioblaid do ar Prionnsa, agus na dheuchainn do'n bhaile uile : ach cha'n eil sinne a' dol a dh'fharraid cò as a thainig sibh ; agus ni mò a chreideas sinn, cò sibh. Gun amharus, tha sibh ag innse dhuinn ann 'ur cainnt uamhasach, gu bheil an t-ùghdarras so agaibh o Shaddai ; ach cha'n àithne dhuinne, ciod a chóir a th'aigse-san air a sin àithneadh dhuibh-sa. Os bàrr, thug sibh leis an ùghdarras cheudna, bairlinn do'n bhaile so cùl a chuir r'a Thighearn, agus e féin a thoirt suas do Shaddai bhur righ ; ag innse dha gu miodalach, ma's e's gu'n dean e sin, gu'm math esan na lochdan a rinn e roimhe so, agus nach cuir e as a leth iad. A thuilleadh air sin, bhagair sibh mar an ceudna, mar aontaich luchd aiteachaidh Anam-an-duine ris an ni sin is àill leibhs' a' dheanamh, gu'n dean sibh peanas orra le sgrios mòr agus cràiteach, ni a ta na uamhas do'n bhaile. A nis, a cheannardan, ciod air bith an t-àite as an tainig sibh, agus ge b'e sam bith cò treidhireach 'sa ta chrioich a th'ann 'ur beachd, gidheadh biodh fhios agaibh-sa, nach 'eil sùim aon chuid aig Diabolus, no agamsa (As-creidimh) a sheirbhiseach,<sup>1</sup> na idir aig ar baile tréun-ne Anam-an-duine, aon chuid do bhur pear-sachaibh do bhur teachdaireachd, no do'n Righ a ta sibh ag ràdh a' chuir uaithe sibh leis an teachdaireachd : cha'n eil eagal oirnne roimh a chùmhachd, roimh a mhòrachd, no roimh a dhioghaltas ; ni mò a striochdas sinn air chòr sam bith do bhur bairlinn-sa. A thaobh a chogaidh a tha sibh a' bagairt a dheanamh oirnne anns a chùis sin,

<sup>1</sup> Fior dealbh an as-chreidimh a ta cur suarrach tròcair air a tairgse.

feumaidh sinne sinn féin a dhion cho math 's is urrainn duinn ; agus biodh fhios agaibh, gu bheil sinne toirt dùlan dhuibh. Agus gu bhi aithghearr, tha mise 'g innse dhuibh gu bheil sinne smuain-eachadh nach 'eil annaibh ach gràisg de luchd-fuadain agus de shlaoightearan, a dhiult gu h-iom-lan striochdadadh do bhur Righ, a chruinnich an ceann a cheile ann an dòigh mhi-riaghailteach, agus a tha siubhal gu luaineach bho àite gu àite, a dh'fheuchainn aon chuid le bhur miodal no le bhur bagradh, an urrainn sibh a thoirt air baile, no cathair, no dùthaich shocharach air chor-éigin, an àite-còmhnuidh a thréigsinn, agus fhagail agaibhse : ach cha'n e h-aon diubh sin Anam-anduine. Gu co-dhunadh, cha'n eil sibh a' cur eagal air bith òirnne, ni mò bheir sinn géill do bhur bairlinn : cumaidh sinn a mach sibh as ar 'n àite, oir bithidh ar geatachan duinte oirbh ; cha mhò a cheadaicheas sinne dhuibh tàmh fada mar so fa'r comhair. Feumaidh ar sluagh-ne bhi beò ann an sàmhchair ; tha bhur làthaireachd-sa cuir trioblaid orra,<sup>1</sup> Lucas xi. 21. Uime sin, eiribh le bhur 'n-imrich, agus bithibh a falbh, air neo tilgidh sinn oirbh a bhàrr nam ballachan."<sup>2</sup>

Chaidh an duan so a rinneadh le seann Ascreidimh, a chùladh leis an fhear cheannairceach sin Morair-na-toile, ann am briathraigheibh mar a leanas :—

" A dhaoine uaisle, chuala sinne bhur 'n iarrtas, tatar 'ur bàgraidean, agus fuaim 'ur bairlinnean. Cha'n eil 'ur 'n àrmaitl a' cur eagal air bith òirnne, agus cha'n eil umhail againn do bhur bàgraidean, ach tha sinn dìreach a' fantainn mar a fhuair sibh sinn. Air an aobhar sin, tha sinn ag àithneadh

<sup>1</sup> Cha'n urrainn an fheoil giulan le facial Dé.

<sup>2</sup> Cha'n fhiosraich an t-as-creidimh—cha chreid e—cha striochd e—se iarrtas a bhi air fhagail aig sìth, uime sin tha e bagairt air ministearaibh Chriosd ma 's e 's gu'm buanaich iad ann a bhi a' coimhlionadh an dleasnas.

dhuibh na h-ionadan so fhàgail, an taobh a steach do thrì laithean, air neo bithidh fios agaibh ciod an ni an-dana tha sibh a' gabhail os laimh le bhi tairgse an leòmhan Diabolus a mhosgladh, 'nuair a ta e na chadal 'na bhaile féin Anam-an-duine."

An sin thubhairt an Seanachaидh, d' am b' ainm Di-chuimhnich-math, mar a leanas : " A dhaoine uaisle, mar tha sibh a faicinn, thug na morairean freagradh do bhur càinnt ghéur agus fheargach-sa le briathraibh ciùin agus tlàth ; agus os bàrr, thug iad comas dhuibhimeachd gu siochail mar a thainig sibh. Gabhaibh an comhairle chaoimhneil agus bithibh agimeachd ; dh'fhaodadh sinne teachd a mach le àrmaitl ann ar 'n-aghaidh, agus a thoirt oirbh gu mòthaicheadh sibh cùmhachd ar cloidheanne ; ach o'n is toil leinn féin sìth agus sàmhchar, mar sin cha toil leinn cron no sàrachadh a dheanamh air muinntir eile."

An sin rinn Anam-an-duine iolach le aoibhneas, mar gum faigheadh Diabolus agus a ghràisg, buaidh-làrach thar na ceannardan. Mar an ceudna, shéinn iad na cluig, agus bha iad subhach, agus dhànns iad air na ballachaibh.

Mar an ceudna, phill Diabolus chum a' chaisteil, agus Morair-a-bhaile agus an Seanachaيدh chum an àite féin : ach thug Morair-na-toile, an deagh aire gu'm bitheadh na geatachan air an deanamh diongalta le freiceadanaibh dùbhailt, le cròinn dhùbhailt, agus le glasaibh agus le clòidheanaibh dùbailt. Agus a chum gu'm biodh cùram sòn-raichte air a ghabhail do Gheata-na-cluaise, (oir b'e sin an geata bu mhò air an robh feachd an Righ a' deanamh gu dol a steach air) rinn e seann Chlaon-bhreith fear frionasach droch-mhéinneach, 'na cheannard air a' gheata sin ; agus chuir se e fo riaghladh tri-fichead fear d'am b'ainm Fir-bhodhair ; daoine bha freagarrach air son na seirbhis sin, oir cha tugadh iad feart air aon chuid briathraibh nan ceannardan na nan saighdearan.



EASAONACHD AN ANAM-AN-DUINE.

## CAIBIDIL IV.

Thugadh an ceud ionnsaidh air a' bhaile—An dà għunna Ceann-laidir agus Ardan—Għnathhaich na ceannardan reitheachan-cogaidh an aghaidh Geata-na-cluaise—Bha'n ionnsaidh neo-shoirbh-easach—Theich iad gu'n cairtealaibh għamhraidh—Għlacadh Beul-aithris, Gliocas-saogħalta, agus Innleachd-an-duine nain priousanaid, agus bha iad gu furasda air an aomadh gu għabha l-ann an seirbhis Dhiabolus—Thugadh caiseamachdan bhixxonta do dh'Anam-an-duine—Thoisich an Seanachaids ri labhairt—Bha goirt ann an Anam-an-duine—Thug na Ceannardan a rithist tri bärnaigidhean do'n bhaile—Thairg muinntir a' bhaile cumhachan—Cha b'urrainn na ceannardan eisdeachdriu—Thug As-creidimh freagradh a thaitinn ri Diabolus—Chuir Morair-na-tuigse agus Fear-na-coguis āllsgadħ air a' bhaile—Thainig moran aimhreit an lorg sin—Chuir Diabolus Morair-na-tuigse agus Fear-na-coguis ann am priosan—Thug na ceannardan an ath bhäirlinn—Dh-fħiarr Diabolus an cainnt-san chum cridheachan muinntir a' bhaile a' chruadhachadh—Chuir na ceannardan achanaich gu Saddai air son tuille còbħrach—Thaisbean Emanuel an achanaich—Għabb an Righ rithe le aoibhneas, agus chuir e a Mħac a chum Anam-an-duine a cheannsachadh—An gairdeachas a bh'anns a' chāmp air cluinni na naigheachid so—Chaidh Emanuel agus f'fleachd air an aghart—Cünntas mu'n fleachd, räinig iad Anam-an-duine.

A nis 'nuair a chuala na ceannardan freagradh nan uaibhreach, agus a chunnaic iad nach eisdeadh

seann luchd àiteachaidh a' bhaile riu, agus gu'n robh Anam-an-duine suidhichte air cogadh ri àrm, an Righ ; dh'ullaich siad iad féin a chum a chath. Air tús, rinn iad am feachd ni bu tréise an aghaidh Geata-na-cluaise ; oir bha fhios aca mar fhaigheadh iad esan a bhriseadh, nach b'urrainn iad buaidh air bith a thoirt air a' bhaile. 'San ath àite, chuir iad an còrr dhe'n fheachd 'nan ionadaibh sònraichte féin. An deigh sin thug iad am facial cath, eadhon, "Feumaidh sibh a bhi air bhur breith a ris."<sup>1</sup> An sin shéid iad an tràmbaid, agus thug muinntir a' bhaile freagradh le iolach an aghaidh iolaich, làmhach an aghaidh làmhach, agus mar sin thoisich an cath. A nis, shuidhich iadsan a bha 'sa bhaile da ghunna mhòr', air an tòr os ceann Geata-na-cluaise, b'e ainm an dara h-aon diubh Ardan, agus ainm an aon eile Ceann-laidir. Dh'earb iad mòran ris an dà ghunna so ; chaith an tilgeadh anns a' chaisteal le fear-leaghaidh Dhiaboluis, d'am b'ainm Séid-suas, agus bu chronail na h-àirm iad. Ach bha na ceannardan cho faiceallach, 's ged bha 'm peileirean air uairibh a' dol seachad air an cluasaibh le srànn, gidheadh cha d'rinn iad dochann sam bith orra. Leis an dà ghunna so, shaoil le muinntir a' bhaile gu'n deanadh iad an geata dhaingneachadh, agus gu'n cuireadh iad mòr bhruaidlean air càmpa Shaddai ; ach cha robh mòr aobhar aca uaill a dheanamh as na rinn iad do làmhach, mar a dh-fhaodar a thuigsinn bho na leanas.

Mar an ceudna, bha cuid a ghunnachan beag eile ann an Anam-an-duine, a ghnàthaich iad an aghaidh càmpa Shaddai.

Gidheadh le mòr thréubhantas, thilg iadsan a bha 'sa chàmpa air a' bhaile, agus air Geata-na-cluaise a cheart cho ealamh ri càch : oir chunnaic

---

<sup>1</sup> Feumaidh teagasc na h-ath-bhreith (Eoin iii. 3.) a bhi air a sparradh air muinntir. Tha daoine àrdanach agus ceann-laidir a' cur an aghaidh so, ach cha'n eil tairbh sam bith nan eas-aontachadh

iad mar b'urrainn doibh Geata-na-cluaise bhriseadh troimhe, nach biodh ann ach diomhanas am balladh a shlachdad. A nise thug ceannardan an Righ leo mòran croinn-thabhaill, agus a dhà no trì do reitheachan-slacaidh ;<sup>1</sup> uime sin, leis na croinn-thabhaill shlàchd iad na tighean agus muinntir a' bhaile, agus leis na reitheachan dh'fheuch iad ri Geata-na-cluaise bhristeadh troimhe.

Bha iomadh cărraid agus còmhrag cruaidh eadar an càmpa agus am baile, am feadh a thug na ceannardan le'n cuid innealaibh, caochla ionnsaidhean gaisgeil air an tùr a bha os ceann Geata-na-cluaise phosgladh, no bhristeadh sios agus dol a steach : ach a thaobh dian chorraich Dhiaboluis, cruadal Mhorair-na-toile, ceannardachd As-creidimh Morair-a'-bhaile, agus Dhi-chuimhnich-math an Seannachaidh, sheas Anam-an-duine a mach ro għramail, ionnas gu h-inbhe bhig, gu'n robh dragh agus cos-gas cogadh an t-sàmhraidh sin air a chàll, air taobh an Righ, agus a réir coltais, a' bhuaidh aig Anam-an-duine. Nuair a chunnaic na ceannardan mar bha chùis, tharruinn iad air an ais, agus dhaingnich siad iad féin 'nan cairtealan geamhraidh. Anns a' chogadh so, faodaidh sibh a smuaineachadh gu'n robh mòran càlla air gach taobh, agus ma's àill leibh gabhaibh an cùnnatas aithghearr so mu thimchioll.

Nuair a dh'fhàg ceannardan an Righ a' chìurt a chum dol a chogadh ri Anam-an-duine, thàrladh mar bha iad ag imeachd troi 'n dùthaich, gun thachair dhoibh amas air triuir òganach air an robh a rùn gabhail 'nan saighdearan ; a thaobh coltais bu daoine misneachail seòlta, agus gle eireachdail iad. B' iad an ainmean Beul-aithris, Gliocasaoghalta, agus Innleachd-an-duine.—Thainig iad a chum nan ceannardan, agus thairg iad an seirbhis do Shaddai. Dh'inns na ceannardan dhoibh ciod

<sup>1</sup> Binn agus cumhachd an fhacail.

an ghnoothach air an robh iad, agus dh'iarr iad orra gu'n bhi bräs 'nan tàrgse; ach dh'innis na daoine dhoibh gu'n smuainich iad air an ni cheana, agus air cluinntinn dhoibh gu'n robh iadsan air an astair, gu'n tainig iad an so a dh'aon obair gu'n còmhachadh, a chum gabhail nan saighdearan fo 'm Mòrachd-san. Uime sin, do bhrigh gu'n robh iad coltach ri daoinibh misneachail, ghabh an Ceannard Boanerges iad na 'chuideachd féin.

A nis ann an aon de na deabhaidhean bu chruaidhe, bhrùchd a' chuidheachd a bha fo riaghladh Mhorair-na-toile a mach air frith-gheatachaibh a' bhaile, agus bhual iad air deireadh cuideachd a Cheannaird Bhoanerges, direach far 'n do thachair do'n triuir dhaoine so bhi, agus ghlacadh nam priosanaich iad, agus ghiulanadh iad do'n bhaile; ach cha b'fhada bha iad ann am priosan, 'nuair a chaidh iomradh a mach air an triuir phriosanach chomharraichte a ghlac saighdearan Mhorair-na-toile; mu dheireadh rainig an sgéul so an caistéal gu Diabolus. Ghairm Diabolus air Morair-na-toile chum fios cinnteach fhaotainn mu'n chùis so, agus an sin chuir e air son nam priosanach. 'Nuair a thainig iad, dh'fhaighnidh e dhiu cò iad, cò as a thainig iad, agus ciod a bha iad a deanamh ann an càmpa Shaddai? Dh'innis iad dhà. An sin chuir e air an ais iad do'n phriosan. An ceann beagan laithean an deigh sin chuir e air an son a rithist, agus dh'fheòraich e dhiu am biodh iad toileach dol a chogadh leis-san an aghaidh nan ceannardan a bh'orra roimhe? Thuirt iad ris, nach robh iadsan idir ag earbsa uiread de 'm beathachadh o'n diadhachd, 'sa bha iad a réir 's mar chuireadh an sealbh air am manadh; agus do bhrigh gu'n robh esan toileach gabhail riu, gu'n robh iadsan toileach seirbhis a dheanamh dhà. A nise bha ceannard gle ghniomhach ann an Anam-an-duine d'am b'ainm Leam-leat, agus chuir Diabolus na daoine so a

dh'ionnsaidh a cheannaird sin, leis an litir so leanas a chum gu'n gabhadh e iad d'a chuideachd.

"M' ànnsachd, a Leam-leat, tha 'n triùir dhaoine bheir an litir so dhuit, iarratach air seirbhis a dheanamh dhomhsa anns a' chogadh, agus cha'n aithne dhomh a h-aon ris am fearr dhomh an earsba na riutsa ; uime sin, gabh riu na m' àinm-sa, agus cleachd iad an aghaidh Shaddai agus a shaighdearan, a réir 's mar bhois feum air. Slàn leat."

Mar sin thàinig iad, agus ghabh esan riu, agus rinn e dithis dhiu nam fo-cheannardan, ach rinn e 'fhear brataich de Innleach-an-duine.<sup>1</sup>

Mar an ceudna rinn iadsan a bha 'sa chàmpa cuid de dhochann air a' bhaile, oir chuir iad an tuthadh de thigh an nuadh Mhorair-a'-bhaile, agus mar sin dh'fhàg iad e ni bu ruisgte na bha e roimhe sin. Cha mhòr nach do mhàrbh iad Morair-na-toile le crànn-tabhaill, ach rinn e lùim air ath-bheothachadh a rithist. Rinn iad casgradh comharr-aichte am measg luchd-riaghlaidh a' bhaile, oir le aon urchair mhàrbh iad seathnar dhiu ; eadhon, Mionnan, Striopachas, Corruich, Seas-a-bhreug, Misg, agus Mealltaireachd. Mar an ceudna thilg iad sios an dà ghunna a bh'air an tùr os ceann Geata-na-cluaise, agus chuir iad 'nan luidhe anns an chlabar iad.<sup>2</sup>

Dh'innis mi dhuit cheana gu'n do tharruing ceannardan an Righ air an ais chum an cairtealan, geamhraidh, far 'n do dhaingnich 'siad iad féin, a chum 's gur ann a b'fhearr a bhiodh cothrom ac'

<sup>1</sup> Tha Béul aithris, Gliocas-saoghalta, agus Innleachd-an-duine air uairibh air an cleachdadh ann an aobhar na diadhachd, ach mar a ta iad annta féin cha'n eil féum san bith annta, uime sin tha iad gu furasda air an toirt a thaobh gu dol maille ris an namhad, agus tha iad aig an làn shaorsainn fo Cheannard Leam-leat.

<sup>2</sup> Tha 'm falach air a shearmonachadh gu minig a' toirt air aghaidh ath-leasachadh an leth muigh, ged nach eil an t-anaim gu h-iomlan air a cheannsachadh. Tha'n t-as-creideamh air a leigeadh ris, agus féin-thoil air a lagachadh. Tha peacannan follaiseach air an gearradh as, agus àrdan air a thilgeadh sios.

air dian chaismeachdan tràthail a thoirt do'n bhaile; agus leis an dòigh so a chleachd iad, chuir iad mòran trioblaid air a' bhaile. Oir a nise cha b'ùrrainn Anam-an-duine cadal cho neo-chùramach, no dol chum an cuid neo-gheamnuidheachd cho neo-sgàthach, 'sa dheanadh iad 's na h-àmaibh a chaidh seachad. Thugadh cho liugha caismeachd theinnteach, agus oillteil dhoibh o chàmpa Shaddai, seadh, caismeachd an deigh caismeachd, air tùs aig a' gheata so, an deigh sin aig a' gheata ud, agus a rithist aig na h-uile geata bh'air a bhaile còladh, air dhòigh 's gu'n do bhriseadh an t-sìth a bh'aca roimhe sin.<sup>1</sup> Thugadh na caismeachdan trice, so dhoibh an t-aon uair a b'fhaide 'n òidhche, a b'-ffhuair an t-side, agus bu ghnùtha an aimsir, ionnus nach do mhothaich Anam-an-duine riamh a leithid sin a gheamhradh. Air uairibh, shéideadh na tràm-baidean agus thilgeadh na croinn-thabhaill clachan a stigh do'n bhaile. Air uairibh, ruitheadh deich mile do shaighdearan an Rìgh timchioll ballachan Anam-an-duine mu mheadhon òidhche, a' deanamh iolach agus comhghair air son a chata. Air uairibh eile, bha cuid do mhuinntir a' bhaile air an leòn, agus chuir an acain agus an gearan muladach, cràiteach mòr uabhas air baile Anam-an-duine a bha nis' air fàs fànn. Bha'n còr cho ro thrioblaid-each 's gur dàna leam a' ràdh gu'n robh suaimhneas Dhiaboluis féin gu mòr air a bhristeadh 's na lath-aibh sin.

Anns na laithibh sin thòisich caochla smuaintean nuadh ri seilbh a' ghabhail air inntinnibh mhuinntir Anam-an-duine. Theireadh fear, cha'n urrainn duinne a bhi beò mar so: fhreagrachd fear eile cha'n fhada gus an teirig so: sheasadh an treas fear suas agus theireadh e, pilleamaid gu Rìgh Saddai, chum gu'n cuir sinn crioch air na h-amhgharaibh so uile;

<sup>1</sup> Tha sìth fheallsa air a cuir troimhe-cheile le féin-mhothach-aidhean.

an sin theireadh an ceathramh fear le fiamh, tha eagal orm nach gabh e ruinn. Mar an ceudna, thoisich an seann duine uasal a bha 'na Sheanachaidh,<sup>1</sup> mu'n do ghlac Diabolus Anam-an-duine, ri labhairt gu h-oscarra, agus bha fhacail do'n bhaile mar bhraghadhnan mòra tairneinich; cha robh fuaim sam bith cho grathail do dh'Anam-an-duine ri 'ghuth-san, maille ri tatar nan saighdearan, agus iolach nan ceannardan.

Thoisich gort anns a' bhaile.<sup>2</sup> Dh'imich na nithe air an robh mòr dhéidh anama uaithe. Lucas xv. 14, 15. Air uile nithe taitneach thainig seargadh, agus losgadh an àite maise. Dh'fhàs preasadhan agus ni-éigin do choltas sgàil a bhàis air luchd-aiteachaidh Anam-an-duine. Agus O cia cho aoibhneach 'sa bhiodh am baile air son sìth agus sàmhchair inntinn a mhealtainn a nise, ged bhiodh an còr cho neo-inbheach 'sa bh'anns an t-saoghal!

Os barr, chuir na ceannardan bairlinn ann an dùmhlachd a' gheamhraidh le tràmbaidear Bhoan-ergeis gu Anam-an-duine, e striochdadadh do'n Rìgh, an Rìgh Mòr Saddai. Chuir iad trì bairlinnean da ionnsaidh, gun fhios nach fhaodadh gu'm biodh am baile uair-éigin toileach air géilleadh, 'nam b'e 's gu'm faigheadh e cuireadh gu sin a dheanamh. Seadh, cho fad 'sa b'urrainn mi thuigsinn, bhiodh am baile air strìochdadadh dhoibh roimhe so, mar be nàimhdeas seann As-creidimh, agus neo-sheasmhachd beachd Mhorair-na-toile. A bhàrr air sin, thoisich Diabolus ri buaireadh, air dhòigh 's nach robh an t-iomlan do dh'Anam-an-duine fathast do bheachd strìochdadadh, uime sin, dh'fhuirich iad marbha iad air an sàrachadh fo na h-eagalaibh ioma-cheisteach so.

Chuireadh an tràmbaidear an toiseach, le briath-raibh sìthe, ag innseadh dhoibh gu'n robh truas aig ceannardaibh òirdheirc Shaddai ri truaighe Anam-

<sup>1</sup> Thoisich a chogus air dùsgadh.

<sup>2</sup> Thoisich toil-inntinn a pheacaidh ri sguir,

an-duine, a bha nis' a' dol a dhìth, agus gun robh iad fo thrioblaid a bhi 'ga 'm faicinn a' diùltach a bhi air an saoradh ; agus nam b'e 's gu'n irioslaich-eadh am baile e-féin, agus gu'm pilleadh iad fathast, gu'm biodh an ceannaire agus an ar-amach chomh-arraichte air am mathadh dhoibh le Saddai tròcair-each, seadh, agus air an dì-chuimhneachadh mar an ceudna. Agus air dha iarraidh orra 'n aire thoirt nach seasadh iad 'nan solus féin, le diùltadh a bhi air an saoradh ; phìll e air ais do'n chàmp.

An ath uair a chuireadh an tràmbaidear a mach, labhair e beagan ni bu ghairge riù. Oir dh'innis e dhoibh gu'n robh an sior cheannaire a' brosnach-adh nan ceannardan gu fearg, ionnas gu'n robh iad a' rùnachadh Anam-an-duine a' cheannsachadh no tuiteam fa chomhair ballachan a' bhaile.

Chuireadh e rithist an treas uair agus labhair e riù fathast ni bu ro ghàirge, ag innseadh dhoibh, a chionn gu'n robh iad co uabhasach ain-diadhaidh, nach robh fios aige-san, nach robh cinnteas sam bith aige, cò dhiu is tròcair no breitheanas a bh'air aire nan ceannardan ; ach a mhàin ars' esan, dh'àithn' iad dhomhsa bairlinn a thoirt dhuibhse na geatachan fhosgladh dhoibhsan, mar sin phìll e air ais do'n chàmp.

Chuir na trì bairlinnean so, agus gu h-àraig na dhà mu dheireadh, a leithid do bhruaidlean air a' bhaile, 's gu'n do ghàirm iad comhairle, aig na cho-dhuin iad, gu'n rachadh Morair-na-toile suas gu Geata-na-cluaise, agus le fuaim tràmbaid gu'n gair-meadh e air ceannardaibh a chàimp' air son fosaidh. Rinn e sin, agus thainig na ceannardan 'nan làn uidheam, gach fear le 'dheich mìle. An sin thubh-airt muinntir a' bhaile ris na ceannardaibh gu'n cuala iad am bàirlinnean, agus gu'n do smuainich iad orra, agus gu'n còrdadh iad riu-san agus r'an Rìgh Saddai, a réir cumhachan agus cùmhñantan àraig a bh'air an comharrachadh le Diabolus a thairsge

dhoibh. Eadhon, gu'n còrdadh iad a bhi 'nan aon sluagh riù-san.

1. Na'm b'e 's gu'n ceadaicheadh Saddai do Mhorair-a-bhaile, do Dhi-chuimhnich-math, agus do'n ghaisgeach Morair-na-toile, buanachadh 'nan uachdranan air a' chaisteal, agus air geatachaibh Anam-an-duine.

2. Air chumha nach bi neach sam bith a bha nis' ann an dreuchd aig an fhamhair mhòr Diabolus, air a thilgeadh a mach le Saddai a thigh, a àite-tàimh, no as an t-saorsa a bha e mealtainn ann am baile ionraiteach Anam-an-duine.

3. Air chumha gu'm bi e air a cheadachadh, gu'm mealadh luchd-àiteachaidh Anam-an-duine roinn àraig de'n càraichean agus de'n sochairean : eadhon, iad sin a sheilbhich iad roimhe, agus a mheal iad ùine mhòr fo rioghachadh Dhiabolus, esan a ta, a nis' o chionn fhada, 'na uachdaran agus 'na fheardiona dhoibh.

4. Air chumha nach bi uachdranachd aig lagh, no aig fear-dreuchd nuadh sam bith os an ceann, as éugmhais an roghainn agus an aonta féin.

'S iad so na taigseachan, no na cùmhantán air an dean sinne sìth ribhse ; agus air na cumhachan so, ars' iadsan, striochdaidh sinne do bhur Rìgh-sa.<sup>1</sup>

'Nuair a chuala na ceannardan taigse ànfhann agus neo-thuigseach muinntir Anam-an-duine, agus an iarrtasan ladarna agus mi-mhodhail, thug iad am freagradh a leanas dhoibh le Ceannard Boanerges.

"O! a luchd àiteachaidh Anam-an-duine,<sup>2</sup> 'nuair a chuala mi bhur tròmbaid a' shéirm sibh air son fòsaidh, gu firinneach, bha aoibhneas orm ; ach 'nuair a thubhaint sibh gu'n robh sibh toileach

<sup>1</sup> Bu mhiann le mòran gabhail ris an diadhachd, nam b'e 's gu'm faodadh iad leantainn ri 'n seann tograidhean agus ri 'n anamiannan, a tha' nan tighearnan os an ceann, ach tha iad a diultadh striochdadh gu saor.

<sup>2</sup> Tha na ministearan airan cràdh air son na mi-sheasmhachd so.

striochdadadh do ar Tighearn agus ar Rìgh-ne, an sin bha 'm aoibhneas ni bu ro mhò: gidheadh 'nuair a chuir sibh le bhur cumhachan faoin agus amaideach, ceap-tuislidh bhur 'n aingidheachd far comhair féin, an sin thionndaidh m' aoibhneas gu bròn, agus mo dhòchas gu eagal. Tha mi co-dhùnadadh gur e Drochtheagamh, seann àmhaid Anam-an-duine', a dheilbh na cùmhnan tan a tha sibh a' tairsge mar cumhachan còrdaidh; ach cha'n fhiù iad a bhi air an aithris ann an cluasaibh neach sam bith a tha gabhail air a bheag do spéis a bhi aige do Shaddai. 2 Tim. ii. 19. Uime sin tha sinne uile mar aon duine, le mòr ghràin a' diùltadh agus a' cur an aghaidh a leithid sin a nithe mar an aingidheachd is mò. Ach O Anam-an-duine! ma bheir sibhse sibh féin thairis do ar làmhaibh-ne, no mar is fearr a' ràdh do lamh-aibh ar Rìgh-ne, agus gu'n earb sibh ris-san a leithid a chumhachan a dheanamh ribh agus air 'ur son, 'sa chìtear math 'na shùilibh-san (agus is dàna leam a ràdh gu'm faic sibh gur iad sin na cumhachan is fearr air 'ur son-sa,) an sin gabhaidh sinne ribh; agus bithidh sinn ann an sìth ribh; gidheadh mar àillleibh sibh féin earbsa ri gàirdeanaibh Shaddai, ar Rìgh-ne, an sin tha cùisean mar a bha iad roimhe, agus is aithne dhuinne ciod a th'againn r'a dheanamh."

An sin ghlaodh seann As-creideamh, Morair-a-bhaile, agus thubhairt e, "Co a' mhuinntir, a mach a làimh an nàimhdean, mar tha sinne an dràst, a bhiodh cho amaideach 'san slachdan a chuir as an làimh fein ann an làimh neach nach eil fhios aca cò e? Air mo shon fein dheth, cha ghéill mi gu bràth do leithid sin a thairgse. An aithne dhuibhse gné agus nàdur an Rìgh-san?<sup>1</sup> Tha e air a' ràdh le cuid, gu'm bi fearg air r'a iochdranaibh, ma's e 's gu'n tachair dhoibh dol leud ròine as an rathad; agus

---

<sup>1</sup> Tha'n t-as creidimh a' toirt beachdan an-iochdmhor mu thim-chioll Dhé.

le cuid eile, gu'm bheil e 'g agairt dhiù mòran ni's mò na's urrainn doibh a dheanamh. Air an aobhair sin, O Anam-an-duine, bithibh glic agus thugaibh deagh aire ciod a ni sibh anns a' chùis so. Oir aon uair 's gu'n striochd sibh, cha leibh féin sibh tuilleadh, oir tha sibh 'g ar toirt féin thairis do neach eile ; uime sin, is e sibh féin a thoirt thairis do uachdranachd neo-chriochnaichte, an amaideachd is mò th'anns an t-saoghal : Oir gun amharus faodaidh sibh aithreachas a ghabhail, ach cha'n urrainn sibh ann an ceartas gearan gu bràth. Ach a' bheil fios cinnteach agaibh, co 'n ar measg a chuireas e gu bàs, agus cò agaibh a ghleidheas e beò ? No cò dhiu a ghearras e as no nach gearr na h-uile h-aon againn, agus sluagh ùr eile a chuir a dhùthaich féin, a chum am baile so àiteachadh ?

Mhìll an duan so a rinn Morair-a'-bhaile gach dòchas a bh'aca mu chòrdadh. Mar sin phill na ceannardan a chum an daoine agus am bùthan far an robh iad roimhe ; agus thionndaidh Mòrair-a'-bhaile' chum a Rìgh agus a chaisteil.

Dh'fheith Diabolus gus am pilleadh e ; agus 'nuair a thainig e gu seòmar an Rìgh, chuir Diabolus fàilt air agus thubhairt e, " Se do bheatha Mhorair ; cionnas a chaidh do na cùisean eadar ribh an diugh?" chròm As-creidimh e-féin agus rinn e ùmhachd 's dh'innis e 'n t-iomlan dhà, ni a chuir mòr aoibhneas air Diabolus a chluinntinn, agus thubhairt e, " Mo Mhorair-a'-bhaile, m'As-creidimh dileas, chomharraich mi do dhìlseachd còrr agus deich uairean cheana, agus cha d'fhuair mi riamh do chéilg. Tha mise gealltann dhuit, ma gheibh sinne 'n làmh an ùachdair air an iorguill so, gu'n àrdaich mise thu gu dréuchd urramach, dréuchd mòran na's fearr na bhi a' d' Mhorair-a'-bhaile air Anam-an-duine. Ni mi m' àrd fhear-gnothaich dhiot, agus bidh tu an t-ath dhuine dhomhsa a' t' hear-riaghlaidh air na h-uile chinnichibh ; seadh,

agus cuiridh tu cuibhrichean orra, chum 's nach cuir iad a' t' aghaidh, agus cha'n imich a h-aon de ar'n iochdarana nis mò aig saorsa, ach iadsan a bhios toileachimeachd ann a' d' gheimhlibh-sa."

An sin thainig Morair-a'-bhaile a mach o Dhia-bolus mar gu'm faigheadh e deagh-ghean da rireadh; mar sin chaidh e gu 'àite còmhnaidh le greadhnachas mòr, agus chuir e roimhe bhi beò an dochas math, gus am biodh e air àrdachadh gus a mhòrachd so.

Ged a chòrd Morair-a'-bhaile agus Diabolus mar so, gidheadh chuir an diùltadh so a thugadh do na ceannardaibh tréubhach Anam-an-duine thuige gu ceannaire. Oir am feadh a bha seann As-creideamh a' dol do'n chaisteal a' dheanamh comhghairdeachas maille r'a Thighearn air son mar thachair,<sup>1</sup> fhuair esan a bha 'na Mhorair-a'-bhaile mu'n tainig Diabolus a dh'ionnsaidh a' bhaile, eadhon, Morair-na-tuigse, agus an seann Seanachaidh Fear-na-coguis forfhiös ciod a thachair aig Geata-na-cluaise (oir cha do cheadaicheadh dhoibh féin a bhi làthair, air eagal gu'n deanadh iad ar-amach air taobh nan ceannardan), bha iad fo mhor iomagain mu thimchioll. Uime sin chruinnich iad cuid do mhuinntir a' bhaile an ceann a chéile, agus labhair iad riu mu thimchioll cia cho réusontach 'sa bha iarrtas nan ceannardan, agus an-t-olc a leanadh an lòrg an duain a rinn Morair-a'-bhaile seann As-creideamh; a thaobh a mhi-mhodh a thais-bean e 'na chainnt do na ceannardaibh agus do'n Rìgh; agus do bhrigh gun chuir e neo-dhillseachd agus slaightearachd ás an leth; oir ciod tuilleadh a b'urrainear a thuigsinn, o chainnt, 'nuair a thuirt e nach striochdadadh e do'n tairgse; agus os bàrr, thuirt e nach robh fios nach sgriosadh an Rìgh-san sinne, an deigh dhà teachdaireachd a chuir d' ar 'n ionnsaidh gu nochdadadh e tràcair dhuinn. Air do'n

---

1 Tha'n tuigse agus a choguis air toiseachadh ri dùsgadh gu féin-mhothachadh agus a' cur an anma ann am bruaidean.

t-sluagh a nis a bhi fiosrach mu'n olc a rinn seann As-creideamh, thòisich iad ri cruinneachadh ann an sràidibh Anam-an-duine, air tùs thoisich iad ri cànan, an sin ri labhairt gu follaiseach, agus an deigh sin ghlaodh iad. A cheannardan flath-mhaiseach Shaddai ! O nach ann a bha sinne fo uachdaranaachd nan ceannardan, agus Shaddai, an Rìgh ! 'Nuair a chuala As-creideamh gu'n robh am baile thar a chéile, thainig e nuas ann an cabhaig a chum an sluagh a chuir sàmhach, agus shaoil leis gu'n cuireadh a bhriathran atmhor agus a shealladh feargach nan tösd iad. Ach 'nuair a chunnaic iad e thainig iad 'nan ruith dha ionnsaidh, agus gun teagamh dheanadh iad crön air, mar b'e gun do theich e chum a thighe. Gidheadh thug iad ionnsaidh air an tigh anns an robh e a leagadh, ach bha e ro làidir. Mar sin, ghlac e beagan misniche, agus labhair e mach air uinneig air a mhodh so ris an t-sluagh. "A dhaoine uailse, ciod an t-aobhar mu'm bheil a leithid a bhuaireadh an so an diugh ?"

Tha arsa<sup>1</sup> Morair-na-tuigse agus e freagairt, "A chionn nach do ghiulan thusa agus do mhaighistir sibh féin cho cubhaidh 's bu chòir dhuibh, do cheannardaibh Shaddai ; oir tha sibh ciontach ann an trì nithibh. Air tùs, do bhrìgh nach ceadaicheadh sibh do Fhear-na-coguis agus dhomhsa bhur conaltradh a chluinntinn. 'S an dara h-àite, do bhrìgh gu'n do thàирг sibh cumhnantan sithe do na ceannardaibh nach b'urrainn a bhi air an deonachadh air chumha sam bith, mar biodh iadsan a' ciallachadh nach biodh Saddai ach a mhàin na Phrionns' a' thaobh ainme, agus gu'm biodh e ceadaichte do dh'Anam-an-duine a bhi beò an diomhanas agus ann an ain-diadhachd, agus mar sin gu'm biodh Diabolus fathast' na Rìgh da rìreadh, agus nach biodh aig Saddai ach a mhàin an t-àinm. 'S an treas àite, do bhrìgh an deigh do na ceannardan

1 Tha'n tuigse a' toirt freagrachd do as-creideamh.

a nochdadadh dhuinne ciod na cumhachan air an taisbeanadh iad tròcair dhuinn, gu'n do mhìll thus' an t-iomlan le do dhùan bhréun mhi-ionchuidh agus mhi-naomha."

'Nuair a chuala seann As-creidimh so, ghlaodh e mach, "Feall! feall!" O a chairdean dìleas Dhiaboluis ann an Anam-an-duine, glacaibh 'ur 'n àirm! glacaibh 'ur 'n àirm!"

**MORAIR-NA-TUIGSE.** "Faodaidh tu bhrìgh is àill leat a thoirt as mo bhriathran-sa, ach tha mise cìnnteach gu'n do thoill ceannardan a leithid do Thigh-earn agus a ta aca-san ni bu mhò mhèas fhaotainn uatsa."

**AS-CREIDEAMH.** "Cha'n eil so dad idir ni's fearr. Ach an ni tha mise 'g ràdh, tha mi 'ga ràdh as leth mo phrionnsa, as leth uachdaranaichd, agus a chum an t-sluaigh a chuir sàmhach a dhùisg thusa suas an diugh gu ceannairec 'nar 'n-aghaidh-ne, le do ghniomharaibh mi-dhligheach.

An sin fhreagair, an seann Seanachaидh, d'am b'ainm Fear-na-coguis, agus thuirt e, "Cha bu chòir dhuit a leithid sin a' ràdh mu thimchioll na thuirt Morair-na-tuigse, tha e dearbhte gu'n do labhair esan an fhirinn, agus gu bheil thus'a' d' nàmhad do dh'Anam-an-duine: seall ma ta an t-olc a rinn thu le d' chàinnt ladarna, mar chràdh thu na ceannardan, agus an càlldachd a rinn thu do'n bhaile leis a sin. Na'n gabhadh tu ris na cùmhantaibh, bhiodh fuaim na tràmbaid, agus caismeachd a' chogaidh air sgur roimhe so; ach th'am fuaim eagalach sin a' mairsinn, agus is e t'amaideachd-sa bu choireach ris a sin.

**AS-CREIDEAMH.** "Ma's a beò mise innsidh mi do Dhiabolus ciod a thubhairt thu, agus gheibh thu fios freagradh. Aig an dearbh àm seallamaid air son math a' bhaile, agus na iarramaid comhairle uatsa.'

**MORAIR-NA-TUIGSE.** "Cha dùthachasaich, ach

1 Tha'n t-anam agus peacadh an aghaidh a chéile.

coigrich thu-féin agus do phrionnsa do dh'Anam-an-duine. Agus cò is urrainn innse 'nuair a bheir sibh sinne gu teanndachdan ni's mò (agus a chì sibh nach urrainn duibh a bhi tearuinte ach le teicheadh,) nach fhàg sibh sinne agus nach dean sibh air 'ur son féin, air-neo ar cuir r'a theine agus falbh anns an deataich, no falbh le solus ar losgaidh-ne, agus ar fàgail mar sinn ann ar léir-sgrios."

AS-CREIDEAMH. "S cinnteach dhì-chuimhnich thu a bhi fo uachdaran, agus gu'm bu chòir dhuit a bhi dìblidh mar iochdaran; agus biodh fhios agad 'nuair a chluinneas mo thighearn an rìgh mu obair an là 'n diugh, nach toir e ach beag tàing dhuits' air son do chonaltraidh."

Am feadh a bha na daoine uaisle so a' trod mar so, cò thainig a nuas o bhalla chaibh agus o gheat-achaibh a' bhaile, ach Morair-na-toile, Claon-bhreith, seann Droch-theagamh, agus mòran de'n luchd-riaghlaidh ùr, agus dh'fhàighnich iad ciod a b'aobhar do'n troi'-chéile agus do'n àimhreit. An sin thoisich gach fear ri ur-sgeul féin innse, air dhòigh 's nach faoite ni sam bith a chluinntinn ceart. An sin dh'èithneadh dhoibh a bhi 'nan tosd, agus thoisich an seann sionach As-creideamh ri labhairt; "Mo Mhorair," ars' esan, "Tha dithis dhaoine uaisle frionasach an so, a rinn le'n droch ghné, agus mar tha eagal orm, troimh chomhairle fear d'an ainm Neo-thoilichte, a chuideachd so a chruinneachadh gu buaireasach a' m' aghaidhs' an diugh; agus mar an ceudna thug iad ionnsaidh air a' bhaile a' bhros-nachadh gu ceannairec an aghaidh ar prionnsa-ne." An sin dhaingnich na h-lfrinnich uile a bha'n làthair gu'n robh na nithe so fior.

'Nuair a chunnaic iadsan a sheas a chòir maille ri Morair-na-tuigse agus ri Fear-na-coguis gu'n robh iad coltach ris a' chuid bu mhiosa fhaotainn, thàinig iad gan cobhair, oir b'e 'n taobh eile bu treise; mar sin bha cuideachd mhòr air gach taobh.

B'aill leosan a bh'air taobh As-creideamh an dà sheànn duine uasal a chuir am priosan, ach cha leigeadh iadsan a bh'air an taobh eile leo. An sin mhol na h-Ifrinnich seann As-creideamh, Dì-chuimh-nich-math, an luchd riaghlaidh ùr, agus an t-àrd cheannard aca Diabolus; agus chliùthraig a chuid-eachd eile a cheart cho ealamh Saddai, na ceannard-an, a laghan, an trùachantachd, an dòighean, agus an ròidean. Bho bhriathraibh thainig iad gu bualadh bhuillean. Chaidh an deagh sheann duine uasal Fear-na-coguis a leagadh dà uair le h-aon do na h-Ifrinnich, d'am b'àinm Cion-mothachaидh. Agus theab Morair-na-tuigse a bhi air a mhàrbhadh le urchair daga, ach cha do chùimsich am fear a thilg air gu ceart. Ni mò a thearuinn an taobh eile gu h-iomlan; oir chuir Fear-na-h-inntinn, òglach Mhorair-na-toile, an eanchainn a' h-aon do na h-Ifrinnich, d'am b'ainm Bràs-cheann; agus cha b'urrainn mise gu'n ghàire dheanamh ri seann Chlaon-bhreith fhaicinn air a bhreabadh agus air a bhogadh anns a' phòll: beagan ùine roimhe sin rinneadh ceannard dhe air na h-Ifrinnich gu mòr chall agus chron do mhuinntir a' bhaile: ach fhuair iad e nise, fo'n cosaibh, agus bhris cuid do dhaoine Mhorair-na-tuigse a cheann. Bha 'n Ceannard Leam-leat na dhuine anabarrach tapaidh anns a chaonnaig, ach bha'n dà thaobh 'na aghaidh, a chionn nach robh e dìleas do thaobh sam bith: gidheadh choisinn a bheadaidheachd dha a h-aon do luiргean a bhriseadh, "agus mo chreach" ars' am fear a bhris i "nach e amhach a bh'ann." Chaidh mòran tuilleadh calla dheanamh air gach taobh; ach cha'n fhaodair so a dhì-chuimhneachadh, bha e 'na mhòr iongantas Morair-na-toile fhaicinn cho caoin-shuarrach 'sa bha e, cha do ghabh e pàirt an dàrna taobh ni's mò nan taobh eile, ach a mhàin chunnacas fiadh-gaire air ri bhi faicinn seann Chlaon-bhreith air a bhothadh air ais agus air aghart

anns a' phòll. Agus 'nuair a thàinig an Ceannard Leam-leat 'sa chribail 'na lathair, cha do ghabh e bheag do shùim dhe.

'Nuair a sguir an àimhreit so, chuir Diabolus air son Morair-na-tuigse agus Fear-na-coguis, agus chuir e ann am priosan iad le chéile, air son a bhi nan cinn-iùil air an tùasaid so.<sup>1</sup> Mar sin bha'm baile air sìtheachadh a rithist, agus bhuiteadh ris na priosanaich gu h-an-iochdmhor, oir shaoil le Diabolus an cur gu bàs, ach aig a' cheart àm, a thaobh gu'n robh cogadh 'nan uile gheatachaibh, agus cunnart air gach làimh, cha do mheasadh ionchuidh sin a dheanamh.

'Nuair a thàinig na ceannardan a chum a chàimp' a rithist, ghàirm iad comhairle chogaidh, gus an cuireadh iad an comhairle r'a chéile, ciod a dheanadh iad an deigh sin. Thubhaint cuid cuireamaid as do'n bhaile, ach bha mhòr chuid de'n bheachd gu'm b'fhearr bairlinn eile thoirt dhoibh gu geilleadh, do bhrìgh cho fhad 's bu léir dhoibhsan, gu'n robh Anam-an-duine nise ni bu deònaich air striochadh na bha iad roimhe sin. Oir ma bhuiteas sinn gu gàrbh riù, am feadh a ta cuid dhiù air an aomadh gu géilleadh, faodaidh e bhi gu'n cuir sinn iad ni's faide na bu mhath léinn bho chòrdadh ri ar cumhachaibh.

Dh'aontaich iad ris a' chomhairle so, agus ghàirm iad tràmbaidear, dh'innis iad dha ciod a theireadh e, dh'imich e air an teachdaireachd, agus ghuidh iad gu'n soirbhicheadh Dia leis; agus air dha teachd gu balla 'bhaile, chaidh e gu Geata-na-cluaise, agus shéirm e an sin mar chaidh àithneadh dha; air bàll thàinig iadsan a bha steach a mach a dh'fhaicinn ciod a bh'ann, agus labhair an tràmbaidear riu mar a leanas :—“O Anam-an-duine chruaidh-chridhich agus thruaigh! cia fad a ghràdhraigheas tu t'amaid-

<sup>1</sup> Cha toil le Sàtan tuigse air a sòillseachadh agus coguis air a h-ath-nuadhachadh; ged dh'fhaodas e 'n cumail ann an daorsa retamul, gidheadh cha'n urrainn e an sgrios.

eachd pheacach. An dean thu fathast tair air tairgseachaibh sìth agus saorsainn? Agus an diùlt thu fathast tairgseachan òirdheirc Shaddai? agus an earb thu ri bréugaibh agus agus ri céilg Dhiaboluis? Am bheil thu saoilsinn an uair a bheir Saddai buaidh ort, gu'n toir a bhi cuimhneachadh mar a tha thu 'ga' d' ghiùlain féin d'a thaobhsan sìth agus sòlas dhuit: no idir le do chàinnt mhòr-chùiseach gu'n cuir thu gealtachd air mar air an fhionnanfheòir? An ann a chionn gu bheil eagal air romhad a ta e 'ga d' thàladh? Am bheil thu 'm barail gur treas thu na esan? Amhaire air na neamhaibh agus feuch, agus faic mullach nan réull cia àrd a ta iad. An urrainn thusa stad a chuir air a' ghréin bho ruith a cùrsa, agus an toir thu air a ghealaich nach dealraich i? An urrainn thu aireamh nan réull innse, no an caisg thu searraga nan neimh? An urrainn duit àithne thoirt do uisgeachaibh na fairge, aghaidh na talmhuinn a chònhdachadh? An urrainn duit na h-uaibhrich isleachadh; agus an ceangail thu an aghaidhean an diomhaireachd? Gidheadh is iad so cuid do dh'obair ar Rìgh-ne, an tì a ta sinne a' teachd 'na àinm dha t'ionnsaidhs' air an là' n diugh, a chum gu'm biodh tu air do thoirt fo ùghdarras-san. Uime sin, tha mise, a' thoirt bàrlinn dhuibh a rithist, 'na àinm-san, sibh-féin a strìochdadadh d'a cheannardaibh-san."<sup>1</sup>

Aig an àm so bha muinntir Anam-an-duine ann an imcheist, agus cha robh fios aca ciod a theireadh iad; uime sin thaisbean Diabolus e-féin, agus ghabh e os-làimh freagradh a thoirt, agus labhair e mar so ri muinntir a' bhaile:—

“A dhaoine uaisle, ars' esan, m' iochdaranan dileas, ma tha 'na thuirt am maor so mu thimchioll mòrachd Shaddai ceart, bithidh sibh an còmhnaidh

<sup>1</sup> Féumaidh ministearan Dé buanachadh gu dùrachdach air a bhi cuireadh pheacach, gu gabhail ri tairgseachaibh tròcair agus maith-eanas ann an Criosd Iosa.

le eagal roimh-san air 'ur cumail ann an daorsa. Seadh, ma tha e cho grāthail leibh smuaineachadh air a leithid a neach cumhachdach,<sup>1</sup> am feadh 'sa ta e fad às uaibh? Smuainichibh ma ta, cionnas is urrainn duibh giùlan leis, ma thig e chòmhnaidh 'n 'ur measg? Cha'n ionann sin 's mar thachair dhomhsa bhur prionnsa-sa air an teid sibh cho dàna, 's gu'm faod sibh fearas-chuideachd a dheanamh dhiom mar do fhionnan feòir. Air an aobhair sin, thugaibh fainear, ciod is feumail dhuibh a dheanamh, agus cuimhnichibh na saorsainnean a dheònaich mise dhuibh. A bhàrr air sin, ma tha na h-uile ni a thuirt an duine so fior, cionnas a ta e tachairt gu bheil iochdaranan Shaddai nan tràillean cho mòr anns gach àite? Cha'n eil 'san t-saoghal cho mi-shona riu, cha'n eil dream 'san t-saoghal cho mòr air an sàrachadh riu. Thoir fainear, Anam-an-duine; b'fhearr leam gu'm robh sibhse cho duilich air son mise fhàgail, 's tha mis' air sibhs' fhàgail. Tha saorsainn agaibh, ma's aithne dhuibh a cleachdad: seadh, tha Rìgh agaibh mar an ceudna, ma's urrainn duibh a thaisbeanadh cionnas a bheir sibh gràdh agus ùmhachd dha.'

'Nuair a chuala Anam-an-duine a chàinnt so, chruadhaich iad fathast an cridheachan ni bu mhò an aghaidh cheannardan Shaddai. Chuir smuaineachadh air a naomhachd-san iad fo an-earbsa:<sup>2</sup> uime sin, an deigh beachd aithghearr a ghabhail mu'n chùis so, chuir cuideachd nan Ifrinneach, am freagradh so a leanas uapa leis an tròmباidear, eadhon, gu'n robh iad a rùnachadh gramachadh ri Diabolus, ach nach striochdad: iad gu bràth do Shaddai. Mar sin cha robh ann ach diomhanas bàirlinn tuilleadh a thoirt dhoibh, oir b'fhearr leo

<sup>1</sup> Tha Diabolus a feuchainn ri uabhas a' chuir orra le mòrachd Dhé.

<sup>2</sup> Tha Diabolus 'gan cuir ann an an-earbsa, agus iad a fàs ni's miosa agus ni's miosa.

bàsachadh na striochdad. Bha cùisean a nise coltach ri dol air an ais gu tür, agus gu'n robh am baile cho fad às 's nach cluinneadh iad ; gidheadh cha do chàill na ceannardan d'am b'aithne ciod a b'urrainn an Tighearn a dheanamh, am misneach. Uime sin, chuir iad bàirlinn eile d'an ionnsaidh ni bu ghéire agus ni bu ro bhagarraiche na bhàirlinn mu dheireadh, ach mar bu mhò ghuidh iad orra bhi réidh ri Saddai, 's ann a b'fhaide theich iadsan air falbh. Hos. xi. 2. 'Nuair a ghàirm iad orra, an sin dh'imich iadsan uatha, seadh, ged ghairm iad orra chum an Tì is ro Airde.

Mar sin sguir iad dhe bhi cur bairlinnean d'an ionnsaidh, agus thoisich iad ri smuaineachadh air dòigh eile chleachdad. <sup>1</sup> Chruinnich na ceannardan an ceann a chéile, chum gu'n smuainicheadh iad nam measg féin, ciod a dheanadh iad fathast gus am baile bhuannachd, agus a shaoradh, bho aintighearnas Dhiaboluis. An sin sheas Ceannard-féin-mhothachadh suas agus thubhairt e :—

“ Mo bhràithrean is i mo bharail-sa :

*'Sa cheud aite, gu'n tilg sinne gun sgur le ar croinn-thabhaill a stigh air a' bhaile, gus an cùm sinn iad fo ghnà eagal agus bhruaidlean a latha agus a dh'òidhche ; oir bacaidh so an ceannairc spioradail bho fhàs ni's treise. Oir tàlaidhear leòghann le gnàth shàrachadh.*

*'San dara aite, 'nuair a nithear so, comhairlich-eam gu'n dean sinne le aon aonta achanaich a chuir suas gu ar Tighearna Saddai, leis am feuch sinn do ar Righ còr Anam-an-duine, agus mar a tha gnothaichean a' dol, agus anns an iarr sinn mathanas air air son nach do shòirbhich leinn ni b'fhearr, mar an ceudna, guidhidh sinn gu dùrachdach air son cobhair bho 'Mhòrachd, agus gu'n deònaicheadh e d'a dheagh-ghean tuilleadh àrmait agus neirt a*

<sup>1</sup> Sgiur na ceannardan do bhàirlinn agus thoisich iad ri ùrnuigh.

chuir d'ar 'n ionnsaidh-ne, maille ri ceannard tréubach air an ceann, a chum 's nach càill a Mhòrachd toradh an deagh thoiseachaidh so, ach gu'n toir e buaidh iomlan air a' bhaile.

Dh'aontaich iad uile ris a' chomhairle so a thug an Ceannard urramach Féin-mhothachadh, agus shuidhich iad gu'n rachadh achanaich a chuir le cabhaig mhòir le duine iomchuidh gu Saddai. B'e so brigh na h-achanaich :—

“ A Righ ro-ghràsmhor, agus ghlòrmhoir, a, Thighearn an t-saoghail is feàrr, agus fhir-togail Anam-an-duine, àrd-uachdaran urramaich air t' aithne-sa chuir sinne ar beatha ann an cunnart. agus air t'iarrtas-sa rinn sinn cogadh ri baile iomraiteach Anam-an-duine. Nuair a chaidh sinne suas na aghaidh, a réir ar 'n ùghdarrais, an toiseach thairg sinn cumhachan sìthe. Mata xxii. 5. Gnàth. i. Sech. vii. 10—13. Ach a Rìgh mhòir, chuir iad an neo-bhrìgh ar comhairle, agus cha b'àill leo bheag do ar 'n achmhasan : dhùin iad an geatachan, mar sin chùm iad sinne a mach ás a' bhaile. Mar an ceudna, shuidhich iad an gunnachan, bhrùchd iad a mach, agus rinn iad gach càlldachd oirnne a bha 'nan comas ; ach lean sinne iad, le caismeachd an deigh caismeachd a' toirt dioladh comain dhoibh, agus rinn sinn ròinn chasgradh air a' bhaile.

“ Is iad Diabolus, As-creideamh, agus Morair-na-toile na curaidhean mòr a tha 'n ar 'n aghaidh, tha sinn a nis n' ar cairtealaibh geomhraidh, ach tha sinn fathast le làmh-laidir a' teannachadh agus a' sàrachadh a' bhaile.

“ Tha sinn a' smuaineachadh, nam biodh aon uair, aon charaid gramaill againn anns a' bhaile, a chùl-neartaicheadh fuaim ar bairlinnean mar bu chòir, gu'n striochdadh an sluagh ; ach cha robh a h-aon an sin ach nàimhdean, cha robh neach sam bith ann a labhradh as leth ar Tighearna ris a' bhaile ; uime sin, ged rinn sinne na b'urainn duinn,

gidheadh tha Anam-an-duine buanachadh ann an ceannaire a' t' aghaidh-sa.

"A nis, a Righ nan rìgh, deònaich mathanas dhuinne do sheirbhisich neo-bhuadach, a bha cho beag tàirbhe ann an obair cho ro ion-mhiannaichte, ri ceannsachadh Anam-an-duine: agus 'se ar 'n iarrtas a Thighearna, gun cuireadh tu tuilleadh àrmaitl chum a' bhaile, gu cheannsachadh; agus duine mar cheann-feadhna orra d'am bi gràdh aig a' bhaile agus roimh am bi eagal orra.

"Cha'n eil sinn a' labhairt mar so, mar gu'm bitheamaid deònach an cogadh a threigsinn, (oir b'fhearr leinn bàsachadh anns an àraich na sin a dheanamh, ach a chum gu'm bi Anam-an-duine air a bhuannachd do d' Mhòrachd. Mar an ceudna, tha sinn a' guidhe air do Mhòrachd gu'n dean thu cabhag anns a' chuis so, chum an deigh do'n bhaile bhi air a cheannsachadh, gu'm bi sinn aig saorsainn gu bhi coilionadh tuilleadh dhe do ruintean gràsmhor-sa. Amen."<sup>1</sup>

Chuireadh an achanaich so le cabhaig a chum an Rìgh, leis an deagh dhuine sin, Gràdh-do-dh'-Anam-an-duine.

'Nuair a ràinig an achanaich an lùchaint chaidh a toirt do Mhac an Rìgh.<sup>2</sup> Air dhàsan a gabhail léubh e i, agus a chionn gu'n do thaitinn a brìgh ris gu math, leasaich e i, agus mar an ceudna, chuir e rithe, ann an cuid a nithe. An deigh dhà a h-ath-leasachadh agus cuir rithe mar chunnaic e iomchuidh, ghiùlan e i chum an Rìgh, le 'làmh-aibh féin: agus air dhà ùmhlachd a dheanamh,

<sup>1</sup> Bu chòir do mhiniestarán Dhé amharc ri 'm Maighstear airson neirt chum cridheachan pheacach a cheannsachadh; bu chòir dhoibh a bhi 'g ûrnaigh air an son co math ri bhi searmonachadh dhoibh.

<sup>2</sup> 'Se Mac Dhe ar Fear-tagraidh maille ris an Athair, trid san tha slighe againn gu dol a steach chum an Athar, agus is ann a mhàin mar a ta ar 'n ûrnaighean air an tairgse suas 'na ainm-san a tha iad air an éisdeachd agus air am freagradh.

thug e seachad i, agus labhair e le ùghdarras às a leth.

'Nuair a chunnaic an Rìgh an achanaich, bha e aoibhneach, agus bha aoibhneas ni bu ro mhò air a chionn gu'n chuir a Mhac féin aonta rithe. Mar an ceudna bu taitneach leis a chluinntinn gu'n robh a luchd-muinntir a bha air càmpachadh an aghaidh Anam-an-duine, cho misneachail anns a' ghniomh, agus cho seasmhach 'nan rùintibh, agus gu'n d'fhuair iad cheana beagan buaidh air a' bhaile iomraiteach sin.

Uime sin ghairm an Righ Emanuel a Mhac dha ionnsaidh ; agus fhreagar esan, "Tha mi 'n so, Athair." An sin thubhairt an Rìgh, "Tha fhios agad féin, cho math 'sa th' agamsa air còr baile Anam-an-duine, mar an ceudna, tha fhios agad ciod a rùnaich sinn da thaobh, agus ciod a rinn thusa chum a shaoradh. Uime sin, a Mhic thig a nis, agus ullaich thu féin air son a chogaidh so, oir théid thu gu m' champa-sa tha fa chomhair a' bhaile. Mar an ceudna sòirbhichidh leat, an sin, oir bheir thu buaidh, agus ceannsaichidh tu Anam-an-duine."

An sin fhreagair Mac an Rìgh, "Tha do lagh an taobh a stigh do m' chridhe : is e mo thlachd do thoil a dheanamh," Eabh. x. 7—9.<sup>1</sup> 'Se so an latha as an robh fadachd ormsa, agus an obair ris an dh'fheith mi cho fada. Uime sin deònaich dhomhsa uiread a dh'àrmaitl 'sa chì thu iomchuidh ann ad ghliocas, agus théid mi, agus saoraidh mi Anam-an-duine do bhaile-sa tha dol a dhìth, o Dhiabolus agus o 'chumhachd. Is tric a bha mo chridhe air a chràdh an taobh stigh dhiom air son a' bhaile thruaigh so, Anam-an-duine ; ach a nise tha gàirdeachas air, a nise tha e subhach ; agus leis a sin a' ràdh déum e thairis air na beanntaibh le aoibhneas, agus thuirt e, cha do mheas mi nam' chridhe ni sam bith tuilleadh a's daor air son Anam-

<sup>1</sup> Am Mac ullamh gu toil an Athar a choilionadh. Salm xl. 7, 8. ; Eabh. x. 7—8.

an-duine; air do shonsa Anam-an-duine; tha latha 'n dioghaltais ann am chridhe; agus is aoibhneach mi, Athair, gu'n d'rinn thusa mise 'nam cheannard an slàinte-san. Eabh. ii. 10. Toisichidh mi a nis ri iadsan a shàrachadh a bha 'nam plàighean do mo bhaile Anam-an-duine, agus saoraidh mi e bho'n làmhaibh-san."

'Nuair a thuirt Mac an Rìgh so r'a Athair, air bàll shiubhail an naigheachd mar dhealanach air feadh na cùirte; agus 'se a b'aona chainnt dhoibh ciod a bha Emanuel gu dheanamh air son baile iomraideach Anam-an-duine? Cha'n urrainn thu a smuaineachadh cho mor sa bha'n luchd-frith-ealaidh air an lionadh le aoibhneas leis an ni so bh'ann an rùn a Phrionnsa. Seadh, bha iad cho mòr air an lionadh leis an obair so, agus le iom-chuidheachd a chogaidh, 's gu'n do mhiannaich na morairean a b'urramaiche agus na h-àrd-uaislean a b'inbhich' a bh'anns an rioghachd ùghdarras fhaot-uinn fo Emanuel, gu còmhnhadh a dheanamh ann an toirt baile truagh Anam-an-duine air ais a rithist gu Saddai.

An sin chaidh a cho' dhùnadh gu'n rachadh cuid-eiginn le naigheachd a chum a' chàimp', a dh'inn-seadh, gu'n robh Emanuel a' teachd a dh'ath-aiseag Anam-an-duine, agus gu'n robh e gu àrmaitl cho cumhachdachd a thoirt leis 's nach b'urrainn daibh cuir 'na aghaidh. O! cia ealamh 'sa bha luchd àiteachaidh nan neimh gu ruith le luaths a chum an naigheachd so a' ghiùlan chum a chàmp' a bh'aig Anam-an-duine! 'Nuair a thuig na ceannardan nach e mhàin gu'n robh an Rìgh gu Emanuel a Mhac a chur uaithe, ach mar an ceudna gu'n robh e 'na mhòr thlachd leis a Mhac féin a dhol air an teachdaireachd so le Saddai mòr 'Athair, chum an aoibhneis a thaisbeanadh thug iad a leithid a dh'iolach asda 's gu'n do réub an talamh le 'fuaim: seadh, thug mac-talla nam beann freagradh, agus chriothnaich agus chrathadh Diabolus féin.

Ged nach do chuir an naigheachd so a bheag sam' bith a dh'iomagain, air baile Anam-an-duine, oir mo thruaighe, bha iad cho mor air mhi-chéill, gu-sonraichte le'n ana-measarrachd agus le'n ana-miannaibh, gidheadh bha Diabolus an uachdaran fo mhòr iomagain, oir bha 'chuid luchd-coimhidh an còmhnuidh a mach aige-san, a thug fios d'a ionnsaidh mu na h-uile nithe, agus dh'innis iad dha ciod a bha iad a' deanamh aig a' chùirt, agus gu'n tigeadh Emanuel gun teagamh gu h-aithghearr le àrmait a chum ionnsaidh a thoirt air-san. Cha robh uiread a dh'eagal air Diabolus á h-aon sam' bith eile 'sa bheir roimh 'n Phrionnsa so. Oir ma tha cuimhne agad, dh'innis mi dhuit cheana gu'n do mhothaich Diabolus cudthrom a làimhe roimhe so ; air chòr's gu'n robh an tuilleadh eagail air, do bhrìgh gur esan a bha gu teachd 'na aghaidh. Dh'innis mi dhuit gu'n do ghabh Mac an Rìgh os làimh teachd o'n chùirt a chum Anam-an-duine a thearnadh, agus gu'n d'rinn 'Athair ceannard àrmait-san dheth ; air do'n àm teachd, ghabh e a thuras, agus thug e leis cùig ceannardan urramach le'm feachdaibh.

1. B'e Creideamh òirdheirc an ceud Cheannard : b'e Gealladh a b'fhear-brataich dha : ghiùlan esan a bhratach dhearg ; agus 'se bu shuaicheantas dha, an t-Uan Naomh' agus sgiath òir. Eoin i. 29. ; Ephes. vi. 16.

2. B'e Deagh-dhòchas urramach an dara Ceannard : b'e Earbsa a b'fhear-brataich dhasan ; ghiùlan esan a bhratach ghòrm, agus 'se bu shuaicheantas dha trì acraichean òir, Eabh. vi. 16.

3. B'e Gràdh treun an treas Ceannard : b'e Trùacantas a b'fhear-brataich dhasan ; ghiùlan esan a bhratach uaine ; agus 'se bu shuaicheantas dha triùir dhilleachdanan lomnochd air an gabhail 'na uchd. 1 Cor. xiii.

4. B'e Neo-chiontas neo-sgàthach an ceathramh

Ceannard : b'e Neo-lochdach a b'fhear-brataich dhasan : ghiùlan esan a' bhratach gheal ; agus 'se bu shuaicheantas dha trì chalmannan òir, Mata x. 16.

5. B'e Foighidinn ionmhuiinn fhior rioghail an cùigeamh Ceannard : b'e Fad-fhulangas a b'fhear-brataich dhasan ! ghiùlan esan a' bhratach dhubb : agus 'se bu shuaicheantas dha, trì saighdean troimh chridhe òir.<sup>1</sup>

B'iad so ceannardan Emanueil ; b'iad so am fir-bhrataichean, am brataichean, agus an suaicheantan-sasan, agus bha deich mìle fear aig gach aon diuhb fòpa, (Eabh. vi. 12.) B'e an Ceannard Creidimh a threòraich am feachd, agus b'e an Ceannard Foighidinn bu cheann-iùil do dheireadh na h-àrmaitl. B'iad an triùir eile le'n cuid daoine tròmlach an àirm ; agus bha'm Prionnsa féin a' siubhal 'na charbad air an ceann.

'Nuair a thoisich iad airimeachd, shéid na tròmb-aidean, dhealraich an àrmachd, agus bha na brataichean a' luasgadh anns a' ghaoth. Bha'n t-iomlan do dh'àrmachd a' Phrionnsa do'n òr, agus shoillsich e mar a' ghrian anns na spéuraibh. B'àrmachd dhearbht' àrmachd nan ceannardan, agus bha iad coltach ri na réulltaibh loinnreach. Mar an ceudna, thàinig cuid mar shaighdearan<sup>2</sup> dhe'n saor thoil féin bho 'n chùirt a thaobh a ghràidh a bh'aca do'n Rìgh Saddai, agus do shaoradh baile Anam-an-duine.

Air àithne 'Athair thug Emanuel leis<sup>3</sup> dà fhich-ead 'sa ceithir deug do reitheachan-cogaidh,<sup>4</sup> agus dà chrànn-tabhaill déug gu clachan a thilgeadh leo : rinneadh gach aon diu so de dh'òr fiorghlan, agus ghiùlan iad leo iad so ann an cridhe agus ann

1 'Nuair a tha'n Slanaighear a' cathachadh an aghaidh an dia-bhoil, tha e-féin a' teachd le creideamh, dòchas, gràdh, neo-chiontas, agus foighidinn 'na chuideachd ; agusa stiùradh a' chogaidh.—Faic Salm xlv. 4.—2 Na h-ainglean.—3 Tha tri fichead leabhair agus a sea anns a' Bhioball Naomh, a ta cumhachdach tre Dhia gu diangnichean laidir an Diabhoil a leagadh.—4 Shlacanan-bristidh-bhalachan.

an teis-meadhon am feachd air an turas gu Anam-an-duine.

Mar sin chaidh iad air an aghaidh gus an tainig iad mar ùidhe thrì mìle do'n bhaile, agus stad iad an sin gus an tainig a' chéud cheathrar cheannardan gu Emanuel. An sin thainig iad gu Anam-an-duine, agus an uair a chunnaic na seann saighdearan a bha 'sa chàmpa gu'n tainig armait as ùr g'an còmhnad, thug iad a leithid a dh'iolach fa chòmhair ballachan a' bhaile, 's gu'n chuir e an ath eagal air Diabolus. Mar sin chàmpaich iad fa chomhair a' bhaile, ach cha' b' ann mar a rinn an ceathrar cheannardan eile iad fèin a shuidheachadh a rinn iadsan, a mhàin an aghaidh gheatachan Anam-an-duine, ach chuartaich iad e air gach taobh, agus theannaich iad e air a chulthaobh agus air a bheulthaobh, ionnus ge b'e taobh a shealladh Anam-an-duin' a nis', chitheadh e àrmait chumhachdach a' cur séisd ris. A thuilleadh air so, thilgeadh torran suas 'na aghaidh, bha Tòrr-a'-Ghràis air an darna taobh, agus Tòrr-a-Cheatais air an taobh eile. A bhàrr orra sin, bha caochladh bruachan beaga, agus enuic ann, mar a ta Cnoc-na-glan-fhìrinn, agus Brùachan-gun-pheaceadh, far an robh, mòran dhe na croinn-thabhaill air an suidheachadh an aghaidh a bhaile : chaidh ceithir dhiubh a shuidheachadh air Tòrr-a-Ghràis, agus uiread eile air Tòrr-a-Cheatais ; agus chaidh a chuid eile dhiu a shuidheachadh anns na h-àitibh bu fhreagarraich mu'n cuairt do'n bhaile, Chaidh cùig dhe na reitheachan-cogaidh a b'fhearr, 'se sin ri ràdh, dhiu-san bu mhò, a shuidheachadh air Tòrr-na-Claisdeachd, tòrr a chaidh a thogail dlù do Gheata-na-cluaise, a chum a' bhriseadh agus fhosgladh.<sup>1</sup>

<sup>1</sup> Feumaidh Dia an Spioraid Siorruidh, a chluais a dh'ëisdeas a thoirt mu'n comasach caochla tearnaidh sam bith a bhi air oibreachadh air an anam. Féumaidh am peacach a bhi air a thoirt gu ëisdeachd ri guth Dhé, mar a ta e air fhoillseachadh 'na fhacal ; an sin thig e gu bhi mothachail dhe chòr callte, agus teichidh e gu Criod air son mathanais agus sith.



A BHRATACH BHAN AIR A TOGAIL AIR TORR-A-'GHRAS.

### CAIBIDIL V.

Thug Emanuel cuireadh do dh'Anam-an-duine striochdadadh, sgaoil e mach a bhratach bhàn le a calmainibh òir air tòis, an sin a bhratach dhearg, agus, mu dheireadh, a bhratach dhuh—A theachdaireachd—Sheòl muinntir a' bhaile e gu Diabolus air son fios freagradh—Chuir Diabolus a choire as an leth-san—Dh'ullaich Emanuel gu ionnsaigh a thoirt air a' bhaile—Chuir Diabolus Rag-air-géilleadh le cumhachaibh sithe—Dhiult Emanuel iad—Thug na Ceannardan, eadhon, Boanerges agus Féin-mhothachadh ionnsaigh air Geata-na-cluaise, ach chuireadh an teicheadh orra—Mar an ceudna thug an Ceannard Deagh-dhòchas, agus an Ceannard Gràdh ionnsaigh air Geata-na-sùla—Chaidh iomadh Ifrinn-each a mhàrbhadh—Chaidh a bhratach bhàn a sgaoileadh a mach a rithist—Thairg Diabolus a bhi na shear-ionaid fo Emanuel, agus am baile ath-leasachadh—Chuir Emanuel an céill gu'n tilgeadh e mach e—Air do Dhiabolus fhaicinn gu'm féumadh e bhi air a cheannsachadh, dh'òrdaich e d'a chuid ceannardan na h-uile olc a bha 'nan comas a sheanamh do dh'Anam-an-duine—Chaidh an ionnsaigh a thoirt—Bhriseadh agus dh'fhosgladh Geata-na-cluaise—Ghabh an triùir Ceannardan so, eadhon, Boanerges, Féin-mhothachadh, agus Breitheanas seilbh air tigh Fhir-na-coguis—Mhàrbhadh Claon-bhreth, Droch-theagamh, agus Ifrinnich eile—Chuir muinntir a' bhaile achanaich a dh'ionnsaigh Emanuel—Cha tug e freagradh—Bhriseadh agus dh'fhosgladh an Caisteal—Dh'inntrig Emanuel a steach do'n bhaile le greadhnachas, agus chaidh e do'n chaisteil—Chuireadh Diabolus ann am priosan, agus thilgeadh a mach as a' bhaile e—Phill Emanuel do'n càmp.

'Nuair a chunnaic baile Anam-an-duine a' bhuidh-ean mhòr shàighdearan a thàinig 'na aghaidh, agus

na reitheachan-cogaidh agus na croinn-thabhaill a thug iad leo, agus na torran air an robh iad air an suidheachadh; maille ri dealradh an àrmachd; agus luasgadh am brataichean, chuir so thuige iad gu'm beachdan atharrachadh caochla uairean; ach cha b'ann ni bu tréubhaiche a dh'fhàs iad, ach ni bu ghealtaiche. Oir ged bha iad roimhe so de'n bharail a bhi tearuinte gu leòir, gidheadh thoisich iad a nise ri smuaineachadh nach b'urrainn neach sam bith innse ciod a thàrladh dhoibh.

'Nuair a chuitaich an deagh Phrionnsa Emanuel am baile, 'sa cheud àite, dh'àithn e a bhratach bhàn a bhi air a togail suas a' measg nan crann-thabhaill òir a bh'air an suidheachadh air Tòrr-a'-Ghràis. Bha dà aobhar aig air son so a dheanamh: 1. A leigeadh ris do dh'Anam-an-duine gun robh e comasach agus deònach air tràcraig a thaisbeanadh fathast, nam pilleadh iad ris. 2. A chum nam b'e 's gu'm buanaicheadh iad 'nan ceannairec, gur ann bu lugha bhiodh do leithsgeul aca nan sgriosadh se iad.

Mar sin, chaidh a bhratach bhàn le' trì chalmain-ibh òir a sgaoileadh a mach ré dhà latha, a chum ùine agus cothrom a thoirt dhoibh gu smuaineachadh. Ach dh'fhan iadsan cho beag ùmhail 's ged nach biodh gnothach aca ris, agus cha tug iad freagradh sam bith do rabhadh càirdeil a Phrionnsa.

An sin dh'àithn e dhoibh bratach dhearg a Cheannard Breathanais, d'am bu shuaicheantas an àmhuinn théintéach Loisgeach, a thogail suas air Tòrr-a'-Cheartais: Bha i so a' luasgadh 'sa ghaoith fa'n comhair ré iomadh latha; ach cha tug a bhratach dhearg ni's mò do chaochladh orra, na thug a bhratach bhàn.

Dh'àithn Emanuel a rithist gu'n sgaoileadh a sheirbhisich a mach bratach dhubb an dùlain nan aghaidh, d'am bu shuaicheantas tri peileirean Loisgeach tairneanaich. Ach bha Anam-an-duine cho caoin-shuarrach uimpe so, 'sa bha iad umpa-san a

chuireadh suas roimhe sin. 'Nuair a chunnaic am Prionnsa nach druigheadh aon chuid tròcair, na breitheanas, na cuir an gniomh breitheanas, air cridhe Anam-an-duine, bha e ro bhrònach, agus thubhairt e, "Scinnteach's ann bho'n aineolas air cleachdaidhibh cogaidh, a tha 'm baile 'gan ghiùlain féin cho neònach so, agus cha'n ann bho dhùlan uaigneach air bith a tha iad a' toirt dhuinne, no bho chaoin-shuarachas mu'm beatha. Theagamh gu bheil iad eòlach air an dòighibh cogaidh féin, ged dh'fhaod iad a bhi aineolach air an rathad air an gnà leamsa cogadh a dheanamh ri m' nàmhaid Diabolus."<sup>1</sup>

Uime sin, chuir e teachdaireachd a dh'ionnsaidh Anam-an-duin' a dh'innse dhoibh ciod a bha e a' ciallachadh leis na comharraidhibh ud agus le bhi sior sgaoileadh a mach nam brataichean, agus mar an ceudna chum gu'm biodh fios aige co dhiù a ròghnaicheadh iad gràs agus tròcair, na breitheanas, agus cuir an gniomh breitheanas.

Ré na h-ùine so uile chum iad na geatachan dùinte cho daingean 'sa b'urrainn doibh le glasaibh, le clòidheanaibh, agus le crannaibh. Mar an ceudna, dhùbail iad am freiceadanan, agus bha'n luchd-faire cho furachail 'sa bha 'nan innleachd. Os bàrr thog Diabolus a mhisneach agus chleachd e uile chùmhachd chum am baile bhrosnachadh gu còmhstù 'nan aghaidh.

Thug muinntir a' bhaile am freagradh so a lean-as do theachdair a Phrionnsa :

"Le cead do mhòrachd, a thaobh nan nithe bha thu a' fiosrachadh dhinne le do theachdaire, eadhon, co dhiù a ghabhas sinn ri do thròcair, no thuiteas sinn le do cheartas, tha sinne ceangailte le lagh agus le gnàth an àite so, agus cha'n urrainn duinn freagradh cinnteach sam bith a thoirt dhuit.<sup>2</sup> Oir

<sup>1</sup> Cha'n ann mar ni an saoghal cogadh a tha Criosda'ga dheanamh.

<sup>2</sup> Cha'n eil togradh cridhe 'n duine 'na staid neo-iompaichte air

tha e an aghaidh lagh, uachdranachd, agus còirdhligheach rioghal ar Rìgh-ne, aon chuid sìth no cogadh a' dheanamh as éugmhais-san. Ach ni sinn so, guidhidh sinn air 'ur prionnsa a theachd a chum a' bhalla, agus freagradh a thoirt dhuit an sin mar chì e iomchuidh agus feumail air ar son-ne."

'Nuair a chual' an deagh Phrionnsa Emanuel am freagradh so, agus a chunnaic e tràilleachd agus daorsa an t-sluaigh, agus cia toileach 'sa bha iad air fantuinn ann an slàbhraibhibh an aintighearna Dhiaboluis, chuir so doilgheas air a chridhe.<sup>1</sup> Agus, an uair a thug e fainear gu'm b'urrainn neach air bith a bheatha chaitheamh gu toileach fo thràilleachd an fhamhair sin, bha cràdh air.

An deigh do mhuinntir a' bhaile innse do Dhíabolus gu'n robh am Prionns' a' feitheamh orra air son freagradh; dhiùlt esan freagradh a thoirt dhà, agus ged a chùm e air cho math 'sa b'urrainn da, gidheadh bha 'chridhe air crith le eagal.<sup>2</sup>

An deigh sin, thubhairt e, "théid mi féin sios a chum a' gheata, agus bheir mi dha am freagradh a chì mi iomchuidh;" mar sin chaidh e sios gu Geat'-a-bheòil, agus labhair e ri Emanuel mar a leanas, gidheadh ann an cainnt nach tuigeadh am baile:

"O thusa Emanuel mhòir, a Thighearn an t-saoghal uile, is àithne dhomh thu, is tusa Mac Shaddai mhòir! C'arson a thàinig tu ga mo phianadh, agus ga mo thilgeadh a mach à mo shéilbh? 1. Is math a ta fios agad, gu'm buin am baile so Anam-an-duine dhomhsa, a thaobh còir bhuaidh; choisinn mi e le làn chothrom. Agus an toirear a chreach o'n fhear laidir, no an leigear

son gabhail ri tràcair, ni mò tha eagal air roi' bhagraidhean breith-eanais (faic Rom. ii. 4, 5.) ach tha e air a thoirt am braighdeanas le Sàtan a réir a thoile.

1 Tha Criost air a chràdh air son amaideachd Anam-an-duine.

2 Tha eagal air Sàtan 'nuair a thòisicheas an t-anam ri eisdeachd ri Criost.

a' chobhartach dhligheach as? 2. Mar an ceudna, is leam am baile so Anam-an-duin' a thaobh aomadh an toil féin. Dh'fhosgail iad geatachan am baile dhomh, mhionnaich iad a bhi dileas dhomh, agus dh'aidich iad gu follaiseach gu'm bu mhis' an righ. A bhàrr air sin thug iad dhomh an caisteal aca; seadh, chuir iad an t-iomlan do neart Anam-an-duine fo'm cheannsal-sa.

Os barr, dhiùlt am baile so Anam-an-duine thusa: thilg iad do lagh, t'ainm, t'iomhaigh, agus na h-uile ni is leatsa, air an cùlthaobh; agus 'nan àite sin ghabh iad mo lagh-sa, m' àinm-sa m' iomhaigh-sa, agus na h-uile ni a bhuiteas dhomh-sa.<sup>1</sup> Feòraich ri d' cheannardaibh féin, agus inn-sidh iad dhuit gu'n do thaisbean Anam-an-duine, gràdh agus rioghalachd dhomhsa, anns na h-uile freagradh a thug iad d'am bhairlinnean; ach nochd iad an còmhnaidh suarrachas, dimeas, agus tàir dhuitsa agus do na bhuiteadh dhuit. A nise, thusa neach is tu an t-Aon chothromach agus naomha, (agus dha nach bu chòir aingidheachd a dheanamh) imich ma ta guidheam ort, uamsa, agus fàg mi gu siochail ann an sèilbh mo chòrach dligheach."

Labhradh an duan so ann an cainnt Dhiaboluis féin. Oir ged is urrainn e labhairt ris na h-uile dhaoine 'nan cainnt féin (air neo cha bhiodh e 'na chomas am buaireadh mar tha e deanamh), gidheadh tha cainnt shònraighe aige dha féin, agus is i sin cainnt an t-slùic ifrinneil no'n dubh-aigein.

Uime sin, cha do thuig Anam-an-duine e, ni mò chunnaic iad mar a bha e crupadh agus a' cromadh aìn feadh 'sa sheas e fa-chomhair Emanueil am Prionnsa-san.

Ré na h-ùine so uile, mheas iadsan gu'n robh e cho laidir agus cho cùmhachdach 's nach b'urrainn iad cuir 'na aghaidh air sheòl sam bith. Uime sin,

<sup>1</sup> Tha Sàtan air tùs am mealladh gu peacachadh, agus an sin a' tionndadh gu bhi na fhear-casaid.

am feadh 'sa bha e 'g achanaich mar so, gu'm biodh e air a cheadachadh dha fantainn anns a' bhaile, agus nach tugadh Emanuel uaithe e a dh'aindeooin, rinn an luchd-àiteachaidh uaill as a thréubhantas, ag ràdh, "Cò tha comasach air cogadh ris?"

'Nuair a chuir Diabolus crioch air na bh'aige ri ràdh, labhair Emanuel am Prionnsa òirdheirc:

"A mhealltair a tha thu ann, tha nì-éigin agam ri ràdh riut, ann an àinm m'Athar, 'na m' ainm féin, agus as leth, agus air son math a' bhaile thruaigh so Anam-an-duine. Tha thus' a' gabhail ort gu bheil còir dhligheach agad air a' bhaile thruagh so, 'nuair a ta e ro shoilleir do dh' uile chùirt m'Athar-san gur ann le do bhreugaibh agus le do mhealltaireachd a fhuair thu steach mar a fhuair thu air a' gheatachaibh; chuir thu bréusan as leth m'Athar agus as leth a lagha, agus mar sin mheall thu muinntir a' bhaile. Tha thus' a' gabhail ort gu'n do ghabh an sluagh riut mar an righ, mar an ceannard, agus mar an tighearna, 's ann troi' fhòill agus chéilg a thachair sin mar an ceudna. A nise, ma's e's gu'n gabhar ri bréug-aibh, ri seòltachd pheacach, agus ris gach uile ghné chealgaireachd uabhasach, ann an cuirt m'Athar-san ('s ann 'na chùirt-san a dh'fheumas breth a bhi air a toirt ortsa,) ma ghabhar riu sin air son cothrom agus ceartas, an sin ceadaichidh mise gur leatsa Anam-an-duine le còir-bhuaidh. Ach cò an gadaich, cò an t-aintighearna? cò an diabhol a tha'n sin nach fhaodadh bùadhachadh mar a rinn thusa? 'S urrainn mise a' dhearbhadh, O Dhiaboluis, nach 'eil lideadh do'n fhìrinn anns na bheil thus' a' gabhail ort mu thimchioll na buaidh a thug thu air Anam-an-duine. Am bheil thu saoilsinn gu bheil e ceart dhuit, breugan a labhairt mu dhéibhinn m'Athar, agus esan a thaisbeanadh do dh'Anam-an-duine mar am mealltair is mó th'anns an t-saoghal? Ciod an lethsgeul a th'agad

air son a bhi le d' fhiosrachadh féin, a' fiaradh fior chiall agus bhrìgh an lagha? Mar an ceudna, an robh e na ni math dhiut-sa creach a dheanamh de neo-chiontas agus de aon fhillteachd Anam-an-duine a ta nis 'na bhaile truagh? Seadh, thug thu buaidh air Anam-an-duine le bhi gealltainn sonas doibh le iad a bhriseadh lagh m' Athar-san agus a chuir suarrach, 'nuair a bha fios agads', oir cha b'urrainn thu gu'n fhios a bhi agad air bho t'fhiosrachadh féin, gu'm b'e sin an dearbh dhòigh gu iadsan a sgrios. Mar an ceudna, tre ghàmhlas mhìll thu iomhaigh m'Athar ann an Anam-an-duine, agus chuir thu suas t'iomhaigh féin 'na h-àite, ni bha 'na mhòr thàire do m' Athair, na an-tromachadh air do pheacadh-sa, agus 'na chron do-ghiulainte do bhaile càillte Anam-an-duine."

"A bhàrr air sin (mar nach biodh annta so uile ach nithe beag leatsa) cha'n e a mhàin gu'n do mheall agus gu'n do sgrios thu an t-àite so; ach mar an ceudna, le do bhréugaibh agus le do dhòigh-ibh cealgach chuir thu iad an aghaidh an saorsainn féin. Cionnas a bhrosnaich thu iad an aghaidh ceannardan m'Athar a chuireadh leis-san a chum an saoradh o'n daorsa? Na nithe so uile, agus mòran eile a thuilleadh orra so rinn thu le d'fhiosrachadh féin an aghaidh na còrach, agus mar dhùmheas do m' Athair agus d'a lagh; agus le rùn am baile truagh so Anam-an-duine chuir fo 'dhiùmadhsan gu sìorruidh. Uime sin, thainig mis' a' dheanamh dioghaltas air son na coire a' rinn thusa do m' Athair, agus a bhuntainn riut-sa air son do thoibh-euman leis an tug thu air a' bhaile thruagh so toibheum a thoirt d'a ainm. Seadh, air do cheanns, a phrionnsa 'n t-sluic ifrinneil diolaidh mis e."

"Air mo shon féin, O Dhiaboluis, tha mi air teachd a' t' aghaidh le cùmhachd dligheach a thoirt Anam-an-duine le buaidh-chaithream às do mheur-aibh loisgeach. Oir is leamsa 'm baile so, O Dhia-

boluis, agus sin le còir chìnnteach, mar tha e ri fhaicinn leo-san uile a rannsaicheas gu dìchiollach na còraichean is sine agus is ro fhìrinniche, agus tagraidh mise mo chòir air, gu àmhluadh do d'ghnùis-sa."

"AIR TUS, Oir thog m' Athair Anam-an-duine, agus dhealbh se e le 'làimh féin. An lùchaint ann am meadhon a' bhaile thog e chum a thaitneas féin. Uime sin, is le m' Athair am baile so, agus feumaidh an neach a chuireas an aghaidh na fìrinn so, bréug a chuir air anam féin."

"SAN DARA AITE, Is leamsa 'm baile so Anam-an-duine."

"1. Oir is mise òighre m' Athar, a' cheud ghin, agus mòr thlachd a chridhe. (Eabh. i. 2. Eoin xvi. 16.) Uime sin, thàinig mise nuas a' t' aghaidh a thagairt mo chòir, a thoirt air ais m'òighreachd féin as do làmhan-sa.

"2. A thuilleadh air so, mar a ta dlighe agus còir agam-sa air Anam-an-duine a thaobh 's gur mi òighre m' Athair; mar sin tha còir agam air mar an ceudna do bhrìgh gu'n tug m' Athair dhomhs' e. (Eoin xvii.) Bu leis-san e agus thug e dhomhs' e; oir cha tug mi aig àm sam bith òilbheum do m' Athair, chum gu'n tugadh e uams' e gu thabhairt dhuit-sa. (Isa. L. 1.) Ni mò reic mi mo bhaile ionmhuinn riut-sa. 'Se Anam-an-duine mo thlachd, mo thaitneas, agus aoibhneas mo chridhe."

"3. Is leams' Anam-an-duine a thaobh luach, cheannaich mi dhomh féin e. A nis, a chionn gu'm bu le m' Athair agus leams' e, do bhrìgh gu'm bu mhise 'òighre-san, agus mar an ceudna, a chionn gu'n do cheannaich mi dhomh féin e le luach mòr, uime sin, leis na h-uile còir dhligheach is leams' am baile so, agus cha'n eil annads' ach fear-foir-éigin, an-tighearna, agus slaoighean a ta cumail séilbh air a dh'aindeoin. B'e so an t'aobhar mu'n do cheannaich mis e; eadhon, pheacaich Anam-an-

duine an aghaidh m' Athar, agus thubhaint m'-Athair, anns an la 'sam briseadh iad a lagh gu'm bàsaicheadh iad. Is fhasa do nèamh agus do'n talamh dol thairis, na do m'Athair 'fhasal a bhriseadh, (Mata v. 18.) Uime sin, 'nuair a pheacaich am baile so le éisdeachd ri d'bhreugaibh-san, thainig mise 'san eadraiginn agus gheall mi do m'Athair gu'n deanainn dioladh air son easaontais Anam-an-duine; agus ghabh m'Athair rium mar ràthan. Mar sin, 'nuair a thàinig an t-àm a chaidh a chomharrachadh, thug mise corp air son cuirp, anam air son anma, beatha air son beatha, fuil air son fala, agus shaor mi mo bhaile ionmhuinn Anam-an-duine."<sup>1</sup>

"4. Cha d'rinn mi so a chuid 'sa chuid ; tha lagh agus ceartas m'Athar a nis' air an riarachadh, agus làn-thoilichte gu'm biodh Anam-an-duine air a shaoradh, oir bha iad araon anns a bhagradh an aghaidh 'easaontais.

"5. Tha mi air teachd a mach an diugh a' t'aghaidh-sa le àithne m'Athar ; b'esan a thuirt rium, Rach sios agus saor Anam-an-duine, Eoin iii. 16, 17.

"Uime sin, biodh e aithnichte dhuit-sa (O thusa thobair na céilge), agus mar an ceudna do'n bhaile amaideach Anam-an-duine, nach tàinig mis' a' t'aghaidh an diugh as éugmhais m'Athar.

"A nis," ars' am Prionnsa òirdheirc, "Tha falal agam ri ràdh ri Anam-an-duine. Ach cho luath 'sa chaidh iomradh gu'n robh falal aige ri labhairt ris a' bhaile ùmanta sin, chaidh freiceadan an dùbailt a' chuir air na geatachaibh, agus àithne thoirt do dh'uile mhuianntir a' bhaile gu'n éisdeachd ris ; ach chaidh e air aghaidh agus thuirt e, "O bhaile neo-shona Anam-an-duine, tha mi air mo ghluasad le truas agus bàigh dha do thaobh-sa. Ghabh thu ri Diabolus mar do rìgh, agus tha thu air

<sup>1</sup> Thug ar Slànaighear Iosa Chriosd, e féin air ar son-ne, chum gu'n saoradh e sinn.

teachd gu bhi a' d'bhanaltrum agus a' d'sheirbhiseach do dh'Ifrinneich an aghaidh do Thighearn agus do Rìgh. Dh'fhosgail thu do gheatachan dhasan, ach dhùin thu gu daingean iad nam' aghaidh-sa; dh'éisd thu ris-san, ach dhùin thu do chluasan riumsa; ghabh thu ris-san agus ris an truaighe a thug e ort; agus ged a tha mise teachd le slàinte do t'ionnsaidh, cha'n eil sùim agad dhiom. A thuilleadh air sin, thug thu thu-féin, agus na h-uile ni bh'annad de 'm chuid-sa, do 'n nàmhaid is mò a th'aig m'Athair agus agamsa. Striochd thu thu-féin dhà, bhòidich agus mhionnaich thu a bhi dìleas dhàsan. A' bhaile thruaigh Anam-an-duine! Ciod a ni mise riut? An saor mi thu? An sgrios mi thu? Am buail mi thu, agus am bleith mi thu gu luathair, no 'n dean mi cusbair de'n ghràs is sàibre dhiot? Ciod a ni mi riut? Eisd riumsa agus mairidh tu beò. Anam-an-duine, tha mise tràcaireach, agus gheibh thusa mi mar sin; na dùin a mach às do gheatachan mi. Dan. v. 2. Eoin xii. 47. Lucas ix. 56."

" Ni mò tha rùn orm crön a dheanamh dhuit, O Anam-an-duine; c'arson a tha thu a' teicheadh cho fada bho do charaid, agus a gramachadh cho dlù ri do nàmhaid? Gu cinnteach is àill leam, gu'm biodh tu brònach air son do pheacaidh, mar bu chùbhaidh dhuit; ach na càill t'earbs' á do bheatha, cha'n ann gu do dhochann a tha'n ar-mailte mhòr so, ach gu do shaoradh o d' dhaorsa, agus a chum do thoirt gu ùmhlachd dhomh-sa."

" 'Se m' ùglidarris-sa cogadh a dheanamh ri Diabolus do rìgh, agus ris na h-uile Ifrinneach a ta maille ris; oir is esan an duine laidir fo àrmachd a ta gleidheadh an tighe, agus cuiridh mise a mach e; féumaidh mi a chreach-san a roinn, feumaidh mi 'àrmachd a thoirt uaithe, feumaidh mi a thilgeadh a mach às a dhaingneach, agus feumaidh mi ionad còmhlaidh a dheanamh dhomh



féin dhe. Bithidh fios aig Diabolus air a so, O Anam-an-duine, 'nuair a dh'fneumas e mis a' lean-tainn ann an slàbhraiddhibh, agus ni Anam-an-duine gàirdeachas ri sin fhaicinn."

"B'urrainn domhsa thoirt air imeachd agus t-fhagail air bàll; ach tha mi rùnachadh buntainn ris air a leithid do dhòigh, 's gu'm bi e ri fhaicinn agus air aideachadh leis na h-uile, cho laghal 'sa bhios an cogadh a ni mise ris. Ghlac esan Anam-an-duine le fòill, agus tha e 'ga chumail le fòir-neart agus le céilg, ach ni mise riugte agus lom-nochd e ann an sealladh na h-uile chì e. Tha mo bhriathrans' uile firinneach, tha mi cùmhachdach a chum tearnaidh, agus saoraidh mi Anam-an-duine às a làimh-san."

Labhradh a' chainnt so gu sònraichte air son Anam-an-duine, ach cha'n eisdeadh iad rithe. Dhùin iad Geata-na-cluaise, chùm iad glaiste agus crainnte e, chuir iad freiceadan air, agus dh'àithn' iad nach rachadh a h-aon de luchd-àiteachaidh Anam-an-duine a mach, agus nach leigte a h-aon o 'n chàmp a steach do'n bhaile: mheall Diabolus iad cho uabhasach, 's gu'n d' rinn iad na nithe so uile an aghàidh an Tighearn agus am Prionnsa dligheach; uime sin, cha robh e air a' cheadachadh, gu'n tigeadh duine, no guth, no fuaim duine a bhuineadh do'n fheachd ghlòrmhor, a steach do'n bhaile.<sup>1</sup>

---

1 Se ùghdarris Chriosd o 'Athair nèamhaidh cogadh a dheanamh ri Sàtan, agus an t-anam a shaoradh o 'chùmhachd. Anns a chàinnt so ri Anam-an-duine tha e taisbeanadh fior teist 'Shàtain, mar mhealltair, mar bhreugair, mar aintighearn, agus mar nàmhaid Dhé agus dhuine. Tha Criod a' tagairt còir air Anam-an-duine dha fein a' thaobh 's gu'n do cheannaich se e, oir cheannaich se e le 'fhuil phriseil. Tha e labhairt ris mar a' chuid féin, oir cha tainig e do'n t-saoghal, chum gu'n diteadh e an saoghal, ach a chum gu'm biodh an saoghal air a shaoradh trid-san. (Eoin iii. 17.) Ach am feadh a bha Anam-an-duine fo chumhachd Shàtain, dhiùlt e na tàirgseachan gràsmhor so uile. A léubhadair, am bheil so a' bualadh riut-sa? Ceasnaich thu féin, na diult an tròcair so chum do dhitidh féin.

'Nuair a chunnaic Emanuel gu'n robh Anam-an-duine air fhillleadh mar so ann am peacadh, thug e àithne d'a armait gu léir a bhi ullamh. A nise, cha robh dòigh laghail sam bith air a' bhaile a' ghlacadh, ach dol a steach air na geatachaibh, agus gu h-àraig air Geata-na-cluaise, mar am priomh gheata, uime sin, dh'àithn' e d'a cheannardaibh an an reitheachd, an cròinn-thabhaill, agus an daoine a thoirt leo agus an suidheachadh fa-chomhair Geata-na-sùla agus Geata-na-cluaise, chum gu'n glacadh e am baile.

'Nuair a dh'ullaich Emanuel na h-uile nithe gu cath a thoirt do Dhiabolus, chuir e rithist a dh'-fhirosrachadh de mhuinntir Anam-an-duine, an striochdadadh iad leo féin ; no'n robh iad a rùnachadh feuchainn gus a cheann is faide mach ? An sin ghàirm iad féin agus Diabolus comhairle chogaidh agus rùnaich iad cumhachan àraig a thàirgse do dh'Emanuel, 's nam b'e 's gu'n gabhadh e riù, gu'n aontaicheadh iadsan ri strìochdadadh. B'e 'n ath ni, co rachadh air an teachdaireachd so. A nise, bha anns a' bhaile, seann duine, Ifrinneach d'am b'ainm Rag air-géilleadh, duine daobhaidh 'na dhòigh, agus fear mòr ghnothaichean do Dhiabolus ; chuir iad uapa esan, agus chuir iad briathran 'na bheul a labhradh e. Mar sin chaidh e do'n chàmpa gu Emanuel, agus chomharraich iad àm gu éisdeachd a thoirt dhà. Mar sin thàinig e, agus an deigh dha deas-ghnàth no dhà Ifrinneach a chleachdadadh, labhair e mar so agus thuirt e. (Tit. i, 16.) "A Mhaighstir Mhòir chum gu'm bì e aithnichte do na h-uile dhaoine cia cho teò-chridheach 'sa tha'm Prionnsa mo mhaighstir-sa, chuir e mise dh'innse do d'Mhòrachd, gur fearr leis na dol a chogadh, an darna leth de bhaile Anam-an-duine a thoirt thairis do d'làmhaibh-san. Chuireadh mise dh'fhaotainn fios an gabh do Mhòrachd ris a' chumha so."<sup>1</sup>

<sup>1</sup> Gabh beachd air na cumhachan so.

An sin thuirt Emanuel, “ Is leam féin an t-iomlan, thugadh dhomh e mar thiodhlaiceadh agus cheannaich mi e, uime sin, cha chàill mi gu bràth an darna leth.”

**RAG-AIR-GEILLEADH.** “ A mhaighstir, thuirt mo mhaighstir-sa gu’m bì esan réidh ri thus a bhì a’ d’Thighearn a thaobh ainm agus tiodal air an iomlan, ma’s e’s gu’m faod esan a mhàin earrann dhe a sheilbheachadh, Luc. xiii. 25.”

**EMANUEL.** “ Is leamsa ’n t-iomlan ; cha’n ann a mhàin a thaobh àinm agus facail ach le fior chòir ; uime sin, ma bhios cuid sam bith agamsa de dh’-Anam-an-duine, bithidh an t-iomlan dheth agam.”

**RAG-AIR-GEILLEADH.** “ A Mhaighstir, Faic cia cho so-riaraichte ’sa ta mo mhaighstir-sa! Tha e ’g ràdh gu’m bi e toilichte, ma’s e’s gu’n cuirear air leth dha àite-éigin an Anam-an-duine, mar àite-còmhnaidh uaigneach, agus bithidh tusa a’ d’ Thighearn air an iomlan de’n chuid eile, Gniomh. v. 1—5.”

An sin fhreagair am Prionnsa òirdheirc, “ Gach ni a bheir an t-Athair dhòmhса, thig e a’ m’ionnsuidh ; agus na h-uile thug e dhomh cha chàill mi a bheag, cha chàill ladhar no fultean diu ; uime sin, cha toir mi dha a’ chùil is lugha ’n Anam-an-duine chum còmhnaidh ghabhail innte, bithidh an t-iomlan agam dhomh féin.”

**RAG-AIR-GEILLEADH.** “ A mhaighstir, abair ’nan tugadh mo thighearn-sa ’n t-iomlan de’n bhaile thairis dhuit-sa ach air a’ chumha so a mhàin, ’nuair a thig e do’n dùthaich so, gu’m faigh e air sgàth an t-seann eòlais, aoidheachd mar fheaturais căr dà làtha, no deich làithean, no mìos, no mar sin ; nach faod an t-sochair bheag so a bhi air a deònachadh dhà? ”

**EMANUEL.** “ Cha’n fhaod. Thàinig e mar fheaturais gu Daibhidh, ’s cha d’fhan e fada maille ris, agus gidheadh theab Daibhidh anam a chàll ris a’

sin. (2 Sam. xii. 1—5.) Cha'n aontaich mi gu'm faigh e fasgadh gu bràth tuilleadh ann an Anam-an-duine."

**RAG-AIR-GEILLEADH.** "A mhaighstir tha thu coltach ri bhi glé neo-iochdmhor. Abair gu'n striochd mo mhaighstir-sa do na h-uile ni a thuirt do Mhòrachd, air chumha gu'm faod a chàirdean agus a luchd-dàimh<sup>1</sup> ann an Anam-an-duine, cead reic a's ceannach a bhi aca anns a' bhaile, agus gu'n sealbhaich iad na h-àitean còmhnaidh a ta aca 'n dràst; nach deònaich thu sin a mhaighstir?"

**EMANUEL.** "Cha deònaich; tha sin an aghaidh toil m'Athar. (Rom. vi. 13. Colos. iii. 5. Gal. v. 24.) Oir na h-uile, agus gach uile seòrsa Ifrinnich a th' aig an àm so, na bhios aig àm air bith air am faotainn ann an Anam-an-duine, cha'n e mhàin gu'n càill iad am fearann agus an saorsainn, ach caillidh iad am beatha mar an ceudna."

**RAG-AIR-GEILLEADH.** A mhaighstir, nach faod mo mhaighstir, agus mo thighearna mòr-sa, ni-éigin do sheann chàirdeas a chumail suas ri Anam-an-duine, le litrichibh, le luchd-turais, le cothrom-aibh a thaobh tuiteamais, agus le'n leithidibh sin, ma's e's gu'n tabhair e thairis an t-iomlan dhuit-sa. Eoin x. 8."

**EMANUEL.** Cha'n fhaod air chòr sam bith, oir tha leithid sin de cho'chomunn, de chàirdeas, de chaidreamh, no de dhlù-eòlas ge b'e dòigh air a bheil e air a chumail suas, a' truailleadh Anam-an-duine, a' tarruinn air falbh an aignidhean uamsa, agus a' cur an sìth ri m'Athair-sa ann an cunnart."

**RAG-AIR-GEILLEADH.** "A mhaighstir mhòir, a chionn gu bheil mòran chàirdean, agus sin càirdean ionmhuinn aig mo mhaighstir-sa ann an Anam-an-duine, (Rom. vi. 12, 13,) ma's e's gu'm falbh e uatha, nach faod e eadhon de fhiughantas agus de dheagh-ghean féin, beagan de chomharraidhean air

1 Am peacadh agus Ana-miann feòlmhor.

a ghradh agus air a spéis a bh'aige dhoibh a bhuil-eachadh orra, mar a chì e iomchuidh, chum an deigh dha falbh, gu'm faod Anam-an-duine amharc air na comharaidhibh caoimhneis sin a fhuair iad uair-éigin bho'n seann charaid, agus gu'n cùimh-nich iad air-san a bha roimhe so na Rìgh orra agus air na h-amannaibh suilbheara mheal iad air uairibh mar ri chéile, am feadh 'sa chòmhnaich iad féin agus esan cuideachd ann an sith."

**EMANUEL.** "Cha'n fhaod ; oir ma's e 's gu'n sealbhaich mis' Anam-an-duine, cha cheadaich, agus cha'n aontaich mi gu'm bi am fuigheal, an t-iarmad, no'n smodan is lugha de Dhiabolus air fhagail ás a dheigh, mar chomharraighean no mar thiodhlacadhan air am buileachadh air neach sam bith ann an Anam-an-duine, chum tabhairt gu'n cùimhne an co-chomunn òillteil a bha eatorra roimhe."

**RAG-AIR-GEILLEADH.** "A mhaighstir, tha aon ni eile agam ri chuir an céill, agus an sin sguiridh mi. (2 Righ. i. 1—7.)<sup>1</sup> Abair an deigh dha mo mhaighstirs' Anam-an-duine fhàgail, gu'm biodh aig neach éigin dhiù-san a bhiodh fathast a' chòmh-naidh anns a' bhaile, gnothach cho cudthromach, 's nam b'e gu'n dearmadair e, gu'n cuireadh e as dà ; agus abair, nach biodh neach sam bith eile cho comasach air cobhair a dheanamh anns a' chùis sin ri mo mhaighstir agus ri mo Thriathsa ; nach fhaodair cuir air son mo mhaighstir air aobhair cho dian ris a' so ? No mar fhaod e a theachd a stigh do'n bhaile, nach faod e féin agus an neach d'am buin an gnothaich, còmhlachadh ann an aon de na bailltean-beaga a ta dlù do dh'Anam-an-duine, agus an cinn a chuir cuideachd, agus an comhairle a chur r'a chéile an sin ?"<sup>2</sup>

1 A leubhadair gabh beachd air na cumhachaibh so ; leubb iad aon uair uile.——2 Cha'n urrainn sibh séirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon. 'Se seirbhis roinnte 'n t-sheirbhis is

B'e so an aon mu dheireadh de na cumhachan ceilg-lùbach agus millteach sin a thaig Rag-air-géilleadh do dh'Emanuel as leth a mhaighstir Diabolus ; ach cha deònaicheadh Emanuel dha e ; oir thuirt e cha'n urrainn ni sam bith tachairt ann an Anam-an-duine, 'nuair a dh'fhàgas do mhaighstir-s' e, nach faod a bhi air a réiteachadh le 'm Athair-sa. (1 Sam. xxviii. 15.) A bharr air sin, bithidh e na thaire mhòr do għliocas agus do dh'eòlas m' Athair-sa, gu'n rachadh neach air bith bho Anam-an-duine gu Diabolus a dh'iarraidh comhairle sam bith air, 'nuair a ta e air a roimh-àithneadh, anns gach uile ni le ùrnaigh agus aslachadh, an iarrtasan a dheanamh aithnichte do m' Athair-sa, (2 Righ. i. 2, 3,) a nise nam b'e 's gu'm biodh an cumha so air a dheònachadh, bhiodh sin a' fosgladh dorus ann an Anam-an-duine do Dhiabolus, agus do na h-Ifrinnich gu bhi déilbh agus a' gniomhachadh droch-bheartan ceannairceach, gu mòr chràdh do m' Athair agus dhòmhlsa, agus gu léir-sgrios Anam-an-duine."

'Nuair a chuala Rag-air-géilleadh am freagradh so għabb e chead do dh'Emanuel agus dh'imich e, 'g ràdh, "Gu'n innseadh e d'a mhaighstir ciod a thachair eatorra." Mar sin thàinig e gu Diabolus ann an Anam-an-duine, agus dh'innis e dha "nach ceadaicheadh Emanuel air chumha sam bith, gu'm biodh gnothach aige gu bràth tuilleadh ri neach sam bith anns a' bhaile, air dha bhi aon uair a mach ás." 'Nuair a chuala Anam-an-duine agus Diabolus so, cho-dhùin iad le aon aonta, gu'n cleachdadh iad an dichioll gu Emanuel a chumail a mach as a' bhaile, agus chuir iad Droch-theagamh a dh'innseadh sin do'n Phrionnsa agus d'a cheann-

---

cruaidh de na h-uile. Cha'n eil Sàtan iar doigh sam bith an aghaidh muinntir a bhi gabħail orra bhi diadhaidh, ma's e 's gu'n gabh iad saorsa air uairibl 'nan seaun pheacannas agus gu'n gràdhaidh iad 'nan cridheachaibl iad. Tha fhios aige ma's e 's gu'n ceadaichear dhà ughdarris no deagh-ghean air bith a shealbhachadh anns a' chridhe, gur leis féin e mu dheireadh.

ardaibh. Mar sin thàinig an seann duine uasal so suas gu mullach Geata-na-cluaise, agus dh'èigh e ris a' chàmpa éisdeachd ris ; agus thuirt e, “ Dh'-àithneadh dhomhsa le m' àrd Thighearn iarraidh oirbhse innse do dh'Emanuel 'ur Prionnsa, gu bheil Anam-an-duine agus an Rìgh-san a' rùnachadh an taobh a théid iad gu'n téid iad ann, cò dhiù is seas-amh no 's tuiteam dhoibh, agus gur ni diomhain do bhur Prionnsa-sa bhi smuaineachadh gu'm faigh e Anam-an-duine gu bràth fo 'smachd, mar urrainn e a ghlacadh le làmhachas laidir.” Chaidh cuid-éigin agus dh'innis e do dh'Emanuel ciod a thuirt seann Droch-theagamh, Ifrinneach a' bh'anns a' bhaile. Fhreagair am Prionnsa, “ Feumaidh mise cumhachd mo chlaidheimh fheuchainn, (Eph. vi. 17.) Oir a dh'aindeoin gach ceannaire a rinn Anam-an-duine am aghaidh-sa, cha leig mi dhiom an séisdeadh, ach gu cinnteach glacaidh mi 'm baile agus saoraidh mi e bho 'nàmhaid.” An sin dh'èithn e gu'n rachadh an Ceannard Boanerges, an Ceannard Féin-mhothachadh, an Ceannard Breitheanas, agus an Ceannard Gearr-sios gu Geata-na-cluaise, le tràmpaidibh a' sgalartaich, le brataichibh sgaoilt' a mach, agus a' deanamh iolaich air son a chatha. Mar an ceudna dh'òrduich e gu'n rachadh an Ceannard Creidimh maille riù ; agus gu'n suidhicheadh an Ceannard Deagh-dhòchas agus an Ceannard Gràdh iad féin an òrdugh fa chomhair Geata-na-sùla. Mar an ceudna, dh'òrduich e do'n chuid eile de 'Cheannardan agus de'n cuid daoine iad féin a shuidheachadh anns an dòigh a b'fhearr a b'urrainn iad an aghaidh an nàmhaid, mu'n cuairt do'n bhaile, agus rinneadh na h-uile nithe mar a dh'èithn e. Dh'òrduich e am facial freiceadan, agus b'e 'm facial aig an àm so, “Emanuel.” An sin shéirmeadh caism-eachd, thoisich na reitheachan-cogadh air slacadh a' bhalla, thilg na cròinn-thabhaill clachan a steach do'n bhaile, agus mar so thoisich an cath. A nis

stiùr Diabolus e-féin muinntir a' bhaile anns a' chogadh, aig gach geata ; uime sin, bha'n strìgh ni bu chruaidhe, ni b'ifrinneil, agus ni bu chronaile do dh'Emanuel. 'Sann mar so a làimhsich agus a chàraich Diabolus agus Anam-an-duine an deagh Phrionnsa, ré mòran làithean. Bu shealladh e a b'fhiù fhaicinn, mar a ghiùlan ceannardan Shaddai iad féin.

An tùs thug an Ceannard Boanerges, gu'n taire sam bith a thoirt do chàch, trì ionnsaidhean tréun' an déigh a' chéile air Geata-na-cluaise, air dhòigh 's gu'n chriothnaicheadh a phuist. Mar an ceudna, għreas an Ceannard Féin-mhothachadh cho dlù sa b'urrainn e a chòmhnhadh Bhoanergeis, agus air dhoibh fhaicinn gu'n do thòisich an geata ri fàil-neachadh, dh'āithn iad gu'n leanadh na reitheachan air a bhualadh. Chaidh an Ceannard Féinmhothachadh suas glé dhlù do'n gheata, ach dh'iom-aineadh e air ais le mòr neart, agus fhuair e trì leòintean anns a' bheul. Agus bha na saighdearan<sup>1</sup> a thàinig de'n saor thoil féin chum a chath, a' sior dol mu'n cuairt a toirt misneach do na ceannardaibh.

Air son tréubhantais an dithist cheannardan so, chuir am Prionnsa fios orra chum a phailliun féin ; agus dh'iarr e orra an anail a leigeadh ré tamuill gus am faigheadh iad ni-éigin chum an ùrachaидh. Mar an ceudna, thugadh aire gu'm biodh leòintean a' Cheannard Fhéin-mhothachaidh air an leigheas, a bhàrr air sin, thug am Prionnsa slàbhraidih òir do gach aon diù, agus dh'iarr e orra deagh mhisneach a bhi aca.

Cha robh an Ceannard Deagh-dhòchas no an Ceannard Gràdh idir air dheireadh anns a' chath ro ghàrg so, oir chog iad cho dian aig Geata-na-sùla, 's gu'n do theab iad a bhriseadh troimhe. Fhuair iadsan mar an ceudna dùais bho'n Phrionnsa, mar a fhuair a' chuid eile do na ceannardan, do bhrigh

<sup>1</sup> Na h-ainglean.

gu'n do ghiùlan siad iad-fein gu gaisgeil mu'n cuairt do'n bhaile.<sup>1</sup>

Anns a' chath so chaidh iomadaidh do cheannardan Dhiaboluis a mhàrbhadh, agus cuid de dhaoine a' bhaile a leòn. Chaidh aon cheannard a mhàrbhadh d'am b'ainm Uaill, shaoil leis an fhear so nach b'urrainn do neach sam bith puist Geata-na-cluaise a' charrachadh, no cridhe Dhiaboluis a' chriothnachadh. Chaidh fear eile d'am b'ainm Ceannard Féin-thearuinnte a mhàrbhadh; bu ghnà le Féin-thearuinnte so a' ràdh, gu'n robh na dòill agus na bacaich ann an Anam-an-duine còmasach air geatachaibh a' bhaile a' ghleidheadh an aghaidh àrmait Emanueil, (2 Sam. v. 6.) Sgoilt an Ceannard Féin-mhothachadh ceann a Cheannaird Fhéin-thearuinnte le claidheamh dà-làimhe, ach fhuair e-féin trì lotan anns a' bheul.

A bharr orra so, bha Ceannard eile d'am b'ainm Ràiteachas, fear ro chronail, b'esan bu cheannard air buidhean dhiùsan a thilg leusan-teine, sàighdean, agus bàs; fhuair esan mar an ceudna lot bàis anns a bhroilleach, o na Cheannard Deagh-dhòchas aig Geata-na-sùla.<sup>2</sup>

Mar an ceudna, bha fear eile d'am b'ainm Mothachadh, cha bu cheannard esan, ach bha e do ghnà ro théoma ann an brosnachadh Anam-an-duine gu ceannairc, fhuair esan leòn anns an t-sùil le aon do shàighdearan Bhoanergeis, agus mhàrbhadh an ceannard féin e, mar be gu'n thàr e ás le gráide.

Ach cha'n fhaca mi riamh ré mo bheatha a leithid a sgàth air Morair-na-toile : cha b'urrainn e ni sam

1 Is ann bho éisdeachd a thig creideamh, agus éisdeachd tre fhacal Dé. Tha firinnean an t-soisgeil air an séirm ann an cluasaibh dhaoine le ministearaibh dileas an t-soisgeil, air an cuideachadh le féin-mhothachadh; air do'n pheacach a bhi neo-thoileach air strlochadh cuiridh e 'nan aghaidh. Ged tha'n saoghal 'na thràill, aig Sàtan, cha'n urrainn e gu'n mhòr-chiataidh a' ghabhail de fhior luchd-leanmuinn Chriosd, 'nuair a chi e cionnas a ta iad a' caith-eamh am beatha araon ann an dòchas agus ann an gràdh.

2 Tha nàimhdeas do'n fhàrrinn air a lughdachadh.

bith a dheanamh mar a b'òbhlaist dha, agus tha cuid ag ràdh, gu'n d'fhuair esan mar an ceudna leòn anns an lùrgainn agus gu'm faca cuid do shaighdearan a' Phrionns' e an deigh sin a' falbh 'sa chrù bail air a' bhalla.

Cha toir mi mion-chunntas dhuit air ainmibh nan saighdearan a chaidh a dhochann, a leòn agus a mhàrbhadh anns a' bhaile; oir 'nuair a chunnaic iad puist Geata-na-cluaise a' crith agus gu'n robh Geata-na-sùla gu h-inbhe bhig air a bhriseadh troimhe, agus gu'n do mhàrbhadh an ceannardan, chàill mòran do na h-Ifrinnich am misneach; leagadh iad mar an ceudna leis na h-urchraichibh a thilg na croinn-thabhaill òir a steach gu meadhan baile Anam-an-duine.

Bha fear d'am b'ainm Spéis-do'n-olc, de fhior mhuinntir a' bhaile, ach b'Ifrinneach e, fhuair esan lot bàis ann an Anam-an-duine, ach cha d'éug e gu uair-éiginn an deigh sin.

Màr an ceudna, fhuair Droch-theagamh lot tròm anns a' cheann, bha cuid ag ràdh gu'n deach còpan a' chìnn a bhriseadh; ach so aon ni do'n tug mi 'n aire, nach robh e riamh an deigh sin comasach air uiread do dh'olc a dheanamh do dh' Anam-an-duine, 'sa rinn e roimhe. Theich seann Chlaon-bhreth agus Fear-leam-leat.<sup>1</sup>

'Nuair a chrìochnaicheadh an cath, dh'èithn am Prionnsa, gu'n rachadh a' bhratach bhàn a chuir suas air Tòrr-a'-Ghràis aon uair eile fa-chomhair baile truagh Anam-an-duine, a leigeadh ris gu'n deanadh Emanuel fathast tròcair air.<sup>2</sup>

'Nuair a chunnaic Diabolus a' bhratach bhàn air a sgaoileadh a mach a rithist, agus air dhà fios a

<sup>1</sup> Ged tha facial na firinn, mar a ta e air a chuir an céill le ministearaibh an t-Soisgeil fathast air a dhiùltadh, gidheadh tha drùigeadh air a dheanamh leis. Tha féin-thearainnteachd agus uaill dhiomhain air an sgríos, beachd mheallta agus féin-thoil air an lagachadh, agus clouston-bhreth air géilleadh.

<sup>2</sup> Trocair mhathaidh air a tairgse rithist.

bhi aige nach ann air a shonsan a chuireadh suas i, ach air son Anam-an-duine; smuainich e 'na inntinn gu'n cleachdad e innleachd eile, a dh'fhaic-inn an leigeadh Emanuel dheth an séisdeadh agus am falbhadh e, 'nan gealladh esan ath-leasachadh. Mar sin thàinig e sìos aon fheasgar chum a' gheata, tacan math an deigh dol fodha na ghréin, agus d'iarr e facal de dh' Emanueil, neach a thàinig air báll chum a' gheata, agus thuirt Diabolus ris :

“ A chionn gu bheil thu taisbeanadh leis a' bhrataich bhàin, gu bheil thu gu h-iomlan deònach air sìth agus air sàmhchair, mheas mi iomchuidh innse dhuit, gu bheil sinne ullamh gu gabhail ri sìth air cumhachaibh a dh'fhaodas tusa dheònachadh.

“ Tha fios agam gu bheil thusa air do thoirt do chràbhadh, agus gur taitneach leat naomhachd ; seadh, agus gur e sin an t-àrd chrìoch a th'agads' air son cogadh a dheanamh ri Anam-an-duine, chum gu'm biodh e 'na ionad-còmhnaidh naomha. Thoir air falbh t'àrmait o'n bhaile, agus bheir mise air aomadh gu t'iarrtas.

“ Air tùs, Sguiridh mi do gach uile chòmh-strì riut, agus tha mi toileach a bhi am fhear-ionaid dhuit, gu seirbhis a dheanamh dhuit ann an Anam-an-duine, ged a bha mi a' t' aghaidh roimhe so.

“ 1. Cuiridh mi ìompaidh air Anam-an-duine gabhail riutsa mar an Tighearna, agus tha fios agam gur ann is luaithe a ni iad sin, 'nuair a thuigeas iad gur mise t-fhear-ionaid.

“ 2. Feuchaidh mi dhoibh ciod anns an deach iad am mearachd, agus gu bheil aingidheachd a' seasamh anns an t'slighe chum na beatha bhith-bhuan.

“ 3. Feuchaidh mi dhoibh an lagh naomha ris am feum iad a bhi air an co-chumadh, eadhon an dearbh lagh sin a bhris iad.

“ 4. Earalaichidh mi iad gur éigin doibh ath-leasachadh a réir do lagha-sa.

“ 5. Agus a bhàrr air sin, chum nach diobair ni

air bith dhiù so, cuiridh mise suas agus cumaidh mi suas ministrealachd iomchuidh air chùl luchd-mìnneachaidh, ann an Anam-an-duine, air mo chosg féin.

“ 6. Gheibh thu uainne do ghnà, bliadhna ’n deigh bliadhna, an nì chì thu iomchuidh agair oirnne, mar chomharradh air ar ’n ùmhlaichd dhuit-sa.”<sup>1</sup>

An sin fhreagar Emanuel e, “ O thusa tha lán de chéilg, cia iomlaideach do ròidean ? Cia tric a chaochail thu agus a dh’ath-chaochail thu, a’ feuchainn ri seilbh a chumail fathast de mo bhaile-sa Anam-an-duine, ged is mise ’s fior òighre air, mar chaith a chuir an céill roimhe gu soilleir ? ’S tric a thàirg thu do chuid cumhachan mar tha, ’s chan eil iad so mu dheimeadh a bheag sam bith ni’s feàrr. (2 Cor. xi. 14.) Agus an uair a dh’fhairtlich ort mealladh ann ad chruth dùaichnidh féin, chuir thu ort cruth aingil sholais, agus a nise chum meallaith b’ àill leat taisbeanadh mar mhinistear na fireantachd.”

Ach biodh fhios agad, O Dhiaboluis, nach fhaodar sùim a ghabhail do dh’ aon ni is urrainn duit-sa thairgse, oir cha’n eil ni air t’aire ach mealladh ; cha’n eil aon chuid treibhdhireas annad a thaobh Dhé, no gràdh do dh’Anam-an-duine ; a rithist cia uaithe a tha na tàirgseachan so a’ sruthadh, ach o do sheòltachd pheacach agus o do chéilg ? An neach sin a thairgeas cumhachan le rún an dream a bheir creideas dha a sgrios, is còir a threigsinn maille ris na h-uile ni a their e. Ma’s e ’s gu bheil fireantachd cho ionmhuinn a nis’ ann do shùilibh, cionnas a thachair e gu’n do dhlù-lean thu ri

---

1 A leubhadair gabb deagh bheachd air na cumhachaibh so.. Am fear aidmheil air Criod thu ? Faic cho fad ’sa cheadaicheas Sàtan dhut dol ; ni h-eadh, cho fad ’sa threòraicheas e-féin thu gu ath-leasachadh, ma’s e ’s gu’n ceadaichear dha gnà shéilbh a bhi aige air do chridhe. (Faic Rom. ix. agus x. caib.) Na fòghnuadh ath-leasachadh o’n leth a mach leat. Faodaidh neach mòran a labhairt mu thimchioll e féin ath-leasachadh, agus gidheadh a bhi fathast na thràill aig Sàtan.

aingidheachd 'san àm a chaidh seachad? " Tha thu labhairt a nise mu ath-leasachadh ann an Anam-an-duine, agus ma's a h-àill leamsa, gu'm bì thu féin air ceann an ath-leasachaidh sin, agus fios agad ré na h-ùine uile, nach toir an ceum is faide is urrainn duine dol gus an lagh agus 'fhìreantachd a choilionadh, air falbh a mhallachd gu bràth anns an tomhas is lugha bho Anam-an-duine; oir air do lagh a bhi air a bhriseadh le Anam-an-duine, agus mallachd air a' cur an céill le Dia 'na aghaidh air son a bhriseadh, cha'n urrainn e gu bràth le ùmhlaichd sam bith a bheir e do'n lagh uaithe sin a mach, e-féin a shaoradh uaithe. Gu'n a bheag sam bith a' ràdh mu'n ghné do dh'ath-leasachadh a bhios air a thoirt air aghaidh ann an Anam-an-duine, 'nuair a thig an Diabhol gu bhi na fhear-cronachaidh peacaidh. Tha fios agad nach eil anns na h-uile nithe thuirt thu 'n an dràst' ach fòill agus céisg; is i so mar gu'm b'eadh a' cheud chuilbheart; is amhail sin is i a chuilbheart mu dheireadh i a th'agad ri chleachdadh. Is iomadh neach a dh'aithnicheas tu 'nuair a thaisbeanas tu do ladhar sgoilte dhoibh; ach cha mhòr a dh'aithnicheas tu 'nuair a chuireas tu thu féin ann an cruth aingil solais. Ach cha shoirbh-ich thu an aghaidh mo bhaile-sa, O Dhiaboluis, oir tha gràdh agam fhathast do dh'Anam-an-duine."

" A thuilleadh air sin, cha'n ann a thoirt slàinte do dh'Anam-an-duine as leth an gniomharran féin a thàinig mise, nam b'ann, bhithinn coltach riutsa; ach ged bhrosnaich iad m' Athair-sa gu féirg le'm peacaibh, agus ged nach urrainn iad tròcair fhaotainn tre'n lagh, gidheadh thàinig mise chum gu'm bi Anam-an-duine air a dheanamh réidh ri m' Athair tromham-sa, agus as leth na rinn agus na ni mi air an son."

" Tha thu 'g ràdh gu'n cuir thu am baile so fo ùmhlaichd do 'n ni a ta math ged nach eil a h-aon

da iarraidh ort. Chuir m' Athair mise g' a shealbhachadh, agus a chum gu'n stiùir mi fhéin e na leithid do dhoigh 'sa bhios taitneach 'na làithair-san. Uime sin, sealbhaichidh mise mi fhéin e: Cuiridh mi á séilbh agus tilgidh mi mach thu: Cuiridh mi suas mo bhratach féin nam meadhon: Mar an ceudna, riaghlaidh mi iad le laghaibh nuadh, le ceannardaibh nuadh, le rùintibh nuadh, agus le slighibh nuadh: Seadh, spionaidh mi sios am baile so agus togaidh mi rithist e, agus ni mi glòir a' Chruinne-ché dheth."<sup>1</sup>

'Nuair a chunnaic Diabolus gu'n d'fhuardas a mach e 'na uile chuilbheartaibh, chuireadh gu h-àmh-luadh e; ach air do thobair na h-aingidheachd, na corraich, agus a mhi-rùin, a bhi ann féin, an aghaidh Shaddai, a Mhic, agus a bhaile ionmhuinn Anam-an-duine, neartaich se e-féin a chum cath ás ùr a thoirt do dh'Emanuel am Prionns' òirdheirc, agus chaidh gach aon diù an òrdugh 'nan rian féin, an aghaidh a' chéile gus an cath a chur. Chaill Diabolus na h-uile earbsa bh'aige séilbh a' chumail do'n bhaile, uime sin, rùnaich e na h-uile dochann a b'urrainn e dheanamh (nam b'e da rireadh gu'm biodh e 'na chomas crön sam bith a dheanamh) do dh'àrmait a Phrionns' agus do dh' Anam-an-duine, oir mo thruaighe! cha b'e sonas a' bhaile bh'air aire, ach a sgrios gu tür, agus nochd-làrach a' dheanamh dheth, mar a ta e nise ri fhaicinn gu soilleir, (Marc ix. 26, 27.) Uime sin, dh'aithn e d'a cheannardaibh 'nuair a chitheadh iad nach b'urrainn doibh am baile chumail ni b'fhaide, gu'n deanadh iad na h-uile crön agus dolaidh a bha nan comas air, a' reubadh 'sa toirt as a' chéile, daoine, mnathan, agus clànn. "Oir" ars' esan "is fearr duinn an t-àite léir-sgrios gu tür, agus fhàgail 'na dhùn fàs, na gu'm biodh e 'na ionad-còmhnaidh do dh'Emanuel."

<sup>1</sup> Féumaidh na h-uile ni a bhi nuadh ann an Anam-an-duine.

Air do fhios a bhi aig Emanuel gu'n crìoch-naicheadh an ath chath le séilbh a thoirt dhàsan air a' bhaile, thug e òrdugh rioghal do gach oifig-each, àrd-cheannard, agus fear-cogaidh a bha 'na fheachd, a bhi cinnteach iad féin fheuchainn mar ghaisgich an aghaidh Dhiaboluis agus an iomlain do na h-Ifriannich ; ach, a bhi ciùin, fàbharach, agus tròcaireach do sheann luchd-àiteachaidh Anam-an-duine.

Air do'n latha teachd, sheas daoine a' Phrionnsa gu tréubhach ; agus thionndaidh iad an uile neart an aghaidh Geata-na-cluaise agus Geata-na-sùla, mar a rinn iad roimhe. B'e am facial cath, CHOISNEADH Anam-an-duine : mar sin thug iad an ionnsaidh air a' bhaile. Mar an ceudna, chuir Diabolus le 'fheachd féin 'nan aghaidh ás an leth a stigh, agus chog a phriomh thighearnan agus' àrd cheannardan ré tamaill gu guíneideach an aghaidh àrmait a Phrionnsa.

An deigh do'n Phrionns' agus d'a cheannardaibh òirdheirc trì no ceithir de dh'ionnsaidhean comh-arraichte a thoirt, bhriseadh Geata-na-cluaise na spealgan, agus chaidh na cràinn (Isa. xxix. 18. xxxv. 5.) agus na clòidheanan leis an robh e air a dhùnad gu daingean an aghaidh a Phrionnsa, a bhriseadh nam mìle bloidh. An sin shéirm tròm-baidean a' Phrionnsa, thug na ceannardan iolach, chriothnaich am baile, agus theich Diabolus g'a dhaingneach. 'Nuair a bhrist feachd a' Phrionnsa an geata troimhe, thàinig e-féin agus shuidhich e a rìgh-chathair ann ; mar an ceudna, chuir e suas a bhratach làimh ris, air tòrr a chaidh chuir suas a chum nan crann-thabhaill bu treise a shuidheachadh air. B'e àinm an tòrra, Tòrr Sàr-éisd, agus ghabh am Prionnsa còmhnaidh air. Mar an ceudna, dh'aithn e gu'n leanadh na cròinn-thabhaill òir air tilgeadh air a' bhaile, gu h-àraid air a' chaisteal, a chionn 's gur ann an sin a theich Diabolus air son

fasgaidh. A nise, bha'n t-sràid dìreach o Gheata-na-cluaise, eadhon gu tigh an t-Seanachaидh a bh'anns a' bhaile mu'n do ghlac Diabolus e, agus bha'n caisteil, dhe'n d'rinn Diabolus uaimh dhòlas-ach ré ùine fhada, làimh ri 'thigh-san. Uime sin, réitich na ceannardan gu h-ealamh an t-sràid le'n croinn-thabhaill, air dòigh 's gu'n robh rathad air fosgladh gu fìr-mheadhon a' bhaile. Dh'òrduich am Prionnsa gu'n rachadh an Ceannard Boanerges, an Ceannard Féin-mhothachadh, agus an Ceannard Breitheanas, gun dàil suas gu geata Fhir-na-coguis. Chaidh na Ceannardan fo làn àrmachd a steach do dh'Anam-an-duine, agus le'm brataichibh sgaoilt' a mach, chaidh iad air an aghaidh gu tigh an t-Seanachaидh a bha gu h-inbhe bhig cho laidir ris a' chaisteach.<sup>1</sup> Mar an ceudna, thug iad reitheachan-cogaidh leo chum an oibreachadh an aghaidh geatachan a' chaisteil. 'Nuair a thainig iad gu tigh Fhir-na-coguis, bhuail iad an dorus agus dh'iarr iad fosgladh. A nis' a thaobh 's nach robh làn fhios fathast aig an t-seann duine uasal ciod a bh'air an aire, chum e dùinte a gheatachan ré na h-ùine bha'n cath so dha chuir. Ach dh'iarr Boanerges dol a steach air a gheata-san, agus a chionn nach do fhreagair neach sam bith, bhuail e an geata le ceann a h-aon de na reitheachan-cogaidh, agus thug so air an t-seann duine uasal clisgeadh, agus air a thigh criothnachadh. An sin thainig an Seanachaидh nuais a chum a gheata, agus mar a b'fhearr a b'urrainn e le bilibh critheanach, dh'fharraid e cò bh'an sin? Fhreagair Boanerges, "Tha sinne ann, ceannardan agus cinn-fheadhna Shaddai mhòir, agus Emanueil a Mhic, agus tha sinn ag iarraidh séilbh air do thigh-san air son feum ar Prionnsa' òirdheirc." Le sin a' ràdh thug an reithe-salachdaidh crathadh eile do'n gheata: thug so air an t-seann

<sup>1</sup> 'Nuair a ta na cluasan air am fosgladh tha'n rathad a dh'ionn-saidh na coguis direach, agus uaipe sin chum a' chridhe.

duine uasal criothnachadh ni bu mhò, agus cha bu dàna leis gu'n an geata fhosgladh; agus chaidh an triùir cheannardan a dh'ainmicheadh roimhe a steach. A nise bha tigh an t-Seanachaiddh na àite freagarrach do dh'Emanuel, agus bha e dlù ri aghaidh a chaisteil; an ùaimh sin anns an robh Diabolus; oir bha eagal air a nise teachd a mach á dhaingneach. A thaobh an t-Seanachaiddh, chum na ceannardan iad fèin gle leth-oireach air; or cha robh fios sam bith aige fhathast ciod na nithe mòr' a bh'ann an rùn Emanuel, air dhòigh 's nach b'eòl dha ciod a smuainicheadh e, no ciod a' chrìoch gus an tigeadh na tùsan bagarrach so. Mar an ceudna, ruith an sgéul air feadh a' bhaile, gu'n do ghlacadh tigh an t-Seanachaiddh, gu'n do shealbhaicheadh a sheòmraichean, agus gu'm b'e a lùthchuirt an t-ionad cogaidh; air bàll ghabh iad maoim, agus dh'innis iad e do thuilleadh dhe 'chàirdean, agus tha fhios agad gu bheil sgéula daonnaン coltach ri muc shneachd nach càill a bheag sam bith le bhi 'ga tionndadh, mar sin ann an ùine ghearr cho'dhùn am baile gu h-iomlan nach ruigeadh iad a leas earbsa à ni sam bith o'n Phrionns' ach léir-sgrios; b'e so an t'aobhar a chuir eagal orra, gu'n do chriothanaich an Seanachaiddh, agus gu'n robh 'na ceannardan gle choimheach ris. Thainig mòran a dh'fhaicinn, ach 'nuair a chunnaic iad le'n sùilibh na ceannardan anns an lùchaint, agus an reitheachan-cogaidh a gnàth shlacadh geatachan a' chaisteil chum an leigeadh sios, bha 'n geilt air a daingneachadh; agus mheud-aich Fear-na-coguis an eagal-san, oir cò sam bith a thigeadh dha ionnsaidh, no a bhruidhneadh ris, cha labhradh e mu ni sam bith, cha'n innseadh e dhoibh ni sam bith, 's cha'n éisdeadh e ni sam bith, ach gu'n robh bàs agus léir-sgrios a nis a' feitheamh air Anam-an-duine.<sup>1</sup>

"Oir" ars' an seann duine-uasal, "tha fios agaibh

<sup>1</sup> Dreuchd na coguis 'nuair a ta i air a dùsgadh.

uile gu'n robh sibh gu léir fealltach do'n Phrionns' Emanuel, a bha roimhe so air a chuir suarrach, ach a tha nis iomraiteach òr-bhuadhach agus glòrmhor; oir cha'n e mhàin gu bheil e nise d' ar 'n iom-dhruideadh, ach thàinig e steach a dh'aïndeoin, air ar geatachaibh; mar a ta sibh féin a' faicinn; a bhàrr air sin, tha Diabolus féin a' teicheadh roimhe, agus a ta sibh a' faicinn, gu'n d'rinn e mo thigh-sa na dhaingneach an aghaidh a' chaisteil. Ach mise, pheacaich mi gu mòr ann a fantainn a'm' thosd 'nuair bu chòir dhomh labhairt, agus ann an ceartas fhiaradh 'nuair bu chòir dhomh a' chuir an gniomh.<sup>1</sup> Tha e fior, gu'n d'rinn Diabolus peanas orm air son gnothach a ghabhail ri laghannaibh Shaddai; ach mo thrùaighe! 's beag is fiach sin? An dean sin ath-dhioladh air son gach ceannaire agus ar-a-mach a rinn mi, agus a cheadaich mi a bhì air a chur an gniomh gun chronachadh ann am baile Anam-anduine? O tha ball-chrith orm ri bhi smùaineachadh ciod a' chrìoch gus an tig na tùsan eagalach agus ùabhasach so!

Am feadh a bha na ceannardan tréubhach so gniomhach ann an tigh an t-seann Seanachaidh, bha'n Ceannard Gearr-sios a cheart cho gniomhach ann an earrannaibh eile de'n bhaile a glacadh nan cùl shràidean agus nam ballachan. Mar an ceutna, dhlù-lean e Morair-na-toile gu dian; cha do cheadaich e dha fois a ghabhail ann an cùil sam bith; ruaig se e cho teann 's gu'n d'fhuadaich e a chuid daoine uaithe, air dhòigh 's gu'm bu bhuidhe leis a cheann a sparradh ann an tòll. A thuilleadh air sin, ghearr an saighdear tréubhach sin triùir do cheannardan Mhorair-na-toile sios a chum an làir; b'e ainm a h-aon diù seanna Chlaon-bhreith, am fear a chaidh chiùrradh anns a' cheannaire; rinn Morair-na-toile an duine so na fhear gleidhidh air

<sup>1</sup> 'Nuair a ta choguis air a dùsgadh cha'n fheuch i ri leisgeul a' ghabhail.

Geata-na-cluaise, agus mhàrbhadh e leis a' Cheannard Gearr-sios. Bha fear eile d'am b'ainm Cùl-ri-math, a bha 'na cheannard air an dà għunna bha roimhe so air mullach Geata-na-cluaise, chaidh esan mar an ceudna a sgathadh sios chum an làir leis a' Cheannard Gearr-sios. A thuilleadh orra so, bha fear eile ann, d'am b'ainm an Ceannard Föill, duine aingidh, ach chuir Morair-na-toile mòr mhuinghinn ann, sgath an Ceannard Gearr-sios am fear so chum an làir mar chàch. Mar an ceudna, rinn e casgradh mòr air saighdearaibh Mhorair-na-toile, mhàrbh e mòran dhiùsan a bha laidir foghainteach, agus lot e mòran a bha glé sgaireil tapaidh air taobh Dhia-boluis. Ach b'Ifrinnich iad so uile, cha do chiurradh a h-aon de għnà-mhuinntir Anam-an-duine.

Rinneadh cǎsgradh mòr aig Geata-na-sùla, far an robh an Ceannard Deagh-dhòchas agus an Ceannard Gràdh air an suidheachadh ; oir mhàrbh an Ceannard Deagh-dhòchas le 'lāmhaibh féin, fear d'am b'ainm an Ceannard Dàll, chuir e 'n ruaig air a dhaoine, mhàrbh e mòran, ach löt e ni bu ro mhò dhiù, air chòr 's gu'm b'ēigin do'n chòrr an cinn fhalach ann am frògaibh. B'e 'n Ceannard Dàll so fear gleidhidh Geata-na-sùla ; bha mìle fear aige fodha, agus b'iad sin iadsan a chog le uirdmhòra.

Bha aig a' gheata cheudna fear d'am b'ainm Droch-theagamh, mu'n cuala sibh iomra roimhe ; b'fhior sheann duine e, air an robh féusag a bha ruigheachd sios gu 'chrios ; 'se bu chainntear do Dhiabolus, agus rinn e mòr dhochann ann am baile Anam-an-duine ; ach mhàrbh an Ceannard Deagh-dhòchas esan.

Anns na laithibh sin bha na h-Ifrinnich 'nan sīneadh màrbh anns gach oisinn, ged bha iomad-aidh dhiù beò fathast ann an Anam-an-duine.<sup>1</sup>

<sup>1</sup> B'Ifrinnich na h-uile h-aon a chaidh a mhàrbhadh. Chaidh na h-aon a miex-xanxu agus na tograidhean peacach a bha ri aintigh-

Chruinnicheadh ri chéile an seann Seanachaidh, Morair-na-toile, maille ri cuid eile de chìnn-fheadhn' à bhaile, eadhon, iadsan aig an robh fios gu'm feumadh iad seasamh agus tuiteam maille ri Anam-an-duine, agus an deigh an comhairle chuir cuid-eachd, cho-aontaich iad an iarrtas a chuir gu Emanuel, am feadh a bha e 'na shuidh ann an geat' a' bhaile. 'Se so brìgh na h-achanaich a chuir iad gu Emanuel : eadhon, "Gu'n robh iadsan seann-luchd-àiteachaidh a' bhaile thruaigh Anam-an-duine, ag aideachadh am peacaidh, agus gu'n robh iad ro bhrònach gu'n do chuir iad fearg air a Mhòrachd Rìoghail-san, agus b'e 'n guidhe gu'n caomhnadh e am beatha."

Cha tug e freagradh sam bith do'n achanaich so, agus mheudaich sin an trioblaid. A nise, ré na h-ùine sin uile, bha na ceannardan ann an tigh an t-Seanachaidh a'siorbhualadh geatachan a' chaisteil, leis na reitheachaibh-cogaidh a chum an leigeadh sios. An deigh began ùine, saothair agus dragh, chaidh geat' a chaisteil d'am b'ainm Do-fhosgladh a bhriseadh na mhìrean, agus rinneadh rathad chum an daingneich anns an d'fholach Diabolus e-féin.<sup>1</sup> An sin chaidh teachdaireachd a chuir sios gu Geatana-cluaise, oir bha Emanuel fathast a chòmhnaidh an sin, a dh'innseadh dha gu'n d'rinneadh rathad a' steach air geatachaibh caisteil Anam-an-duine. Ach O ! cia mar shéirm na tròmbaidean air feadh càmpa a' Phrionnsa, air cluinnntinn 'na teachdair-eachd so, a chionn gu'n robh an cogadh a nise dlù do bhi air a chriochnachadh, agus bha Anam-an-duine féin fagus do bhi air a chuir fa sgaoil !

An sin dh'éirich am Prionns' ás an àite 'san robh e, agus leis a' chuid bu fhreagarraiche do na fir chogaidh air son na h-ionnsaigh sin, chaidh e suas

---

earnas thar an anam a 'sgrios, ach dh'fhàgadh na comasan a dhéilbheadh ann le Dia air tús gun dochann.

<sup>1</sup> An cridhe air a cheannsachadh mu dheireadh.

sràid Anam-an-duine gu tigh an t-seann Seanachaidh. Bha' am Prionnsa féin air éideadh gu h-iomlan ann an àrmachd de' dh'òr, agus thriall e suas am baile le 'bhratach air a giùlan roimhe; ach chùm e 'ghnùis mar gu'm b'eadh glé leth-oireach na h-uile ceum de'n t-slighe, air dhòigh 's nach b'urrainn an sluagh aithneachadh cò dhiù a bh'air aire gràdh no fuath dhoibh-san. Thàinig muinntir a' bhaile mach anns na h-uile dorus a dh'fhaicinn, agus bha mòr iongantas orra r'a phearsa agus r'a ghlòir, ach bha neònachas orra ris cho leth-oireach 'sa bha suidheachadh a ghnùis; oir labhair e riù ni bu mhò le 'ghniomharraibh agus le 'oibre, na le briathraibh agus le aoidhealachd. Ach rinn am baile truagh Anam-an-duine, mar a ta na h-uile ullamh gu dheanamh 'na leithid sin do chòr, 's ann a mhìnic iad giùlan Emanueil d'an taobh-san, ceart mar rinn bràithrean Ioseiph a ghiùlan-san d'an taobh féin, càlg-dhireach an rathad tuaitheal; oir, ars' iadsan, nam bu toigh le Emanuel sinne, leigeadh e ris dhuinn e an dara cuid le facal no le gniomh, ach cha'n eil e deanamh aon chuid dhiù sin, uime sin, is fuathach le Emanuel sinn. A nise ma tha fuath aig Emanuel dhuinne, bithidh Anam-an-duine air a chuir gu bàs; air dhòigh 's gu'n tig e gu bhì na dhùn-aolaich. Bha fios aca gu'n do bhrist iad lagh 'Athar agus gu'n robh iad maille ris an nàmhàd Diabolus 'na aghaidh féin; agus b'aithne dhoibh gu'n robh fios aige a' Phrionns' Emanuel air so uile; oir bha iad làn dearbhta dheth gu'n robh e mar Dhia, fiosrach air na h-uile nithe a th' air an deanamh anns an t-saoghal. Thug so orra smuaineachadh gu'n robh an staid ro thruagh, agus gu'n deanadh an deagh Phrionnsa nochd-làrach dhiù.

Mar sin cho-dhùin iad, nach robh àm sam bith bu fhreagarraiche gu sin a dheanamh na'n t-àm so. Ach a dh'aindeoin air so uile, thug mi 'n aire shònraichte nach b'urrainn an luchd-àiteachaidh

'nuair a chunnaic iad e a' siubhal air feadh a' bhaile, gu'n bhi crúbadh, a' cromadh, a' sleuchdadh, agus bha iad toileach an duslach imlich dheth a chasan: mar an ceudna, b'e 'n uile dhùrachd agus an iarrtas gu'n tigeadh e gu bhi 'na Phrionnsa, 'na Cheannard, agus 'na Fhear-dionaidh dhoibh. A thuilleadh air sin, labhradh iad aon r'a chéile, mu mhaise a phearsa, agus cia mòr a thug e barrachd air muinntir ìnbheach an t-saoghal ann an glòir agus ann an tréubhantas. Ach d'an taobh féin na créutairean truagha bha an smaintean caochlaidh-each agus a' ruith gus na h-uile ea-dòchas. Seadh, a thaobh mar bha iad air an luasgadh air an ais agus air an adhart, thàinig Anam-an-duine gu bhi mar bhàll air a bhualadh a nùll agus an nàll, agus mar röileig roimh chuairt ghaoith.<sup>1</sup>

'Nuair a thàinig Emanuel gu geatachan a' chais-teil, dh' àithn e do Dhiabolus e theachd a làthair, agus e féin a thoirt thairis d'a làmhaibh-san. Ach O, cia cho leisg 'sa bha 'n Uile-bhéist air teachd am follais! cia mar stìog e! cia mar chrup e! gidheadh thàinig e 'n làthair a' Phrionnsa. Air àithne Emanueil, cheangail iad Diabolus gu daingean ann an géimhlibh, chum a ghleidheadh cìnnteach fa chomhair a' bhreitheanais a shònraich e air a shon. Ach dh' aslaich Diabolus ás a leth féin nach cuireadh Emanuel e a chum na dòimhne, ach gu'n ceadaicheadh e dhaimeachd a mach á Anam-an-duine ann an sìth.<sup>2</sup>

'Nuair a cheangail Emanuel e ann an géimhlibh thug 'se e gu àite na féille, far 'n do rùisg se e fa chomhair Anam-an-duine, de 'àrmachd as an d'rinn

<sup>1</sup> 'Nuair a ta 'm peacach air a dhùsgadh gu mothachadh de dh'-olc a pheacaidh agus de dh'oirdheirceis an t-Slànaighear, cha'n urrainn e gu'n mòr-thlachd a' ghabhail dheth agus a' dhùrachd-ainn gu'm bi e 'na Thighearn os a cheann, ged is gaunn is urrainn e dòchas a bhi aige ri beannachadh cho mòr.

<sup>2</sup> Cha'n urrainn a h-aon ach Criod Sàtan a' chuir a mach as a chridhe.

e uaill cho mòr. B'e so aon do ghniomharra buaidh-chaithream Emanueil thar a nàmhaid, agus ré na h-ùine sin, bha tràmbaidean a Phrionns' òirdheirc a' séirm gu dian; mar an ceudna, rinn na ceannardan iolach; agus shéirm na sàighdearan le aoibhneas. An sin ghairmeadh air Anam-an-duine gus am faiceadh e toiseach buaidh-chaithream Emanueil os a cheann-san anns an robh urrad do dh'earbs' aca, agus às an d' rinn iad uaill cho mòr anns na laithibh 'san d'rinn e miodal riù.

Air dha Diabolus a' rusgadh am fianais Anam-an-duine, agus fa chomhair ceannardan a' Phrionnsa, anns an ath àite dh'àithn e gu'm biodh Diabolus air a' cheangal le slàbhraidihibh ri rothaibh a' charbaid. (Eph. iv.) An sin air dha an Ceannard Boanerges agus an Ceannard Féin-mhothachadh fhàgail mar fhreiceadan air geatachaibh a' chaisteil, a chum cuir an aghaidh neach sam bith dhiùsan a bha 'nan luchd-leanmhuinn air Diabolus roimhe so, a dh'fhaodadh ionnsaidh a thoirt air a shealbhachadh, mhàrcaich e gu buadhach os a cheann troi bhaile Anam-an-duine gu h-iomlan, a mach air Geata-nasùla, agus fa chomhair, a dh'ionnsaidh a' chòmhnaid far an robh a chàmpa.

Ach cha'n urrainn thu a smuaineachadh, o nach robh thu an sin, mar bha mise, ciod an iolach a bh'ann an càmpa Emanueil 'nuair a chunnaic iad an t-ain-tighearn' air a chùibhreachadh le làmhaibh am Prionns' òr-bhuadhach, agus air a cheangal ri rothaibh a charbaid. Thuirt iad gu'n tug e bruid am bràighdeanas, agus gu'n chreach e uachdranachdan agus cumhachdan.

Mar an ceudna, rinn na sàighdearan a thàinig de'n saor-thoil, a nuas a dh'fhaicinn a' chatha, iolach le guth cho labhar, agus shéirm iad cho bìnn-cheòlach, 's gu'n tug iad orrasan a bha chòmh-nuidh anns na flaitheas is àirde amharc a nuas a

dh'fhaicinn aobhar na glòire sin. Luc. xv.  
7—10.<sup>1</sup>

A bhàrr air sin, bha mòr iongantas orrasan do mhuinntir a' bhaile a chunnaic an sealladh so. Tha e fior, cha b'urrainn iad innse ciod a' chrìoch gus an tigeadh nithe d'an taobh féin, rinneadh na h-uile nithe na leithid a dhòigh ùrramaich; agus cha'n urrainn domhsa innse cionnas, ach bha cùisean coltach ri bhi fàbharach a thaobh a' bhaile: oir 'nuair a chunnaic iad rìan Emanueil, bha 'n sùilean, an cinn, an cridheachan, agus an inntinnean, agus na h-uile buaidh eile dhiù air an lionadh leis.

'Nuair a chriochnaich am Prionnsa flath-mhais-each an earrann so de 'bhùaidh-chaithream thar a àmhaid Diabolus, dh'fhuadaich e air falbh e le tarchuis agus näire, a' toirt aithne dha gu'n Anam-an-duine a shealbhachadh ni bu mhò. An sin theich an uile-bhéist so air falbh o Emanuel, chaidh e mach a fir-mheadhon a chàmp', a chòmh-naidh ann an ionadaibh tiorama na tire neo-thorraich: ag iarraidh fois ach cha'n fhaigh e. Mata xii. 43.

<sup>1</sup> Aoibhneas na'n ainglean.



NA PRIOSANAICH A' SIUBHAL DO'N CHAMPA.

## CAIBIDIL VI.

Bha mòr bhrùaidlean air muinntir a' bhaile a thaobh rian nan ceannardan—Dh'òrdúich am Prionnsa Morair-na-tuigse, Fear-na-coguis, agus Morair-na-toile a chuir am priosan—Air do dh'Anam-an-duine a bhi ann an teanndachd mhòr, chuir iad achanaich chum a' Phrionnsa le fear da'm b'ainm Maiream-bed—Cha d'fhuair iad freagradh—Chuir iad an ath achanaich le fear d'am b'ainm Bed-iarrtas—Gheall am Prionnsa gu'n smuainicheadh e air an iarrtas—Chuir iad achanaich eile d'a ionnsaidh, agus chomh-arraicheadh seann Deagh-ghniomh gu dol leatha, ,ach chuir Fear-na-coguis na aghaidh—Chaidh Bed-iarrtas leatha agus chaidh Deur-shùileach maille ris—Chuir am Prionnsa air son nam priosanach chum a chaimp—Bha eagal air a' bhaile—An dòigh air an deachaидh na priosanaich sios—'Nuair a bha iad an lathair a' Phrionnsa dhit siad iad féin agus fhuair iad mathanas, thugadh an luideagan dhiù, agus thugadh tiodhlaicean saoibhir dhoibh—Chuireadh Ceannard Creideamh a ghabhail séilbh air a chaisteal agus dh'òrdúicheadh do'n Cheannard Gearr-sios agus do'n Cheannard Breitheanas am baile fhagail—An t-aoibhneas a bha air Anam-an-duine 'nuair a fhuair iad am mathanas—Ghuidh iad air a Phrionnsa fantuinn maille riu gu siorruidh—Dh'aontaich e agus gheall e theachd an ath latha—Thog e a' chairtealan anns a' chais-teal—Bha muinntir Anam-an-duine làn aoibhneis agus iarrtanach a cheannardan a bhi air chairtealan nam measg.

Bha 'n Ceannard Boanerges agus an Ceannard Féin-mhothachadh 'nan daoine bha làn de mhòrachd agus de chùmhachd; bha 'n aghaidhean mar aghaidhean leòghan, agus am briathran mar

bheuchdaich na fàirge ; agus bha iad fathast air chairtealan ann an tigh Fhir-na-coguis. Uime sin, 'nuair a choisinn am Prionns' Ard agus Cumhachdach na h-urrad so de bhuaidh thar Diaboluis, bha tuilleadh ùine aig muinntir a' bhaile gu bhi gabhair beachd air gniomharraibh nan ceannardan òr-bhuadhach so. Ach rinn na ceannardan na h-uile ni air dhòigh cho gràthail agus cho uabhasach, agus faodaidh tu bhi cìnnteach gu'n robh òrdugh uaigneach aca dheanamh mar sin, oir le sin chum iad am baile fo ghnà chràdh cridhe, air chòr 's (nam barail féin) gu'n robh iad an teagamh an eireadh gu math do dh' Anam-an-duine an déigh so, ionnas nach b'aithne dhiobh ré ùine àraig, ciod bu chiall do dh' fhòis, no do shocair, no do shith, no do dhòchas.

Cha tàinig am Prionnsa féin, fathast a chòmhnaidh do bhaile Anam-an-duine, ach bha e 'na Phàilliun rioghail anns a' chàmpa, agus ann am meadhon àrmaitl 'Athar. Mar sin aig àm freagarrach, chuir e òrdugh sònraichte chum a' Cheannard Boanerges, bàirlinn a thoirt do'n iomlan do mhuinnitir Anam-an-duine a theachd gu cùirt a' chaisteil, agus fa'n comhair, gu'n gabhadh e Morair-na-tuigse, Fear-na-coguis, agus an gineal comharraichte sin. Morair-na-toile, agus gu'n cuireadh e 'nan triùir ann am priosan iad, mar an ceudna, freiceadan a chuir 'gan gleidheadh, gus am faiceadh esan iomchuidh innseadh ciod a dheanta riù. Mhéudaich so gu mòr iomagain a' bhaile ; oir shaoil iad a nise, gu'n robh am fiamh a bh'orra roimhe mu thimchioll sgrios Anam-an-duine air a dhàingneachadh. Oir b'e 'n t-aon ni bu mhò bha cur do thrioblaid orra a nise, ciod am bàs a gheibheadh iad, agus an ùine bhiodh iad a'. bàsachadh ; seadh, bha iad fo eagal gu'n òrduicheadh Emanuel an t-iomlan dhiù chum na dòimhne, an t-ionad roimh an robh eagal air Prionnsa Diabolus féin ; oir bha fios aca gu'n do

thòill iad e. Mar an ceudna, chràidh e gu goirt iad gu'm féumadh iad bàsachadh leis a' chlaidheimh fo näire fhollaisich, le làimh Prionnsa cho math agus cho naomh'. A thuilleadh air sin, bha iad fo mhòr thrioblaid mu thimchioll 'nan daoine chuireadh ann am priosan, oir b'iad sin an cinn-iùil agus an cùltalice, agus do bhrìgh 's gu'n do chreid iad 'nam b'e 's gu'n rachadh na daoine so a ghearradh ás, nach biodh 'nam bàs-san ach tùs léir-sgrios do bhaile Anam-an-duine. Uime sin, chuir iad fén agus na daoine bha 'sa phriòsan, achanaich a chum a Phrionns' Emanueil le fear d'am b'àinm Maiream-beo. Mar sin thàinig e gu cairtealan a' Phrionnsa, agus chuir e an céill an achanaich; b'iad na briathran so a leanas brìgh na h-achanaich :

"Ard-uachdarain mhòr agus mhiorbhuiilich, thusa bhuadhaich air Diabolus, agus a cheannsaich Anam-an-duine. Tha sinne, luchd-àiteachaidh neoshona a' bhaile ro thrùaigh sin, a' guidhe gu h-iriosal gu'm faigh sinn deagh-ghean ann do shealladh-sa, agus nach cùimhnicheadh tu ar 'n eas-aontas 'san àm a chaidh seachad, na peacadh cinn-fheadhna ar baile-ne, a rinn sinn 'na t'-aghaidh, ach caomhainn sinn a réir lionmhørachd do thròcair, agus na faigh-eamaid bàs, ach maireamaid beò ann a' t'fhianais: mar sin bitidh sinn deònach a bhi 'nar seirbhisich dhutsa, agus ma's iomchuidh leats' e, ar lòn a thional fo do bhòrdsa.—*Amen.*"

Mar sin chaidh Maiream-beò leis an achanaich chum a' Phrionnsa, agus ghabh am Prionns' i, ach cha tug e fios freagradh 'sam bith dha. Chuir so an tuille trioblaid air baile Anam-an-duine, gidh-eadh 'nuair a smùainich iad gu'm féumadh iad aon chuid achanaich a chuir da ionnsaidh no bàsachadh, oir a nise cha b'urrainn iad ni sam bith eile a dheanamh, uime sin, chuir iad an comhairle ri cheile a rithist, agus chuir iad an ath-achanaich uapa, a bha glè choltach ris a' cheud achanaich.

B'e 'n ath cheist, cò leis a chuireadh iad an achanaich so ; oir cha chuireadh iad i le Maiream-beò, (oir smuainich iad gu'n do ghabh am Prionns' öilbheum air son an dòigh air 'n do ghiùlan se e féin 'na làthair) mar sin thug iad an oidheirp an Ceannard Féin-mhothachadh a chuir leatha, ach thuirt esan nach rachadh, 's nach bu dàna leis aon chuid dol le achanaich gu Emanuel às leth luchd-ceannairec ; no bhi 'na fhear tagraidh air son réubalaich. Gidheadh, ars' esan, tha ar Prionnsane math, agus faodaidh sibh a ghabhail oirbh féin a' cur le h-aon de mhuinntir 'ur baile, ma's e 's gu'n téid e le còrd mu 'cheann, agus tagairt air son tròcair a mhain.

Troimh eagal rinn iad maille 'sa chùis so cho fad 'sa b' urrainn iad, agus ni b' fhaide na bha e iomchuidh, ach air dhoibh eagal 'a 'ghabhall mu dheireadh às a chunnart anns an robh iad, smuainich iad, le mòr fhìamh agus dì-misneach, an achanaich a chuir le fear d'am b'àinm Beò-iarrtas ; a nise bha 'm fear so a chòmhnaidh ann am bothan glé shuarach ann an Anam-an-duine, agus thàinig e air iarrtas a choimhearsnaichean. Mar sin dh'innis iad dha ciod a rinn iad, agus ghuidh iad air-san dol le'n achanaich chum a' Phrionnsa. An sin thuirt Beò-iarrtas, "C'arson nach deanainn-sa mo dhìchioll chum baile cho uarramach ri Anam-an-duine a thearnadh bho'n sgrios a thòill e?" Uime sin, thug iad an achanaich dha, agus dh'innis iad dha cia mar dh'fheumadh e labhairt ris a' Phrionnsa, agus ghuidh iad le'n uile dhùrachd gu'n soirbhicheadh leis. Mar sin ràinig e pailliun a' Phrionnsa, agus dh'iarr e labhairt r'a Mhòrachd ; dh'innseadh an teachdaireachd sin do dh'Emanuel, agus thàinig am Prionnsa mach a dh'ionnsaidh an duine. 'Nuair a chunnaic Beò-iarrtas am Prionnsa, thuit e air aghaidh chum an làir, agus dh'éigh e mach, "O gu maireadh Anam-an-duine beò a'

t'fhianais!" agus thaisbean e an achanaich 'na làthair. 'Nuair a leubh am Prionns' an achanaich, thionndaidh e air falbh ré tàmuill, agus ghuil e, ach air dha cumail air féin, phìll e rithist ris an duine (a bha ré na h-ùine so uile na laidhe aige a chasaibh a' glaodhaich mar air tùs) agus thuirt e ris, "Imich romhad gu t'àite féin, agus smuainichidh mis' air t-iarrtasibh."<sup>1</sup>

A nis faodaidh tu a smuaineachadh, eadar ciont agus eagal, nach b'urrainn iadsan a chuir an teachdaire uapa, gu'n bhi sealltainn le h-iomadh ciòcras, agus mòr uabhas cridhe, gus an cluinneadh iad ciod a thachradh do'n achanaich: mu dheireadh chunnaic iad an teachdaire a' teachd air ais; agus an uair a thàinig e dh'fharraig iad dheth cionnas a shòirbhich leis? Ciod a thuirt Emanuel? Agus ciod a thachair do'n achanaich? Ach thuirt e riù nach innseadh e ni sam bith gus an ruigeadh e am prìosan far an robh Morair-a-bhaile, Morair-na-toile, agus an Seanachaiddh. Mar sin chaith e air aghaidh gu tigh a' phriosain, far an robh iadsan ceangailte, agus lean sluagh mòr e a chluinntinn ciod an naigheachd a bh'aige. 'Nuair a thàinig e gu geata 'phriosain, bha cruth Mhorair-a'-bhaile a' sealltainn aognaidh glaisneulach, mar an ceudna, chriothnaich an Seanachaiddh; ach thuirt iad, "Cluinneamaid a dheagh dhuin' uasail, ciod a thuirt am Prionnsa cumhachdach riut?" An sin fhreagar Beò-iarrtas, "Nuair a thàinig mise gu pàilliun an Tighearna, ghairm mi, agus thàinig e mach; an sin thuit mi sìos aig a chosaibh, agus thug mi dha m' achanaich (a thaobh mòralachd a' phearsa, agus glòir a ghnùise cha b'urrainn mi seasamh air mo

<sup>1</sup> Mu'n ruig am peacach aithreachail air beachdaibh soilleir mu'n t-soisgeil, mothachidh se-e féin air a dhìteadh: tha 'n tuigse, a choguis, agus an toil ann an daorsa, agus tha an t'anam fo mhòr eagal agus dùrachdach 'na urnaighibh air son tròcair, ach cha'n eil freagradh air a thoirt gu's am beil na h-iarrtasan air an dùsgadh agus fior chioeras air son Chriosd air a' bheothachadh.

chasaibh.) 'Nuair a ghabh esan an achanaich, ghlaodh mise "O gu maireadh Anam-an-duine beò a' t'fhianais!" Mar sin 'nuair a sheall e ré tamuill rithe, thionndaidh e mu'n cuairt agus thuirt e rioms' a sheirbhiseach, "Imich romhad gu t'aite féin a rithist, agus smuainichidh mis' air t-iarrtas-aibh." Os-bàrr thuirt e, "Tha'm Prionnsa chum an do chuir sìbh mise, 'na neach cho maiseach agus cho glòrmhor, 's nach urrainn a h-aon a chì e gun ghràdh a thoirt dha agus gun eagal a bhi orra roimhe: gu h-àraig, 's ann mar sin a thachair dhomhsa de'm thaobh féin, ach cha'n aithne dhomh ciod a' chrìoch gus an tig na nithe so." 'Nuair a chuala iad am freagradh so bha iad uile ann an teagamh, 's cha b'aithne dhoibh ciod an cìall a bheireadh iad ás an nì a thuirt am Prionnsa. Air do'n phrìosan a bhi air a réiteachadh do'n dòmhlas, thoisich na priòsanaich na measg féin ri briathraibh Emanueil a mhìneachadh. Thuirt Morair-a'-bhaile nach robh an fhreagairt coltach ri bhi reasgach; ach thuirt Morair-na-toile gu'n robh i a' bagairt uilc; agus cho'dhùin an Seanachaидh, gu'm bu teachdaire bàis i. A nis' iadsan a dh'fhàgadh, agus a sheas air an cùlthaobh, agus nach b'urrainn an ni bha na priòsanaich a' ràdh a chlùinntinn ceart, rinn cuid dhiù gréim air aon earrainn de'n chàinnt, agus cuid eile air beagan fhacal de dh'earrainn eile dh'ì; rug pàirt dhiù air an nì a thuirt an teachdaire, agus pàirt eile air barail nam priòsanaich air cainnt an teachdaire, air dhòigh 's nach robh a h-aon a' tuigsinn nan cùisean gu ceart; agus cha'n urrainn thu a' ghabhail a steach ciod an ùtarais a rinn an sluagh so, agus ciod an eas-aonachd a bha nis' ann an Anam-an-duine.<sup>1</sup> Oir iadsan a chuala clearban de na bh' air a labhairt, ruith iad air bàll air feadh a' bhaile, fear a' glaodhaich a

<sup>1</sup> Tha beachdan an-earbsach a' cur troi chéile ann an Anam-an-duine.

mach aon ni, agus fear eile ni a bha càlg-dhìreach an aghaidh sin, agus na h-uile fear dhiù dearbhta gur e féin a bha ceart, oir thuirt iad gu'n cuala iad le'n clùasaibh ciod a chaidh a' ràdh, uime sin, nach b'urrainn iad a bhi air am mealladh. Theireadh fear, “S cinnteach gu'm bi sinn uile air ar màrbhadh;” theireadh fear eile, “Cha'n eil teagamh nach bi sinn uile air ar teàrnadh; agus theireadh an treas fear, nach gabhadh am Prionnsa gnoth-aich ri Anam-an-duine; agus theireadh an ceathramh fear, gu'm biodh na priosanaich air an cuir gu bàs air bàll; agus mar a thuirt mi cheana, bha na h-uile fear a dearbhadh, gur e-féin a bha ceart, agus gu'n robh càch uile am mearachd. Uime sin, bha trioblaid air muin trioblaid aig Anam-an-duine; oir 'nan tàrladh do neach a bhi dol seachad, agus gu'n cluinneadh e 'choimhearsnach ag inns-eadh a sgéul, dh'innseadh esan sgéul a bhiodh càlg-dhìreach an aghaidh sin, agus bhòidicheadh na h-uile fear gur ann aige féin a bha'n fhìrinn. Ni h-eadh, thubhairt cuid dhiù, gu'n robh am Prionns' a rùnachadh an cuir gu bàs leis a chlaidheimh. A nise thòisich am feasgair air ciaradh, uime sin bha 'm baile truagh Anam-an-duin' ann an ioma-cheist ghòirt ré na h-òidhche sin uile, gus an ath mhadainn.<sup>1</sup>

Ach cho fad 'sa b'urrainn mis' a thuigsinn 'se na facail a thuirt an Seanachaiddh, a thog an iorghuill so uile, 'nuair a dh'innis e dhoibh a réir a bharail-san gum bu teachdaireachd bàis fios freagradh a Phrionnsa.<sup>2</sup> B'e so a chuir eagal air Anam-an-duine; oir anns na h-amaibh a chaidh seachad bha meas fàidh aig a' bhaile sin air an t-Seanachaiddh, agus gu'n robh a bhreitheanas co'ionann ris an taisbeanadh a b'fhearr; agus mar so bha Anam-an-duine 'na uabhas dha féin.

<sup>1</sup> Fhuair Anam-an-duine, mach olc peacaidh.

<sup>2</sup> Ciod nach dean cionta.

Thòisich iad a nise ri toradh an ràg-mhuinnealachd féin agus an strigh mhi-laghail an aghaidh am Prionns' a mhothachadh, oir bha iad féin agus cinn-fheadhna baile Anam-an-duine, air an claoiadh le eagal agus le cionta.

'Nuair a thàinig na priosanaich beagan d'an ionnsaidh féin, rùnaich iad achanaich eile a chur a dh'ionnsaidh a' Phrionnsa air son am beatha; mar sin chuir iad an treas achanaich, agus is iad na briathran so a leanas a brìgh :

"A Phrionns' Emanueil Chumhachdaich, a Thighearna nan uile shaoghal, agus a Mhaighstir na Tròcair, tha sinne, do bhaile truagh, bochd, dìblidh, a ta dol bàs, ag aideachadh do' d' Mhòrachd urramach agus ghlòrmhor-sa, gu'n do pheacaich sinn an aghaidh t'Athar agus a' t' aghaidh Féin, agus nach airidh sinn tuilleadh gu'n goirte do bhaile-sa dhùnn, oir 'se a thoill sinne a bhì air ar tilgeadh do'n t-sloc. Ma mharbas tu sinn, thoill sinn e. Ma dhìteas tu sinn a chum na dòimhne, cha'n urrainn duinn ach a' ràdh gu bheil thusa fireanta. Cha'n urrainn duinn gearan ciod air bith bìnn a bheir thu oirnn. Ach oh ! rìoghaicheadh tràcair, agus ruigeadh i oirnne ! O deanadh tràcair greim oirnne, agus ar saoradh bho ar n-uile easaontas, agus seinnidh sinn mu d' thròcair, agus mu d' bhreitheanas. *Amen.*"

'Nuair a chuireadh i so r'a chéile, rùnaich iad a' cuir a dh'ionnsaidh a' Phrionnsa mar a cheud achanaich, ach b'e cheist cò rachadh leatha. Thuirt cuid, rachadh esan a chaidh leis a' cheud té, ach chuir feòghainn eile 'na aghaidh, a chionn nach do shoirbhich leis ni b'fhearr roimhe. A nise bha seann duine anns a' bhaile, d'am b'ainm Deagh-ghnìomh ; duine aig nach robh ach an t'àinm a mhàin, oir cha robh ni sam bith de'n ghné sin ann ; bha cuid a' togairt esan a chuir leatha, ach chuir an Seanachaiddh 'nan aghaidh : "Oir" ars' esan, "tha

sinn an dràsd an eisimeil tràcraig, agus aig aslachadh air a' son, uime sin, bithidh e càlg-dhìreach an aghaidh na h-achanaich a cuir le Deagh-ghniomh; 'nuair a ta 'n achanaich féin a' glaodhaich air son tràcraig. A thuilleadh air sin, nam b'e 's gu'm fàighnicheadh am Prionnsa ris, an uair a gheibh-eadh e 'n achanaich, Ciod is àinm dhuit? agus gu'n abradh esan, 'se is àinm dhomh Seann Deagh-ghniomh: Ciod i ar barail, nach e so a theireadh Emanuel? Seadh, am bheil Seann Deagh-ghniomh fathast beò ann an Anam-an-duine! ma tha saoradh Seann Deagh-ghniomh sibh o bhur teanndachd-aibh. Agus ma's e 's gu'n abair esan sin, tha mise cìnnteach gu bheil sinne càillte, cha'n urrainn mile Seann Deagh-ghniomharra Anam-an-duine a thearnadh."

An deigh do'n t-Seanachaидh na h-aobharan a bh'aige innse, air son Seann Deagh-ghniomh a bhacadh o dhol leis an achanaich gu Emanuel, chuir a chuid eile do na prìosanaich agus do chinnfeadhna Anam-an-duine 'na aghaidh mar an ceudna, mar sin chaidh Seann Deagh-ghniomh a chuir air cùl, agus chòrd iad teachdaire a dheanamh rithist do Bheò-iarrtas; mar sin chuir iad fios air, agus dh'aontaich esan air ball. A nise dh'iarr iad air an ro aire ghabhail nach tugadh e òilbheum sam bith aon chuid le 'chàinnt no le 'ghiùlan do'n Phrionnsa, air eagal leis a sin a dheanamh gu'n tugadh e léir-sgrios air Anam-an-duine.

'Nuair a chunnaic Beò-iarrtas gu'n feumadh e dol air an teachdaireachd so rithist, ghuidh e gu'n rachadh Deur-shùileach maille ris. A nise bha Déur-shùileach so na dhlù choimhearsnach do Bheò-iarrtas, duine bòchd, duine do spiorad briste, gidheadh b'fhear e a bha ro fhreagarrach an cois achanaich. Mar sin dheònaich iad gu'n rachadh e maille ris. Uime sin, chaidh iad air ceann an gnothaich: chuir Beò-iarrtas còrd m'a cheann,

agus dh' imich Déur-shuileach a' fàsgadh nan dòrn.  
Mar so chàidh iad gu pàilliun a' Phrionnsa.

Aig an àm so cha robh iad cùidhteas eagal le'n sìor theachd gu'm biodh iad 'nan sgrios do'n Phrionnsa, uime sin, 'nuair a thàinig iad gu dorus a phàilliuin, ghabh iad air tùs an leisgeul féin, a chionn a bhi teachd cho tric a chuir dragh air Emanuel ; agus thuirt iad, nach e tlachd sam bith a bh'aca ann a bhi'g an cluinntinn féin a bruidheann, a thug an sud an diugh iad, ach gu'n chuir an éigin thuige iad gu teachd a chum a Mhòrachd, oir thuirt iad, nach robh fois aca latha no dh'oidhche, air son an easaontais an aghaidh Shaddai, agus an aghaidh Emanueil a mhic. Mar an ceudna, bha iad de'n bheachd gu'n chuir ni-éigin de ghiulan Bheò-iarrtas miòthlachd air a Mhòrachd, air an turas mu dheireadh, agus gu'm b'e sin a b'aobhar gu'n do phìll e falamh, agus as eugais an deagh-ghean bu lugha fhaotainn bho Phrionnsa cho tràcaireach. Air dhoibh an leisgeul a ghabhail, thilg Beò-iarrtas e féin sios air an làr, aig casaibh a' Phrionnsa chùmhachdaich, mar a rinn e an ceud uair, ag ràdh, "O ! gu'm maireadh Anam-an-duine beò a' t'-fhianais !" agus leis a sin a' ràdh thug e seachad 'achanaich. 'Nuair a leubh am Prionns' an achanaich, thionndaidh e a leth-taobh ré tamuill, mar a rinn e roimhe, agus air dha teachd a ritist a dh'ionnsaidh an àite far an robh an teachdaire 'na laidhe air an làr, dh'fharraid è dheth, ciod a b'ainm dha, agus ciod a meas a bh'air ann an Anam-an-duine, anns gur esan, os ceann chàich uile, a rachadh a' chur dha ionnsaidh-san air a leithid a ghnothach. An sin thuirt an duine ris a' Phrionnsa, "O na biodh corruiich air mo Thighearna ; agus c'arson a dh'fhiorsraicheadh tu air son àinm a leithid a chù marbh 'sa ta mis' ann ? Rach seachad, guidheam ort, agus na gabh aire sam bith dhiomsa, do bhrìgh gu bheil éu-coltas ìnbhe cho mòr eadar mis'

agus tusa, mar is math a ta fhios agad. Ach ciod an t-aobhar a bh'aig muinntir a' bhaile air son mis' a chuir air an teachdaireachd so gu mo Thighearna, 'sann doibh féin is fearr is aithne e, ach cha b'urrainn e bhi gur ann a chionn gu'n do shaoil iad gu'n robh deagh-ghean agams' ann an sùilibh mo Thighearna. Air mo shonsa tha gràin agam dhiom féin, cò ma ta aig am biodh meas orm? Gidheadh, b'àill leam mairsinn beò, agus gu maireadh mo cho-luchd baile beò mar an ceudna; agus a chionn gu bheil araon iad-féin agus mise ciontach de dh'euceartan mòra, uime sin, chuir iad mise, agus tha mi air teachd 'nan ainms' a' ghuidhe air mo Thighearn air son tràcair. Uime sin, gu ma toil leatsa tràcair a dheònachadh, ach na feoraich cò sinne do sheirbhisich."

An sin thuirt Prionns' Emanuel, "Agus cò e am fear sin is còmpañach dhuit anns a' ghnóthach chudthromach so, agus ciod is àinm dhà?" "Tha 'arsa Beò-iarrtas, "coimhearsnach bochd, agus aon de mo dhlù chòmpanaich, agus le cead bhur 'n òirdhearcas Rìoghail-sa' 'se Déur-shùileach is ainm dha, fear do mhuinntir Anam-an-duine. Tha fios agam gu bheil mòran de'n ainm sin a ta faoin, ach tha mi'n dùil nach bi diùmadh air mo Thighearn, air son gu'n tug mise mo choimhearsnach bochd maille riùm."

An sin thuit Déur-shùileach air aghaidh air an an làr, agus thuirt e, "O mo Thighearna, cò mise cha'n aithne dhomh mi-féin, na cò dhiù a ta m' àinm fior no féallsa, gu h-àraigd 'nuair a smuain-icheas mi ciod a thuirt cuid roimhe, eádhon, gu'n tugadh an t'ainm so dhomh do bhrìgh gu'm b'e Aithreachas m' athair. Tha droch clòinn aig deagh dhaoine, agus is minig a ghin na tréi-dhírich cealgairean. Mar an ceudna, 'se so an t-àinm a ghàirm mo mhàthair dhiomh o bha mi 'sa chreadhail, ach cò dhiù is ann air son àtidheachd

m' eanachainn, no taiseachd mo chridhe, a ghior i an t'ainm so dhiom, cha'n urrainn mi innse. Tha mi a' faicinn salachair 'na m' dhéuraibh féin, agus truaillidheachd 'nam ùrناighibh. Ach guidheam ort (agus e gul ré na h-ùine so uile) nach cùimhnicheadh tu ar lochdan 'n ar 'n aghaidh, agus nach biodh corraich ort air son neo-ionchuidheachd do sheirbhisich, ach rach gu tròcaireach thairis air peacadh Anam-an-duine, agus na cuir dàil ni's faide ann do ghràs a ghlòrachadh.

Air àithne Phrionnsa dh'éirich iad, agus sheas iad le chéile air chrith 'na làthair, agus labhair e riù mar a leanas :

"Rinn baile Anam-an-duine àr-a-mach ro dhoil-ghiosach an aghaidh m' Athar-sa, 'san lath' anns na chuir iad cùl ris mar an Rìgh, agus a ròghnaich iad dhoibh-féin, breugadair, mortair, agus tràill mheallaidh mar an ceannard. Oir rinn an Diabolus so, a ghabh air a bhi 'na phrionns' oirbhise, 'sa bha uair-eigin cho measail agaibh, ceannaire an aghaidh m' Athar agus am aghaidh féin, eadhon ann ar lùchaint, agus ann ar cùirt is àirde, a' saoil-sinn gu'm faigheadh e 'bhi 'na Phrionns' agus 'na Rìgh. Ach air dha a bhi gu tràthail air fhaotainn a mach agus air a ghlacadh, chaidh a cheangal le slàbhraidhibh air son àingidheachd, agus thilgeadh e maille riusan bu chòmpanaich dha do'n t-slòc, thairg se e féin dhuibh mar righ agus ghabh sibhse ris.

"Tha, agus bha so ré ùine fhada, 'na thàire mhòr do m' Athair-sa ; uime sin, chuir m' Athair feachd chùmhachdach chum ar toirt gu ùmhachd. Ach tha fios agaibh féin cionnas a bhuin sibh ri na daoinibh sin, ri'n ceannardaibh, agus ri'n comh-airlibh. Rinn sibh ceannaire 'nan aghaidh, dhùin sibh 'ur geatachan orra, thug sibh dùbhlan dhoibh, agus chog sibh le Diabolus 'nan aghaidh. Mar sin chur iad gu m' Athair air son tuille neirt, agus

thainig mise le mo dhaoinibh chum ar ceannsachadh. Ach mar bhuin sibh ris na seirbhisich, is amhuil a bhuin sibh ri 'n Tighearna. Sheas sibh gu nàimhdeil 'nam aghaidhs', dhùin sibh 'ur geatachan orm, thionndaidh sibh cluas bhodhar rium, agus chuir sibh a' m' aghaidh cho fhad 'sa b'urrainn duibh ; ach a nise thug mise buaidh oirbh. An do ghlaodh sibh air son tròcair fhad 'sa bha dùil agaibh ri buadhachadh a' m' aghaidh ? Ach a nis' air dhomh am baile ghlacadh, tha sibhse glaodh-aich ; ach c'arson nach do ghlaodh sibh roimhe so, 'nuair a bha bratach bhàn mo thròcair, bratach dhearg mo cheartais, agus a' bhratach dhubbh a bhagair casgradh, a bh'air an cur suas gu bhur gairm da h-ionnsaidh ? A nis' air dhomhsa bhur ceannard Diabolus a cheannsachadh, tha sibh a' teachd do m' ionnsaidh-s' air son fàbhair ; ach c'arson nach d'rinn sibh comhnadh leamsa 'n aghaidh nan cumhachdach ? Gidheadh smuainichidh mis' air bhur 'n achanaich, agus freagraidh mi i air dòigh a bhios a chum mo ghlòir féin.<sup>1</sup>

"Rachaibh agus iarraibh air a' Cheannard Boanerges, agus air a' Cheannard Fein-mhothachadh na priosanaich a thoirt a màireach do m' ionnsaidh do'n chàmpa ; agus abraibh ris a' Cheannard Breith-eanas agus ris a Cheannard Gearr-sios fantainn anns a' chaisteal, agus deagh aire thoirt gu'n cum iad an t-iomlan sàmhach ann an Anam-an-duine, gus an cluinn iad uamsa rithist." An sin thionndaidh e uapa, agus chaidh e air ais d'a phàilliun rioghail.

<sup>1</sup> "Is còir" do dhaoine "ùrnaigh a dheanamh do ghnà agus gun fhannachadh." Tha'n treas achanaich ni's ro iriosail 'na cheud achanaich, oir mar is tric a ni sinn ùrnaigh le durachd, 's ann is ro eòlaich a dh'fhasas sinn air ar fior staid. Ma's ann as leth ar deagh ghniomharan a thagras sinn, bithidh ar 'n achanaichean gu cinnteach air an diultadh, ach buanaicheamaid ann a bhi 'g aslachadh tròcair ; "air cridhe briste agus brûite cha dean Dia tair." Salm li. 17.

Air do na teachdairean am fios freagradh so fhaotainn bho'n Phrionnsa, phill iad gu'n còmpanach a rithist: Ach mu'n deach iad fada, thoisich iad ri smuaineachadh, nach robh a rùn fhathast air a' Phrionnsa tròcair a dheananmh air Anam-an-duine; chuir so a leithid do throimhe-chéile inntinn orra, mu thimchioll ciod a thachradh do dh' Anam-an-duine, 's gur gann a b'urrainn doibh an teachdaireachd innse, 'nuair a ràinig iad far an robh no priosanaich ceangailte.

Mu dheireadh thàinig iad gu geatachaibh a' bhaile, far an robh muinntir a' bhaile a' feitheamhl le iomaguin ri 'n teachd air ais, gus an cluinneadh iad ciod am freagradh a fhuair an achanaich. Ach thuirt iadsan riù gu'm feumadh iad dol chum a' phriosain, agus an teachdaireachd innse an sin. Mar sin chaithd iad chum a' phriosain le cuid-eachd mhòr<sup>1</sup> nan deigh, agus 'nuair a ràinig iad geatachan a' phriosain, dh'innis iad a' cheud chuid de chàinnt Emanueil, cionnas a thilg e orra am midhilseachd d'a Athair agus d'a fein, agus gu'n ròghnaich iad Diabolus, gu'n ghabh iad ris, gu'n chog iad air a shon, gu'n d'éisd iad ris, agus gu'n robh iad air an riaghladh leis, ach gu'n d'rinn iad tàir air Emanuel agus air a dhaoine. Chuir so faiteachas agus gruaim air na priosanaich, ach lean na teachdairean air labhairt, ag ràdh; thuirt am Prionnsa ruinne, fathast gu'n smuainicheadh esan air ar 'n achanaich, agus gu'm freagradh e i ann an dòigh a bhios a réir a ghlòire fein. Agus an nuair a làbhradh na briathran so, rinn Déur-shùileach osna thròm. Air cluinntinn so dhoibh bha iad uile fo mhòr thrioblaid, agus cha robh fhiros aca ciod a theireadh iad: mar an ceudna bha iad làn eagail, agus bha snuagh a' bhàis ri fhaicinn air aghaidhibh cuid dhiù. A nise bha anns a chuideachd teangaire ro-chomharraichte, gidheadh cha robh ann ach

1 Smuaintean beadaidh.

duine gun diù, agus 'se b' àinm dha Seann Bheadaidh; dh'fheòraich am fear so do na teachdairean an d'innis iad na h-uile smid a thuirt Emanuel. Fhreagair iadsan, "Gu dearbh cha d'innis." "'Se sin ar leam," ars' esan, "ach ciod tuilleadh a thùirt e ruìbh?" An sin thosd iad căr tacain, ach mu dheireadh dh'innis iad an t-iomlan, ag ràdh, "Dh'iarr am Prionns' oirnne innse do'n Cheannard Boanerges agus do'n Cheannard Féin-mhothachadh, na priosanaich a thoirt sios d'a ionnsaidhsan, a màireach, agus gu'n gabhadh an Ceannard Breitheanas agus an Ceannard Gearr-sios cùram do'n chaisteal agus de'n bhaile, gus an cluinneadh iad uaithe-san a rithist, agus 'nuair a dh'àithn am Prionnsa dhoibh sin a dheanamh, air bàll, thionndaidh e a chùl riù, agus chaidh e d'a phailliuin rioghail."

A nise chuir an teachdaireachd so, gu h-àraig an ròinn mu dheireadh dh'i, eadhon, gu'm féumadh na priosanaich dol a mach do'n chàmpa a dh'ionnsaidh a' Phrionnsa, mòr thrioblaid orra, agus le aon ghuth chuir iad suas glaodh a ràinig na flaitheis. Air dhoibh so a dheanamh, dh'ullaich gach aon de'n triúr iad-féin gu bàsachadh, agus thuirt an Seana-chaidh<sup>1</sup> riù, "'Se so a nis' an ni às an robh eagal ormsa;" oir cho-dhùin iad, mu'n rachadh a' ghrian fo a maireach, gu'm biodh iad air an cuir gu bas. Agus bha 'm baile gu h-iomlan ag earbsa, gu'm féumadh iad uile an ni ceudna fhulang uair-éigin. Uime sin, chaith Anam-an-duine an òidhche sin ri bròn ann an saic-eudach agus ann an luathaire. A nise 'nuair a thàinig an t-àm do na priosanaich dol an làthair a' Phrionnsa, chòmhdaich siad iad féin ann an éideadh bròin, le còrdaibh mu'n cinn. A thuilleadh air sin thaùsbean an t-iomlan de mhuinntir a' bhaile iad fèin air a' bhalla agus iad uile air an éideadh ann an earradh bròin, ann an

<sup>1</sup> A choguis.

dòchas, leis an t-sealladh so theagamh gu'm biodh am Prionnsa air a għluasad le truas. Ach O ! cia mar bha 'n luchd-tuairsgeul<sup>1</sup> a bh'ann an Anam-an-duine, a nis' a' ruith 'nam buidhnibh an sud 'san so air feadh sràidibh a' bhaile, a glaodhaich mar bha iad a' ruith gu buaireasach, fear a' glaodhaich aon ni, agus fear eile glaodhaich ni a bha càlg-dhìreach an aghaidh sin, gus an robh iad gu īnbhe bhig an coinneamh Anam-an-duine a chuir as a chiäll.

B'e so an dòigh air an deach na priosanaich sios do'n chàmpa : chaidh an Ceannard Boanerges le freiceadan ròmpa, agus lean an Ceannard Féimhoothachadh as an déigh agus chaidh na priosanaich sios eatorra ceangalite le slàbhraidhibh ; agus dh'imich am freiceadan le brataichibh sgoilte a mach rompa agus 'nan deigh, ach dh'imich na priosanaich le spioradaibh túrsach.

Bha na priosanaich uile ann an eideadh-bròin, chuir iad còrdan mu'n cinn, dh'imich iad a' bualadh an uchd, ach cha bu dàna leo an sùilean a thogail suas ri nèamh. Mar so chaidh iad a mach air geata Anam-an-duine, gus an tāinig iad gu meadhon feachd a' Phrionnsa, dh'àrdaich sealladh agus glòir na feachda an àmhghar gu ro mhòr. Cha b'urrainn iad cumail orra féin n'a b'fhaide, ach ghlaodh iad a mach, "O na daoine neo-shona a ta sinn ann ! O am baile truagh Anam-an-duine !" Bha gleadhraich mhuladach an slabhraidean agus glaodhaich nam priosanach, na fhuaim ro dhubbhach.

'Nuair a thàinig iad gu dorus pailliun a' Phrionnsa, thilg iad sios iad féin air an lär ;<sup>2</sup> an sin chaidh teachdaire a steach agus dh'innis e do dh'Emanuel, gu'n tāinig na priosanaich a nuas. Chaidh am Prionns' an sin suas air rìgh-chathair, agus chuir e air son nam priosanach ; air dhoibh

<sup>1</sup> Smuaintean diomhain.—<sup>2</sup> Tha 'n tuigse, an toil, agus a' choguis air an irioslachadh an làthair Chriosc.

teachd 'na làthair chriothnaich iad, agus dh'fhalach iad an aghaidean leis an nàire. An nise mar thar-ruine iad dlù do'n àite 'san robh e 'na shuidhe, thilg iad sios iad féin 'na làthair; an sin thuirt am Prionnsa ris a' cheannard Boanerges, "Abair ri na priosanaich seasamh air an casaibh;" an sin sheas iad air chrith, agus thuirt esan, "An sibhse na daoine bha roimhe so 'nar seirbhisich do Shaddai?" "Is sinn, a Thighearn, is sinn," ars' iadsan. An sin thuirt am Prionnsa, "An sibhse na daoine sin a cheadaich dhùibh féin a bhi air 'ur truailleadh agus air 'ur salachadh leis an fhear ghràineil sin Dhiabolus?" Fhreagair iadsan, "Rinn sinn tuille 'sa cheadachadh, a Thighearn, oir roghnaich sinn e de ar deòin." An sin dh'fheòraich am Prionnsa, "Am biodh sibh deònach gu'm maireadh 'ur tràill-eachd fo 'an-tighearnas-san cho fad 's bu bheò sibh?" An sin thuirt na priosanaich, "Bhiodh, a Thighearna, bhiodh, oir bha 'ròidean taitneach do ar feòil, agus dh'fhàs sinn 'n ar coimhich do staid ni b'fhearr." "Agus," ars' esan, "'nuair a thàinig mise 'n aghaidh a' bhaile so Anam-an-duine, an robh sibhse làn-mhiannachadh, nach fhaighinn buaidh oirbh?" "Bha, a Thighearna, bha," ars' iadsan. "Agus ciod am peanas, a shaoileas sibh féin, a tha na peacannan so agus gach peacadh mòr agus uabhasach eile de'm bheil sibh cionntach, a' toilltinn uamsa?" ars' am Prionnsa. Fhreagair iadsan, "Tha iad a' toilltinn araon am bàs agus an sloc, a Thighearna; oir 'cha do thoill sinne ni sam bith ni's lugha." Dh'fheòraich e rithist, "An robh a bheag sam bith aca ri ràdh, an aghaidh a' pheanais a dh'aidich iad féin a thoill iad, a bhi air a' chuir an gniomh orra?" Thuirt iadsan, "Cha'n urrainn duinn ni sam bith a' ràdh, a Thighearna; tha thusa cothromach, oir pheacaich sinne." An sin thuirt am Prionnsa, "C'arson a tha na cùird so air 'ur cìnn?" Fhreagair na priosanaich, "Tha na

cùird<sup>1</sup> a chum ar toirt gu-àit' an dìtheachaidh, mar a h-àill leatsa tròcair a dheanamh." (Gnàth. v. 22.) Dh'fheòraich e mar an ceudna, "An robh na h-uile de mhuinntir Anam-an-duine ag aontachadh anns an aidmheil so?" Fhreagair iad, "Tha an t-iomlan de mhuinntir<sup>2</sup> dhuthchasach a' bhaile, a Thighearna; ach cha'n urrainn duinne bheag a' radh mu thimchioll nan<sup>3</sup> Ifrinneach a thàinig a chum ar baile, 'nuair a fhuair an t-an-tighearna seilbh oirnn.<sup>4</sup>

An sin dh'àithn am Prionnsa teachdaire ghairm, gu cuir an céill, le fuaim tràmbaid, gu'n d'fhuair am Prionnsa, Mac Shaddai, ann an ainm 'Athar, agus air son glòir 'Athar, buaidh iomlan thar Anam-an-duine, agus gu'n leanadh na priosanaich e ag ràdh AMEN. Rinneadh so a réir àithne.

Air bàll shéirm an ceòl a bh'anns na h-àrdaibh gu ro bhinn. Thug na ceannardan a bh'anns a' chàmpa iolach, agus shéinn na saighdearan òranan buaidh-chaithream do'n Phrionnsa, bha na brataichean a' snàmh 'sa ghaoith, agus bha aoibhneas mòr anns gach àite, ach cha d'ràinig e fathast cridheachan muinntir Anan-an-duine.

Dh'iarr am Prionnsa na priosanaich a theachd a rithist 'na làthair, 'nuair a thàinig iad chriothnaich iad. Agus thuirt esan riù, "Gach peacadh, eucairt, agus aingidheachd, a chuir sibhse, an t-iomlan de bhaile Anam-an-duine, bho àm gu àm an gniomh an aghaidh m' Athar agus a'm' aghaidhsa, tha cumhachd agus àithne agamsa bho m' Athair am mathadh, agus a réir sin tha mise dha mathadh

---

1 Peacana.—2 Comasan an anama.—3 Truaillidheachdan agus ana-miannan.—4 A leubhadair, a' bheil thus 'air t-irioslachadh' mar so an làthair Chriosd? a' bheil do pheacannan ro ghràineil ann ad shealladh féin, agus a' bheil thu a' miannachadh gu'm biadh iad air an ceannsachadh an taobh a stigh dhiot? "Mà dh'aidhicheas sinn ar peacannan tha esan firrinneach chum ar peacannan a mhathadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neofhireantachd." (1 Eoin i. 9.) Tha aoibhneas anns na néamhaibh air son aon pheacach an ni aithreachas.

dhuibh." Agus air dha so a ràdh, thug e dhoibh mathanas mòr agus coitchean, air a sgriobhadh air clàr-sgrìobhaidh, agus air a shéuladh le seachd séulachaibh, agus dh' àithn' e do Mhorair-a'-bhaile, do Mhorair-na-toile, agus do'n t-Seanachaidh, a chuir an céill, agus a thoirt fainear gu'm biodh e air a chuir an céill mu éirigh na gréine am maireach, air feadh baile Anam-an-duine, gu léir.

A thuilleadh air sin, rùisg am Prionnsa na priosanaich de'n éididhean bròin, "agus thug e dhoibh, maise an àite luathre, ola aoibhneis an àite bròin éididhean mòlaidh an àite spiorad airs-neil." Isa. lxi. 3.

An sin thug e do gach aon de'n triùir, séudan òir, agus clachan luachmhor, agus thug e dhiù an cùird, agus chuir e slàbhraidhean òir mu'm muinnealan, agus fàileachan 'nan cluasaibh. A nis 'nuair a chuala na priosanaich briathran gràsmhor a' Phrionnsa Emanueil, agus a chunnaic iad na h-uile nithe a rinneadh dhoibh, 's beag nach deach iad nan neul, oir bha an gràs, an tràcair, am mathanas, cho obann, cho glòrmhor, agus cho mòr, 's gur gànn a bha iad comasach a ghiùlan. Seadh, chaidh Morair-na-toile gu glan na neul, ach thainig am Prionnsa dha ionnsaidh, chuir e 'ghàirdeanan sìorruidh fodha, ghlac e 'na uchd e, phòg se e, agus dh'iarr e air a bhi do dheagh-mhisneach, oir gu'm biodh na h-uile ni air an coimhlionadh a réir 'fhacail-san. Mar an ceudna, thaisbean e caoimhneas do'n dithist eile, agus ghlac e 'na uchd iad, agus phòg se iad ag ràdh, "Gabhaibh so mar leasachadh comharraidh air mo gràdh, air mo chàirdeas, agus air mo thruas dhuibh; agus tha mi 'g àithneadh dhuit-sa, a Sheanachaidh an ni sin a chunnaic agus a chuala tu, a' chur an céill ann am baile Anam-an-duine."

An sin bhriseadh an cùibhrichean nam mìribh 'nan làthair, agus thilgeadh iad leis a' ghaoith, agus

rinneadh an ceuman farsuinn fodhpa. An sin thuit iad sios agus phòg iad casan a' Phrionnsa, agus fhliuch iad le deoir iad; mar an ceudna, ghlaodh iad a mach le guth àrd, ag ràdh, "Gu ma beannaichte gu'n robh glòir an Tighearna bho'n àite so." An sin dh'àithneadh dhoibh éiridh, a's dol do'n bhaile agus innse do dh'Anam-an-duine ciod a rinn am Prionnsa. Dh'àithn e, mar an ceudna, gu'n cluicheadh fear-ciùil le pìob agus le tabor rompa air fad na slighe gu Anam-an-duine. An sin choimhlionadh dhoibh an ni ris nach robh sùil aca riamh, agus shealbhaich iad an ni nach robh iad riamh ag earbsa. Mar an ceudna, ghairm am Prionnsa an Ceannard òirdheirc Creideamh, agus dh'àithn e dha-féin agus d'a fho-cheannardanimeachd le'm brataichibh sgaoilte, roimh uaislean Anam-an-duine, gus an ruigeadh iad am baile. A thuilleadh air sin, dh'àithn e do'n Cheannard Creideamh, a dhol a' steach le 'bhrataichibh sgaoilte, air Geata-na-sula le 'dheich mìle fear, am feadh a bhiodh an Seanachaидh a' léubhadh a mhathanais choitchinn ann am baile Anam-an-duine, agus leantainn air aghaidh mar sin troimh àrd sràid a' bhaile, suas gu geatachan a' chaisteil, agus seilbh a ghabhail anna, air chionn d'a Thighearna ruigheachd. A bhàrr air sin, dh'aithn e, iarraidh air a Cheannard Breitheanas agus air a Cheannard Gearr-sios an daingneach laidir fhàgail dhasan,<sup>2</sup> agus baile Anam-an-duine fhàgail le cabhag, agus dol chum a' Phrionnsa do'n chàmpa.

A nise bha 'm baile cùibhteas uabhas nan ceud cheithrear cheannardan agus an daoine.<sup>3</sup>

Faodaidh tu smuaineachadh gu'n robh mòr

<sup>1</sup> An cionta air a thoirt air falbh.

<sup>2</sup> Nuair a chòmhlaicheas creideamh agus mathanas a' chéile, tha breitheanas agus coimhlionadh nam bagraidean a' sagail a' chridhe.

<sup>3</sup> Is beannaichte iadsan a fluair mathaus 'nau eu ceartaibh, agus d'am bheil am peacannan air am falach. Rom. iv. 7.

chràdh inntinn air a' chuid sin de mhuinntir a' bhaile, a dh'fheith ré na h-ùine so uile ri sgeula bàis nam priosanach a chluinntinn. Ni mò b'urrainn iad am beachd a shuidheachadh air aon smuain sam bith, seadh, bha 'n cridheachan coltach ri meidh air udalan ann an làimh chriothanach. Ach mu dheireadh, air dhoibh a bhi dùr-bheachdachadh le fadachd thar balla Anam-an-duine, shaoil leo gu'm fac iad cuid-eigin a' teachd chum a' bhaile ; smuainich iad a rithist cò dh'fhaodadh a bhi ann : mu dheireadh dh'aithnich iad gur e na priosanaich a bh'ann ; ach cha'n urrainn duit a' ghabhail a steach ciod an t-iongantas a bh' orra, gu h-àraig 'nuair a chunnaic iad ciod an t-uidheam, agus ciod an onoir leis na chuireadh dhachaидh iad ! Chaidh iad sios do'n chàmpa air an éideadh le dubh, ach phill iad air an ais do'n bhaile ann an culaidhibh geala ; chaidh iad sios do'n chàmpa le còrdaibh, ach phill iad air an ais le slàbhraidhibh òir ; chaidh iad sios do'n chàmpa le'n casaibh ann an geimhlibh, ach phill iad air an ais le'n ceumaibh air an deanamh farsuinn fopa ; chaidh iad do'n chàmpa fo fhiamh bàis, ach phill iad air an ais le dearbh-bheachd beatha ; chaidh iad sios do'n chàmpa le cridheachaibh dubhach, ach thàinig iad air an ais le pìob agus tabor a' cluich rompa. Cò luath 'sa thàinig iad gu Geata-na-sùla, ghabh baile truagh sgàthach Anam-an-duine orra féin iolach a thoirt ; agus rinn iad a leithid do dh'iolaich 'sa thug air na ceannardaibh ann an armait a' Phrionnsa leum r'a fuaim. Mo thruaighe ! na creutairean bochda, cò b'urrainn coire chuir orra, bho'n thàinig an càird-ean màrbh gu beatha rithist ; oir bha e dhoibhsan mar bheatha bho'n éug, cinn-fheadhna Anam-an-duine fhaicinn le leithid do mhaisealachd. Cha d'amhairc iad air son ni sam bith ach an tuadh agus an stochd ; ach feuch aoibhneas agus subhachas, comhfhort agus sòlas, agus ceòl cho binn 'nan

cuideachd, bu leòir gu duine tinn aiseag gu slàinte. (Isa. xxxiii. 24.) Mar sin 'nuair a thàinig iad suas chur iad fàilte air a' chéile: "Se bhur beatha, 'se bhur beatha, agus gu ma beannaichte gu'n robh an Tì sin a chaomhain sibh." Mar an ceudna thuit iad, "Tha sinn a' faicinn gu bheil e gu math maille ruibhse, ach cionnas a thàrlas do'n bhaile? An éirich gu math do dh'Anam-an-duine?" An sin fhreagair an Seanachaидh agus Morair-a'-bhaile, "Oh! tha sgeula! deagh sgeula! deagh sgeula do mhath! agus do mhòr aoibhneas do'n bhaile bhochd Anam-an-duine!" An sin thug iad an ath iolach a thug fuaim do'n talamh. An deigh so dh'fheòrach iadsan ni bu ro mhionaidiche cionnas a thachair do chùisean 'sa chàmpa, agus ciod an teachd-airreachd a bh'aca bho Emanuel do'n bhaile. An sin dh'innis iad dhoibh na h-uile ni a thachair anns a' chàmpa, agus gach ni a rinn am Prionnsa. Thug so air Anam-an-duin' iongantas a ghabhail ri gliocas agus ri gràs a' Phrionnsa Emanueil, an sin dh'innis iad an ni a fhuair iad féin uaithé air son an iomlan de'n bhaile, agus dh'aithris an Seanachaидh e anns na briathraibh so, "MATHANAS, MATHANAS, MATHANAS do dh'Anam-an-duine; agus bithidh fios aig Anam-an-duine am màireach air a so."<sup>1</sup> Air àithneasan, thug iad bàirlinn do dh'Anam-an-duine, còmhlachadh a maireach ann an àite na féille, chum gu'n cluinneadh iad am mathanas coitcheann air a léubhadh ann an sin.

Ach cò is urrainn a smuaineachadh an caochla a rinn an t-iomradh so ann an Anam-an-duine! Cha dh'fhuair a h-aon de dhùthchasaich a' bhaile cadal an oidliche sin tre aoibhneas; bha subhachas, ceòl, agus séinn anns gach tigh; 'se b'aon-obair do dh'Anam-an-duine, a bhi 'g aithris agus ag éisd-eachd sgéulachd mu shonas Emanueil: agus b'e so ònn an' òrain ùile: "Oh! an còrr dhe so aig

<sup>1</sup> O an t-aoibhneas a tha leantainn mathanas peacaidh!

éiridh na gréine ! tuilleadh dhe so am màireach ! Cò shaoileadh mu'n tràth so 'n dé, gu'm biodh an diugh dhuinn mar a tha e? Agus cò shaoileadh gu'm pilleadh na priosanaich a chaidh sios ann an geimhlibh iaruinn le slàbhraidhibh òir mu'm muinealan ! Seadh, iadsan a mheas iad féin toillteannach a bhi air an dìteadh le'm breitheamh, air àithne-san chuireadh fa-sgaoil iad, cha'n ann a chionn gu'n robh iad neo-chiontach, ach air sgàth tràcair a' Phrionnsa a mhàin. An e so cleachdadh gnàth-aitche Phrionnsachan ? An àbhaist dhoibh a leithid so do chaoimhneas a nochdadh do luchd-ceannairec ? Cha'n àbhaist ! cha'n eil an cleachdadh so ach a mhàin aig Saddai, agus aig Emanuel a Mhac."

A nis' air do'n mhadainn teachd, thàinig Morair-a-bhaile, Morair-na-toile, agus an Seanachaidh, sios gu àite-na-féille aig an àm a shuidhich am Prionnsa, far an robh muinntir a' bhaile feitheamh orra ; agus 'nuair a ràinig iad, thàinig iad anns na trusganaibh agus anns a' ghlòir sin leis an d'uidheamaich am Prionnsa iad an là roimhe sin, agus bha an t-sràid air a soillseachadh le 'n glòir : mar sin chaidh Morair-a'-bhaile, an Seanachaidh, agus Morair-na-toile sios gu Geat'-a'-bheòil, a bh' aig ceann shios àite-na-féille, a chionn gur ann an sin bu ghnà leo bho shean a bhi léubhadh gnothaichean follaiseach a' bhaile. Thàinig iad an sin 'nan uidheamaibh, agus dh'imich an luchd-ciùil rompa. A nise bha fadachd ro mhòr air an t-sluagh chum làn-fhios-rachadh fhaotainn mu'n chùis.

An sin dh'éirich an Seanachaidh suas, agus léubh e am mathanas ann an àirde 'ghutha. Ach 'nuair a thàinig e chum nam briathran so, " **AN TIGHEARNA, AN TIGHEARNA DIA**, iochdmhor agus gràsmhor, a' mathadh aingidheachd agus eusaontais, agus peacadh, agus mathar dhoibh-san na h-uile pheacannan agus toibheum, &c." (Ecsod. xxxiv. Marc. iii.) cha b'urrainn iad gun leum le aoibhneas. Oir an

sin bha ainm na h-uile duine an Anam-an-duine air an gabhail a steach : mar an ceudna, bha séulachan a mhathanais 'nan sealladh ro mhaiseach.

'Nuair a sguir an Seanachaидh de léubhadh a mhathanais, ruith muinntir a' bhaile air a' bhalla, leum iad air le aighear,<sup>1</sup> agus chròm siad iad féin seachd uairean le'n aghaidhibh ri pàilliun Emanueil, a' deanamh àrd iolach le aoibhneas, agus ag ràdh, "Maireadh Emanuel beò gu bràth." An sin thugadh àithne do dh'òganaichibh<sup>2</sup> Anam-an-duine, na cluig a shéirm le aoibhneas, marsin sheirm-eadh na cluig, shéinn an sluagh, agus chluich an ceòl ann an Anam-an-duine.

'Nuair a chuir an Seanachaидh crioch air léubhadh a' mhathanais, dh'òrduich Emanuel na h-uile tràmpaid a bh'anns a chàmp a shéirm, agus na brataichean a sgaoileadh a mach, an darna leth dhiu air Tòrr-a'-Ghràis, agus an leth eile air Tòrr-a'-Cheartais. Dh'àithn e mar an ceudna, do na ceannardaibh uile iad féin a thaisbeanadh fo'n làn-armachd, agus do na saighdearaibh iolach aoibhneis a dheanamh. Cha robh an Ceannard Creideamh<sup>3</sup> féin 'na thosd an latha sin, ged bha e 'sa chaisteal, ach o mhullach na daingnich nochd se e-féin le fuaim tràmpaid do dh'Anam-an-duine, agus do chàmpa a' Phrionnsa.

Mar so leig mi ris dhuibh an dòigh a ghabh Emanuel gu baile Anam-an-duin' ath-aiseag o bhi fo riaghladh agus fo chumhachd an an-tighearna Diabolus.

'Nuair a chrìochnaich am Prionns' an taisbeanadh follaiseach so de aoibhneas, dh'òrduich e d'a cheannardaibh agus d'a shaighdearaibh beagan do lùth-chleasan cogaidh fheuchainn do dh'Anam-an-duine<sup>4</sup> Thòisich iad air bàll ri so a dheanamh.

1 Tha iad a nis a' saltairt air an theoil.—2 Smuaintean beothail agus blàth.—3 Cha bhi an Creideamh 'na thosd 'nuair a ta Anam-an-duine air a shaoradh.—4. Tha 'm Prionns' a' taisbeanadh a ghràsan fa chomhair Anam-an-duine.

Ach Oh ! cia cho clis, ealamh, seolta, agus fearail, a thaisbean na fir chogaidh an eòlas anns na lùth-chleasainb sin do bhaile Anam-an-duine.

Thàinig an t-iomlan do mhuinnitir Anam-an-duine mach mar aon duine chum a chàimp, a chliùth-achadh a' Phrionnsa' agus a thoirt buidheachas dha airson lionmhòrachd a dheagh-ghean, agus a' ghuidhe gu'm bu toil le 'Mhorachd a theachd le 'dhaoin gu Anam-an-duine, agus an cairtealan a ghabhail an sin gu bràth. Rinn iad so air dhòigh ro iriosal, 'gan cromadh féin chum an làir seachd uairean 'na làthair. An sin thuirt e, "Gach uile shìth gu'n robh dhuibhse :" mar sin thàinig muinntir a' bhaile am fagusg agus bhean iad ri bàrr na slait-rioghail òir, ag ràdh ; "Oh! nach ann a ghabhadh am Prionnsa Emanuel, agus a cheannardan agus fhir-chogaidh, còmhnaidh gu sìorruidh ann an Anam-an-duine ; agus nach ann a bhiodh a reitheachan-cogaidh agus a chroinn-thabhaill air an tasgaidh anns a' bhaile air son feum agus air son seirbhis a' Phrionnsa, agus air son cobhair agus neirt Anam-an-duine. "Oir" ars' iadsan, "tha àit' againn air do shon féin, tha àit' againn air son do dhaoine, tha àit' againn mar an ceudna air son t'innealan cogaidh, agus ionad gu tigh-taisg dha do charbadan. Dean so Emanueil, agus bhi a'd Rìgh agus a'd Cheannard ann an Anam-an-duine gu bràth.<sup>1</sup> Seadh, riaghail thusa mar an ceudna a réir uile iarrtas t' anama, agus dean uach-daranan agus prionnsachan fothad dhe do cheannardan agus dhe t'fhir-chogaidh, agus bithidh sinne 'n-ar seirbhisich agad agus bithidh do lagh mar riaghait dhuiinn."

Osbarr, ghuidh iad air a Mhòrachd an còr a thoirt fainear, "oir," ars' iadsan, "ma's e 'san deigh an gràs so uile bhuleachadh oirnne, do bhaile truagh Anam-an-duine, gu'm falbh thu féin agus do cheannardan agus gu'm fàg sibh sinne, bàsaichidh

<sup>1</sup> Abair e agus cum ris Anam-an-duine.

Anam-an-duine. "Seadh," ars' iadsan, "ma's e's gu'n imich thusa, ar 'n Emanuel beannaichte uainne nis, an deigh dhuit uiread do mhath a dhean-amhair ar son, agus uiread á thròcair a thaisbeanadh dhuinn; théid as do ar 'n aoibhneas, agus thig ar nàimhdean an dara h-uair oirnne le ni's mò do chorruich na air tùs! Uime sin, guidheamaid ort, O thusa thlachd ar sùile, neart agus beatha ar baile bochd, gabbh ris an achanaich so a nis' a chuir sinne suas ri ar Tighearna, agus thig a ghabhail còmhnaidh 'nar meadhon; bitheamaid 'nar sluagh dhutsa. A thuilleadh air so, a Thighearna, cha'n eil fhios againne nach eil mòran do na h-Ifriannich am falach ann an Anam-an-duine gus an latha 'n diugh, agus brathaidh iad sinne a rithist do làmhaibh Dhiaboluis, nuair a dh'fhàgas 'tusa sinn; agus co aig tha fios ciod na rùintean cuilbheartach, na feall-chomhairlean, agus na h-innleachdan a dh'fhaodadh a bhi eatorra cheana mu thimchioll nan dearbh nithe so: tha eagal oirnne tuiteam a rithist 'na làmhaibh an-iocdmhor-san. Uime sin, guidheamaid ort thu còmhnaidh a ghabhail ann ar lùchaint, agus tighean nan daoine is inbhiche a th'ann ar baile, mar chairtealan dha do shaighdearaibh agus dh'an airneis."<sup>1</sup>

An sin thuirt am Prionnsa, "Ma's e's gu'n tig mise chum 'ur baile, an ceadaich sibh dhomh an ni a rùnaich mi a'm chridhe an aghaidh mo nàimhdean féin agus 'ur naimdean-sa chuir an gniomh? agus an cuidich sibh leam gu sin a dheanamh?"

Fhreagair iadsan, "Och cha'n eil fhios againn ciod a ni sinn, cha do shaoil leinn uair-eigin gu'm bitheamaid cho fealltach do Shaddai agus a dhearbh

<sup>1</sup> 'Nuair a ta 'n t-anam a 'faotainn mathanais tha e gu treidhir-each, agus gu dùrachdach a' mianuachadh gu'n gabhadh Criod edhmhaidh ann gu siòrruidh: feumaidh an cridhe bhi gu h-iomlan air a chur air leth gu 'sheirbhhis-sau. Is aithne do'n anam iompair aichte nach fhaodearbs' as féin no á neart féin; gidheadh me thruaighe! tha e gu tric ullamh gu sin a dheanamh.

sinn a bhi: ciod ma ta a their sinn r' ar Tighearna? Na cuireadh e earbsa 'na naoimh, gabhadh am Prionnsa còmhnaidh ann ar caisteal, agus deanadh e daingneach dhe ar baile; cuireadh e a cheannardan òr-bhuadhach, agus a shaighdearan tréubhach, os ar ceann. Co-eignicheadh e sinn le 'ghaoil, thugadh e buaidh oirnn le 'ghràs, agus fòireadh e oirnn, mar a rinn e air a' mhadainn sin a léubhadh ar mathanas dhuinn, an sin strìochdaidh sinn dhasan ar Tighearn, agus d'a shlighibh, agus aontaichidh sinn ri 'fhacal an aghaidh nan cumhachdach.<sup>1</sup>

"Aon fhacal eile, agus cò-dhùnaidh do sheirbhisich, agus cha chuir sinn tuilleadh dragh air ar Tighearna. Cha'n aithne dhuinne doimhneachd ghliocais sa ar Prionnsa. Cò, aig am biodh a chiall reusanta, shaoileadh, gu'n sruthadh uiread a mhillseachd 'sa tha sinn a' sealbhachadh an tràthsa, bho na dhèuchainnibh searbh leis an deach ar dearbhadh air tùs? Ach a Thighearna, rachadh solus air thoiseach, agus leanadh gràdh 'na dheigh: seadh, gabh sinn air làimh, agus treòraich sinn le do chomhairlibh, agus bitheadh na h-uile ni chum math do sheirbhisich, thig gu Anam-an-duin' ar baile-ne, agus dean mar chì thu iomchuididh. No, a Thighearna, thig chum ar baile, agus dean na's àill leat, a mhàin cùm sinn bho bhi peacachadh, agus dean sinn feumail do d' mhòrachd."

An sin thuirt am Prionnsa ri Anam-an-duine, "Pillibh chum ar tighean an sìth, aontaichidh mi gu toileach ri bhur 'n iarrtas. Am màireach atharraichidh mi mo phàilliun rioghal, bheir mi suas m' àrmait fa chomhair Geata-na-sùla, agus théid mi steach do'n bhaile, gabhaidh mi-féin séilbh air 'ur caisteil, agus cuiridh mi mo shaighdearan os 'ur ceann; ni mi fathast nithe ann an Anam-an-duine nach urrainnear an coimeas a

<sup>1</sup> Cùm suas mo cheumannan ann a' d'shlighibh, chum nach sleanmhnaich mo chasan. Psalm xvii. 5.

dheanamh ann an rìoghachd, 'nan dùthaich air bith eile fo néimh.'<sup>1</sup>

An sin rinn muinntir Anam-an-duine iolach, agus phìll iad gu'n tighean an sìth: agus dh'innis iad do'n luchd-dàimh agus do'n cairdibh am math a gheall Emanuel do dh'Anam-an-duine. "Am màireach" ars iadsan "thig e steach do ar baile-ne, agus gabhaidh e-féin agus a dhaoine, còmhnaidh ann."

An sin chaidh luchd-àiteachaidh baile Anam-an-duine le cabhag chum nan craobhan uaine, agus nan cluaintean gòrma, a thional gheugan agus bhlàthan, chum an sgaoileadh air an t-sràid air chionn d'am Prionnsa Mac Shaddai teachd; mar an ceudna, rinn iad blàth-fhleasgan, agus oibrich-ean grinn eile, a' nochdadadh cia cho aoibhneach 'sa bha, agus a bhithheadh iad air an Emanuel a ghabhail a steach do'n bhaile: sgaoil iad na nithe so air an t-sràid na h-uile ceum o Gheata-na-sùla gu Geat'-a'-chaisteil, an t-ionad anns an robh am Prionnsa gu bhi. Mar an ceudna, dh'uidheamaich iad na bha do cheòl an Anam-an-duine fa chomhair a theachd, chum cluich roimhe gus an lùchairt, ionad comhnaidh.

Aig an àm shuidhichte thàinig e am fagus do dh'Anam-an-duine, agus dh'fhosgladh na geatachan dha; an sin chòmhlaich cinn-fheadhna agus seanairean a' bhaile e agus dh'fhàiltich iad a bheatha le mìle fùran. An sin dh éirich e agus chaidh e-féin, agus a sheirbhisich uile a steach do dh'Anam-an-duine. Mar an ceudna, chaidh seanairean a'bhaile a steach roimhe a' deanamh aoibhneis gus an tàinig iad gu geatachan a'chaisteil. Bha e sgeudaichte le àrmachd do dh'òir, mharcaich e 'na charbad rìoghail, sheirm na tròmpaidean mu'n cuairt dha,

<sup>1</sup> Ma ghràdhhaicheas neach mise, coimhididh e m'shacal, agus gràdhhaichidh m Athair esan, agus thig sinn d'a ionnsaidh, agus ni sinn còmhnaidh maille ris.—Eoin xiv. 23.

sgaoileadh na brataichean, lean a dheich mìle e, agus rinn seanairean Anam-an-duine gàirdeachas roimhe. A nise bha ballachan a' bhaile iomrait-eich sin air an lionadh leis an luchd-àiteachaidh, a chaidh suas orra ghabhail beachd air teachd air aghaidh a' Phrionnsa bheannaichte, agus air àrmaiti rioghail. Mar an ceudna, bha gach uinneag, gach mullach tighe, agus gach àite air na tighean air am b'urrainn duine seasamh, air an dòmhachadh leis gach seòrsa muinntir, a dh'fhaicinn cionnas a bha 'm baile gu bhi air a lionadh le math.

'Nuair a ràinig am Prionnsa tigh an t'Seanachaidh, dh'òrduish e teachdaire a chur a chum a' Cheannard Creideamh, a dh'fhaicinn, an robh caisteal Anam-an-duin air uidheamachadh air son a làthaireachd rioghail-s' a' ghabhail a steach, (oir dh'fhàgadh an caisteal aig a' Cheannard sin), agus thàinig fios gu'n robh. (Gniomh. xv. 9.) An sin dh'òrduicheadh do'n Cheannard Creideamh teachd a mach le 'fheachd a chòmhachadh a Phrionnsa, a réir sin thàinig e, agus threòraich se esan do'n chaisteal. (Ephes. iii. 17.) Air dha so a bhi air a dheanamh, ghabh am Prionnsa maille ri 'cheannardaibh cumhachdach agus fhir-chogaidh, an cairtealan an oidhche sin anns a' chaisteal, gu mòr aoibhneas baile Anam-an-duine.

Be 'n ath nì a bha 'na chùram air muinntir a' bhaile, cionnas bu chòir, dhoibh ceannardan agus saighdearan a' Phrionns' a shuidheachadh air chairtealan nam measg, cia cho làn 'sa lionadh iad an tighean leo ; oir bha leithid a mheas aig gach duine bh'ann an Anam-an-duin' a nis' air Emanuel agus air a dhaoinibh, 's nach robh ni sam bith 'gan cràdh cho mòr ris chò cumhang 'sa bha'n tighean, oir bu mhiann leis gach aon diù aoidheachd a thoirt do'n ionlan de dh'àrmaiti a' Phrionnsa ; mheas iad e mar an glòir frithealadh dhoibh, agus anns na lathaibh ud ruitheadh iad air an iarrtas-san mar

ghillean-frithealaidh. Mu dheireadh shuidhich iad air,

1. Gu'm biodh an Ceannard Neo-chiontas air chairtealaibh maille ri Reuson.

2. Gu'm biodh Foighdinn air chairtealaibh ann an tigh Fhir-na-h-inntinn. B'e Fear-na-h-inntinn so an cléireach a bha roimhe so aig Morair-na-toile ré àm na ceannairc.

3. Dh'òrduicheadh gu'm biodh an Ceannard Gràdh air chairtealaibh maille ri Aigneadh.

4. Dh'òrduicheadh gu'm biodh an Ceannard Deagh-dhòchas air chairtealaibh maille ri Morair-a'-bhaile. A nis' a thaobh tigh an t-Seanachaидh a bhi dlù do'n chaisteal, agus a chionn gu'n d'òrduich am Prionnsa dha, caismeachd a thoirt do dh'Anam-an-duine nam b' e 's gu'm biodh aobhar air a shon; uime sin dh'iarr e-féin, gu'm biodh an Ceannard Boanerges, agus an Ceannard Féin-mhoothachadh, agus an cuid daoine uile air chairtealaibh maille ris-san.

5. Thug Morair-na-toile leis an Ceannard Breith-eanas, agus an Ceannard Gearr-sios, agus an cuid daoine, a chionn gu'n robh e nise gu riaghlaadh fo na Phrionns' air son math Anam-an-duine, mar rinn e roimhe fo'n aintighearna Diabolus chum a mhòr chrön agus a dhöchuinn. (Rom. vi. 19. Eph. iii. 17.)

6. Bha an Ceannard Creideamh agus a dhaoine fathast anns a' chaisteal. 'S ann mar sin a bha 'm Prionnsa, a cheannardan, agus a shaighdearan air chairtealaibh an am baile Anam-an-duine.<sup>1</sup>

---

1 Gabh beachd mar tha ceannardan a'Phrionns' air an suidheachadh ann an Anam-an-duine. Creideamh, anns a' Chridhe. Foighidinn anns an Inntinn, a bha roimhe sin 'na seirbhiseach do'n Toil Thruaillidh. Tha séilbh aig Deagh-dhochas de'n Tuigse. Tha na h-Aignidhean umhal do Charthanais, no do Gràdh Dhé. Tha'n Réuson umhal do Neo-chiontas. Tha séilbh aig Féin-mhoothachadh de'n Choguis; agus tha'n Toil fo'ughdarris Bhreitheanais agus co-lionadh nam bagraidhean fo'm beil i fathast a' riaghlaadh an Anna.



CUIRT DHEUCHAINN NAN IFRINNEACH.

## CAIBIDIL VII.

Ghabh luchd-àiteachaidh Anam-an-duine tlachd ann an làthaireachd Emanueil—Rinn esan séisid do mhuinntir a bhaile—Chuireadh cumachd nuadh air Anam-an-duine—Rinneadh inneal miobhuileach cogaidh—Rinneadh uachdaran de Mhorair-na-toile—Dh'orduicheadh dha rannsachadh air son nan Ifrinneach—Shuidhicheadh Morair-na-tuigse na Mhorair-a-bhaile a rithist—Rinneadh Eòlas na Sheanachaide—Chuireadh dealbh a' Phrionns' agus Athar air geatachaibh a' chaisteil—Shuidhicheadh cuirt a chnìr déuchainn air na h-Ifriannich—Dh'sheuchadh Fear-aicheadh-Dhé, Ana-miannach, As-creideamh, Di-chuimhnich-math, Sith-fheailsa, agus cuid eile, agus shuaradh ciontach iad—Bhrist As-creideamh am priosan, agus thar e as gu Diabolus—Bha cràdh air Diabolus 'nuair a chual' e an ni a bha iad a' deanamh ann an Anam-an duine—Chaidh na priosanaich eile chur gu bàs—Mhol am Priouss' an ni sin a rinn muinntir a' bhaile, agus dh'òrduish e Féin-fhiosrachadh 'na cheannard air cuideachd shaighdearan a chuireadh air chois ann an Anam-an-duine—Thug Seanairean a' bhaile buidheachas do'n Phrionns' air son a dheagh-ghean dhoibhsan.

A nise, shaoil le cùnn-fheadhna agus le seanaireibh Anam-an-duine nach faigheadh iad an leòir gu bràth de'n Phrionns' Emanuel; bha leithid do thlachd aca 'na phearsa, 'na ghniomharraibh, 'na bhriathraibh agus 'na ghiùlan, oir bha iad sin uile cho taitneach, agus cho ion-mhiannaichte leo-san. A nise, ged a b'e caisteal Anam-an-duin' ionad

tàimhe, agus ged a b'e an iarrtas gu n gabhadh e còmhnaidh ann gu bràth, gidheadh ghuidh iad air a thighinn gu tric a shealtainn nan sràidean, nan tighean, agus air muinntir a' bhaile. "Oir," ars' iadsan, "Ard-uachdarain urramaich, is e do lathaireachd, do shealladh, t'aoidh, agus do bhriathran beatha, neart agus aoibhneas Anam-an-duine."

A thuilleadh air sin, ghuidh iad gu'm biodh an t-slighe dha ionnsaidh-san do ghnà fosgailte réidh dhoibh-san ; air an aobhar sin dh'àithn e gu'm biodh na geatachan fosgailte, chum gum faiceadh iad a ghniomharraan, daingneachdan an àite, agus lùchairt rioghail a' Phrionnsa.

'Nuair a labhair esan, thosd iadsan uile gu éisdeachd;<sup>1</sup> agus an uair a dh'imich esan, b'e'n tolinntinn-san bhi 'g ätharrais air-san 'na imeachd.

A nise rinn Emanuel cùirm do bhaile Anam-an-duine, agus thàinig muinntir a' bhaile a dh'ionnsaidh a' chaisteil a chompairteachadh dh'i. Aig a chùirm so cha do bheathaich e iad le lòn a dh'fhàs aon chuid air raointibh Anam-an-duine, no anns an iomlan do rioghachd a' Chruinne-ché uile. Bu lòn e thàinig o chùirt 'Athar ; chaidh mias an deigh méis a chuir fa'n comhair agus dh'àithneadh dhoibh itheadh gu saor.<sup>2</sup> Ach 'nuair a chuireadh mias as ùr air am beulthaobh, theireadh iad do-ghnà os niosal r'a chéile, ciod a th'ann ? Oir cha robh fhios aca c' ainnm a theireadh iad ris. (Ecsod. xvi. 15.) Dh'ol iad mar an ceudna, de'n uisge rinneadh 'na fhion, agus bha iad ro shubhach maille ris. Bha ceòl aca am feadh a bha iad 'nan suidhe aig a' bhòrd, agus dh'ith an duine biadh ainglean, agus thugadh dha mil as a' charraig. Mar sin dh'ith Anam-an-duin' an lòn a chleachdadh 'sa chùirt a mhàin ; seadh, fhuair iad a nis' an sàth dhe. (Salm lxxviii. 24, 25.) Cha b' ann aon chuid do

<sup>1</sup> Tha iad a' foghlum-uaithe-san.—<sup>2</sup> Gealladh an deigh geallaibh.

mhuianntir dùthaich no baile Anam-an-duin' a bha'n luchd-ciùil, a chluich aig a' bhòrd, ach b' iad àrd luchd-ciùil nan òran a sheinneadh aig cùirt Shaddai.

An uair a theirig a' chùirm, chuir Emanuel a mach toimhseachanan neònach do dhiomhaireachd-aibh, do bhaile Anam-an-duine, a dheilbheadh le Rùn-fhear 'Athar, agus le eòlas agus le gliocas Shaddai; cha'n eil an samhail so do thoimhseach-anaibh ann an riòghachd sam bith.

Rinneadh iad so air an Rìgh Saddai féin, air Emanuel a Mhac, agus air na gniomharraibh 's air na coganaibh a rinn e ri Anam-an-duine.

Mar an ceudna, mhìnich Emanuel féin cuid de na toimhseachanan so; agus Oh! cia mar bha iad air an soillseachadh! chunnaic iad an ni nach fhac iad riamh roimhe; cha b' urrainn doibh a shaoilsinn gu'n gabhadh nithe cho ainneamh filleadh ann am briathraibh cho tearc agus cho simplidh. Dh'innis mi dhuibh roimhe cò mu thimchioll a bha na cruidh-cheisdean so; agus 'nuair a dh'fhuasgladh iad, thuig an sluagh iad gu soilleir; seadh, dh'aith-nich iad gu'm bu dearbh iomhaigh do dh' Emanuel féin a bh' annta; oir an uair a léubh iad na cruidh-cheisdean anns a' chlàr-sgrìobhaidh, agus a dh'amhairc iad air aghaidh a' Phrionnsa, bha'n dara h-aon cho coltach ris an aon eile, 's nach b'urrainn Anam-an-duine gun a' ràdh, "Se so an t-Uan; 'se so an Iobairt; 'se so an t-Agh Ruadh; 'se so a Charraig; 'se so an Dorus; agus is e so an t-Slighe;" maille ri mòran nithe eile.<sup>2</sup>

Mar so chuir e air falbh muinntir Anam-an-

1 Na sgriobtan naomha.—2 'Nuair a tha Criod a' toirt cuireadh do'n anam gu cùirm an t-soisgeil, tha e 'ga bheathachadh le nithibh neamhaidh, agus ni h-ann le sògh na talmhuinn. Cha'n e òranan amaideach an ceòl anns am bheil an t-anam ath-nuadhaithe a' gabhail tlachd, &c., "Ach an salmaibh, agus an laoidhibh, agus au òranaibh spioradail." Le teagastg spiorad Dhé, is urrainn an t-anam an sgriobtura thuigsinn 'nuair a ta e labhairt mu Chriosd ann an co shamhlachdaibh agus ann am faidheadaireachd.

duine, làn do dh'aoibhneas, agus do dh'iogantas, 'nuair a chunnaic, a thuig, agus a thug iad fainear ciod an aoidheachd a fhuair iad o Emanuel, agus ciod na diomhaireachdan a dh'fhoillsich e dhiobh; cha b' urrainn iad gun bhi labhairt mu thimchioll féin, agus mu thimchioll a gniomharran, aig an tighibh, agus 'nan ionadaibh ro uaigneach. Seadh, bha leithid do thlachd aig muintir a' bhaile dhe'm Prionnsa, 's gu'n seinneadh iad uime 'nan cadal.

A nise bha e ann an cridhe a' Phrionns' Emanuel baile Anam-an-duin' a chumadh as ùr, agus a chuir anns an t-suidheachadh bu ro thaitniche leis, agus bu fhreagarraiche gu math agus tearuinnteachd Anam-an-duine, air an robh a nise coltas soirbh-eachaidh. Mar an ceudna bha leithid do spéis aige do 'n bhaile iomraiteach sin, 's gu'n d'ullaich e tearmann da nam b'e 's gu'n eireadh ceannaire an leth a stigh do'n bhaile, no gu'n tugta ionnsaidh air le nàimhdibh o'n leth a mach.

'S e cheud ni a dh'àithn e na cròinn-thabhaill mhòra a thug e bho chùirt Athar a shuidheachadh air barra-bhallaibh a' chaisteil, agus air na tùir a thogadh as ùr le Emanuel o'n thàinig e do'n bhaile. Mar an ceudna, dheilbh Emanuel inneal gu clachan a thilgeadh o chaisteal Anam-an-duine, a mach air Geat'-a'-bheòil; b'inneal e nach gabhadh cuir 'na aghaidh, 's nach b'urrainn gu'n chasgradh a dheanamh; uime sin, a thaobh nan gniomharran miorbhualeach a rinneadh leis, 'nuair a chleachdt' e, cha robh ainm air,<sup>1</sup> agus gu'n fhiös nach eireadh cogadh dh'earbhadh a ghleidheadh agus a riaghadh ris a' Cheannard òr-bhuadhach, Creideamh. Air dha so bhi deante, ghàirm Emanuel air Morair-na-toile, agus dh'àithn e dha an aire ghabhail de na geatachaibh de 'n bhalla agus de 'na tùir ann an

<sup>1</sup> 'Se so ùrnraig, tha i gu cinnteach miorbhualeach a thaobh cumhachd, cha'n urrainn iomradh no ainm a buaidh a chuir an céill gu léir. Mata xxi. 22.

Anam-an-duine : mar an ceudna, thug am Prionnsa dha, cead riaghladh os ceann àrmaitl a' bhaile, agus àithne shònraichte gu'n seasadh e an aghaidh gach ceannaire agus àimhreit a dh'fhaodadh éiridh an aghaidh sìth ar Tighearn an Rìgh, agus an aghaidh sìth agus sàmhchair a' bhaile. A thuilleadh air sin, thug e ùghdarras dha, nam b'e's gu'm faigheadh e a h-aon de na h-Ifrinnich am falach ann an cùil air bith an glacadh, agus am màrbhadh, air neo an cuir ann an àite tearuinnte, chum gu'n rachadh buntainn riu a réir an lagha.

An sin ghàirm e Morair-na-tuigse, seann Mhor-air-a'-bhaile, agus shuidhich e rithist e fhad 's bu bheò e, 'san dreuchd anns an robh e roimhe, mar an ceudna, dh'àithn e dha lùchaint coltach ri tùr-didean a thogail dlù do Gheata-na-sùla. Tuill-eadh eile, dh'àithn e dha, a bhi léubhadh ann an taisbeanadh nan diomhaireachd ré uile laithean a bheatha, chum gu'm b'aithne dha cionnas a choimhlionadh e 'dhreuchd gu ceart.

Mar an ceudna, rinn e Eòlas 'na Sheanachaidh, cha b'ann a thaobh tàir sam bith do sheann Fhearna-coguis, a bha roimhe sin na Sheanachaidh ; ach a chionn gu'm b'e a rùn rioghail dreuchd eile thoirt do Fhearna-coguis ; dreuchd mu'n d'innis e do'n t-seann duine uasal gu'n cluinneadh e an còrr an deigh so.

An sin dh'òrduish e dhoibh iomhaigh Dhiaboluis a spionadh a nuas bho'n àite 'san robh i air a suidheachadh ; agus a sgrios gu tur, a bleath gu luaithre, agus a tilgeadh leis a ghaoith, an taobh a muigh do bhalla a' bhaile, agus coslas Shaddai Athar maille ri choltas féin a chuir suas a rithist, air geatachaibh a' chaisteil ; agus gu'm biodh e pi bu ro mhaisiche air a tharruinn na bha e riamh roimhe ; do bhrigh gu'n robh araon E-féin agus Athair air teachd gu Anam-an-duine ann an tuille gràis agus tròcair na thàinig iad roimhe. Mar an ceudna, dh'àithn e

'mar onoir do dh'Anam-an-duine, àinm a bhi gu soilleir air a tharruinn air eudan a' bhaile, leis an òr is ro fhearr. Tais. xxii. 4.

An deigh so a bhi air a dheanamh, dh'òrduich Emanuel na trì Ifrinnich mhòr ud a ghlacadh, eadhon dà Mhorair-a'-bhaile a bh'ann mu dheireadh, is e sin ri 'g ràdh, As-creideamh agus Ana-miannach, maille ri Dì-chuimhnich-math, an Seanachaидh. A thuilleadh orra so, chaidh cuid dhiubhsan dhe'n d'rinn Diabolus bùirdeiseich agus luchd-riaghlaidh ann an Anam-an-duine, a chuir am priosan leis a ghaisgeach threubhach, àrd-urramach, agus fhlath-mhaiseach Morair-na-toile.

'S iad so ainmean an luchd-riaghlaidh, Fear-aicheadh-Dhé, Cruas-cridhe, Sìth-fheallsa. 'S iad so ainmean nam bùirdeiseach, Cion-firinn, Aniochdmhor, Uabhar agus an leithidean sin. Chaidh iad so a chuir ann am priòsan duinte ; agus b'e ainm a mhaoir Dileas ; b'e an Dileas so a h-aon diùbhsan a thug Emanuel maille ris bho chuit 'Athar, a' cheud uair a rinn e cogadh ri Diabolus ann am baile Anam-an-duine.

An deigh so thug am Prionns' àithne gu'n rachadh na trì daingneachdan làidir a thog na h-Ifrinnich ann an Anam-an-duine, air àithne Dhiaboluis (faic taobh 30) a leagadh. B' obair glé fhad' i so, a thaobh am meudachd, a chionn gu'n robh na clachan, a'm fiadh, an t-iarunn, agus an t-iomlan do'n treamsgal r'a bhi air a ghiùlan gu taobh a mach a bhaile.<sup>1</sup>

'Nuair a rinneadh so, dh'òrduich am Prionnsa, do Mhorair-a'-bhaile agus do luchd-riaghlaidh Anam-an-duine mòd a shuidheachadh chum nan Ifrinnich, a bha fo chùram Dhìlis am maor, fheuchainn agus an cuir gu bàs.

<sup>1</sup> Feumaidh an fheòil maille ri h-an-tograighean agus a h-an-mainnan a bhi air a sgrios anns an anam ath-nuadhaichte. 'S obair i a dh 'sheumas ùine agus saothair, agus is ann a mbàin air iarrtas an t-Slànaighear is urrainn so a bhi deanta.

'Nuair a thàinig an t-àm, agus a shuidh am mòd, a réir gnàiths baile Anam-an-duine, thugadh a nuas na priosanaich, air an ceangal ri chéile le-slàbhraiddhibh. Uime sin, 'nuair a chaidh an cuir an làthair Mhorair-a'-bhaile, an t'-Seanachaidh, agus a' chuid eile do 'n chuideachd urramaich, an toiseach ghairmeadh an luchd-deuchainn, agus an sin mhionnaicheadh na fianaisean. B' iad so ainmean an luchd-deuchainn ; Creideas, Ironraig, Treidhireach, Fuath-do'n-olc, Gràdh do-Dhia, Seas-a-chòir, Inntinn-nèamhaidh, Measarra, Taingeal, Deagh-obair, Eud-air-son-Dé, agus Iriosal.<sup>1</sup>

B' iad ainmean nam fianaisean, Fiosrach, Innisfirinn, Fuath-do-bhreugan, maille ri Morair-na-toile, agus 'òglach, nam biodh feum orra.

Mar sin chuireadh na priosanaich air beulthaobh a mhòid; an sin thuirt Dean-ceartas, cleireach a' bhaile, "A mhaoir, thoir Fear-àicheadh-Dhé an làthair a' mhòid." An sin thuirt an cléireach, "Fhir-àicheadh-Dhé, tog do làmh. Tha thu ri bhi air t'fheuchainn an so mar Fhear-àicheadh-Dhé mar fhear-sàrachaidh air baile Anam-an-duine, a chionn gu'n do theagaisg agus gu'n dh'aicheadh thu gu h-aingidh agus gu mallaichte nach eil Dia ann, agus mar sin, nach eil sùim air bith ri bhi air a ghabhail do'n diadhachd. Rinn thu so an aghaidh bith, onoir, agus glòir an Rìgh, agus an aghaidh sìth agus tearuinnteachd baile Anam-an-duine. Ciod a tha thu 'g ràdh, am beil no nach eil thu ciontach de'n chùis-dhìtidh so ?"

**FEAR-AICHEAH-DHE.** "Cha'n eil mi ciontach.

**FEAR-GAIRM.** "Thoir leat Fiosrach, Innisfirinn, agus Fuath-do-bhreugan chum a' mhòid.

**CLEIREACH.** An sin thuirt an cléireach, "Sibhse, fhianaisean an Rìgh, amhaircibh air a' phriosanach air beulthaobh a' mhòid, an aithne dhuibh e ?"

---

1 Far a' bheil na buadhan so air am faotainn bithidh am peacadh air sheuchainn agus air a dhíteadh.

**FIOSRACH.** An sin thuirt Fiosrach, “ Le’r cead ’s aithne gu math, s e Fear-àicheadh-Dhé is ainm, dha, bu mhòr a phlàigh e ré ioma bliadhna ann am baile truagh Anam-an-duine.

**CLEIREACH.** “ Tha thu cinnteach gur aithne d’ huit e !

**FIOSRACH.** “ An aithne dhomh e ! le’r cead, s math sin is aithne dhomh e, bha mi roimhe so ro thric ’na chuidcachd gu bhi aineolach air an dràsta. Is Ifrinneach e, mac Ifrinnich, b’ aithne dhomh ’athair agus a sheanair.

**CLEIREACH.** “ ’S math a thuirt thu : tha e ’na sheasamh an so air a chasad mar Fhear-àicheadh-Dhé, &c., agus tha e air a chuir ás a leth gu’n do theagaisg agus gun dh’ àicheadh e nach eil Dia ann, agus mar sin nach ’eil sùim air bith ri bhi air a ghabhail do’n diadhachd. Fhianaisean an Rìgh, ciod a tha sibhse ’g ràdh ris a’ so ? Am beil no nach ’eil e ciontach ?

**FIOSRACH.** “ Le’r cead, bha mi-fhìn agus e-féin aon uair cuideachd ann an Sràid-nan-daoighear agus bha e ’n tràth sin a’ labhairt mu chaochla baralaichean, agus aig an àm, agus anns an àite sin chuala mi e ’g ràdh, ‘ da thaobh féin nach robh e creidsinn gu’n robh Dia ann.’ Ach ars’ esan, ‘ Ma dh’ iarras a’ chuideachd anns am bi mi, agus còr nan amannan dh’iom e, ’s urrainn mi aideachadh gu bheil Dia ann agus gabhail orm a bhi diadhaidh mar an ceudna.’ ”

An sin thuirt an cléireach, “ Ciod a tha thusa ’g ràdh, Innis-fhìrinn, ri luchd-breithe an Rìgh, mu thimchoill a’ phriosanaich air beulthaobh a mhòid ? ”

**INNIS-FIRINN.** “ Le’r cead, bha mise ’nam dhlù chòmpañach roimhe so aige-san (agus is aithreach leam a nise gu’n robh) agus is minig a chuala mi e ’g ràdh, le mòr uaill, gun robh e creidsinn nach robh, aon chuid Dia, no Aingeal, no Spiorad ann.”

**CLEIREACH.** “ C’ àite ’n cuala tu e ’g ràdh sin ? ”

**INNIS.** “Chuala an an Sràid-an-sgainneil, an Sreath-na-toibheum, agus ann an iomadh àit’ eile a thuilleadh orra?”

**CLEIREACH.** “Am bheil thu glé eòlach air?”

**INNIS.** “S aithne dhomh gur Ifrinneach e, agus gur duine òillteil e gu bhi ’g àicheadh Dhé: b’è Dùlan-do-mhath a b’athair dha, agus bha tuileadh cloinne aige air chùl an fhir so.”

**CLEIREACH.** “Fhuath-do-bhreugan, seall air a’ phrìosanach air beulthaobh a mhòid, an aithne dhuit e?”

**FUATH.** “Le’r cead, ’s e Fear-àicheadh-Dhé a ta ann, aon do na truaghahan is gràineile a dh’fhiorsraich mi riamh, no ris an robh gnothach agam ré mo bheatha. Chuala mi e ’g ràdh, nach eil ann aon chuid Dia, no saogahal ri teachd, no peacadh, no peanas an deigh so, agus gu’m bù cho math dol do thigh-strìopachais, ri dol a dh’éisdeachd searmoin.”

**CLEIREACH.** “C’aitे ’n cuala tu e ’g ràdh nan nithe sin?”

**FUATA.** “Chuala ann an Sreath-nam-pòitear, direach aig ceann Sràid-nan-daoighear, ann an tigh ’san robh Aindiadadhachd a’ chòmhnaidh.”

**CLEIREACH.** “A mhaoir, thoir leat e, agus thoir a steach Ana-miannach (Ana-miannaich tha thu ann an so air do chasad a’t’fhear-sàrachaidh air baile Anam-an-duine) a chionn gu’n do theagaisg thu le briathraigheach truaillidh, agus le cleachdadhbh deamhnaidh agus foilleil, gu bheil e ceadaichte agus tarbhach do dhuine saorsa a’ ghabhail na ana-miannaibh feòlmhor, agus air do shon féin, nach d’äicheadh thu, agus nach àicheadh gu bràth toil-inntinn pheacach air bith dhuit féin cho fhad ’s is e Ana-miannach t’ainm. Ciod a tha thu ’g ràdh a bheil no nach ’eil thu ciontach de’n chùis-dìtidh so?”

**ANA-MIANNACH.** An sin thuirt Ana-miannach, “Le’r cead, is duine àrd-inbheach mi a thaobh

breith, agus bha mi air mo cleachdadadh ri toilinn-tinn, ri fearas-chuideachd, agus ri àilghios. Cha bu ghnà leam a bhi air mo chronachadadh air son mo dheanadais, ach dh'fhàgadh mi gu mo thoil féin mar gu'm bu lagh i.

Agus tha mi da mheas gle neònach gu'm bithinn an diugh air mo ghàirm gu cunntas, air son an ni' cha'n e a mhàin a tha mise deanamh, ach an ni mar an ceudna gu h-inbhe bhig, a tha na h-uile dhaoine a' deanamh, agus a' gràdhachadh aon chuid an uaig-neas no'm follais.

**CLEIREACH.** "A dhuine, cha'n eil sinne a' gabhail gnothaich ri t'àrd-inbhe, (ged is ann mar a b'àirde t'inbhe a b'fhearr bu chòir dhuit a bhith) ach tha gnothach againne, agus tha sin agad féin, ris a' chùis-dhìtidh a thugadh a steach a' t'aghaidh ; ciod a tha thu 'g ràdh, am bheil no nach 'eil thu ciontach ?"

**ANA-MIANNACH,** "Cha'n 'eil mi cionntach."

**CLEIREACH.** "Fhir-ghairm, éigh air na fianuisibh tighinn a làthair, agus fianaish a dheanamh."

**FEAR-GAIRM.** "A dhaoine uaisle, fhianaisean an Rìgh, thigibh agus deanaibh fianaish do ar Tighearn an Rìgh, an aghaidh a' phrìosanaich air beulthaobh a' mhòid."

**CAEIREACH.** "Thig an so, Fhiosraich, seal air a' phrìosanach. An aithne dhuit e ?"

**FIOSRACH.** "Le'r cead, 's aithne dhomh. 'S e Ana-miannach is àinm dha ; is mac e do Bhéisd-eil, rugadh e ann an Sràid-a'-mhacnus ; bu nighean i do Dhroch-thogradh. 'S math a b'aithne dhomh an teaghlaich uile."

**CLEIREACH.** "Am beil no nach eil e ciontach do na nithe a th'air an cuir as a leth."

**FIOSRACH.** "Le'r cead, mar thuirt e, bha e 'na dhuine mòr da rìreadh ; ach tha e tuilleadh is mìle uair ni's mò ann an aingidheachd, na tha e thaobh a shinnsearachd."

CLEIREACH. "Ach ciod is aithne dhuit mu thimchioll a ghniomharran fa leth?"

FIOSRACH. "'S aithne dhomh gur fear mhionnan e, gur breugadair e, agus gur fear-brisidh na Sàbaid e; 's aithne dhomh gur fear-striopachais, agus fear neo-ghlaine e; is aithne dhomh gu bheil e ciontach do mhòran uilc."

CLEIREACH. "C'aité 'm b'abbhaist da a chuid aingidheachd a chuir an gniomh, 'n ann an cùil-ibh uaigneach, no 'n ann gu follaiseach agus gu beag-narach?

FIOSRACH. "Le'r cead, b'abbhaist air feadh a' bhaile gu léir."

CLEIREAGH. "Innis-fhirinn, ciod a th'agadsa ri 'g ràdh an aghaidh a phriosnaich air beulthaobh a mhòid?

INNIS. "Le'r cead, is aithne dhomh gu bheil na h-uile ni a thuirt a' cheud fhianais ceart, agus mòran tuilleadh a bharrachd orra."

CLEIREACH. "Ana-mhiannaich, am beil thu cluinntinn ciod a tha na daoine uaisle so ag ràdh?"

Ana-miannach. "Bha mi riamh de na bheachd gu'm b'e làn shaorsa a' ghabhail anns na h-uile ni a mhiannaicheadh duine, a' bheatha bu shona a b'urrainn e chaitheamh air thalamh; uime sin, cha do dhealaich mi riamh ris a' bheachd so, ach chaith mi uile làithean mo bheatha 'san t-saorsa sin. A nis' air dhomh féin a leithid a thaitneas fhaotuinn anna, cha robh mi riamh cho doichiollach 's gu'n cleithinn an cliù air muinntir eile."

CHUIRT. An sin thuirt an luchd-breithe. "Is leòir a chainnt féin gu dhìteadh, uime sin, a mhaoir' thoir air falbh e, agus thoir As-chreideamh an làthair a mhòid."

CLEIREACH. "As-chreideamh, tha thu 'n so air do chasad fo ainm As-creideamh (a't fhear sàrachaidh air baile Anam-an-duine,) a chionn gu'n do chuir thu gu fealltach agus gu h-aingidh an aghaidh ceannardan Shaddai mhòir, 'nuair a bha thu an

dreuchd ann an Anam-an-duine. 'nuair a thàinig iadsan a dh'iarraidh séilbh air a' bhaile ; seadh, thug thu dùbhlann do 'ainm, do 'fheachd agus do dh' aobhar an Rìgh, bhrosnaich agus thug thu adhartas do bhaile Anam-an-duine gu àr-a-mach a dheanamh, agus cuir an aghaidh feachd an Rìgh, ceart mar rinn Diabolus, do cheannard. Ciod a tha thu-fein a'ràdh ris a chùis-dìtidh so, am beil no nach eil thu ciontach ?"

An sin thuirt As-creideamh, " Cha'n aithne dhomh Saddai ; ghràdhaich mi mo sheann Phrionnsa, mheas mi gu'm b'e mo dhleasnas a bhi fìrinneach do'm ghàirm, agus mo dhìchioll a chleachdadadh gu ìnnntinnibh dhaoine Anam-an-duine aomadh a chum na bha 'nan comas a dheanamh, gu cogadh an aghaidh choigrich agus eilthirich, 'san cumail a mach as a' bhaile. A nise cha do chaochail mi mo bharail air eagal dragh, ged tha'n t'àite agus an riaghlaigh agaibhs' an dràsta."

**CHUIRT.** An sin thuirt an luchd-breithe, " Tha sibh a' faicinn gu bheil an duine do-cheannsail, agus a' dion a shlaoightearachd le cainnt atmhoir, agus a cheannairc le dòchas ladarna. Uime sin, thoir air falbh e, a mhaoir, agus thoir Dì-chuimhnich-math ann an làthair a' mhòid.

**CLEIREACH.** " A Dhì-chuimhnich-math, tha thu an so air do chasadid fo àinm Dì-chuimhnich-math (a' t'fhear-sàrachaidh air baile Anam-an-duine) a chionn an uair a bha 'n t-iomlan de għnothaichibh a' bhaile ann a'd làimh, gu'n do dhì-chuimhnich thu gu tür freasdal doibh anns an ni a bha math, agus gu'n deach thu an cobhoinn ris an an-tighearna Diabolus an aghaidh Shaddai an Rìgh, an aghaidh a cheannardan, agus uile fheachd chum easonoir do Shaddai, chum briseadli a lagha, agus a chum cunnart sgrios iomlan a a thoirt air baile iomraiteach Anam-an-duine.

Ciod a tha thu-féin ag ràdh ris a' chùis-dhìtidh so, am beil no nach eil thu ciontach?"

An sin thuirt Dì-chuimhnich-math, "A dhaoine uaisle, a thaobh na cùis-dhìtidh so leis a' bheil mi air mo chasadid ann 'ur làthair-sa, guidheam oirbh cuiridh mo dhì-chuimhne as leth m'aois, agus cha'n ann as leth mo dhaobhachd; as leth boil m'eanchainn, agus cha'n ann as leth caoin-shuarachas m'inntinn, agus an sin, tha dòchas agam a bhur suairceas gu'n gabh sibh mo lethsgeul agus nach toirsibh mòr pheanas dhomh, ged tha mi ciontach."

An sin thuirt an luchd-breithe, "A Dhì-chuimhnich-mhath, 's ann le d' dheòin a bha thu cho dì-chuimhneach air math, agus cha'n ann a thaobh laigse na aois; agus do bhrigh gu'n robh gràin agad do nithibh math a chumail ann ad chuimhne. 'S math a chuimhnicheadh tu droch nithe, ach cha'n fhuiligeadh tu aon uair smuaineachadh air nithibh matha, uime sin, tha thu a' deanamh lethsgeul dhe t'aois, agus de boile t'eannchainn, chum gu'n còmhdaicheadh tu do shlaoightearachd, an dùil na breitheamhna a mhealladh. Ach cluinneamid ciod a th'aig na fianaisean ri'g ràdh."

**FUATH.** Le'r cead, chuala mis' an Dì-chuimhnich-math so 'g ràdh, nach b'urrainn e riamh smuainteachadh air math fhulang, nach b'urrainn rè cairteal na h-uarach."

**CLEIREACH.** "C'ait' an cuala tu e 'g ràdh sin?"

**FUATH.** "Chuala ann an Sràid-gach-mi-stà, auns an ath dhorus do chomharradh na Coguis air a losgadh le iarrunn dearg."

**CLEIREACH.** "Fhiosraich, ciod a th'agadsa ri ràdh an aghaidh a phriosanaich a tha aig beul-thaobh a' mhòid?

**FIOSRACH.** "Le'r ceud, is aithne dhòmh-sa an duine so gu gle mhath, is mac Ifrinneich e, b'e ainm athar Spéis-do'n olc, agus da thaobh-san, 's minig a chuala mi e 'g ràdh, gu'n do mheas e gu'm b'e

eadhon smuaineachadh mu mhath an ni bu mhi-thaitnich a bh'anns an t-saoghal”

CLEIREACH. “C'ait' an cuala tu e 'g ràdh nam briathran so ?”

FIOSRACH. “Chuala ann an Sràid-na-feola, dìr-each muchoinneamh na h-eaglais.”

CLEIREACH. “Thig an so, Innis-fhìrinn, agus thoir t'fhanais mu thimchioll a' phrìosanaich air beulthaobh a mhòid.”

INNIS. “Le'r cead, chuala mise e 'g ràdh gu tric, gu'm b'fhearr leis a bhi smuainteachadh air na nithibh is gràineile, na air na nithidh a th'air an cuir sios anns na Sgriobtuiribh Naomha.”

CLEIREACH. “C'ait' an cuala tu e 'g ràdh a leithid sin a chainnt ghrathail ?”

INNIS. Chuala ann an iomadh àite : gu h-àraid ann an Sràid-na-gràinealachd, ann an tigh Bheag-naraich, agus ann an Sràid-na-neo-ghlaine, aig comharradh a Mhic-mhillte, an ath dhorus do-Thearnadh-do'n-t-sloc.”

CHUIRT. “A mhaoir thoir Cruas-cridhe gu beulthaobh a' mhòid.”

CLEIREACH. “A Chruais-chridhe, tha thu an so air do chasadid fo ainm Cruas-cridhe (a' t'fhearsàrachaidh air baile Anam.an-duine), a chionn gu'n do lion thusa gu truaillidh, agus gu h-aingidh baile Anam.an-duine le neo-aithreachas agus an-iochd, 'gan cumail bho aghartas agus bròn air son an eas-aontais, rè uile aimsir an cùl-sleamhnachaidh agus an ceannaire an aghaidh an Rìgh Saddai beann-aichte. Ciod a tha thu 'g ràdh ris a' chùis-dhìtidh so, am beil no nach 'eil thu ciontach ?

CRUAS. Le'r cead, cha b'aithne dhomh riamh rè mo bheatha uile ciod bu chiall do dh'aghartas no do bhròn ; tha mise do-dhrùighte, cha'n 'eil spéis agam do dhuine sam bith ; ni mo dhrùigheas doilgeas dhaoine orm : cha ruig an osnaich mo chridhe ; ge b'e uair a ni mi olc, ge b'e uair a ni

mi eucoir, is ceòl dhomhs 'e, am feadh is bròn e do chàch.

**CHUIRT.** “ Tha sibh a’ faicainn gur fìor Ifrinn-each an duine so, agus gu’n do dhìt se e-féin. Thoir air falbh e, a mhaoir, agns thoir Sìth-fheall-sa gu beulthaobh a’ mhòid.”

“ A Shìth-fheallsa, tha thu ’n so air do chasadid fa ainm Sìth-fheallsa, (a’ t’ fhearr-sàrachaiddh air baile Anam-an-duine) a chionn gu’n do chuir, agus gu’n chùm thu baile Anam-an-duine gu ro aingidh agus gu deamhnaidh, ann an sìth-fhallaich chunnartach, agus bhreugach, agus ann an féin-thearuinnteachd mhallaichte, rè a chùl-sleamhnachaidh agus a cheannaire ifrinneil, mar eas-onair do’n Rìgh, chum briseadh a lagha, agus gu mòr chrön do bhaile Anam-an-duine. Ciod a tha thu ’g ràdh, am beil no nach ’eil thu cionntach de’n chùis-dhitidh so ?

An sin thuirt Sìth-fheallsa, a dhaoine uaisle, agus sibhse a ta nis ’n’ur suidhe mar bhreitheamhnan ormsa, tha mi ’g aontachadh gur e Sìth is ainm dhomh, ach tha mi gu tûr ag àicheadhd Sìth-fheallsa mar m’ainm. Nam b’e toil bhur ’n-Onoir cuir air son cuid sam bith a tha mion-eòlach orm, no air son na mna-glùine bh’raig mo mhàthair ’nuair a rugadh mi, no air son nan goistidhean a bh’raig mo bhaisteadh, dhearbhadh iadsan gur e sìth is ainm dhomh, agus nach e Sìth-fheallsa. Uime sin, cha’n urrainn mi freagradh sam bith a thoirt air a’ chùis-dhitidh so, a chionn nach ’eil m’ainm air a ghabhail a steach innte, agus tha m’ fhior ainm coltach ri mo chleachdaidhibh. Bu duine mise leis ’m bu toil an comhnuidh a bhi beò ann an sìth, agus mheas mi an ni bu toil leam féin, gu’m faodadh muinntir eile spéis a bhi aca dha mar an ceudna. Uime sin, an uair a chithinn aon air bith de m’ choimhearsnaichean air an sàrachaadh le mi-shuaimhneas inntinn, dheanainn m’ uile

dhìchioll gu 'n cobhair ; agus is iomadh eiseamplair de m' dheagh ghnè so a dh'fhaodainn ainmeachadh : mar :—

“ 1. ’Nuair a chlaon ar baile-ne Anam-an-duin’ air tùs o shlighibh Shaddai, thòisich agartasan mi-shuaimhneach ri cuid dhiù air son an ni a rinn iad ; air dhomhsa bhi duilich am faicinn cho mi-shuaimhneach, air bàll ghleidh mi dòigh gu sìth a chuir orra rithist.

“ 2. ’Nuair a bha riannan an t-seann saoghail agus Shodoim ann an cleachdad, nam b'e 's gu'n do chuir ni sam bith bruaillean orrasan a bha leantainn nan seann ghnàthan sin, rinn mise mo dhìchioll gu 'n cuir sàmhach a rithist, agus thug mi orra an cleachdad gun bhruaillean 'sam bith.

“ 3. ’Nuair a thòisich an cogadh eadar Saddai agus Diabolus, ma thug mi 'n aire do dh-aon air bith do mhuintir Anam-an-duin’ air an robh eagal á sgrios, bu ghnà leamsa le dòigh air chòr-éigin an sìtheachadh a rithist. Uime sin, a chionn gu'n robh mi an còmhnaidh am dhuine do ghnè cho feumail, agus ma's e 's gu'm bheil fear deanamh na sìthe 'na dhuine cho airidh 'sa tha cuid a' cumail a mach, uime sin, a dhaoine uaisle, sibhse a tha cho ainmeil air son còir agus ceartas ann an Anam-an-duine, bitheam air mo mheas leibhse, mar dhuine nach 'eil a' toilltinn a' ghnàthachaidh an-ioc'hdmhor so, ach a ta airidh air saorsainn, agus mar an ceudna comas aicheanhail agradh air mo luchd-casaid.”

An sin thuirt an Cléireach, “ Fhir-ghairm, thoir caismeachd fhollaiseach.”

**FEAR-GAIRM,** “ A chionn gu'n d'aicheadh am prìosanach air beulthaobh a mhòid an t'àinm a thug-adh dha anns a' chùis-dhìtidh, tha na breitheamhan ag iarraidh ma's e 's gu bheil neach air bith 'san àite so is urrainn fios a thoirt dhoibh mu ainm a' phrìosanaich so, iad a theachd air an aghaidh agus fianais a dheanamh.”

An sin thàinig dithis a steach a chum a' mhòid a dh'innise ciod a b'aithne dhaibh mu thimchioll a' phriosanaich ; b'e ainm ar darna h-aon diù Rànnsaich-firinn, agus ainm an aon eile Daing-nich-firinn.

An sin thuirt Rànnsaich-firinn, "Le'r ceud."—

**CHUIRT.** "Stad, cuiribh air a' mhionnaibh e ;" mar so mhionnaich iad e. An sin thuirt e.

**RÀNNSAICH.** Le'r cead, b'aithne dhomhsa an duine so bho bha e 'na leanabh, agus is urrainn mi ràdh gur e Sìth-fheallsa is ainm dha. B'e Miodal a b'ainm d'a athair, b'aithne dhomh e-san, agus theireadh iad Baintighearna Fòill-bheadradh mar ainm ri 'mhàthair mu'n do phòs i, agus 'nuair a rugadh am mac so, thug iad Sìth-fheallsa mar ainm air. Is mise bu chòmpanach-cluiche dha, ach bha mi beagan ni bu shine na esan ; agus an uair a b' àbhaist d'a mhàthair a ghàirm dhachaidh o 'chluch, bu ghnà leatha ràdh, "a Shìth-fheallsa, a Shìth-fheallsa thig dhachaidh gu luath, no bheir mis' ort !" Seadh, b'aithne dhomh e 'nuair a bha e 'na naoidhean ; agus ged nach robh mise 'n tràth sin ach beag, tha cuimhne agam 'nuair a bhiodh a mhàthair 'na suidhe aig an dorus leis, no 'ga bheadradh na h-uchd, ghairmeadh i dheth fichead uair an deigh a' chéile, mo Shìth-fheallsa bheag ! agus mo Shìth-fheallsa bhòidheach !" &c.

An sin thuirt Daingnich-firinn, "Le'r cead, tha na h-uile ni a thuirt a cheud fhianais ceart ; 'se Sìth-fheallsa is ainm dha'n duine so, is mac e do Mhiodal, agus is i Baintighearna Fòill-bheadradh, a mhàthair. Agus chunnaic mis' uair gu'm biodh fearg air riù-san a theireadh ainm sam bith eile ris ach Sìth-fheallsa, oir theireadh e gu'n robh iad a' fanaid agus ag éigheach frith-ainm air ; 's ann an uair a bha Sìth-fheallsa, 'na dhuine mòr, agus a bha na h-Ifriannich a' riaghladh ann an Anam-an-duine, a bha so."

**CHUIRT.** “A dhaoine uaisle, chuala sibh ciod air ’n do mhionnaich an dithis fhianaisean so : A nise a Shìth-fheallsa, dh’èicheadh thusa gur e Sìth-fheallsa is ainm dhuit, gidheadh tha thu a’ faicinn gu’n do mhionnaich an dithis dhaoine còire so gur e sin t’ainm. A thaobh an leisgeul a th’agad, cha’n ann a chionn gur duine siochail thu, no air son gur fear-deanamh sìth thu a measg do choimhearsnaichean, a tha thu an so air do chasad mar fhear droch-bheairt, ach a chionn gu’n do chuir, agus gu’n do chùm thu baile Anam-an-duine gu h-aingidh agus gu deamhnaidh, ann an sìth fheallsa, bhreugach agus mhallaichte, araon ré an cùl-sleamhnachaidh agus an ceannaire an aghaidh an Rìgh, càlg-dhìreach an aghaidh lagha Shaddai, agus mar an ceudna, gu mòr sgrios a thoirt air baile Anam-an-duine : ’s e gu’n d’ àicheadh thu t’ainm na th’ agad do leisgeul air do shon féin. Ach tha thu faicinn gu’ bheil fianaisean an so a dhearbhadh gur tus’ an duine.

“A thaobh na sìth a bha thu deanamh a measg do choimhearsnaich dhe’n d’rinn thu uiread do dh’uaill, biodh fhios agad an t-sìth sin nach eil ’na còmpanach do dh’fhirinn agus do naomhachd, agus a tha dh’easbhuidh deagh-bhunaite, gu bheil i air a stéidheadh air a’ bhréig, agus tha i araon cealgach agus mallaichte, mar a thuirt Saddai mòr ; uime sin, cha do shaor do dhion-chainnt thu bho’n choire a tha air a’ cuir ás do leth, ach an àite sin ‘sann a tha thu air t’filleadh anns an ionlan.”

“Ach gairmeamaid na fianaisean a tha gu teisteanas a thoirt mu na nithe air son am beil thu air do chasad, agus cluinneamaid ciod a th’ acaran ri ’g ràdh.”

**CLEIREACH.** “Fhiosraich, ciod a tha thusa ’g ràdh an aghaidh a’ phriosanaich air beulthaobh a’ mhòid ?”

**FIOSRACH.** “Le’r cead, rinn an duine so le m’

fhiorsachadh féin, bho cheann fhada, a' chèaird dhe Anan-an-duine a chumail ann am fois pheacach, am fir-mheadhon uile chollaideachd, a neoghlaine, agus a mhi-riaghait, agus thuirt e 'nam eisdeachd-sa, rachamaid, rachamaid, teicheamaid o gach uile thrioblaid, ge b'e sam bith aobhar air son a' bheil iad a' tighinn, agus leanamaid beatha shuaimhneach agus shìochail, ged nach biodh i air a suidheachadh air deagh bhunait."

**CLEIREACH.** "Fhuath-do-breugaibh, ciod a th' agadsa ri ràdh ?"

**FUATH.** "Le'r cead, chuala mise e 'g ràdh gur fearr sìth ged a b'ann rathad na h-eas-ionracais a bhithheadh i, na doilghios maille ris an fhìrinn.

**CLEIREACH.** C àit' an cuala tu e 'g ràdh sin ?"

**FUATH.** "Chuala ann an Cùirt-na-h-amaideachd, ann an tigh Bhaoghalta an ath dhorus do chomharradh an Fhéin-mhealladh. Chuala mi-féin e 'g ràdh so fichead uair anns an àite sin."

**CLEIREACH.** "Tha'n dearbhadh so làn-shoilleir, Thoir air falbh e 'mhaoir, agus thoir Cion-fìrinn à chum a mhòid.

A Chion-fhìrinn, tha thu an so air do chasadid fo ainm Cion-firinn (a' t' fhear-sàrachaiddh air bàile Anam-an-duine) a chionn gu'n do chleachd thu t'uile dhìchioll, a chum na h-uile fuigheal do lagh agus de choltas Shaddai, a fhuaradh ann an Anam-an-duine a dhubhadh ás, agus a mhilleadh gu tür, a chum eas-urram do Shaddai agus cunnart sgrios iomlan do bhaile iomraiteach Anam-an-duine; rinn thu so an deigh a thuiteam o Rìgh gu Diabolus an t-aintighearna mi-rùnach sin. Ciod a tha thu-féin ag ràdh, am beil no nach eil thu ciontach de'n chùis-dhìtidh so ?"

**CION-FIRINN.** "Le'r cead, cha'n eil mi ciontach."

An sin chaidh na fianaisean a ghairm-

**FIOSRACH.** "Le'r cead, bha mise mi-féin 'nam sheasamh làimh ris an duine so, 'nuair a bha e

spionadh sìos dealbh Shaddai le lamhaibh féin ; agus an uair a bha e a' cur suas iomhaigh adharcach na béiste Diabolus, 'na dearbh àite-san. 'S e so esan mar an ccudna, a réub agus a sräc, agus a thug fainear an t-iomlan do dh'fhugheal lagh an rìgh, air an d'fhuair e gréim ann an Anam-an-duine, a bhi air a chaithe às ; rinn e na nithe so uile, air òrdugh Dhiabolus."

**CLEIREACH.** "Cò a bhàrr orts a chunnaic e a' deanamh so?"

**FUATH.** "Le'r ceud, chunnaic mise, agus iomadh aon eile a bhàrr orm : oir cha'n ann aon chuid am falach, no ann an cùil a chaidh sin a dheanamh, ach ann an làthair nan uile, seadh, rògh-naicheadh leis-san a dheanamh ann am follais, oir ghabh e mòran tlachd ann."

**CLEIREACH.** "A Chion-fhìrinn, cionnas a bha dh'aghaidh agad' na theireadh nach 'eil thu ciontach, 'nuair a bha thu a' d' dhearbh fhear-gnìomhachaidh air a leithid so do dh'aingeachd fhollaiseach ?"

**CION-PIRINN.** "Le'r cead, nach fheumann ni-eigin a' ràdh, agus an robh mo chàinnt ach a réir m'ainme ; rinn a leithid sin feum dhomhsa roimhe so, agus cha robh fhios agam le Cion-firinn a labhairt, nach fhaodainn an t-sochair cheudna a bhuanachd an dràsda."

**CLEIREACH.** "A mhaoir, thoir air falbh e, agus thoir An-iochdmhoir gu beulthaobh mhòid.

An-iochdmhoir, tha thu 'n so air do chasad fo aimm An-iochdmhoir, (a' t' fhear-sàraichaidh air baile Anam-an-duine) a chionn gun do dhùin thusa gu ro chealgach agus gu ro aingidh suas gach uile innidh truais, agus nach ceadaicheadh tu do bhaile bochd Anam-an-duine caoidh a' dheanamh air son a thruaighe féin, 'nuair a chùl-sleamhnaich e bho 'Righ dligheach, ach chuir thusa bacadh air, a' sìor thionndadh air falbh inntinn o na smuaintibh sinn a bha 'g aomadh gu sligh an

aitreachais. Ciod a tha thu 'g ràdh ris a' chùis-dhitidh so? Am beil no nach 'eil thu ciontach?"

**AN-IOCHDHMHOR.** "Cha'n 'eil mi ciontach do dh'an-iochdmorachd, 's e na rinn mise uile misneach a chuir annta, a réir m' ainme, oir cha'n e An-iochdmhor is ainm dhomhsa, ach Glac-misneach; agus bha cràdh orm a bhi faicinn Anam-an-duine ag aomadh gu dubhachas."

**CLEIREACH.** "Cionnas! a tha thu 'g aichead t'ainm, agus ag ràdh gur e Glac-misneach is ainm dhuit agus nach e An-iochdmhor? Gairm air na fianaisibh: Ciod a tha sibhse fhianaisean ag ràdh ris a' so?"

**FROS'RACH.** "Le'r cead, 'se An-iochdmhor is ainm dha, oir is e sin an t'ainm a ghoir e dheth féin anns gach uile chùis chudthromach ris an robh gnothach aige. Ach tha tlachd aig na h-Ifriannich so ainmeannan feallsa a thoirt orra féin: tha Sànn 'ga chleith féin fo ainm Caomhantachd, no le leithid sin a dh'ainm; is urrainn Pròis, an uair a bhios aobhar air a shon, Dealbhach, Grinn, no'n leithidibh sin a dh'ainmean a thoirt air féin; agus is urrainn càch gu léir an ni ceudna a dheanamh?"

**CLEIREACH.** "Innis-fhìrinn, ciod a th'agadsa ri 'g ràdh?"

**INNIS.** "Le'r ceud, 'se An-iochdmhor is ainm dha; b'aithne dhomhsa e bho'n a bha e 'na leanabh, agus rinn e na h-uile aingeachd a th' air a chuir ás a leth; ach tha buidhean ann diù aig nach 'eil aithne air cunnart a' pheanais shìorruidh, uime sin, cha'n abair iad ach muinntir dhubbach riù-san a tha feuchainn gu dìchiollach cionnas a sheachnas iad an staid sin."

**CLEIREACH** "A mhaoir, thoir Uabhar gu beul-thaobh a' mhoid. Uabhair, tha thus an so air do chasadid fo ainm Ubhar(a't fhear-sàrachaидh air baile Anam-an-duine), a chionn gu'n do theagaisg thusa gu ro cheannairceach, agus gu ro dheamhnaidh

do dh'Anam-an-duine, cuir gu h-uaibhreach agus gu neo-sgthach an aghaidh nam barnaigidhean a thugadh dhoibh le ceannardaibh an Rìgh Saddai. Mar an ceudna, a chionn gu' do theagaisg thu do dh'Anam-an-duine labhairt gu tàireil mu thim-chioll an Rìgh mòr Saddai ; agus a thuilleadh air sin gu'n do bhrosnaich thu Anam-anduin' an dà chuid le briathraibh agus le eseamplairibh, àirm a thogail an aghaidh an Rìgh, agus a mhic Emanueil. Ciod a tha thu 'g ràdh, am beil thu ciontach de'n chuis-dhitidh so, no nach 'eil ?

**UABHAR.** “ A dhaoine uaisle, bha mise an còmhnaidh am dhuine misneachail agus treubhach, agus cha bu ghnà leam 'nuair a bhithinn anns a' chunnart bu mhò, sèapadh as an rathad no mo cheann a thoirt fodha ; ni mò a thaitinn 'e riabh rium daoine fhaicinn a' cur an làimh 'nam boineidibh dh'an nàimhdibh. Seadh, ged bhiodh an nàimhdean coltach ri dheich uiread a chothrom a bhi aca orra. Cha bu ghnà leamsa a bhi sealltainn air cò b'e mo nàmhac, no ciod an t'aobhar mu'n robh sinn thar a chéile. Oir bu leòir leamsa nam b'e 's gu'n deanainn còmhrag mar dhuine treun, agus gu'n tugainn buaidh.”

**CHUIRT.** “ Uabhair, cha'n ann air son thu a bhi a' d' dhuine treun, misneachail, agus grainail an àm éigin, a tha thu air do chasadid an so, ach a chionn gu'n do ghabh thu ort an treubhantas so, chum baile Anam-an-duin' a tharruinn gu ceannairec an aghaidh an Rìgh mhòir agus Emanuel a Mhac. 'S e so a choire a tha air a chuir as do leth. “ Ach cha tug e freagradh sam bith dha sin.”

An sin thuirt am breitheamh ris an luchd-déuchainn, “ A dhaoine uaisle, chunnaic sibh féin na daoine so, chuala sibh an dion-chainnt, agus an teisteanas a thug na fianaisean 'nan aghaidh ; cha'n eil ri dheanamh a nis' ach smuaineachadh ciod a

bhreth bu chòir dhuibh a réir firinn agus ceartais a thoirt orra.”\*

An sin chaidh an luchd-deuchainn a leth-taobh agus labhair iad eatorra féin.

An sin thuirt Creideas fear-riaghlaidh an luchd-deuchainn, “A dhaoine uaisle, mu thimchioll nam prìosanach so aige a’ mhòd, tha mise mi-féin a’ creidsinn gu’ bheil iad uile toiltinneach air a bhàs.” “Gle cheart,” arsa Ionraic, “tha mise dìreach dhe do bheachd-sa.” “O ciod an tròcair a th’ann” arsa Fuath-do’n-olc, “gu’n do chuireadh an làimh an leithid sin do dhaoidhearan!” “Tha sin ceart,” arsa Gràdh-do-Dhia, “se so aon de na lathaibh is aoibhniche a chunnaic mise riabh.” An sin thuirt Seas-a’-chòir, “Tha fios agamsa ma bheir sinn bìnn a’ bhàis orra gu’m bi Saddai féin réidh rithe.” “Cha’n eil mise a’ cur sin idir an teagamh,” ars’ Inntinn-nèamhaidh, “agus an uair a théid na h-uile leithidean so a bhéiste an a thilgeadh a mach ás, ciod am baile maiseach a bhios ann an Anaman-duine?” An sin thuirt Measarra, “Cha’n àbhaist dhomhsa breth obann a thabhairt, ach tha’n cionta-san cho follaiseach ’s nach urrainn duine sam bith aig am beil a léirsinn gu’n a’ ràdh gu’m beil na prìosanaich toillteaneach air a’ bhàs.” “Gu ma

1 A léubhadair gabh beachd shònraichte de dh’ainmibh, de chiont-  
aibh, agus de leisgeulaibh nan Ifrinneach so. Ma’s e’s gu’ n’ceas-  
naich thu do chridhe féin gheibh thu’ mach gu’n robh àm ann, anns  
an robh uachdaranaichd aca so uile thairis oïrt, agus gu’n tug iad gu  
tric oidhearp air a thoirt ort a bhi beò gun Dia anns an t-saoghal,  
tlachd a’ ghabhail ann an ana-miannaibh peacach na fedla. bagraidi-  
ean agus geallaidean Dhé a’ chuir an teagamh, am math a dhí-  
chuimhneachadh, a bhi cruaidh-chridheach, a bhi ‘gad’ thàladh gu  
sith fhealrsa, fuath a thoirt do’n fhìrinne, a bhi an-iochdmhor ri  
t’auam féin, agus thu féin àrdachadh an aghaidh Dhé. ’Nuair a tha  
na droch thograidhean so air an toirt gu deuchainn, tha cuid dhiù  
ag oidhearpachadh an leisgeul féin a’ ghabhail, agus cuid a’ feuch-  
ainn ri ainmibh deagh-bhéusan a thoirt orra féin, agus cuid eile  
dhiù a’ seasamh a mach gu follaiseach an aghaidh lagh Dhé, ach  
far a bheil Criosd a’ riaghlaidh anns a’ chridhe, seumaidh e bhith  
gu’m bi iad uile air an diteadh.

beannaichte gu'n robh Dia," arsa Taingeil, "gu bheil na slaoightearan ann am priosan tearainte." "Tha mis' a' cur leat anns an ni so air mo ghlùn-aibh rùisgte," arsa Iriosal. "Tha mis' aoibhneach mar an ceudna," arsa Deagh-obair. An sin thuirt an duine teò-chridheach dìleas, Eud-airson-Dhé, "Gearr ás iad, bha iad ré ùine fhada nan plàigh do dh'Anam-an-duine, agus ag iarraidh a' sgrios."

Air dhoibh uile co-aontachadh mu bhinn nàm priosanach, thàinig iad air bàll do'n chùirt.

**CLEIREACH.** "A dhaoine uaisle tha 'n'ur luchd-deuchainn, freagraibh bhur 'n ainmean; am beil sibh uile aon-sgeulach mu'n bhìnn a thug sibh a mach?"

**LUCHD-DEUCHAINN.** "Tha, le'r cead."

**CLEIREACH.** "Cò labhras air ur son?"

**LUCHD-DEUCHAINN.** "Labhraidh ar riaghlaир."

**CLEIREACH.** "Chaidh sibhse a dhaoine uaisle a tha 'n'ur luchd-déuchainn, a ghàirm air son ar Tighearn an Rìgh, chum seirbhis a dheanamh dha an so, ann an cùis beatha agus bàis, chuala sibh déuchainn gach aon fa leth de na priosanaich air beulthaobh a' mhòid; ciod a tha sibh ag ràdh, am beil no nach 'eil iad ciontach dhe na h-eacoirean sin air son am beil iad air an casaid an so?"

**RIAGHLAIR,** "Le'r cead, tha iad ciontach."

**CLEIREACH.** "A mhaoir, gabh càram dhe na priosanaich."

Rinneadh so anns a' mhadainn, agus chaidh bìnn a' bhàis a thoirt a mach orra 'san fheasgair, a réir an lagha.

Air do'n mhaor a leithid a dh' àithne fhaotainn, chuir e iad uile anns a' phriosan a b'fhaide stigh, chum an gleidheadh an sin gus an ath mhadainn, an t-àm a chaidh a chomharrachadh chum an cur gu bàs.

Ach eadar an t-àm an deach am bìnn a thoirt a

mach, agus anns an robh iad gu bhi air an cuir gu bàs, bhrist a h-aon de na priòsanaich d'am b'ainm As-creideamh am priòsan agus thàr e ás, agus d'fhàg e am baile, agus dh' fhalaich se e-féin anns gach àite am b'urrainn e, gus am faigheadh e an ath chothrom air olc a dheanamh do dh'Anam-an-duine.

'Nuair a thug Dìleas am maor an aire, gu'n do theich As-creideamh, bha e fo mhòr chàmpar, a chionn gu'm b'e am priòsanach so an dearbh fhearr bu mhiosa do'n bhannal ; uime sin, chaith e agus dh'innis e mar thachair, do Mhorair-a'-bhaile, do'n t-Seanachaидh, agus do Mhorair-na-toile, agus fhuair e òrdugh uatha rànnsachadh air a shon air feadh Anam-an-duine. Mar sin rànnsaicheadh am baile, ach cha b' urrainn iad a leithid sin a dhuine fhaotuinn air fhad.

'S e na fhuair iad do bhràth uime uile gu'm robh-e tamull am falach mu thaobh muigh a' bhaile, agus gu'm faca feedhainn eigin pladhadh dheth, 'nuair a thàr e as à Anam-an-duine ; thuirt fear no dithis gu'm faca iadsan e air taobh muigh a' bhaile, a' gabhail thar a chòmhnaird. A nise 'nuair a bha e glan air falbh, thuirt fear d'am b'ainm Sùil-fhianais, gu'n d'imich e troimh na h-ionadaibh tioram gu léir, gus na chòmhlaich e Diabolus a charaid, air Tom-geat'-ifrinn.

Ach Oh ! ciod an sgéula brònach a dh'innis an seann sionach do Dhiabolus, mu thimchioll an atharrachaidh anabarraich a rinn Emanuel ann an Anam-an-duine !

Air tùs, dh'innis e dha, cionnas a fhuair Anam-an-duine mathanas coitcheann bho Emanuel, an deigh beagan moille, agus a thug iad cuireadh dha a' steach do'n bhaile, agus a thug iad an caisteal dha mar a sheilbh. Mar an ceudna, gu'n do ghairm iad a shaighdearan a' stigh do'n bhaile, agus gu'n robh iad a' strì cò aca aig am bu mhò bhiodh air chairteilibh dhiù ; tuilleadh eile gu'n tug iad aoidh-

eachd dha féin gu h-aoibhneach. “ Ach 'se sgeul is cràitiche agus is doranaiche, O athair,” ars' As-creideamh, “ gu'n do spion e sìos t'iomhaigh-sa, agus gu'n do chuir e 'n suas iomhaigh féin na h-àite, agus gu'n do chuir e do cheannardan-sa a dreuchd, agus a cheannardan féin a chuir 'nan àite. Seadh, agus an ceannaireach sin Morair-na-toile, am fear a shaoileadh neach nach tionndaidheadh uainne gu bràth, tha e nise cho mòr ann an deagh-ghean Emanueil 'sa bha e riamh a' d' dheagh-ghean-sa. A bhàrr air so uile, fhuair Morair-na-toile ùghd-arras sònraichte, rànnsachadh a dheanamh agus na h-uile Ifrinneach a gheibheadh e ann an Anam-an-duine, a ghlacadh, agus a chuir gu bàs : agus ghlac e cheana agus chuir e am priosan, ochdnar de chàirdean ro dhileas mo thriath ann an Anam-an-duine. A bhàrr air so, 's ann le doilghios a tha mi 'ga labhairt, chaidh am féuchainn uile, agus an dìteadh, agus cha'n 'eil teagamh agam nach 'eil iad uile air an cuir gu bàs ann an Anam-an-duine roimhe so. Dh'innis mi do mo thighearna gu'n deach ochdnar a dhìteadh, agus bu mhi fhéin an naothamh fear, a dh'fuirigeadh gun teagamh, mar bhith gu'n d'rinn mi lùim air tàrsainn as uapa.”

‘Nuair a chuala Diabolus an sgeula brònach so, thug e béuchd ás mar dhràgon, agus thug e duibh-néul air na spéuraibh le 'bhéuchdaich, agus mhionnaich e gu'm feuchaidh e ri bhi dioghailte fhathast air Anam-an-duine air son an ni so. Mar sin chuir e-féin agus As-creideamh an comhairle cuideachd cionnas a bhuannaicheadh iad baile Anam-an-duin’ a rithist.<sup>1</sup>

<sup>1</sup> Chaidh na priosanaich eile chùr gu bàs, ach thàr As-creideamh ás ! Cia cho flor 'sa tha'n ni so, nach eil eadhon an creidheach féin gu h-iomlan saor bho an àmhad so an anama. Tha so gu cothromach air a leigeadh ris. Ain seadh a tha 'n t'anam a' deanamh gàirdeachas ann an làthaireachd Dhe, cha'n 'eil àite sam bith do as-creideamh an siu, tha e air shuadach air falbh ré tamuil, ach tha e a dealbh tuilleadh aimhleas, agus ath-phillidh e air bàll.

A nis' a chionn so thàinig an latha anns an robh na priosanaich ann an Anam-an-duine gu bhi air an cuir gu bàs, (Rom. viii. 13, agus vi. 12, 13, 14.) Mar sin thug Anam-an-duine iad a chum na croiche, ann an doigh ro shòlaimte ; oir thuirt am Prionnsa gu'm feumadh so a bhi deante le baile Anam-an-duine féin, "chum 's gu'm faic mi" ars' esan, "togarrachd mo bhaile saoirte Anam-an-duine air m' fhacal agus air m' àithntibh-sa choimhid ; a chum gu'm beannaich mi Anam-an-duine air son a ghniomh so. (Gal. v. 24.) Is ro thoil leam dear-bhadh air treibhdhireas ; uime sin, cuireadh Anam-an-duin' a làimh air tùs air na h-Ifrinnich so chum an sgrios."

Mar sin mhàrbh Anam-an-duin' iad air iarrtas am Prionnsa : ach 's gann is urrainn duit a' chreid-sinn an dràgh a bh'aig Anam-an-duin' anns na h-Ifrinnich so a chuir gu bàs, oir air dhoibh a bhi air an toirt a chum na croiche agus fios cinnteach a bhi aca gu'm feumadh iad bàsachadh, an sin ghlac iad misneach, agus air do fhuath mi-rùnach a bhi aca uile 'nan cridhe do dh' Anam-an-duine, chuir iad an aghaidh daoin' a' bhaile. Uime sin, b'eigin do dhaoine Anam-an-duin' eigheach air son cobhair ris na ceannairdaibh agus ris na firchogaidh. A nise bha rùnaire aig Saddai mòr anns a' bhaile, agus bha daoine Anam-an-duine ro ionmhuinn leis ; bha esan aig àit' à chrochaidh, agus air dha daoine a' bhail' a' chluaintinn ag éigheach an aghaidh ceannairceachd nam priosanach, dh'éirich e agus chuir e' làmhan air làmhaibh dhaoine Anam-an-duine. Mar sin chroch iad na-h Ifrinnich a bha nam plàigh, nan cràdh, agus nam masladh do'n bhaile.<sup>1</sup>

---

1 Tha e na ni cruaidh an fheòil maille r'a h-an-tograibh agus a h-ana-miannaibh a chéusadh—tha sinn neo-chomasach air so a dheanamh annu, ar neart féin. 'Se an SPIORAD NAOMHA dh'fheumas an obair so a dheanamh. Ma mharbas sinn tre'n Spiorad gniomhara na colla bithidh sinn beò. Rom. viii. 13.

'Nuair a rinneadh an deagh obair so, thàinig am Prionnsa nuas a dh' fhaicinn, agus a labhairt gu caoimhneil ri daoine Anam-an-duine, agus a neart-achadh an lèmhan na leithid a dh'obair. Agus thuirt e riù, gu'n do chuir e dearbhadh orra, leis a ghniomh so a rinn iad, agus gu'n d' fhuair e iad 'nam muinntir aig an robh gràdh d'a phearsa, a bha coimhid a laghannan, agus aig an robh meas air 'onair. Thuirt e, a bhàrr air sin, gu'n nochdadhbh esan dhoibh nach cailleadh iad a' bheag air bàs nan doidhearan ud, oir gu'n deanadh esan ceannard eile dhoibh, dhe fear dhiù féin. Agus gu'm biodh an ceannard so 'na uachdaran air mìle fear, air son math agus buannachd baile Anam-an-duin' a tha a nis' a soirbheachadh.

An sin ghairm e dha ionnsaidh fear d' am b' ainm Frithealadh, agus dh' iar re air a' dhol gu luath suas gu Geat'-a'-chaisteil, agus feòraich an sin air son fear d'am b'ainm Féin-fhiosrachadh, a bha feitheamh air a cheannard òirdheirc sin, an Ceannard Creideamh, agus abair ris tighinn an so. Rinn an teachdaire mar a dh' àithneadh dha. A nise bha 'n duine uasal òg so a' feitheamh gus am faiceadh e an ceannard ag ionnsachadh agus a' cur an òrdugh a dhaoine ann an Lios-a'-chaisteil. An sin thuirt Frithealadh ris, "A dhuin' uasail, is àill leis a' Phrionnsa gu'n tigeadh tu a dh'fhaicinn a Mhòrachd gun dàil." An sin thàinig e agus rinn e ùmhachd dha. A nise b'aithne do dhaoin' a' bhaile Féin-fhiosrachadh gu ro mhath, or rugadh agus dh'araiheadh e ann an Anam-an-duine ; b'aithne dhoibh mar an ceudna gu'm bu duine deagh-bheusach, treubhach, agus tuigseach ann an gnothaichibh e ; a bhàrr air sin bha e maiseach 'na phearsa, deas-chainnteach, agus gle bhuadhail anns gach ni a ghabhadh e os làimh.

Uime sin, bha cridheachan muinntir a' bhaile làn aoibhneis, 'nuair a chunnaic iad gu'n robh a

léithid a thlachd aig a' Phrionnsa féin ann am Féin-fhiosrachadh, 's gu'n robh e dol a' dheanamh ceannard dheth.

Mar sin le aon aonta chròm iag an glùn fa chomhair Emanueil, agus thuirt iad le luath-ghair "Maireadh Emanuel beò gu bràth." An sin thuirt am Prionnsa ri Féin-fhiosrachadh, "chunnacas iomchuidh leam-sa, gu'm biodh tu-sa a' d' cheannard os ceann mìle fear ann mo bhaile ro ionmhuiinn Anam-an-duine." An sin chròm Féin-fhiosrachadh a cheann agus rinn e aoradh, agus thuirt e, "maireadh an Rìgh beò." An sin dh-òrduich am Prionnsa do Rùnaire an Rìgh, ùghdarris ceannard thar mìle fear a' sgriobhadh do Fhéin-fhiosrachadh; rinneadh so gun dàil, agus chuir am Prionnsa 'shéula ris. 'S an sin chuireadh e a dh'ionnsaidh a' cheannaird, le Frithealadh.


A nis cho luath 'sa fhuair an ceannard 'ùghdarris, shéirm e a thròmpaid air son saighdearan, agus thàinig daoine òga da ionnsaidh gu h-ealamh; seadh, chuir cinn-fheadhna a' bhaile am mic gu bhi air an gabhail 'nan saighdearan fodha-san. Mar so bha 'n ceannard Féin-fhiosrachadh fò òrdugh Emanueil air son math do dh' Anam-an-duine. Mar an, ceudna bha aige-san fo-cheannard fodha d'am b'ainm Eòlach, agus b'e fear d'am b'ainm Meoghair a b'fhear-bràtaich dha. Cha ruig mi leas a chuid eile do 'chuid luchd-riaghlaidh ainmeachadh.<sup>1</sup> B'e bhratach bhàn a bh'aige-san, air son baile Anam-an-duine; agus b'e 'n suaicheantas an leòghann, agus am mathghamhuin màrbh. 1 Sam. xvii. 36, 37.

Air do'n Phrionnsa pilltinn chum a lùchait, chaidh seanairean a' bhaile, eadhon, Morair-a-

<sup>1</sup> Tha féin-fhiosrachadh 'na mhòr fheum do'n anam iompaichte. Air do Dhaibhidh, cuimhneachadh air tròcairibh agus a'ir saorsainnibh a shealbhaich e 'san àm a chaidh seachad, ghlac e misneach gu eath an aghaidh Gholiath.

bhaile, an Seanachaидh, agus Morair-na-toile gu comh-ghàirdeachas a dheanamh maille ris, agus air dhòigh shònraicht' a thoirt tàing dha air son a ghràidh, a chùram, agus an caomh-thruas a thais-bean e d'a bhaile féin Anam-an-duine, a bhios fo chomain dha gu bràth. An sin an deigh tamull de cho-chomunn taitneach a bhi eadar riù, chuir daoine a' bhaile crìoch air an teachdaireachd gu sòlaimte, agus phill iad gu'n àite féin a rithist.

### CAIBIDIL VIII.



### CUIRM NEO-CHURAM FEOLMHOR.

Dh'ath-nuadhaich Emanuel còraichean Anama-an-duine le sochar-aibh nuadh—Dh'òrduicheadh Fear-na-coguis na mhiniestar a shearmonachadh do'n t-sluagh to sheòladh sònraichte an Ardrúnaire—Dh'innis Emanuel dhoibh cionnas a bhuiineadh iad r'a cheannardaibh, agus chuir e iad air am faicill roimh na h-Ifriannich a dh'fhuirich an cleith auna ann an Anam-an-duine, dh'òrduich e rànnsachadh air an son, an glacadh, agus an cuir gu bàs—Thugadh aodach grinn geal do'n t-sluagh, agus comh-airlean cia mar a chaitheadh iad an trusganan. Bha Anam-an-duine ann an staid ghlòrmhoir—Rinneadh Sith-Dhé 'na uach-

daran air a' bhaile agus air a' chaisteal—Mhair so ré uine, an deigh sin thoisich Neo-chùram-feòlmhor ris an luchd-aiteachaidh aomadh—Rinn Emanuel caoidh a chionn a bhi saicinn so—Cha d'éisd iad ris an Ard-rùnaire—Dh'shag Emanuel am baile—Chaidh cuireadh a chuir air Eagal-Dé a dh'ionnsaibh na cùirme a rinn Neo-chùram-feòlmhor; dh'innis e do na h-aoidhibh gu'n d'shalbh am Prionnsa, agus thug e ràbhadh dhoibh mu staid chunnartach a' bhaile—Dhùisgeadh Fear-na-cognis, agus dh' allsgaich iad uile, agus loisgeadh Neo-churam feòlmhor agus a thigh—Chaidh iad gus an Ard-rùnaire, dhiult esan an leigeadh a stigh—Bha tinneas mòr ann an Anam-an-duine.

Shuidhich Emanuel latha 'san ath-nuadhaicheadh agus anns am meudaicheadh e càraichean Anam-an-duine, anns an leasaicheadh e caochla giamhan annte, chum's gum biodh cuing Anam-an-duine leis a sin mi bu shochraighe. (Eabh. viii. 13, Mat. xi. 28—30.) Rinn e so de fhialachd agus de uaisle féin, gun iarrtas sam bith dhe'n tàobh-san. Mar sin an uair a chuir e dh' iarraidh nan seann chòraichean, agus a chunnaic e iad, chuir e seachad iad, agus thubhaint e “A nis' an nì a ta aosda agus air fàs sean, tha e fagus do dhol as an t-sealladh, agus gheibh baile Anam-an-duine càraichean nuadh, ni's fearr, ni's ro sheasmhaiche agus ni's daingne gu mòr.” Aig a' bheil am brigh anns na briath-raibh aith-ghearr so a leanas:—

“Tha mis' Emanuel, Prionnsa na Sìth, agus neach aig am beil mòr ghràdh do bhaile Anam-an-duine, ann an ainm m' Athar agus de mo thruach-antas féin, a' toirt, a' deonachadh, agus a' tiomnadadh do'm bhaile ionmhuinn Anam-an-duine:

“1. Làn mhathanas gu saor anns gach uile eucoir, lochd, agus cionta a rinneadh leo an aghaidh m' Athar, a'm' aghaidh féin, an aghaidh an coimhearsnaichibh, no 'nan aghaidh féin, Eabh. vii. 12, 13. Eoin xvii. 8, 14.

“2. Tha mi toirt dhoibh an lagh naomh', agus mo Thiomnadadh, maille ris gach ni a ta air a chuir sios ann, air son an comhfhurtachd agus an sòlais siorruidh, 2 Pead. i. 4.; 2 Cor. vi. 1.

“3. Tha mi toirt dhoibh mar an ceudna, cuibhrionn de'n dearbh ghràs agus de'n mhaitheas a' ta ghabhail còmhnuidh ann an cridhe m' Athar agus 'n am chridhe féin. Eoin i. 16.

“4. Tha mi a' tabhairt, a' deònachadh, agus a' buileachadh orra gu saor, an saoghal, agus na tha ann, air son am matha, (1 Cor. iii. 21, 22.) Agus bithidh a leithid a chumhachd ac' os an ceann 'sa bhios freagarrach ri onoir m'Athar, ri mo ghlòir-sa, agus r' an comhfhurtachd féin ; seadh, tha mi a deònachadh dhoibh sochairean a bhuineas do bheatha agus do bhàs, do nithibh a ta làthair, agus do nithibh a ta ri teachd. Cha bhi 'n t-sochair so aig cathair, baile no comunn, sam bith, ach a mhàin aig mo bhaile-so Anam-an-duine.

“5. Tha mi a' tabhairt agus a' deònachadh dhoibh làn chomas ; teachd do m'ionnsaidh ann am lù-chairt, aig gach uil' àm (gu mo lùchairt air nèamh no air an talamh) chum an uireasbhuidh a dheanamh aithnichte dhomhsa an sin, agus a bhàrr air sin, tha mi a' gealltainn dhoibh gu'n éisd mi riù, agus gu'm fuasgail mi orra 'nan uile theanndachd, Eabh. x. 19, 20, Mat. vii. 7.

“6. Tha mi a' tabhairt làn chumhachd agus ùghdarris do bhaile Anam-an-duine, an t-iomlan de gach seorsa Ifrinneach a gheibhear aig àm sam bith, no bho àite sam bith, na'm fogaraich anns a' bhaile, no timchioll air a' rannsáchadh a mach, a ghlacadh, a dheanamh 'nan tràillibh, agus a lannadh ás.

“7. Osbarr tha mi tabhairt ùghdarrias do mo bhaile ionmhuinn Anam-an-duine, gu'n iad a cheadachadh do dh' eilthireach no do choigreach sam bith, no do'n iarmad, a bhi 'na muinntir shaor de dh' Anam-an-duine, no co-roinn a bhi aca 'na shocharaibh oirdheirc. Ach bunaidh gach tiodhlac, sochair, agus saorsa a ta mi 'buileachaидh air baile ionraiteach Anam-an-duine, do na seann duthchas-

aich, agus do fhior luchd-àiteachaidh, tha mi 'g ràdh, gur ann doibhsan agus do'n sliochd dhligheach 'nan deigh a bhuineas iad, (Eph. iv. 22. Col. iii. 5—9;) agus bithidh na h-Ifriannich gu léir, ciod air bith seòrsa, inbhe, dùthaich, no rioghachd d'am bi iad, air an dùnadh a mach o chòir a bhi aca annta."

Mar sin an uair a fhuair baile Anam-an-duine an còraichean gràsmhor o làimh Emanueil, còraichean a ta annta féin mòran ni's farsuinne na ghabhas leigeadh ris anns na briathraighearr so, thug iad leò iad gu àite na féille, agus léubh an Seanachaidh an sin iad ann an làthair an t-sluaigh uile. An deigh so a dheanamh, thugadh air ais iad gu geataibh a' chaisteil, agus an sin ghearradh iad gu maiseach air na dorsaibh ann an litrichibh òir.<sup>1</sup> (2 Cor. iii. 3. Ier. xxxi. 33. Eabh. viii. 10,) chum gu'm biodh iad a ghnà aig Anam-an-duine 'nan sealladh, agus gu'm faiceadh iad ciod an t-saorsa bheannuichte a bhullich am Prionnsa orra, chum gu'm biodh an aoibhneas air a mheudachadh annta féin, agus an gràdh air ath-nuadhachadh do'n deagh Emanuel mòr.

O ciod an t-aoibhneas ! ciod an comhfhurtachd ! ciod an sòlas, a shaoileas tu, a ghabh séilbh air cridheachaibh muinntir Anam-an-duine ? Shéirm iad na cluig, chluich an luchd-ciùil, dhàmhais an sluagh, thug na ceannardan iolach, bha na brataichean a' snàmh sa' ghaoith, agus shéideadh na trombaidean airgid, agus bu bhuidh leis na h-Ifriannich a nis' an cinn a thoirt fopa, bha'n aogais coltach ri muinntir a bhiodh fada màrbh.

An uair a bha so thairis, chuir am Prionnsa fios

<sup>1</sup> Se cùmhuant nan gràs a ta air a chiallachadh leis na còraicheibh nuadha-so; tha shochairean air an cuir an céill an so. Tha e gu bhi air a sgriobhadh air clàraighe a' chridhe. Iha fios aig a' chriosd-aidh gu bheil so uile air son a mhath, agus tha e deanamh gàird-eachas ann.

air seanaireibh Anam-an-duine, agus labhair e riù mu thimchioll na ministrealachd a bha rùn air a shuidheachadh 'nam measg ; ministrealachd a mhinicheadh, agus a theagaisgeadh dhoibh na nithe a bhuineadh do'n staid 'san àm a ta làthair agus 'san am a ta ri teachd.

"Oir," ars' esan, "mar bi luchd-teagaisg agus luchd-seòlaidh agaibh, cha chomasach dhuibh eòlas a bhi agaibh air toil m'Athar, agus mar bi eòlas agaibh oirre, is cinnteach nach dean sibh i." Ier. x. 23, 1 Cor. ii. 14.

'Nuair a chuir seanairean Anam-an-duine an céill an naigheachd so do'n t-sluagh, thàinig am baile gu h-iomlan 'nan ruith còmhla,<sup>1</sup> (oir thaitinn i gu math riù, a thaobh ciod air bith ni a rinn am Prionnsa nis, thaitinn e ris an t-sluagh,) agus dh'aslaich iad gu léir le aon aonta air a Mhòrachd, gu'n suidhicheadh e ministearlachd 'nam measg a theagaisgeadh dhoibh araon lagh agus breitheanas, reachd agus àithnte ; chum gu'm biodh iad air am fòghlum anns na h-uile ni math Dh'innis e dhoibh gum faigheadh iad an achanaich ; agus gu'n suidhicheadh e dithis mhinistearan 'nam measg, an dara fear dhiù bho chùirt 'Athar, agus am fear eile de mhuinntir Anam-an-duine.

"Am fear a ta bho'n chòirt,"<sup>2</sup> ars' esan "is neach e nach 'eil a bheag sam bith ni's lugha inbhe agus urram na m' Athair no mise. (2 Pead. i. 21. 1 Cor. ii. 10. Eoin i. 1. Eoin xvi. 7. 1 Eoin v. 7.) Agus is e Ard-rùnaire tigh m' Athar-sa, oir is esan a ta, agus a bha do ghnà na phriomh fhear deachdaidh air uile laghaibh m' Athar, agus tha e cho eòlach air na h-uile rùn-diòmhair, ri m' Athair no rium féin. Seadh, is neach e a ta co-ionann nàduir ruinne, agus tha e co-ionann ruinne a thaobh gràidh agus dìllseachd do dh'Anam-an-duine, agus

1 Na deadb sinuaintean cumanta.

2 An Spiorad Naomh.

mar an ceudna a chum a mhath sìorruidh a chuir air aghaidh.

“ Agus is e so an neach,” ars’ am Prionnsa, “ a dh’fheumas a bhi ’na àrd fhear-teagaisg dhùibh : oir is es-an, agus es-an a mhàin, a tha comasach air na h-uile nith a tha àrd agus os ceann cumhachd nàduir a theagasg dhùibh gu soilleir. Is esan a mhàin, an TI sin d’an aithne dòighean agus ròidean m’ Athars’ aig a’ chùirt, ni mò a ta neach air bith eile cho comasach ris-san gu bhi leigeadh ris cionnas a tha cridhe m’ Athar aig gach àm, anns gach ni, ’s air gach aobhar a thaobh Anam-an-duine. Oir mar nach aithne do dhuine sam bith nithe dhuine, ach an spiorad sin a ta ann an duine. (Eoin xiv. 26 ; xvi. 13 ; 1 Eoin ii. 27,) ceart mar sin cha’n aithne do dhuine sam bith nithe m’ Athar-sa ach d’ a Rùnaire urramach agus cumhachdach. Ni mò is urrainn neach sam bith (ann an coimeas ris-san) innseadh do dh’Anam-an-duine ciod a ni iad a chum iad féin a choimhid ann an gràdh m’ Athar-sa. Mar an ceudna, is es-an a ta comasach nithe a chaidh as bhur beachd a thoirt gu bhur cuimhne, agus is urrainn nithe ri teachd innseadh dhùibh. Uime sin, feumaidh sibh am barrachd meas a bhi agaibh air an fhear-theagaisg so, araon ann bhur càileachdaibh agus ann bhur breithnich-ibh, na bhios agaibh air a’ chuid eile de bhur luchd-teagaisg ; cha’n urrainn e bhi nach dean mòrachd a’ phearsa òirdheirceas a theagaisg, agus cho ro ealanta ’sa tha e chum còmhnhadh a dheanamh ribh ann an achanaichibh a chuir suas a dh’ionnsaidh m’ Athar air son cobhair, ann an dòigh a thaitneas ris, bhur ceangal gu gaol a thoirt dha, eagal a bhi oirbh roimhne, agus an aire thoirt nach cuir sibh doilghios air. 1 Tesal. i. 5, 6.

“ Is urrainn d’an TI so beatha agus lùgh a chuir anns na h-uile ni a their e ; seadh, agus a chuir ann bhur cridheachaibh mar an ceudna. Is urrainn

an TI so fàidhean a dheanamh dhibh, agus a thoirt oirbh gu'n innis sibh ciod a bhios ann an déigh so. (Gniomh. xxi. 10, 11.) Is ann leis an neach so a dh'fheumas bhur n-uile achanaichean a chuireas sibh a dh'ionnsaidh m' Athar agus do m' ionnsaidh-sa bhi air an deachdadh; agus ás easbhuidh a chomhairle agus a sheòladh-san fhaotuinn an toiseach, 'na tigeadh ni sam bith a steach do bhaile no do chaisteal Anam-an-duine, air eagal gu'n gràinich agus gu'n cur e doilgheas air an neach urramach so. (Iud. 20. Eph. vi. 18. Rom. viii. 26. Taisb. ii. 7, 11, 17, 29. Eph. iv. 30. Isa. lxiii. 10.)

“ Thugaibh an aire, tha mi 'g ràdh, nach cràdh sibh e, oir ma chràdhas faodaidh e cogadh 'n 'ur 'n aghaidh, agus ma 's e 's gu'm bi e aon uair air a bhrosnachadh leibhse, gu e féin a chuir an òrdugh catha 'n 'ur 'n aghaidh, is dùilghe dhuibh sin na ged rachadh dà legion deug, a chuir bho chùirt m' Athar a' chogadh ribh.

“ Ach ma dh'éisdeas sibh ris agus ma ghràdh-aicheas sibh e; ma bheir sibh sibh féin thairis d'a theagasc, agus gu'n iarr sibh conaltradh agus comunn a chumail ris, chì sibh gur e deich cuairt is fearr na ni sam bith anns an t-saoghal air fad. Seadh, dòirtidh e mach gaol m' Athar ann 'ur eridheachaibh, agus cha bhi sluagh ann cho glic' agus cho beannaichte ri muinntir Anam-an-duine.’ Rom. v. 5. Eph. i. 13, 14.

An sin ghàirm am Prionnsa air an t-seann duine uasal, Fear-na-coguis, a bha roimh sin 'na Shean-achaidh ann an Anam-an-duine, agus dh'innis e dha, bho'n a bha esan sàr-eòlach air lagh agus air riaghlaadh a' bhaile, agus mar an ceudna, deas-chàinnteach, agus comasach air toil a mhaighstir a chuir an céill gu cothromach dhoibh, a thaobh nan uile ghnothaichean saoghalta agus dùthchasach, uime sin, gu'n deanadh e esan cuideachd 'na

mhinistear ann am baile maiseach Anam-an-duine, a thaobh gach uile lagh, reachd, agus breitheanas a bhuiineadh do'n bhaile iomraiteach sin. Agus cha'n fhaod thu" ars' am Prionnsa, a bhi teagasc ach deagh bheusan modhanail, agus dhleasasan daonna agus nàdurrach,<sup>1</sup> ach na gabh do dhànadair ort féin a dhol a dh'fhoillseachadh nan diomhair-eachdan àrda sin a ta folaichte ann an uchd Shaddai m' Athar, oir cha'n aithne do dhuine sam bith na nithe sin, 's cha mhò is urrainn do neach sam bith am foillseachadh ach do rùnaire m' Atharsa mhàin.

"S ann do mhuinnitir Anam-an-duine tha thusa, ach tha'n t-Ard-rùnaire a' fantainn maille ri m' Athair; uime sin, mar is aithne dhuit-sa laghan agus gnàthan a' bhaile, is amhail sin is aithne dhasan toil m' Athar agus na nithe bhuiineas da. Air an aobhar sin, Fhir-na-coguis, ged rinn mise thu a' d' mhinistear agus a' d' shearmonaiche do'n bhaile, gidheadh, a thaobh na nithe is aithne do'n Ard-rùnaire, agus a theagaisgeas e do'n t-sluagh so, na nithe sin feumaidh tusa ionnsachadh uaithe agus a bhi a' d' fhòlumach aige, cho math ris a' chuid eile de mhuinntr Anam-an-duine.

"Fumaidh tu, uiine sin, dol da ionnsaidh-san, air son fiosrachadh agus eòlas air na h-uile nithe àrd agus diomhair; oir ged a tha spiorad 'san duine, is éigin do dh' anail an neach so tuigse a thoirt dha. (Iob xxxii. 8.) Uime sin, a Sheanachaidh, bì iriosal, agus cuimhnich gu' bheil na h-Ifrinnich nach do ghleidh an ceud inbhe, ach a dh'fhàg an àite-còmhnaidh féin, nam prìosanaich a nis' anns an t-sloc, bì-s' uime sin, toilichte le do staid.

---

<sup>1</sup> 'Se 'n Spiorad Naomh' a dh'fheumas do ghnà a bhi 'na àrd shear teagaisg agus 'na sòn shear-fòghlum air na nitibh sin a bhuiineas do shlàinte. Tha a' choguis, fo 'riaghlaidh-san, gu bhi toirt ràbhaidh, agus a' seòladh ar gitulan a ràir lagha Dhé.

“ Rinn mi thus’ a’ d’ fhear-ionaid m’ Athar air thalamh, anns na nithibh a dh’ainmich mi cheana ; agus bithidh cumhachd agad iad sin a theagasc do dh’Anam-an-duine, seadh, agus an smachdachadh, mur bi iad deònach éisdeachd ri t’iarrtasaibh-sa chum an deanamh.

“ Agus a Sheanachaидh, a chionn gu bheil thusa sean agus lag, leis cho liugha droch làimhseachadh ’sa fhuair thu, uime sin tha mis’ a’ toirt comas dhuit uair sam bith is àill leat, dol a dh’ionnsaidh mo thobar, agus mo phiob fhiona-sa, agus òl as á sin gu saor de dh’fhuil m’ fhion-dhearc-sa oir tha fion a ghnà a’ ruith á mo phiob-fhionasa.<sup>1</sup> Leis a so a dheanamh, cuiridh tu air falbh gach leannta salach, agus cronail, á do chridhe agus á do ghoile. Soillsichidh e mar an ceudna do shùilean, agus neartaichidh e do chuimhne chum gach ni a theagaisgeas Rùnair Ard-urramach an Rìgh a ghabhail a stigh agus a chumail.”

An uair a chuir am Prìonnsa crìoch air labhairt mar so, agus a ghabh Fear-na-coguis an dreuchd le mòr bhuidheachas, labhair e gu sònraichte ri muinntir a’ bhaile :—

“ Faicibh,” ars’ am Phrionnsa ri Anam-an-duine, “ mo ghràdh agus mo chùram d’ur taobh, chuir mi ris gach sochair eile dheònaich mi dhuibh, an tròcair so ; luchd-sermonachaïdh a chomharrachadh dhuibh, tham’ Rùnair uasal, urramach gus na h-uile diomhaireachd arda theagasc dhuibh ; agus tha’n duine uasal so,” agus e sothadh ri Fear-na-coguis, gus na h-uile nithe saoghalta a theagasc dhuibh, oir is e sin a dhreuchd-san. Cha’n ’eil e air a bhacadh o ni sam bith a chual’ e aig an Ard-rùn-fhear a chuir an céill dhuibh ; ach a mhàin

<sup>1</sup> ‘S ann a mhàin le bhi sior dol a dh’ionnsaidh ful Chriosda mar air a doirteadh air ar son-ne, is urrainn ar coguissean a bhi air an glanadh, agus a bhitheas sinn comasach air séirbhis a dheanamh do’n Dia bhed. Eabh. ix. 14.

cha'n fhaod e ghabhail air féin a bhi na fhear-foillseachaidh nan diomhaireachdan àrda sin ; oir is ann aig an Ard-rùn-fhear a mhàin a tha eòlas, ùghdarras agus cumhachd chum am foillseachadh agus am mìneachadh do dh' Anam-an-duine. Faodaidh esan, agus mar an ceudna a' chuid eile de mhuinnitir a' bhaile labhairt umpa ; seadh, agus mar a bhitheas cothrom aca, faodaidh iad am farrach air càch a chéile chùm math an iomlan dhiù. Bu mhath leam gu'n tugadh sibh fainear na nithe so agus gu'n deanamh sibh iad, oir bithidh iad sin chum 'ur beatha, agus 'ur lathachan a shìneadh.

" Theirinn aon ni fathast ri mo Sheanachaidh ionmhuinn, agus ris an iomlan de bhaile Anam-an-duine ; cha'n fhaod sibh taic no earbsa chur à ni sam bith dhe na tha do dh' ùghdarras aig an t-Seana-chaidh a theagasc dhuibh, a thaobh 'ur dùil agus 'ur dòchas mu'n ath-shaoghal ; tha mi 'g ràdh, mu'n ath-shaoghal, oir tha mi rùnachadh saoghal eile a thoirt do dh' Anam-an-duine 'nuair a thig crioch air an t-saoghal so dhuibh ; ach air son an ni sin, feumaidh sibh gu-iomlan 'ur taic a leagadh air agus a bhi an urra ri 'ur fear-teagaisg dé'n cheud òrdugh. Seadh, cha'n fhaod an Seanachaidh féin sùil a bhi aige ri beatha bho na nithibh sin a ta e-féin a' foillseachadh, feumaidh 'earbsa air son an ni sin a bhi air a stéidheadh air teagasc an t-searmonaich' eile. <sup>1</sup>Mar an ceudna, thugadh an Seanachaidh an aire, nach gabh e teagasc sam bith, no ceann teagasc, ged a bhiodh e a réir eòlas riaghailteach féin, mar 'eil e air a thoirt dha le 'ard fhear-teagaisg."

An déigh do'n Phrionnsa nithe a shuidheachadh mar so ann an Anam-an-duine, chaidh e air aghaidh a thoirt rabhaidh fheumail do sheanairibh a' bhaile, cionnas a bhuineadh iad ris na ceannardaibh òir-dheirc agus urramach a bha maille ris-san bho chùirt 'Athar. " Tha gràdh aig na ceannardaibh so,"

<sup>1</sup> Gabh beachd air so.

ars' esan, "do bhaile Anam-an-duine, agus tha iad fior fhreagarrach agus ro dhìleas gu cathan Shaddai a chur an aghaidh nan Ifrinneach, chum am baile a theasairginn. Uime sin, tha mi a' sparradh oirbhs'," ars' esan, "O a luchd-àiteachaidh Anam-an-duine, a tha a nis' a' soirbheachadh, nach buin sibh gu reasgach ri mo cheannardaibh-sa no ri 'n daoinibh ; bho'n is daoine iad a thaghadh a mach a mòran air son math a' bhaile<sup>1</sup> agus ged a tha cridheachan agus aghaidhean leòghan aca, uair air bith a ghairmear iad chum cogadh ri eas-cairdibh an Righ, agus ri naimhdibh baile Anam-an-duine ; gidheadh, ma ni am baile a bheag sam bith de thàire orra, bheir e an tapadh agus am misneach uapa ;<sup>2</sup> uime sin, gràdhaichibh agus altrumaibh iad, cuidichibh leo, cuiribh ann 'ur 'n-uchd iad, agus cha'n e mhàin gu'n cog iàd air 'ur son, ach fuadaichidh iad air falbh uaibh na h-uile Ifrinneach a tha 'g iarraidh 'ur léir sgrios, agus a sgriosas sibh ma bhitheas e so-dheanta dhoibh.

"Ma thàrlas do dh-aon sam bith de na ceannard-an so a bhi tìnn no lag, agus neo-chomasach air an dreuchd ghràidh sin a choimhlionadh, a tha iad a' dùrachdainn a dheanamh le'n uile chridhe, agus a ni iad 'nuair a ta iad slàn fallan, (Eabh. xii. 12. Isa. xxv. 3.) na deanaibh dìmeas no tàir orra, ach an àite sin neartaichibh agus misnichibh iad, ged bhiodh iad anmhainn agus ullamh gu bàsachadh ; oir is iad 'ur balla-diona, 'ur freiceadan, 'ur geatachan, 'ur glasan, agus 'ur cròinn-druididh. (Taisb. iii. 2. 1 Tesal. v. 14.) Agus am feadh a tha iad lag 's nach urrainn iad mòran a dheanamh, na bithidh ag earbsa nithe mòra uapa, oir is mò tha dh'fheum aca air cobhair fhaotainn uaibhse : gidheadh an uair a tha iad air ghleus, tha fhios agaibh

<sup>1</sup> Gràsan air an taghadh o shubhailcibh coitcheann.

<sup>2</sup> Cha'n urrainn do Shàtan ar gràsan a lagachadh mar is urrainn duinn fèin.

ciod an treubhantas, agus na lùth-chleasan cogaidh is urrainn doibh a' dheanamh, agus a ni iad air bhur son.<sup>1</sup>

"A bhàrr air sin ma bhios iadsan lag, cha'n urrainn baile Anam-an-duine a bhi làidir; ma bhios iadsan làidir an sin cha'n urrainn Anam-an-duine a bhi lag: cuimhnichibh mar an ceudna, ma bhios iadsan euslan, gur ann de'n bhaile féin a ghabh iad an galair; uime sin, tha bhur tearuinnteachd féin an urra ri'n slàinte-san agus ris an di-bheatha bheir sibh dhoibh.

"Na nithe so thuirt mi ribh, do bhrigh gu bheil gràdh agam dhuibh: Uime sin, thugaibh an aire gu'm bi sibh toigheach anns na h-uile nithibh a dh'aithn mise dhùibh, a chionn gur sluagh sibh aig a' bheil an leas mar mhuinnitir fa leth, an earbsa ri òrduighibh agus ri àitheantaibh 'ur Tighearn a choimhid. 'San ath àite, O Anam-an-duine, tha mi a' toirt faireachadh dhuibh, mu thimchioll nan nithe mu bheil feum agaibh air rabhadh fhaotainn, a dh'aindeoin an ath-leasachaiddh a ta aig an àm air a dheanamh 'n'ur measg, uime sin éisdibh rium gu furachair. Tha sàr-fhios agam-sa, agus bithidh fios agaibh féin an deigh so, gu bheil cuid a dh'Ifrinn-ich chrost agus do-réitichte fathast a' fantainn ann an Anam-an-duine, a tha chean', a' deilbh as-inn-leachdan cuilbheartach 'nur 'n aghaidh am feadh a tha mis' a làthair maille ribh, agus an uair a bhios mis' ás an làthair, a chleachdas gu h-aon-sgeulach an tuilleadh dìchill chum 'ur toirt gu léir-sgrios, agus gu staid fada nis miosa na tràilleachd na h-Eiphit; is iad càirdean follaiseach Dhiaboluis, uime sin, bithibh air 'ur faicill. (Mat. vii. 21, 22.) B' abhaist dhoibh còmhnaidh ghabhail maille ri 'm Prionnsa anns a' chaisteal, an uair a bha As-credeamh 'na Mhorair air a' bhaile so, ach o'n thàinig

1 Is iad 'na ceannardan ministearan an t-soisgeil, thugamaid an aire cia mar a bhuineas sinn riù.

mise an so tha iad a' fuireach mar is trice 's na h-iomallaibh agus anns na ballachaibh, agus rinn iad dhoibh féin an sin garaidhean agus uamhan, tuill agus frògan agus daignichean làidir. (Rom. vii. 18.) Uime sin, O Anam-an-duine ! 's ann is ro dhùilghe a bhitheas e dhuitse an glacadh, an claoih, agus an cur gu bàs, a réir aithne m' Athar-sa. Ni mo is urrainn sibh an glan chuidhteachadh, ni's lugha na leagas sibh sios ballachan 'ur baile, ni nach bu mhath leam sibh a' dheanamh air chòr sam bith.<sup>1</sup> Am bheil sibh a' farraid rium, 'Ciod a ni sinn ma ta?' Bithibh-sa dìchiollach, agus bithibh fearail; gabhaibh beachd air an daingnichibh, faighibh a mach na h-àitean a tha iad a' taghal, thugaibh an ionnsaidh orra, agus na deanaibh sìth riu ; ciod air bith àit' anns am beil iad a' tàmh, a' taghaich, no g'am falach féin, no ciod air bith cumhachan sìthe a thairgeas iad dhuibh, fuathaichibh iad ; agus bithidh na h-uile cùis gu math eadar sibhse agus mise. Agus a chum gur ann is feàrr a dh'fhaodas sibh an eadar-dhealachadh bho dhùthchas aich Anam-an-duine, bheir mi dhuibh ainmean an cìnn-fheadhna ; eadhon, iad so a leanas : Strìopachas, Adhaltrannas, Mort, Fearg, Mi-naire, Ceilg, Droch-shùil, Misg, Ruidh-tearachd, Iodhal-aoradh, Drùidheachd, Connasachadh, Co-fharpus, Corraich, Còmhstri, Aimhreite, Saobh-chreideamh. Is iad so cuid de'n cinn-fheadhna-san, O Anam-an-duine ! a dh'iarras do thilgeadh bun os-ceann gu bràth : tha mi 'g ràdh, gu bheil iad so am falach aùn an Anam-an-duine, ach seall le geur-bheachd ann an lagh do Rìgh, agus chì thu an sin an dealbh 'san cruth agus comharraidhean eile leis am faod thu an aithneachadh.<sup>2</sup>

<sup>1</sup> Cha bu mhath le Criosd gu'n cuireamaid ás dhuinn séin chum leis a' sin gu'n sgriosamaid 'ur peacannan.

<sup>2</sup> Ged nach eil aig an truailleachd, a tha fantainn anns a chriosd-aidh, seilbh air a' chridhe, gidheadh tha i fathast am falach 'san leth a stigh dheth, ach le beachd-smuaineachadh dùrachdach air facal Dé tha i air a foatainn a mach agus air a h-aithneachadh.

“ Uime sin, b’áill leam gu’m biodh aithne chinnt-each agaibh orra, O bhail’ Anam-an-duine, ma cheadaicheadh dhoibh so a bhi ruith air ais agus air adhart mu’n cuairt do’n bhaile mar is miann leo, grad ithidh iad suas ’ur ’n innidh mar nathraighean neimhe; puinnsonaichidh iad ’ur ceannardan, gearraidh iad féithean ’ur saighdearan, brisidh iad cloidheanan agus croinn-druididh ’ur geatachan, agus tionndaidh iad ’ur baile a tha nis cho ro àillidh, gu bhi ’na fhàsach aonaranach, agus ’na chàrn sgrios. Uime sin, chum gu’n gabb sibh misneach gus na slaoighearan so a’ chur an làimh ge b’e air bith àit’ am faigh sibh iad, tha mi toirt dhuibhse a Mhorair-a’-bhaile, a Mhorair-na-toile, agus a Shean-achaidh, maille ri uile luchd-àiteachaидh Anam-an-duine, làn chumhachd agus ùghdarras, rannsachadh air son na h-uile seòrsa Ifrinneach, ge b’e àit’ am faigh sibh iad ’g am falach féin an taobh a stigh, no an taobh a muigh de bhallaibh a’ bhaile, an glacadh agus an crochadh. Shuidhich mi minstreileachd sheasmhach ’n ’ur measg, agus mo cheud cheithir cheannardan a thàinig an aghaidh maighstir, agus triath nan Ifrinneach a bh’ann am bail’ Anam-an-duine, ma bhios feum air, agus ma dh’iarrar orra e, teagaisgidh iad sibh cha’n ann a mhàin gu h-uaigneach, ach searmonaichidh iad do’n bhaile gu follaiseach araon teagasg math agus fallain, a threòraicheas sibh air an t-slighe. Ni iad searmon dhuit gach seachdain, seadh, ni gach latha, ma bhios feum air, O Anam-an-duine! agus teagaisgidh iad teagasgan cho feumail duit, agus ma’s e’s gu’n toir thu fainear iad, ni iad math dhuit mu dheireadh. Agus thoir an ro-aire nach caomhainn thu na daoine sin a chaidh àithneadh dhuit a ghlacadh agus a cheusadh.”

“ A nise, mar chomharraich mise mach na slaoighearan air an ainm, thugaibh an aire, snàigidh cuid diù a steach ’n ’ur measg féin chum ’ur

mealladh, agus gabhaidh iad orra bhi glè éudmhor air son diadhachd.<sup>1</sup> Agus mur dean sibhse faire, ni iad ni's mo chàll dhuibh na tha sibh a' smuaint-eachadh. Taisbeanaidh iad so iad féin dhuibh air chaochla dòigh na rinn iad sin a dh'ainmicheadh roimhe. Uime sin, deanaibh faire agus bitibh stuama, agus na ceadaichibh dhuibh féin a bhi air 'ur bràth."

Air do'n Phrionns' am baile a' chur an òrdugh ás ùr, agus a theagaisg e iad anns na nithibh a bha feumail air an son, an sin shònraighe e là eile anns am builicheadh e tuilleadh comharraidh urrainm air bail' Anam-an-duine; comharradh a dheanadh an eadar-dhealachadh o na h-uile sluagh a ta chòmhnaidh ann an rioghachd a Chruinne-ché. Cha b'fhada gus an tainig an latha chomharraicheadh, agus choinnich am Prionns' agus a sluagh aig lùch-airt an Rìgh, far an do labhair Emanuel riù mar a leanas. "M'Anam-an-duine, 'sann a tha 'n ni sin a tha mise gu dheanamh,<sup>2</sup> gu bhur deanamhs' aithnichte do'n t-saoghal gur leam-sa sibh, agus mar an ceudna, gu bhur 'n-eadar-dhealachadh ann 'ur sealladh féin o gach uile mhealltair a dh'fhaodas goid a stigh 'nur measg."

An sin dh'àithn e dhoibhsan a bha 'ga fhrithealadh dol do dh'àite-coimhid an ionmhais, agus na trusganan geal' agus dealrach a thoirt leo, "a dh'ullaich mise agus a thaisg mi" ars' esan "air son Anam-an-duine." An sin thug iad leo na deiseachan geala, agus chaidh an sgaoileadh a mach fa chomhair an t-sluaign, (Taisb. xix. 8.); agus thugadh comas dhoibh an ghabhail agus an cur umpa a réir meud gach neach. Mar sin, chaidh an sluagh a sgeudachadh le anart grinn, geal agus glan.

An sin thuirt am Prionnsa riù, "Is e so, O Anam-an-duine, m' éideadh shuaicheantais-sa, agus

<sup>1</sup> Rabhadh gu'n bhi air ar mealladh le aingidheachd spioradail.

<sup>2</sup> Glaine agus naomhachd.

an comharradh leis a' bheil mo sheirbhisich air an aithneachadh seach muinntir eile. Seadh, is ni so a tha mi toirt do gach aon is leam, agus as easbhuidh nach ceadaichead do dhuine sam bith mo ghnùis fhaicinn. Uime sin, caithibh iad air mo sgàth-sa, a thug dhuibh iad, agus mar an ceudna, 'nam b'aill leibh gu'n aithnichte leis an t-saoghal gur leam-sa sibh."

(A nis', an saoil sibhse cionnas a dheàlrach Anam-an-duine? Bha e maiseach mar a' ghealach, glan mar a ghrian, agus uamhasach mar armailt le'm brataichibh.)

"Cha'n eil prionnsa, no rìgh, no duine cumhachdach anns a' Chruinne-ché, a tha toirt an éididh so ach mi féin; uime sin mar thubhairt mi ribh cheana, bithidh sibh air 'ur 'n-aithneachadh leis gu'm buin sibh dhomhsa.

"A nis," ars' esan, "thug mi dhuibh mo chulaidh-shuaicheantais, bheiream dhuibh mar an ceudna àithne mu thimchioll nan trusgan so; agus feuchainn gu'n toir sibh deagh aire do 'm bhriathraibh.

1. "Cùmaibh oirbh iad na h-uile latha, air eagal gu'n saoil muinntir eile air uairibh nach buin sibh dhomhsa, Ecl. ix. 8.

2. "Cumaibh do ghnà geal iad oir is eas-urram dhomhsa iad a bhi salach, Taisb. iii. 2.

3. "Uime sin, trùsaibh o'n talamh iad chum 's nach bi roisean orra.

4. "Thugaibh an aire nach càill sibh iad, air eagal gu'n imich sibh lomnochd agus gu'm faic iad bhur näire.

5. "Ach ma shalaicheas sibh iad, (ni nach math leam-sa, ach is äit le Diabolus,) greasaibh gus an ni sin a dheanamh a ta sgriobht' ann am lagh, (Taisb. vii. 15—17,) chum as gu'n seas sibh fathast, agus nach tuit sibh fa 'm chomhair, agus fa chomhair mo righ-chathrach, (Luc. xxi. 36.) Mar an

ceudna, 'se so an dòigh gu thoirt ormsa nach fàg agus nach tréig mi sibh am feadh a bhios sibh an so, ach gu'm fan mi ann am bail' Anam-an-duine gu bràth."

A nis, bha Anam-an-duine, agus a luchd-àit-eachaidh, mar shéula air làimh dheas Emanueil. C'ait' a nis' an robh baile, no cathair, no comunn a choimeasaicheadh Emanuel ri Anam-an-duine? Baile air a shaoradh o chumhachd Dhiaboluis! Baile dh'an robh spéis aig an Rìgh Saddai, agus a chuir e Emanuel gu ath-chosnadh o uachdaran an t-sluic iochdraich; baile anns am b'ionmhuinn le Emanuel còmhnaidh a ghabhail, agus a ròghnaich e air son ionad-taimh rioghaile; baile a dhaingnich e air a shon fèin. Bha aig Anam-an-duine nis, Prionnsa ro urramach, ceannardan, agus luchd-cogaidh òirdheirc, àirm dhearbhte, agus trusganan cho geal ris an t-sneachd. Agus is mòr luach nan sochairean sin; nam b'urrainn Anam-an-duine am meas mar sin, agus feum a dheanamh dhiù chum na crìche air son an do bhuilicheadh air iad.

An uair a chuir am Prionnsa crìoch air a' bhaile chur an òrdugh mar so, a thaisbeanadh gu'n robh mòr thlachd aige ann an oibribh a làmhan, agus gu'n robh taitneas aig' anns a mhath a rinn e air son Anam-an-duine, dh'òrduich e a bhrataich féin a thogail suas air barra-bhalla a chaisteil. Agus an sin,—

1. Thàinig e shealltainn orra gu minig: cha robh latha nise nach tàinig, an darra cuid esan d'an ionnsaidh, no seanairean Anam-an-duine d'a ionnsaidhsan gu'lùchaint. (2 Cor. vi. 16.) A nise dh'im-icheadh iad cuideachd, a' còmhradh mu thimchioll gach ni mòr a rinn e, agus a gheall e fathast a dheanamh air son a' bhaile. Is minig a bhiodh e féin agus Morair-a'-bhaile, Morair-na-toile, agus am fo-shearmonaiche còir Fear-na-cogais, agus an Sean-achaидh, cuideachd mar so. Cia cho gràsmhor! cho gràdhach! cho suairc'! agus cho caoimhneil

agus a bhuin am Prionnsa beannaichte so ri bail' Anam-an-duine! anns gach sràid, anns gach gàradh, agus anns gach àite eile gus an tàinig e, fhuair na bochdan a bheannachd;<sup>1</sup> seadh, phògadh e iad, agus nam biodh iad tìnn chuireadh e 'làmhan orra agus dheanadh e slàn iad.<sup>2</sup> Mhisnich e mar an ceudna na ceannardan gach làtha, theagamh gach uair de'n latha, le 'làthaireachd agus le 'bhriathraibh gràsmhoir; oir faodaidh sibh a thuig-sinn gu'n cuireadh fiamh-ghaire fhaicinn air-san riù, tuilleadh treòir, tuilleadh beatha, agus calm-achd aunta, na ni sam bith eile fo'n ghréin.

Bhiodh am Prionnsa nis a' toirt cùirmean doibh, agus bhiodh e maille riù mar bu tric; is gànn seachduin a rachadh seachad gun chùirm. (1 Cor. v. 8.) Rinn sinn iomradh air aon chùirm a bh'aca maille ri chéile, ach bha leithid sin ni bu ghnàth-aichte aca nis; bha na h-uile latha nise 'na latha-cùirme do dh' Anam-an-duine. Agus an uair a thilleadh iad gu'n àitibh-tàimhe, cha b'ann le làimh fhalamh a leigeadh e air falbh iad, gheibheadh iad fàinne,<sup>3</sup> slàbhraiddh òir,<sup>4</sup> làmh-fhàile,<sup>5</sup> clach gheal<sup>6</sup> no ni-eiginn eile; bha Anam-an-duine nis cho ion-mhuinn leis agus cho priseil 'na shealladh.

2. An uair nach tigeadh na seanairean agus muinntir a' bhaile d'a ionnsaidh-san, chuireadh esan pailteas teachd-an-tìr d'an ionnsaidh-san; lòn a thàinig o'n chùirt, fion agus aran a dheasaicheadh air son bàrd 'Athar; chuireadh e leithid so do bhiadh sòghair d'an ionnsaidh, agus chòmhdaicheadh e am bùird leis air chòr, 's cò sam bith a chitheadh e gu'n aidicheadh e nach b'urrainn a leithid a bhi air fhaicinn ann an rioghachd sam bith eile.

3. Mur tigeadh Anam-an-duine a shealltain air cho tric 's bu mhiann leis, rachadh esan a mach

<sup>1</sup> Smuaintean acrach —<sup>2</sup> Faic an sonas a th'ann a bhi dlù ri Dia.—<sup>3</sup> Comharradh air aonadh.—<sup>4</sup> Comharradh air urram.—<sup>5</sup> Comharradh air maise.—<sup>6</sup> Comharradh air mathanas.

d'an ionnsaidh, bhuaileadh e aig an dorsaibh, agus dh'iarradh e comas dol a steach, chum 's gu'm biodh càirdeas air a chumail suas eadar e-féin agus iadsan; nan cluineadh iad e agus gu'm fosgaladh iad dha, mar bu tric leo dheanamh, nam biodh iad aig an tigh,<sup>1</sup> an sin dh'ath-nuadhaicheadh e a ghaol dhoibh, agus dhaingnicheadh se e, le comharradh as ùr air a chàirdeas a bha mairsinn. Tais. iii. 20. Dan. v. 2.

Nach b'iongantach an sealladh a nis' a bhi fàic-inn, anns an dearbh àite 'san robh a chòmhnaidh aig Diabolus uair-eigin, agus far an tug e aoidh-eachd do na h-Ifirnich chum léir-sgrios Anam-an-duine ach beag, Prionnsa nam Prionnsa'na shuidhe ag itheadh agus ag òl maille riu, agus a cheannardan treun, a luchd-cogaidh, na trompadairean maille ri fir-chiùil agus mnathan-ciùil 'Athar, 'nan seasamh mu'n cuairt doibh a' frithealadh orra! Bha cùpan Anam-an-duine a' cur thairis a nise, bha 'amraichean a' sruthadh fiona nise, dh'ith e nise, smior a' chruith-neachd, agus dh'ol e mil agus bainne as a' charraig! A nis, thubhairt e, "Cia mòr a mhaitheas dhomh! oir o'n uair a fhuair mi deagh-ghean 'na shùilibh, cia urramach a bha mi!"

Dh'òrduich am Prionnsa beannaichte fear-dreuchd ás 'ur anns a' bhaile, neach ro chiatach d'am b'ainm Sìth-Dhé, (Col. iii. 15.) Chuireadh an duine so os-ceann Mhorair-na-toile, Mhorair-a'-bhaile, an t-Seanachaidh, Fearr-na-coguis, Fear-na-h-inntinn, agus os ceann an iomlain de mhuinntir Anam-an-duine. Cha b'ann do mhuinntir a' bhaile bha e, ach thàinig e maille ri Prionnsa Emanuel o'n chùirt. Bha commun mòr eadar e féin agus an Ceannard Creideamh, agus an Ceannard Deagh-dhòchas: tha cuid ag ràdh gu'n robh iad deala, agus is e sin mo bharail féin cuideachd, (Rom. xv. 13.) Rinneadh an duine so na làn uachdaran air

1 An cunnart a th'ann an smuaintibh seachranach.

a' bhaile, gu h-àraid air a' chaisteal, agus bha 'n Ceannard Creideamh gu chobhar an sin. Agus ghabh mi beachd shònraighe, am feadh a chaidh na h-uile ni air adhart ann an Anam-an-duine mar bu mhiann leis an duin'-uasal shuairee so, gu'n robh am baile ann an staid ro shona. Cha robh a nis' eas-còrdadh, trod, no gniomharran ain-diadhaidh sam bith air feadh a' bhaile ; dh'fhan gach duine ann an Anam-an-duine dlù air ceann a mhathais féin. Thug na h-uaislean na h-oifigich, na saighdearan, agus na h-uile bh'ann an dreuchd, an aire do'n ni a dh'àithneadh. Agus a thaobh mnathan agus clann a' bhaile,<sup>1</sup> chaidh iad mu'n cuairt d'an gnothaichibh gu h-aoibhneach, a' sior obair agus a' sior shèinn o mhoch-thràth gu feasgar ; air chòr a's nach robh ni ri fhaotainn anns a' bhaile gu h-iomlan, ach càirdeas, sìth, aoibhneas, agus slàinte. Agus mhair so ré an t-sàmhraidh ud uile.

Ach bha duine ann am baile Anam-an-duine d'am b'ainm Neo-chùram-feòlmhor ; agus an deigh na chaidh de thròcair a bhuiileachadh air Anam-an-duine, thug an duine so e gu tràilleachd agus daorsa mhòr agus ghoirt. Tha cunntas aithghearr air féin agus air a ghniomharaibh mar a leanas : An uair a ghabh Diabolus sealbh air a' bhaile an toiseach, thug e leis àireamh mòr do dh'Ifrinnich, agus nam measg bha fear d'am b'ainm an Duine-mi-fhéin.<sup>2</sup> ceatharnach a bha cho smioral, tapaidh ri aon sam bith aig an robh sealbh an-tràth sin air Anam-an-duine. Air do Dhiabolus a thuigsinn gu'n robh am fear so 'na dhuine teòma agus dàlma, chuir se e a thoirt iomadh droch-bheart gu buil, ni a shoirbhich leis ni b'fhearr, agus air dhòigh a thug ni's mò de thaitneas d'a thriath, na b'urrainn a mhòr chuid dhiù-san a thàinig maille ris o'n t-sloc a dheanamh. Uime sin, air dha fhaicinn gu'n robh e cho freagarrach ris an ni a bha 'na bheachd,

1. Breithneachadh naomha, deagh smuaintean.—2. Féin-speis.

dh'àrdaich e gu inbhe e, agus rinn se e an ath dhuine do Mhorair-na-toile, mu thimchioll an do labhair sinn mòran a cheana. A nis' air do Mhorair-na-toile bhi ro bhuidheach air 'san àm sin, thug e dha a nighean, Baintighearna-gun-eagal, 'na mnaoi. B'e an Neo-chùram-feòlmhor so, mac an Duine-mi-fhéin, agus na Baintighearna-gun-eagal. Air do leithid so a phòsaidhean neònach a bhi air an deanamh ann an Anam-an-duine, bha'n sluagh cho mòr air an toinneamh air a' chéile, 's gu'm bu chruaidh an ni ann an cuid a choirean, fhaotuinn a mach cò bha de dhùthchasaich a' bhaile agus cò nach robh, oir b'ann de shliochd Mhorair-na-toile an Neo-churam-feòlmhor so, ged a b'Ifrinneach a thaobh nàduir a b'athair dha.

Chaidh an Neo-chùram-feòlmhor so gu mòr r'a dualachas athar agus a mhàthar, bha e féineil, bha e gun eagal, agus bha e 'na fhear tür beadaidh; cha robh naigheachd, no teagastg, no atharrachadh, no bruidhean mu atharrachadh, a dh'fhaodadh aig àm sam bith a bhi dol air adhart ann an Anam-an-duine, nach fheumadh Neo-churam-feòlmhor ni-éigin a bhi aige ri 'g ràdh mu dhéibhinn: ach chuireadh e cùl riù-san bu laige shaoileadh e, agus bhiodh e an comhnaidh air an taobh bu treise bhiodh.<sup>1</sup>

A nise an uair a rinn Saddai cumhachdach agus Emanuel a mhac cogadh ri Anam-an-duine, bha an Neo-chùram-feòlmhor so ro theòma, agus bhrosnaich e iad 'nan ceannairc, agus chuir e thuige iad gu bhi fearail cruaidh gu cur an aghaidh àrmait an Rìgh; ach an uair a chunnaic e gu'n do ghlacadh bail' Anam-an-duine, agus 'na thachair an déigh sin, ghabh e air-féin séirbheis a' dheanamh do'n Phrionnsa an aghaidh a nàimhdean.

<sup>1</sup> A luchd-aideachaidh an t-soisgeil, bithibh air 'ur faicill an aghaidh Neo-churam feòlmhor! bheir e oirbh bun a' chur ann 'ur socharaibh, an àite sealtainn a mhàin ri Iosa bhur Tighearna agus ar Maighistear.

Agus air dha meud-éigin eòlais fhaotainn air sin a bha taitneach do dh'Emanuel, ghabh e air féin dol an cuideachd muinntir a' bhaile. A nise bha fhios aige gu'n robh cumhachd agus neart Anam-an-duine mòr, agus gu'n taitneadh e ris an t-sluagh, nam moladh e an spionnad agus an glòir. Uime sin, thòisich e air labhairt mu chumhachd agus mu neart Anam-an-duine, agus bha e a' cumail a mach gu dian nach b'urrainn e bhi air a ghlacadh. Bhiodh e an darna h-uair a' moladh nan ceannardan, agus an croinn-thabhaill, agus an reitheachan-cogaidh, agus an uair eil'a' moladh am ballachan-diona, agus an daingnichean làidir; agus na dhéigh sin, ag cur an céill 'nan dearbhachdan a bh'aca bho'm Prionnsa, gu'm biodh Anam-an-duine sona gu bràth. An uair a chunnaic e gu'n do dhrùigh a chainnt air cuid de mhuiuntir a' bhaile, bhuanach e air labhairt, agus air siubhal dha bho shràid gu sràid, o thigh gu tigh, agus o dhuine gu duine, cha mhòr nach d' rinn e Anam-an-duine cho feòlmhor mi-chùramach ris féin; mar sin chaith iad o chonalt-radh gu cùirmibh, agus o chùirmibh gu feasr-chuideachd, agus mar sin sios; (a nise bha Emanuel fathast ann am bail' Anam-an-duine, agus thug e fainear gu glic an gniomharran) bha Morair-a'-bhaile, Morair-na-toile, agus an Seanachaидh, mar an ceudna air an togail le 'briathraighean Ifrinnich mhiodalaich so; air dhoibh a dhì-chuimhneachadh gu'n tug am Prionnsa rabhadh dhoibh, an aire thabhairt gun bhi air am mealladh, le cleas Ifrin-neach sam bith, agus a bhàrr air sin dh'innis e dhoibh, nach robh tearainnteachd agus soirbheachadh a' bhaile cheutaich so Anam-an-duine, a' co-sheasamh cho mòr 'na dhaingnichibh agus 'na spionnad 'san àm, sa bha e ann an cleachdad a dheanamh dhe'n ni sin a bh'aige, air a leithid do dhòigh, 'sa bheireadh air Emanuel fantainn an

taobh a stigh d'a chaisteil.<sup>1</sup> Oir b'e fiòr teagastg Emanueil, gu'n tugadh Anam-an-duine an aire nach di-chuimhnicheadh iad a ghràdh féin agus gràdh 'Athar; mar an ceudna, gu'n irioslaicheadh siad iad féin air dhòigh 's gu'm fanadh iad an còmhnaidh ann. A nise cha b'e 'n rathad gu sin a dheanamh gràdh a thoirt do'n Ifrinneach so Neo-chùram-feolmhor: bu chòir dhoibh éisdeachd a thoirt d'am Prionnsa, eagal a bhi orra roimhe, agus gràdh a thoirt dha, agus na h-Ifrinnich so a chlachadh gu bàs, agus an aire a' ghabhail gu'n gluaiseadh iad 'sna slighibh a chomharraich am Prionnsa mach dhoibh, an sin bhiodh an sìth mar abhainn, agus am fireantachd mar thonnaibh na fàirge.

A nis' an uair a bhreithnich Emanuel gu'n robh cridheachan muinntir Anam-an-duine air fàs fuar, agus an gràdh air lùghdachadh dha, troimh chuil-bheartachd Neo-chùram-feòlmhoir.

Air tùs, rinn e caoidh os-ceann an staid maille ris an Ard-rùn-fhear, ag ràdh, "O nach ann a thug mo shluagh éisdeachd dhomh, agus nach ann a għluais Anam an-duine ann mo shlighibh! bheathaichinn iad le smior a' chruithneachd, agus le mil as a' charraig chumainn suas iad." An deigh sin, thubhairt e 'na chridhe, "pillidh mi dh'ionnsaидh na cuirte, agus théid mi gu m' àite gus an toir Anam-an-duine fainear agus gus an aidich iad an lochd." Agus rinn e so,

1. Do bhrìgh gu'n do leig iad dhiu a bhi tighinn a shealltainn air mar bu għnà leo, cha tāinig iad a chum a lùchaint rioghail mar anns na h-àmaibh a chaidh seachad.

2. Do bhrìgh nach robh umhail aca co dhiubh a thàinig esan a shealltainn orra-san no nach d'thainig.

---

<sup>1</sup> Cha'n e an gràs a shuair a t-anam ach an gràs a tha e cumail an cleachdad a ghleidbeas e bho chuunartaibh aimsireil.

3. Do bhrìgh na cùirmean-gràidh a b' àbhaist a bhi eadar am Prionns' agus iad-san, ged bha e 'g an deanamh fathast, agus a' toirt cuireadh dhoibh-san d'an ionnsaidh, gidheadh dhearmaid iad tighinn, no tlachd a' ghabhail anna.

4. Cha d'fheith iad r'a chomhairlean no r'a sheòladh, ach dh'fhàs iad ceann-laidir agus muinghinneach annta féin, a' creidsinn gu'n robh iad a nise làidir agus do-cheannsaichte, agus gu'n robh Anam-an-duine tearuinte, agus nach b'urrainn a' nàmhàd ruigheachd air, agus gu'n robh a staid do-atarraichte gu bràth.<sup>1</sup>

Mar a thubhaint mi, rinn Emanuel an toiseach caoidh os ceann an staid, an sin chleachd e meadhonnan gu thoirt orra thuigsinn gu'm bu chunnartach an rathad air an robh iad agimeachd. Oir chuir e an t-Ard-rùn-fhear d'an ionnsaidh, a thoirmeasg a leithid a ròidean doibh; ach air dà uair do na thàinig e, fhuair e iad aig cùirm ann an tigh Neò-chùram-feòlmhor, agus air dha thuigsinn nach robh iad toileach reusonachadh mu thimchioll cùisean a bhuineadh d'am math, bha doilgheas air agus dh'fhalbh e.<sup>2</sup> An uair a dh'innis e so do Phrionnsa Emanuel bha araon diùmadh, agus doilgheas air, agus dh'ullaich e chum pilltinn gu cùirt 'Athar, A nise b'e so an dòigh 'san do tharruinn e air falbh.

1. Chum se e-féin an cleith, agus ni bu leth-oirich na bu ghnà leis,<sup>3</sup> eadhon am feadh a bha e fathast maille riù ann an Anam-an-duine.

2. Ma thàinig e 'nan cuideachd cha robh a chàinnt riù cho taitneach agus cho càirdeil 'sa bha i roimhe sin.

3. Ni mò a chuir e dh'ionnsaidh Anam-an-duine, am biadh blasda bho 'bhòrd a b' àbhaist dha.

1 Bheir neo-churam-feòlmhor oirnn Criod a dhearmad, cuiridh e cràdh air an Spiorad Nàomh', agus sgriosaidh e an t-anam.

2 Chràdh iad an Spiorad Naomh' agus Criod.

3 Cha'n eil Criod a' dol air falbh còmhladh.

4. An uair a thàinig iad 'ga fhaicinn, ni a rinn iad an dràsta 'sa rithist, cha robh e cho furas guth fhaotainn dheth, 'sa bha e roimhe sin. Dh'fhaodadh iad bualach uair, no dha,<sup>1</sup> ach cha ghabhadh e air gu'n robh e 'gan cluinntinn; an àite roimhe sin nan cluinneadh e fuaim an eas ruitheadh e agus choinnicheadh e an leth na slighe iad, agus bheireadh e orra, agus ghabhadh e 'na uchd iad.

Rinn Emanuel mar so, chum toirt orra smuain-eachadh orra féin agus pilltinn d'a ionnsaidh-san. Ach mo thruaighe! cha tug iadsan fainear, cha do thuig iad a ròidean, cha robh súim aca dhiù, agus cha do dhrùigh iad orra, ni mo dhrùigh cuimh-neachadh air fhàbharaibh roimhe sin orra. Uime sin, dh'fhalbh e os n-iosal, air tùs o luchairt, an sin gu geat a' bhaile, agus an déigh sin o Anam-an-duine,<sup>2</sup> gus an aidicheadh iad an cionta, agus gus an iarradh iad a ghnùis ni bu dhùrachdaiche, (Esec. xi. 21, Hos. v. 15, Lebh. xxvi. 21—24.) Leig Sìth-Dhé mar an ceudna dheth a dhreuchd, agus cha riaghladh e ni b'fhaide anns a' bhaile.

Mar so, għluais iad 'na aghaidh, agus għluais esan a rithist ann an rathad diogħaltais 'nan aghaidh-san. Ach mo thruaighe! bha iad air chionn so air an cruadhachadh air a leithid do dhòigh, agus dheogħail iad a stigh teagħsg Neo-chùram-feòl-mhor cho mòr, 's nach d'rinn dol air falbh am Prionnsa drūgħeadd sam bith orra, ni mo chūimh-nich iad air an déigh dha falbh; agus uime sin cha d'rinn iad caoidh air son e a bhi ás an làthair. Ier. ii. 32.

A nis bħalà air an d'rinn Neo-chùram-feòl-mhor, cùirm a rithist do bhail' Anam-an-duine, agus bha anns a' bhaile aig an àm sin neach d'am b'ainm Eagal-Dé, fear air nach robh a bheag do mheas

<sup>1</sup> Oibhreashadh an aignidhean.

<sup>2</sup> Gabh beachd air so.

a nise ged bha e glé urramach riomhe sin.<sup>1</sup> Bha mhiànn air seann Neo-chùram-feòlmhor, nam b'ur-rainn e, esan a mhealladh, a mhi-ghnàthachadh agus a thruailleadh mar a rinn e air càch, agus uime sin, thug e cuireadh dha chum na cùirme maille r'a choimhearsnachaibh ; mar sin an uair a thàinig an latha chaidh a chomharrachadh, thaisbean e maille ris a' chuid eile de na h-aoidhean ; agus air dhoibh suidhe sios aig a' bhòrd, dh'ith agus dh'òl iad, agus bha iad uile subhach, ach Eagal-Dé a mhàin, neach a shuidh mar gu'm bu choigreach e, agus cha d'ith e mìr, ni mò bha e subhach. 'Nuair a thug Neo-chùram-feòlmhor so fainear, thubhairt e :—

" Is dòcha leam nach 'eil thu a' d'shlàinte, Eagail-Dé ? Tha thu mar nach biodh tu ro mhath an darra cuid a' d' chorpa no a' d' inntinn, no annta sin araon. Tha iocschlainnt agam-sa a rinn Dì-chuimh-nich-math, agus ma ghabhas tus' i, tha dùil agam gu'n dean i briagha sunntach thu, agus ni's iom-chuidh air son còmpanas a chumail ruinne aig a' chùirm.

**EAGAL-DE.**—Fhreagair an seann duin'-uasal gu modhail, " Gu'n robh math agad air son do shuairceis, ach le do chead cha'n 'eil a bheag do dhéidh agam air t'iocschlainnt. Theirinn facal no dha ri muinntir Anam-an-duine : sibhse a sheanairean agus a chinn-fheadhna a' bhaile, is iognadh leam féin 'ur faicinn co sunntach aighearach, an uair a ta Anam-an-duine ann an staid cho muladach."

**NEO-CHURAM-FEOLMHOR.** " Mar 'eil mi meallta, tha feum agad air cadal a charaid. Nach bi thu cho math 'sa dhol a laidhe agus pràmhan cadail a dheanamh, agus aig an àm cheudna bithidh sinne subhach."

---

<sup>1</sup> Cha'n 'eil dad a dh'sheart air eagal Dé, an uair a tha'n t-anam, air a shuaineadh ann an Neo-churam-feòlmhor, ach far a' bheil e, cuiridh e bacadh o dhol air falbh gu tùr o Dhia.

**EAGAL-DE.** “ A dhuine, nam biodh srad do thréidhireas ann do chridhe, cha b'urrainn duit a dheanamh mar a rinn thu agus mar a tha thu a' deanamh.”

**NEA-CHURAM-FEOLMHOR.** “ Ciod a tha thu 'g ràdh ?”

**EAGAL-DE.** “ Na cuir casg air mo sheanachas. Is fior gu'n robh baile Anam-an-duine làidir, agus (air chumha) do-ghlact ; ach lagaiche sibhs' e a mhuinntir a' bhaile, agus tha e nise fosgailte d'a nàimhdibh ; 's cha'n àm so gu bhi tòsdach no miodal; is tus a Neo-churam-fheòlmhoir gu cuilbheartach a rùisg Anam-an-duine, agus a dh'f huadaich air falbh a ghlòir uaithe ; léag thu sios a thuraidean, bhris thu a' gheatachan, agus mhìll thu a għlasan agus a 'chròinn-druididh.

A nise gus a' chùis a mhìneachadh : tha e soill-eir riamh o'n àm an d'fhàs thusa agus tighearnan Anam-an-duine cho mòr aig a' chéile, gu'n robh diùmadh air Neart Anam-an-duine agus dh'éirich e nis' agus dh'fhalbh e. Ma chuireas neach sam bith an teagamh gur i an fhìrinn a th'agam-sa, dh'fharraidiinn, c'ait' am bheil Prionnsa Emanuel ? c'uin a chunnaic duine no bean ann an Anam-an-duine e ? c'uin a chuala sibh uaithe, no bhlaist sibh a bheag d'a bhiadh deagh-bhlasda ? Tha sibh a nis' aig cuirm maille ris an Ifrinneach òillteil so, ach cha'n esan bhur Prionnsa ; uime sin, tha mi 'g ràdh, ged bha bhur nàimhdean o'n leth a muigh neo-chomasach air buaidh fhaotainn oirbh, nan tug sibh an aire, gidheadh o chiontaich sibh an aghaidh bhur Prionnsa, bha bhur nàimhdean o'n leth stigh ro chruaidh air bhur son.”

**NEO-CHURAM-FEOLMHOR.** “ Mo nàire ! mo naire ! Eagail-Dé, nach leig thu idir dhiot do chladhair-eachd ? Am bheil sgàth ort roimh chuisseig ? Cò rinn dochair ort ? Faic, tha mis' air do thaobh, ach a mhàin tha thus' a' cur an teagamh, ach tha

mis' air son a bhi muinghinneach. A bharr air sin, an àm so gu bhi dubhach? Nithear cùirm air son subhachais; c'arson a tha thusa ma ta a nise gu do näire féin, agus gu dragh dhuinne, a' tighinn air a leithid a chainnt fheargaich mhuladaich, an uair bu choir dhuit a bhi 'g ithe 's ag ol 'sa bhi subhach?"

**EAGAL-DE.** Is ceart dhomh a bhi dubhach, oir dh'fhag Emanuel bail' Anam-an-duine: tha mi 'g ràdh a rithist gu'n d'fhàlbh e, agus is tus' an duine a dh'fhuadaich e; seadh, dh'fhàlbh e gun uiread agus faireachadh a thoirt do mhaithibh Anam-an-duine gu'n robh e a' fàlbh, agus mar 'eil sin 'na chomharradh air diùmadh, tha mise aineolach air cleachdaibh na diadhachd.

"A nis' a mhorairean agus a dhaoine-uaisle, oir is ann ribhse a tha mi, labhairt, rinn 'ur claonadhsa a chuid 's a chuid o Emanuel, a bhrosnachadh guimeachd uaibh, ni a rinn e lion beag a's beag, chum gu'm biodh sibhse tuigseach dheth, agus gu'm biodh sibh air bhur 'n ath-nuadhachadh le sibh-féin irioslachadh: ach an uair a chunnaic e nach tug neach sam bith fainear; ni mò a ghabh iad gu cridhe na tionnsgainnean eagalach so d'a chorraich agus d'a bhreitheanais, dh'fhalbh e, agus so chunnaic mi le mo shùilibh. Uime sin, am feadh a tha sibh a' deanamh uaill, chaidh ás do bhur neart, tha sibh coltach ri Samson an uair a chail e 'fhalt. Faodaidh sibhse agus uachdaran so bhur cùirm sibh-féin a chrathadh, agus a shaoilsinn gu'n dean sibh mar air àmaibh eile; ach o nach urrain sibh ni sam bith a dheanamh as eugmhais Emanueil, agus o'n dh'imich esan uaibh, pillidh 'ur cùirme gu osnaich, agus 'ur subhachas gu tuireadh."

An sin air do'n fho-shearmonaiche, seann Fhearna-coguis so a chluinntinn, chlisg e, agus labhair e mar so:

**FEAR.** "Gu cinnteach mo bhràithean, tha eagal

orm gur e an fhirinn a tha Eagal-De ag innseadh dhuinn : oir air mo shon féin, cha'n fhaca mi mo Prionnsa bho cheann fhada. Cha chuimhne leam an latha. Ni mò is urrainn mi ceisd Eagal-De a' fhreagairt. Tha eagal orm gu' bheil gach cùis gu h-olc maille ri Anam-an-duine."

**EAGAIL.** "Seadh, tha fios agam-sa nach fhaigh sibh e ann an Anam-an-duine, oir dh'imich e air fàlbh air son lochdan nan seanair, do bhrìgh gu'n d'ioc iad mi-chaoimhneas do-fhulang an éirig a ghràis.

An sin dh'fhàs néul air an fho-shearmonaiche mar gu'm biodh e gu tuiteam sios fuar màrbh aig a bhòrd, dh'fhàs mar an ceudna na h-uile bha 'san lathair, ach fear-an-tighe na aonar, aognuidh glas-neulach. Ach air dhoibh teachd beagan chuca féin, agus aontachadh ri creideas a thoirt do dh'Eagal-Dé agus do na thubhairt e, (a nise bha Neo-chur-am-feòlmhor air dol gu 'sheòmar-uaigneach, oir cha bu toil leis a leithid sud do gnothaichean cianal muladach,) thòisich iadsan ri 'n comhairle chuir r'a chéile ciod a b'fhearr dhoibh a dheanamh, ar aon ri fear-an-tighe, air son iadsan a tharruinn gu olc, agus mar, an ceudna chum gràdh Emanueil athchosnad.

An sin thàinig an ni a dh'iarr am Prionns' a' dheanamh ris na faidhibh bréige, a dh'eireadh suas chum baile Anam-an-duine a mhealladh gu'n aire. Mar sin air dhoibh a cho'dhùnadh gu'm b'aon diù Neo-chùram-feòlmhor, ghlac iad e, agus loisg iad e féin agus a thigh, oir b'Ifrinneach e a thaobh naduir.

An deigh dhoibh so a' dheanamh, rinn iad cabh-ag a' shealltainn air son Emanueil, am Prionnsa. Agus dh'iarr iad e, ach cha, d'fhuair iad e ; (Dan. v. 6. an sin bha iad ni bu dearbhta gu'm b'i 'n fhirinn a bha 'sna thubhairt Eagal-Dé, agus thòisich iad ri iomachoir ghoirt a' chur orra féin air son an

gniomharran gràineil, ain-diadhaidh; oir cho'-dhui iad gu'm b'iad bu choireach ri'm Prionns' g'am fàgail.

An sin dh'aontaich iad dol a' dh'ionnsaidh an Ard-Rùnair, neach ris an do dhiùlt iad éisdeachd riomhe sin, agus air an do chuir iad dòilgheas le'n gniomharraibh, a dh'fhiosrachadh dheth, (oir b'fhear seallaidh e.) c'àit' an robh Emanuel, agus cia mar a gheibheadh iad achanaich a sheòladh d'a ionnsaidh.<sup>1</sup> Ach cha leigeadh an t-Ard-Rùnair a stigh iad a chum labhairt ris mu'n chùis so, ni mò a cheadaicheadh e dhoibh teachd a dh'ionnsaidh a lùchaint-rìoghail, agus cha tigheadh e a mach d'an ionnsaidh, (Isa. lxiii. 10. Eph. iv. 30. 1 Tesal. v. 19.)

A nis bu latha gruamach agus dorch e so, bu latha neòil agus tiugh-dhòrchedas e do dh'Anam-an-duine. Chunnaic iad gu'n robh iad amaideach, agus thòisich iad ri bhi tuigsinn ciod an càll ana-barrach a rinn còmpanas agus briathran Neo-chùram-feolmhor do bhaile truagh Anam-an-duine. Ach bha iad aineolach mu ciod tuilleadh a bha gu theachd orra fathast. A nise, thoisich Eagal-Dé a rithist ri fàs measail aig daoinibh a' bhaile, agus bha iag ullamh air a ghabhail mar fhàidh.

An uair a thàinig latha na Sàbaid, chaidh iad a dh'éisdeachd an fho-shearmonaiche. Bha 'cheann-teagaisg o'n fhàidh Ionas, "Iad-san a bheir fainear diomhanasa breugach, cuiridh iad cul r'an tròcairibh féin," (Ionas ii. 8.) Bhà leithid a chumhachd agus a dh'ughdarris an cois na searmoin sin, agus a leithid a thruime-inntinn air an t-sluagh, is gur gànn a chualas no chunncas a shamhail. An uair a chriochnaicheadh an t-searmoin, is ann air éigin a b'urrainn doibh dol dachaidh no dol air cheann an gnothaichean air feadh na seachduin, Hos. vii. 13.

1 Chaidh iad a dh'ionnsaidh an Spioraid-Naoimh, ach tha e air a chràdh, &c.

Cha'n e a mhàin gu'n do nochd e am peacadh do dh'Anam-an-duine, ach chriothnaich e 'nan làthair, le mothachadh air, a pheacadh féin, a' glaoedhaich a mach mar a bha e searmonachadh, " An duine truagh a ta mi ann ! gu'n deanainn a leithid a ni aindiadhaidh ! Gu'm bithinn-sa ! fear a ta 'na shearmonaiche ! a chuir am Prionns' air leth gu bhi teagasg a lagha do dh' Anam-an-duine, gu'm bithinn-sa féin beò cho mi-churamach, agus gu'm bithinn a measg na ceud fheadhnach a fhùaradh 'sa chionta. Bha 'm peacadh so mar an ceudna an aghaidh mo dhleasnais shònruichte féin ; bu chòir dhomh glaoedhaich a mach an aghaidh na h-aindiadhachd, ach 'sann a leig mise le Anam-an-duine laidhe a' gabhail tlachd innte gus an d'fhuadaich e Emanuel air falbh a chrìochaibh." Chuir e na nithe so mar an ceudna ás leth thighearnan agus uaislean Anam-an-duine, gus 'do h-eab iad dol ás an ciall. Salm lxxxviii.


Bha mu'n àm so mar an ceudna tìnneas mòr ann an Anam-an-duine agus bha mhòr chuid d'an luchd-àiteachaidh air an claoidh gu goirt. Thugadh na ceannardan cuideachd, agus an luchd-cogaidh gu bhi ann an còr lag leis, ré ùine fhada ; air chòr is nan tugadh nàmhaid ionnsaidd orra nach b'urrainn aon chuid muintir a' bhaile no na ceannardan, a bheag a dheanamh a nis' anns am biodh stà. O cia iomadh gnùis għlas-neulach, cia iomadh làmh lag, cia iomadh glùn anmhunn, agus cia iomadh fear-tuisleach a bha a nis r'am faicinn a' siubhal sràidean Anam-an-duine !<sup>1</sup> an so bha osnaich, an sin bha pløsgartaich, agus an sud 'nan laidhe bha'n dream a bha ullamh gu dol 'nan neul. Eabh. xii. 12, 13. Taisb. iii. 2. Isa. iii. 24.

Mar an ceudna, bha na trusganan a thug Emanuel dhoibh, air an droch càradh ; bha cuid dhiu

<sup>1</sup> Bheir am peacadh air a chorp, air an anam, agus air na grasaibh a bhi lag.

air an reubadh, cuid air an srachdad, agus an t-iomlan diù salach ; bha cuid diù mar an ceudna air an ceangal cho làs orra, agus gu'm biodh a cheud phreas air an rachadh iad seachad ullamh air an sguabadh dhiù.

## CAIBIDIL IX.



NA H-IFRINNICH A' SUIDHEACHADH UILC AN AGHAIDH  
ANAM-AN-DUINE.

Bha luchd-àiteachaidh Anam-an-duiné ann an teannadachd mhòr—Chuir iad an comhairle ri Eagal-Lé ciod a dheanadh iad—Chuir-eadh Morair-a'-bhaile chum na cùirte le achanaich—Am fios-freagradh mi-chaoimhneil a shuair e—Bhuanaich iad ann an cur achanaichibh—Chrinnich na h-Ifriannich a bh'anns a bhaile ann an tigh Dhò-bheirt, agus shuidhich iad seall-chomhairle an aghaidh Anam-an-duine—Chuir iad san litir a dh' ionusaidh am Prionnsa—Gàirdeachas Dhiaboluis agus a chòmpaich—Am fios-freagairt agus an comhairle—As-innleachd Fhir-na-ceilge—Dh'atharraich Sànnit, Mi-nàire, agus Fearg an ainmean, agus thuarasdlaicheadh iad le Mòraig-na-toile, agus le buidhean eile mar shéirbhisich—An dolaidh a rinn iad d'am maighstiribh agus do'n bhaile gu h-ion-

Ian—Bha Anam-an-duine ann an cor dubhach—Tuilleadh con-altraidh ri Diabolus—Thogadh àrnaitl de luchd-teagamh gu ionnsaidh a thoirt air a bhaile—Fhuair Mean-rànnsachadh a mach am feall-chomhairle—Ghabh muinntir a' bhaile maoim, agus bha iad air am faicill.

AN deigh cuid do dh' ùine a chaithe anns a' chòr chianail agus dhòlasach so, chomharraich am fo-shearmonaiche latha trasgaidh, chum iad féin irios-lachadh a chionn gu'n robh iad cho aingidh an aghaidh Shaddai mhòr agus a Mhic; agus dh'aithne gu'n deanadh an Ceannard Boanerges searmoin dhoibh. Air do'n latha teachd a chaidh a shònachadh, ghabh an Ceannard sin mar bhonn-teagaisg na briathran so, “Gearr sios e c'arson a ta e fasachadh na tal-mhuinn?” (Lucas xiii. 7.) Agus bu drùighteach an t-searmon a rinn e. 'S a cheud àite, nochd e aobhar nam briathran, eadhon, “a chionn gu'n robh an crànn-fige neo-thorrach;” an sin nochd e ciod a bh'air a' ghabhail a' steach anns a' bhìnn, eadhon, “aithreachas no léir-sgrios.” An sin nochd e gur ann le ùghdarras Shaddai féin a' chuireadh a bhìnn so an céill. Agus 'san àite mu dheireadh, nochd e na h-aobharan a bh'air son so a dheanamh, agus an sin cho-dhùin e a shearmino. Mar an ceudna, bha e glè dhileas ann an co-chur an teagaisg, ionnas gu'n tug e air baile truagh Anam-an-duine crioth-nachadh: oir bhuadhaich an t-searmino so, cho math ris an t-searmino air ball roimhe so, gu ro mhòr air cridheachaibh, mhuinntir Anam-an-duine, agus rinn e còmhnaidh anabarrach chum na bhuidhne a chaidh a mhosgladh leis an t-searmino roimhe a chumail 'nan dùisg. A nis' is gànn a bha bheag r'a chluinntinn no r'a fhaicinn ach dubhach-as agus tuireadh, agus dò-bhròn.

An deigh na searmoine chruinnich iad an ceann a' chéile agus chuir iad an comhairle cuideachd ciod a b'fhearr dhoibh a dheanamh; agus thubh-airt am fo-shearmonaiche, “Cha dean mise ni sam

bith gus an cuir mi air tùs mo chomhairle ri Eagal-Dé. Oir mar is esan is mò bha tuigsinn na sinne do dh' inntinn ar Prionnsa 'san àm a chaidh seachad, is ro choltaiche gur e is mò tha tuigsinn dh'i a nise mar an ceudna, 'nuair a ta sinn air pilltinn a rithist chum an ni sin a ta ceart.' Mar sin chuir iad fios air Eagal-Dé, agus dh' iarr iad a chomhairle ciod a b'fhearr dhoibh a dheanamh. An sin fhreagair an seann duine uasal, "Is i mo bharail-sa gu'm bu chóir do bhaile Anam-an-duine ann an latha so àmhghair, achanaich iriosal a chur gu Emanuel am Prionnsa air an do chur iad corraich, chum gu'm pill e gu gràsmhor riu a rithist, agus nach gléidh e 'fhearg gu bràth."

Dh'aontaich muinntir a' bhaile gu h-aon-sgeulach r'a chomhairle-san ; air bàll chuir iad an achanaich an òrdugh agus chòrd iad air a cur le Morair-a'-bhaile. Mar sin ràinig e cùirt Shaddai, far an deach Emanuel Prionnsa Anam-an-duine. Ach bha 'n geata dùinte, agus faire theann air a cumail air, agus b'éigin do fhear-iomchar na h-achanaich seasamh a muigh ré ùine mhòr. (Tuir. iii. 8, 44.) An sin dh'iarr e gu'n rachadh neach-eigin a steach a dh'ionnsaidh a Phrionns' a dh'innse dha cò bha na sheasamh aig a' gheata, agus ciod an gnothach air an robh e. Mar sin chaidh teachdaire agus dh' innis e do Shaddai agus do dh' Emanuel a Mhac, gu'n robh Morair-bhaile Anam-an-duine aig geata cùirt an Rìgh, ag iarraidh cead a steach gu làthaireachd a Phrionnsa. Mar an ceudna, dh'innis e 'n teachdaireachd a bh'aig Morair-a'-bhaile. Ach cha tigeadh am Prionns' a nuas, 's cha cheadaicheadh e 'n geata bhi air fhosgladh, ach chuir e am fios freagrairt so leanas da ionnsaidh : "Thionndaidh iad riumsa an cùl, is cha'n i an aghaidh ; ach a nis' ann an àm an airc' their iad rium, "Eirich, agus teasairg sinn." Ach nach faod iad a nise dol gu Neo-chùram-feòlmhor, a dh'ionnsaidh an deach iad

'nuair a phìll iad uamsa, agus am fear-iùil, an tigh-earna, agus am fear-dion a dheanamh dheth-san? C'arson a tha iad a nis 'nan airc a' teachd do m' ionnsaidh-sa, a chionn 'nan soirbheachadh gu'n deachaidh iad air seachran.' Ier. ii. 27, 28.

Chuir am freagradh so mòr bhruaidlean agus iomagain air Morair-a'-bhaile, Tuir. iv. 7, 8. Oir chunnaic e rithist ciod an t-olc a bh'ann a bhi cumail comun ri Ifrinnich, mar a ta Neo-chùram-feòlmhor agus a leithid. 'Nuair a chunnaic e nach robh a bheag do dh'earbsa (fathast) ri còmhnhadh o'n chùirt, aon chuid air a shon féin no air son a chàirdean ann an Anam-an-duine, bhuail e air uchd, agus phìll e a' gul agus a' caoidh air son còr brònach Anan-an-duine.

'Nuair a thàinig e mar uidhe seallaидh do'n bhaile, chaithd seanairean agus cìnn-fheadhna Anam-an-duine mach 'na chòdhail. Ach dh'innis e a sgéul dhoibh air dhòigh cho muladach, 's gu'n do ghlaodh an t-iomlan dhiù mach, agus ghuil iad, agus rinn iad caoidh; mar an ceudna chuir iad luathre agus duslach air an cìnn, agus saic-eudach air an leasraidh, agus dh'imich iad a' caoineadh air feadh a' bhaile; ni 'nuair a chunnaic a chuid eile de mhuinntir a' bhaile rinn iad-san mar an ceudna guil agus caoidh. Mar sin bha so na là téinn agus achmasain, agus àmhaghair do dh'Anam-an-duine.<sup>1</sup>

An ceann beagan ùine, chuir iad an comhairle r'a chéile a rithist ciod a dheanadh iad, agus mar a rinn iad roimhe chuir iad an comhairle ris an duine urramach sin, Eagal-Dé, neach a dh'innis dhoibh, nach robh dòigh air bith a b'fhearr nan dòigh a ghabh iad, 's nach bu chòir dhoibh mi-mhisneach air bith a ghabhail air son an di-beatha

<sup>1</sup> 'Nuair a ta 'n t-anam ann an cor cùl-sleamhnachaidh, le neo-chùram-feòlmhor seumaidh e bhi air a mhosgladh leis an dearbh dhòigh bheothail searmonachaiddh a dh'fheumadh e 'nuair a bha e màrbh ann an peacadh agus ann an eucairt.

fhuair iad aig a' chùirt; seadh, ged chòmhlaicheadh caochla de'n achanaichean ri tosd no ri achmhasan. "Oir," ars' esan, "is e dòigh Shaddai mhòir toirt air daoine feitheamh, agus foighidinn a chleach-dadh, agus bu chòir dhoibh-san a th'ann an uireas-bhuidh a bhi toileach feitheamh ri àm-san."

An sin ghabh iad misneach, agus chur iad a rithist, agus a rithist;<sup>1</sup> cha robh latha, no uair, anns nach fhaodte còmhlachadh ri neach-éigin air an t-slighe eadar Anam-an-duine agus cùirt Rìgh Saddai,<sup>2</sup> a' marcachd le mòr chabhaig le achanaich-ibh as leth Anam-an-duine, a chum gu'm pilleadh am Prionnsa d'an ionnsaidh.

Mar so bha an t-slighe làn theachdairean, a' dol agus a' tighinn, agus a' còmhlachadh a cheile, ré a' gheamhraidh fhada, ghnùtha, fhuair agus bhuan sin.<sup>3</sup>

Faodaidh tu cùimhne bhi agad gun d'innis mi dhuit roimhe, an deigh do dh' Emanuel Anam-an-duine a' ghlacadh, agus am baile chuir an òrdugh as ùr, gu'n dh'fhan ann an iomadh àite falaich mòran de na seann Ifrinnich, a thàinig aon chuid maille ris an an-tighearna, 'nuair a ghlac e am baile, no a rugadh agus a dh'àraicheadh ann. Agus bha 'n tuill, an uamhan, agus an àiteachan falaich, aon chuid ann am ballachaibh a' bhaile, fopa, no mu'n cuairt doibh.<sup>4</sup> 'Se cuid de'n ainmean Strìopachas, Adhaltrannas, Mort, Fearg, Mi-naire, Céilg, Droch-shuil, Toibheum, agus an slaoightire cunnartach sin, Seann-sànn. Bha iad so maille ri mòran eile, fathast a chòmhnaidh ann am baile Anam-an-duine,

<sup>1</sup> Faic a nis obair an shir-chùl-sleamhnaich 'nuair a dhùisgear e.

<sup>2</sup> Iarrtasan gearanach.

<sup>3</sup> Is geamhradh e da rìreadh 'nuair a tha solus glòrmhor grian na h-ionracais air a thoirt air falbh. Tha féum sònraichte air ùrnaigh an sin. Ged dh'fhaodadh freagairt sith a bhi fada gun tighinn, gideadh is còir do dhaoine ùrnaigh a dheanadh do ghnà agus gun fhannachadh ; maireannach ann an ùrnaigh.

<sup>4</sup> Tha 'm peacadh fathast am falach anns an fheadil.

eadhon an deigh do dh' Emanuel Diabolus a sgiur-sadh as a' chaisteal.

Thug an deagh Phrionnsa barantas do Mhorair-na-toile, agus do'n iomlan de bhaile Anam-an-duine na h-uile dhiu so a rànnsachadh a mach, a ghlacadh, agus a sgrios, oir b'Ifrinnich iad a thaobh nàduir, nàimhdean do 'n Phrionnsa, agus a dh'iarr baile beannaichte Anam-an-duin' a léir-sgrios. Ach dhearmad Anam-an-duine na h-Ifrinnich ud a ghlacadh agus a sgrios ;<sup>1</sup> uime sin d'fhàs na sloight-earan ud uidhe air 'nuidhe ni bu dàine ann an iad féin a thaisbeanadh am follais, agus thug buidheann àraid de dhaoine Anam-an-duine caidreamh do chuid dhiu, chum mòr dhoilghios a' bhaile.

'Nuair a chunnaic na Morairean Ifrinneach so gu'n do chuir Anam-an-duine, a thaobh a pheacaidh corraich air Emanuel am Prionnsa, agus gu'n do thréig e iad, chruinnich iad aig tigh fear d'am b'ainm Dò-bheart, a bha mar an eeudna 'na Ifrinneach, agus chuir iad an comhairle cuideachd a dh'fhaicinn cionnas a dh'fhaodadh iad Anam-an-duine thoirt thairis a rithist do Dhiabolus. Bha cuid air son aon nì, agus cuid eile air son nì eile, na h-uile fear air son a dhòigh féin. Mu dheireadh chomhairlich Mi-naire gu'n tairgeadh cuid dhiù iad féin mar shéirbhisich do dhùthchasaich a bhaile ; "oir," ars' esan, "ma bheir Anam-an-duine cosnadh dhoibh, an sin bithidh e ni's flusa dhuinne am baile ghlacadh." Ach thuirt Mort, "Cha'n fhaodar so a' dheanamh an tràthsa, oir tha Anam-an-duin' aig an àm ann am mòr chorraich, a chionn gu'n robh e aon uair cheana air a ribeadh le ar caraid-ne Neo-chùram-feòlmhor, a thug air corraich a chuir air a Phrionnsa, agus cionnas a dheanadh e an réite rithist r'a Thighearn, ach leis na daoine so a

---

<sup>1</sup> Cha do ghàbh Anam-an-duine comhairle a' Phrionns' cur ás do dh'ana-miannsibh peacach na feòla.

sgrios? Uime sin, bitheamaid glic mar na sionnaich, oir ma mharbhar sinn chaith às duinn, ach fhad's is beò sinn faodaidh sinn mòr chron a dheanamh dhoibh." An sin chòrd iad gu'n rachadh litir a chuir 'nan àinm gu Diabolus, a leigeadh ris dha còr baile Anam-an-duine, agus cia cho mòr 'sa bha 'm Prionns' an grùaim ris. "Mar an ceudna faodaidh sinn," arsa cuid, "ar rùn innse dha, agus a chomhairle-san iarraigd."

Mar sin sgriobhadh litir air bàll agus chuireadh i le Mi-naomh: b'e so earrann de bhrìgh na litir-each:

"O Athair mhòir, agus a Dhiaboluis a' Phrionnsa chumhachdaich, tha dòchas againn gu'n tig am baile so a rithist gu bhi 'na ionad-còmhnaidh dhuit-sa; oir tha e gu mòr air cùl-sleamhnachadh o Phrionns' Emanuel, agus tha e air an tréigsinn; seadh, agus ged a chuir iad iomadh uair ás a dheigh chum pilleadh d'an ionnsaidh, gidheadh cha'n 'eil iad a' bhuidhachadh, na faotainn fios freagairt bàigheil uaithe. Mar an ceudna, tha na Morairean, 'na Ceannardan, na h-Ard-uaislean, agus gach inbhe th'anns a bhaile gle thinn agus lag; ach tha'n t'iomlan dhinne tha 'n-ar 'n-Ifriannich a thaobh nàduir, fallan, beothail agus sgairteil."

'Nuair a thàinig Mi-naomh (oir b'esan am feariomchar) leis an litir so gu Tòm-geata-ifriinn, bhuail e aig a' gheata umha air son fosglaidh. An sin d'fhosgail Cerberus, an dorsair dha, agus chuir esan 'n litir leis an tainig e bho na h-Ifriannich ann an Anam-an-duine 'na làimh. An sin thug an dorsair a steach i, d'a Thriath Diabolus, agus thubhaint e, "Bheirear sgeul do m' Thriath, bho Anam-an-duine; agus bho ar cairdibh dileas anns a' bhaile sin."

An sin chrunnich an ceann a chéile Beelsebub, Lucifer, Apolion maille ris a' chuid eile de'n ghràisg, a chluinntinn ciod an naigheachd a thàinig bho

Anam-an-duine. Mar sin léubhadh an litir, agus shëas Cerberus làimh riù. 'Nuair a léubhadh an litir gu follaiseach, agus a rinneadh aithnichte a brìgh anns gach oisinn de'n t-sloc, dh'òrduicheadh gu'n rachadh clag nam màrbh a shéirm air bàll le aoibhneas. Mar sin shéirmeadh an clag, agus rinn na prionnsachan gàirdeachas a chionn 's gu'n robh Anam-an-duine coltach ri tighinn gu léir-sgrios. A nise b'e so bu cheòl do'n chlag, "Tha baile Anam-an-duin' a' teachd a ghabhail còmhnuidh maille ruinne deanaibh àite do dh'Anam-an-duine."

'Nuair a chuairtich iad an deas-ghná oillteil so, chruinnich iad an ceann a chéile a rithist, a chur an comhairle cuideachd ciod am fios freagairt a chuireadh iad gu'n càirdibh ann an Anam-an duine, agus a chionn gu'n robh an gnothach ag iarraidh cabhaig, dh'fhag iad an t-iomlan de'n chùis aig Diabolus ri dheanamh, do brìgh gu'm b'e Triath an àit' e. Mar sin sgrìobh e freagrairt do'n litir a thug Mi-naomh da ionnsaidh, agus chuir e leis-san i chum nan Ifrinneach ann an Anam-an-duine, agus b'e so a brìgh :

A dheisciebuil agus a chlann ghràdhach, fhuair sinn 'ur litir thaitneach o làimh 'ur Mi-naomh dhì-leis, agus rinn sinn mòr ghàirdeachas, 'nuair a chunnaic sinn gu'n robh càirdean againn fathast ann an Anam-an-duine, a bha 'g iarraidh ar 'n-onoir a' chur air chois agus dioghaltas a dheanamh ás ar leth anns a' bhaile sin a léir-sgrios. Mar an ceudna, bha aoibhneas oirnn a chluinntinn gu bheil iad air cùl-sleamhlachadh, gu'n do chuir iad corraich air am Prionnsa, agus gu'n do thréig e iad. Tha taitneas againn mar an ceudna, ann an cluinntinn gu bheil iadsan cho éuslainteach, agus gu bheil sibhse a mealtainn slàinte, agus treòir. Is subhach a bhitheamaid, na'in b'urrاماíd am baile so fhaotainn a rithist fo cheannsail. 'S cha chaomhainn sinne ar tùr, ar seòltachd, ar cuilbheartachd agus

ar 'n innleachdan ifrinneach chum so a thoirt chum na crìche miannaichte.

“Gabhaibh so chum bhur sòlasachaibh, ’nuair a bheir sinne an ionnsaidh air a rithist agus a ghlacas sinn e, bheir sinn an oidheirp bhur nàimhdean-s’ uile mhàrbhadh leis a’ chlaidheimh, agus ni sinn àrd uachdranan agus ceannardan dhibhse air an àite. ’S cha ruig sibh a leas eagal a bhi oirbh (ma’s e ’s gu’m faigh sinn e gu bràth tuille) gu’m bi sinn a chaoidh air ar tilgeadh a mach as; oir thig sinn leis am barrachd neirt, agus mar sin ni sinn greim air ni’s ro dhaingne na rinn sinn air tùs. A bhàrr air sin, tha e na lagh aig a Phrionnsa, a tha iadsan ag aideachadh an dràsda, ma’s e ’s gu’m faigh sinne iad an dara uair, gu’m bi an staid dheireanach ni’s miosa na an toiseach. Mata xii. 43, 44, 45.

“Uime sin, Ifrinnichibh dhileis, cleachdaibh ’ur dichioll chum laigsinn baile Anam-an-duin’ a rannsachadh agus fhaotainn a mach. Mar an ceudna, b’èill leinn gu’n tugadh sibhse sibh féin an oidheirp air an lagachadh ni’s mò agus ni’s mò. Cuiribh fios d’ar ‘n ionnsaidh-ne ciod na meàdhonan a b’fhearr dhuinn a chleachadh a chum ath-bhuannachd; co dhiù is ann le iompaidh a chur orra am beatha a chaithe gu diomhain agus gu neo-gheamnaidh, no le’m buaireadh gu teagamh agus an-earbsa, no am fearr dhuinn am baile shéideadh suas le fùdar an àrdain agus an fhéin-spéis, no nach fearr. Uime sin, O Ifrinnichibh ghaisgeil, agus fhior mhacaibh an t-slùic, bitibhse an còmhnaidh ullamh gus an ionnsaidh a thoirt ás an taobh stigh, ’nuair a bhios sinne deas gu ghlacadh le ainneart an leth a mhuigh. A nise gu’n soirbhich leibhse ann ’ur rùn, agus leinne ann ar ‘n iarrtasai h, ni is e dùrachd ’ur Diabolus mòr, nàmhad Anam-an-duine, agus esan a chriothnaicheas ’nuair a smuainicheas e air a bhreitheanas ri teachd.”<sup>1</sup>

1 A chreideacha! deanaibh faire agus ùrnaigh, air eagal gu’u tuit sibh ann am buaireadh. Tha bhur nàimhdean spioradail do

'Nuair a thàinig Mi-naomh air ais a rithist gu Anam-an-duine, chaidh e gu tigh Dhò-bheirt (oir b'e sin an t'ait' anns na chruinnich an luchd-feall-chomhairle.) Rinn iad gàirdeachas 'nuair a chunn-aic iad gu'n do phill an teachdaire. An sin liubhair e an litir, ni a mheudaich an aoibhneas gu mòr. Dh'fheòraich iad cionnas a bha 'n càirdean. Fhreagair Mi-naomh, " Tha iad uile gu math, tha iad cho math's is urrainn iad a bhi 'nan àite. Mar an ceudna, shéirm iad na cluig le aoibhneas an uair a léubh iad 'ur litir-sa."

'Nuair a léubh iad an litir so, agus a chunnaic iad gu'n tug i misneach dhoibh 'nan obair, thoisich iad a rithist ri dealbh, cionnas a Choi'lionadh iad an droch-bheart an aghaidh Anam-an-duine. Agus b'e an ceud ni a thug iad fainear gu'm biodh na huile ni air a chumail cho uaigneach bho Anam-an duine 'sa b'urrainn doibh. " Na cluinneadh Anam-an-duine ciod a tha sinn a' dealbh 'na aghaidh." B'e 'n ath ni, ciod na meadhona a chleachdad iad chum Anam-an-duin' a léir-sgrios. An sin thubh-airt Céilg, " Mo chàirdean Ifrinneach, sheòl ar tighearnan, uaislean an t-slúichd dhuinne na trì dòighean so.

1. " Feuchainn ri Anam-an-duine a léir-sgrios le 'chomh-eigneachadh gu beatha dhiomhain agus neo gheamnaidh a chaithe.

2. " Le'm buaireadh gu teagamh agus an-earbsa.

3. " Le ionnsaidh a thoirt air an séideadh suas le fùdar an àrdain agus an fhéin-spéis.

" A nis ar leam ma shéideas sinn suas iad le àrdan, faodaidh sin beagan a dheanamh ; agus ma

glùnà ullamh gus an cothrom a ghabhail air neo-chùram agus leisg spioradail ; agus bithidh Sàtan dà uair ni's gniomhaiche 'nuair a tha ana-mianna peacach na feòla ag oibreachadh anns an anam. Tha trì dòighean a tha Sàtan a' dealbh chum an t-anam a sgrios-caithe-beatha aingidh—tròcair Dhé a' chur an teagamh—àrdan agus féin-speis. A chriosdaidh, is ledir a h-aon diù so chum do sgrios, mar tiorec an Tighearn 'na thròcair neo-chriochnach.

bhuaireas sinn iad gu neo-gheamnaidheachd, faodaidh sin còmhnamdh a dheanamh : Ach a réir mo bheachd-sa, 'se 'n dòigh bu ro chinntiche, nam b'urramaid am brosnachadh gu an-earbsa ; oir an sin, anns a' cheud àite, chuireadh iad an teagainh firinn gràdh am Prionnsa dhoibh, agus cuiridh sin mòr chorraich air-san. Ma's e 's gu'n soirbhich so bheir e orra sguir gu h-ealamh de bhi cur achan-aichean d'a ionnsaidh ; an sin slàn le aslachaidhibh dhùrachdach air son cobhrach agus comhnaidh ; agus tha iad ullamh gu teachd gus a cho-dhùnadh so, " 'S sò math a bhi 'n-ar tàmh, 's gun bhi deanamh stà." Dh'aontaich iad gu h-aon-sgeulach ris a chomhairle so.

'S i an ath cheist, cionnas a bheir sinn an dealbh so air a h-aghart ? Fhreagair an duine ceudna, " Cuireadh a mheud de ar càirdean 'sa tha toileach iad féin a'chur an cunnart a chum aobhair am prionns' a' chur air aghart, iad féin ann an cruth eile le trusganaibh, atharraicheadh iad an ainmean, agus rachadh iad a chum na féille coltach ri muinnitir a thigeadh o dhùthaich chein, agus tairgeadh siad iad féin mar sheirbhisich do bhaile iomraiteach Anam-an-duine, agus gabhadh iad orra bhi 'g iarraidh buannachd am maighstirean, oir leis a sin a dheanamh, faodaidh iad ann an ùine ghearr am baile thruailleadh 'sa shalachadh, ionnas 's nach e mhàin gu'm bi an tuille corraich air am Prionnsa riù, ach mu dheireadh gu'n tilg e air falbh iad gu tür. (Tais. iii. 16.) Agus an uair a thàrlas so, tuitidh iad gu furast mar chreich do ar prionnsa-ne Diabolus ; seadh, tuitidh iad 'na bheul leo féin.

Bha an t-iomlan do na h-Ifriannich ealamh gu toiseachadh annsan oidheirp so ; ach cha do mheasadh iomchuidh gu'n rachadh iad uile air an aghart, uime sin, thagh iad Sannt, Mi-nàire, agus Fearg. Ghoir Sannt, Crionnta-glic dhe féin mar ainm :

ghàir Mi-nàire, Sugradh-gun-lochd dhe féin ; agus b'e Deagh-éud an t-ainm a ghoir Fearg dhe féin.

Mar sin air latha féille thàinig iad gu àite a mhàrgaidh, b' fhoghainteach an triùir bhalach iad ri 'm faicinn. agus bha iad air an sgeudachadh le drògaid (Deut. xxii. 11.), a bha air sheòl cho geal ri trusganaibh mhuinntir Anam-an-duine féin a nis ; mar an ceudna labhradh iad cànan Anam-an-duine fior mhath. Agus a chionn nach d'iarr iad duaisean mòr thuarasdalaicheadh iad gu h-ealamh, agus gheall iad mòran seirbhis a dheanamh d'am maighstiribh.<sup>1</sup>

Thuarasdalaich Fear-na-h-inntinn Crionnta-glic, agus thuarasdalaich Eagal-Dé Deagh-éud. Cha b'urrainn Sùgradh-gun-lochd maighstir fhaotainn cho ealamh ri càch, do bhrìgh gu'n robh Anam-an-duine fo bhròn ; ach an ceann tamaill, a chionn gu'n robh an Càrghus ach beag thairis, thuarasdalaich Morair-na-toil Sùgradh-gun-lochd, gu bhi 'na ghille-frithealaidh aige ; agus mar so fhuair iad maighstirean gu léir.

Air do na slaoighearan so dreuchd fhaotainn ann an tighibh dhaoine Anam-an-duine, thòisich iad air bàll ri mòr chron a dheanamh annta ; oir, air dhoibh a bhi aingidh, aincheardach, agus cuilheartach cha b'fada gus na thruaill iad na teaghlaichean anns an robh iad ; seadh, thruaill iad am maighstirean gu ro mhòr, gu h-araid Crionnta-glic, agus esan d'an goirte Sùgradh-gun-lochd. Cha robh uiread a spéis aig a mhaighstir féin dhàsan d'an goirte Deagh-eud, oir thug e 'n aire ann an tiota nach robh ann ach crochaire cealgach ; ni 'nuair a

<sup>1</sup> Cha chrionachd Sànnnt, cha shùgradh gu'n lochd Mi-naire, cha'n éud air son math Fearg, ged a tha iad gu tric a' gabhail nan ainmean so dhoibh féin, agus ged a dh'fhaodadh iad a bhi air an gabhail le cuid an iomrall 'nan àite. A Chriosdaidh bi air t' fhaicill air eagal gu'm bi peacannan air an cleith fo ainm deagh bhuadh-annan ; 'nuair a tha'n t'anam ann an cor cùl-sleamhnachaidh, faodaidh cealgaireachd siubhal an àite naomhachd.

dh'aithnich an slaoightear, dh'fhàg e an tigh le cabhag, air neo cha teagamh nach crochadh a mhaighstir e.<sup>1</sup>

'Nuair a thug na dàighearan so an as-innleachdan air an aghart an fhad so, agus a thruaill iad am baile cho mòr 'sa b'urrainn doibh, anns an ath àite chuir iad an comhairle cuideachd, ciod an t-àm anns am b'fhearr do Dhiabolus am prionnsa ás an leth a muigh, agus dhoibh féin ás an leth a stigh de'n bhaile, an ionnsaidh a thoirt air Anam-an-duine ghlacadh ; dh'aontaich an t-iomlan dhiù gu'm b'e là féille<sup>2</sup> a b'fhearr air son na h-oibreach sin ; oir gu'm biodh muinntir a' bhaile dripeil an là sin. Agus gabhaibh so an còmhnaidh mar riaghailt, gur ann an uair is cabhagaich muinntir anns an t-saoghal, is lugha tha a dh'eagal orra a bhi air an glacadh gu'n fhaireachdainn.<sup>3</sup>

"Mar an ceudna," ars' iadsan, "is urrainn duinne air a leithid sin a là, cruinneachadh an ceann a chéile, gun a bheag a dh'amharus a bhi air a chuir oirnn ; agus ma's e 's gu'n diobar ar 'n ionnsaidh, agus gu'm buadhaicheadh oirnn, 'sann is fearr a gheibh sinn sinn féin fhalach anns an dòmhachd, agus tàrsainn as."

Air dhoibh còrdadh air na nithibh so, sgrìobh iad litir eile dh'ionnsaidh Dhiabolus, agus chuir iad i le Mi-naomh, sgrìobhadh i mar a leanas :—

"A Dhiabolus, ar triath mòr, agus fhir-altruim ar beatha ; cha'n urrainn neach sam bith innse cia cho subhach 'sa bha sinne 'nuair a chuala sinn mu do dhian-thogradh-s' gu còmhnaidh leinne ann ar 'n ionnsaidh chum Anam-an-duine sgrios ! ach iadsan, a chuir iad féin, mar rinn sinne, an aghaidh gach

<sup>1</sup> Cha'n fhada 's urrainn Eagal-Dé caidreamh a thoirt do fhearg pheacach.

<sup>2</sup> Là làn de gnothaichibh saoghalta.

<sup>3</sup> Ràbhadh is fiù an t-saothair do'n chriosdaidh a chuimhneachadh 'na dheiligeadh ris an t-saoghal.

uile choltas math, ge b'e sam bith c'uin' agus c'aít' an tachradh e oirnn. Rom. vii. 21, Gal. v. 17.

"Sa cheud àite, chuir sinne ar comhairle ri chéile mu'n as-innleachd thrì-fille, chuilbheartach agus ifrinnich, a sheòl thusa dhuinn ann do litir mu dheireadh; agus cho-dhùin sinn, ged a fhreagradh e fior mhath an séideadh suas le fùdar an àrdain, agus ged dh'fhaodadh am buaireadh gu caithe-beatha fhuasgalte agus dhiomhain còmhnhadh a dheanamh; gidheadh ar leinn gur e am brosnachadh gu an-earbsa an dòigh is fearr uile. A nis, smuainich sinne air dà dhòigh chum so a dheanamh; an ceud dòigh, an deanamh cho truaillidh 's is urrainn duinn, agus an sin bithidh tus' ullamh gu bualadh orra le t'uile neart. Agus de na h-uile cinneach a th' agad sa fothad, ar leinn gur e àrmait de Luchd-teagamh is ro choslaiche ri buaidh fhaotuinn air baile Anam-an-duine. Mar so bheir sinn buaidh orra; no fosglaidh an slochd a bheùl, agus tilgidh an-earbsa sios ann iad. Mar an ceudna, chum an as-innleachd so a thoirt gu buil, chuir sinne triuir de ar 'n Ifrinnich dhileas nam measg; agus chuireadh as aithne iad le trusganaibh, mhùthadh an ainmean, agus ghabhadh riu le muinntir a' bhaile. Air Sannt thugadh Crionnta-glic, agus thuarasdalaich Fear-na-h-inntinn esan, agus is beag nach eil e féin air fàs cho olc ri ar caraid-ne. Air Mi-naire thugadh Sùgradh-gunlochd, fhuair esan gu bhi 'na ghille-fhrithealaidh do Mhorair-na-toile—lion esan a mhaighstir làn do dh'fhaoineachd. Air Fearg thugadh Deagh-eud, agus fhuair e cairtealan o Eagal-Dé, ach mhitaitinn e ris an t-seann duine uasal fhrionasach, agus dh'fhuadaich e ás a thigh e; seadh, dh'innis e féin dhuinne uaithe sin, gu'n do thàr e as, air neo gu'n crochadh a mhaighstir e.

"A nise chuidich iad so gu mòr air a h-aghaidh ar 'n obair agus ar 'n as-innleachd an aghaidh Anam-

an-duine ; ach a dh'aindeoin nàdur connspaideach agus mi-rùnach an t-seann duine uasail a dh'ainm-icheadh mu dheireadh, tha 'n dìthis eile a' soirbh-eachadh gu math 'nan gnothaich, agus tha iad coltach ris an obair a thoirt gu crìoch ann an ealamhs.

“‘S e an ath ni a rùnaich sinn gu'n toir thus’ an ionnsaidh air a’ bhaile air là féille, ’nuair a tha iad ann am meadhon an gnothaichean ; oir is ann an tràth sin is ro neo-chùramaiche iad, agus is lugha bhios a dhùil aca gu'n toirear ionnsaidh orra. Mar an ceudna, bithidh iad aig a leithid sin a dh’ àm ni’s neo-chomasaiche air iad féin a dhion, agus air cur a’ t’ aghaidh-sa. Agus an uair a bheir thus’ ionnsaidh ghàrbh as an leth a muigh, bithidh sinne do bhuidhean ionmhuinn agus dhileas ullamh chum a ghnothaich a chur air aghart as an leth a stigh. Mar sin, a réir na h-uile coltas bithidh sinne comasach air Anam-an-duine a chuir gu tûr troimhe chéile, agus a shlugadh suas mu’n urrainn iad teachd d’an ionnsaidh féin.”

A nise, ré na h-ùine ud uile bha na h-Ifrinnich mar so a’ dealbh’ sgrios Anam-an-duine, bha ’m baile truagh e féin ann an còr dubhach agus doil-ghiosach, agus sin ann an cuid do bhrìgh gu’n do chuir iad a leithid a chorrich mhòir air Saddai agus air a Mhac, agus ann an cuid do bhrìgh leis a sin a dheanamh gu’n d’fhàs na nàimhdean laidir an leth a stigh dhoibh a rithist ; agus mar an ceudna a chionn, ged a chuir iad iomadh achanaich gu Emanuel am Prionnsa, agus troimhe-san a chum Shaddai ’Athar, air son mathanas agus deadhghean fhaotainn, gidheadh cha d’ fhuair iad fathast uiread is aon fhreagradh caoimhneil ; ach an ceart aghaidh sin, troi chuilbheartachd agus chealgair-eachd nan Ifrinneach anns a’ bhaile, dh’fhàs an còr ni bu dubhaiche, agus ni bu dubhaiche, agus sheas Emanuel ni b’ fhaide as uapa.

Mar an ceudna, bha an tinneas fathast a’ buadh-

achadh gu tràm ann an Anam-an-duine, a measg nàn ceannardan agus luchd-àiteachaидh a' bhaile. Cha robh a h-aon beothail agus sgairteil ach a nàimhdean a mhàin.

Air chionn so ghiùlanadh an litir mu dheireadh a' sgriobhadh leis na h-Ifrinnich chum an Dubh-Shluic, le Mi-naomha. An sin chaidh Mi-naomh a steach do'n t-sloc, agus chòmhlaich a thriath, Diabolus e, agus chuir e failte air, ag ràdh, “ ’Se do bheatha a sheirbhisich dhìlis ; rinneadh subhach mi le do litir.” Mar an ceudna, chuir a' chuid eile de Mhorairean an t-slavic fàilt air. An deigh do Mhi-naomh’ ùmhachd a dheanamh dhoibh uile, thuirt e, “ Thugair Anam-an-duine do m’ Thriath Diabolus, agus bitheadh es-an na Rìghair gu bràth.” Air dha so a' ràdh thug sloc do-shàsaichte na h-Ifrinn, a leithid do sgread òillteil as, 's gu'n chriothnaich na creagan mar gu'm biodh iad gu dol 'nan sgealbaibh.

An sin chuir iad an comhairle cuideachd ciod am fios freagradh a chuireadh iad air ais, agus b'e Lucifer an ceud fhear a labhair, neach a thuirt, “ Tha an ceud as-innleachd a shuidhich na h-Ifrinnich ann an Anam-an-duine ro choltach ri soirbheachadh : eadhon, gu'n dean iadsan leis gach meadhon a ta 'nan comas Anam-an-duine fathast, ni's ro thruaillidh : cha'n eil rathad air bith cho cinnteach gu anam a sgrios ris a so ; theagaisg ar seann charaid Balaam an dòigh so bho chionn ionmadh bliadna, agus shoirbhich e. (Aireamh xxxi. 16. Tais. ii. 14) Uime sin, bitheadh so 'na riaghait dhuinne, agus biodh e do na h-Ifrinnich mar chleachdadhbh gnàthaichte anns gach linn : oir cha toir ni sam bith air so diobradh, ach gràs, ni tha dùil agamsa nach 'eil idir anns a' bhaile so. Ach bu mhath leam smuaineachadh ni bu mhean, an ann air là féille bu fhreagarraich dhuinn an ionnsaidh a thoirt orra, a chionn gu'm bi iad an tràth

sin dripeil le gnothaichibh;<sup>1</sup> do bhrìgh gur ann ris a' so a tha ar soirbheachadh gu h-iomlan an urra 'n-ar 'n-oidheirp. Oir mar gabh sinn àm freagarrach d'ar gnothaich, faodaidh an t-iomlan de na tha 'n-ar beachd tighinn gu neo-ni. Tha ar càirdean, na h-Ifrinnich, ag ràdh, gur e là féille is freagarraich, a thaobh gu'm bi Anam-an-duine ni's cabhagaiche an tràth sin, agus ni's lugha dhùil aca ri ionnsaidh a bhi air a toirt orra. Ach ciod ma ni iad am freiceadan a dhùblachadh air na laithibh sin, mar bu chòir do nàdur agus do reusan a theagasc dhoibh a dheanamh<sup>2</sup> agus ciod ma chumas iad a leithid de ghéir-fhaire 'sa tha cunnart na cùis ag agairt? Seadh, ciod ma bhios an daoine do ghnà fo àrmachd air na laithibh sin? An sin faodaidh sibhse, mo mhorairean, a bhi air 'ur mealladh ann 'ur 'n ionnsaidh, agus ar càirdean sa' bhaile a thoirt gu mòr chunnart sgrios do-sheachainte."

An sin thubhairt Beelsebub mòr, "Is math a labhair Morair Lucifer, ach faodaidh an ni a tha 'na bheachd tachairt agus faodaidh e gu'n tachairt. Uime sin, feumaidh sinne fhaotainn a mach, ma ghabhas e deanamh, a' bheil a leithid de mhothachadh agus de dh'eòlas aig baile Anam-an-duine air a chòr mhìllte anns a' bheil e, agus air an assinnleachd a tha sinne a dealbh 'na aghaidh, 'sa bheir air faire agus freiceadan a chur air a' gheatachaibh, agus an dùblachadh air laithibh feille.<sup>3</sup> Ach an deigh rànnsachadh ma gheibhear a mach, gu bheil iad neo-churamach, an sin ni latha sam bith an gnothach, ach 's e latha féille is fearr; agus sin agaibh mo bharail-sa air a' chùis."

A chum an ni so fhaotainn a mach ghairmeadh Mi-naomh a steach, agus air dhoibh fhiosrachadh dheth fhreagair e mar a leanas:

<sup>1</sup> Tha cumraigidhean cunnartach.

<sup>2</sup> Thoir an aire dha so.

<sup>3</sup> Teagasc do Chriosdaidhibh.

**Mi-naomh.** “Mo thighearnan, cho fad ’s is urrainn mis’ a bhreithneachadh, tha baile Aman-an-duine ’san àm air claonad ’nan creideamh agus ’nan gràdh ; thréig Emanuel am Prionnsa iad ; tha iad a’ cur iomadh achanaich gu thoirt air ais, ach cha’n eil a bheag a chabhag air a freagairt an iarrtais ni mò tha mòran ath-leasachaiddh ’nam measg.”

**Diab.** “Is math leam a chluinntinn nach eil iad deònach ath-leasachadh a dheanamh, gidheadh tha eagal orm á ’n-achanaichean.<sup>1</sup> Tha truailleachd an caithe-beatha a’ nochdadh nach eil a bheag de dhùrachd an cridhe anns na tha iad a’ deanamh, agus as eugmhais a’ chridhe, cha mhòr is fiù na nì iad.”

**Beel.** “Ma’s e sin còr Anam-an-duine, is coma ciod an latha a bheir sinne an ionnsuidh air ; cha dean aon chuid an ùrnaighean no ’n neart a bheag do dh’fheum dhoibh.”

**Apolion.** “’S e mo bharail-sa, gur ann a théid sinn air ar ’n aghart gu sàmhach socrach, gu’n ni sam bith a’ dheanamh ann an cabhag. Buanaich-eadh ar càirdean ann an Anam-an-duine air a thruailleadh agus a shalachadh, le bhi feuchainn r’ a tharruinn fathast ni’s mò gu peacadh, oir cha’n eil ni coltach ri peacadh gu Anam-an-duine a sgrios. Ma nithear so, agus gu’n soirbhich leis, sguiridh Anam-an-duine leis féin de chaithris, de dh’achan-aich, agus de na h-uile ni, a bhiodh a chum a dhion agus a thearuinteachd ; dù-chuimhnichidh e ’Emanuel, cha’n iarr e a chuideachd, agus ma chuirear iompaidh air gu bhi beò mar so, cha bhi cabhag air a Phrionnsa-san a’ tighinn d’a ionnsaidh. Rinn ar caraid dìleas, Neo-chùram-féolmhor, le aon d’a chleasaibh, fhògradh às a’ bhaile, agus c’arson nach fhaodadh Sànn agus Mi-nàire, leis na tha ’nan

1 Clisgidh Sàtan ’nuair a chi

E’n naomh is laig’ air ’ghlunaibh strith.

Ach mar tig an ùrnaigh o’n chridhe, cha mhòr stà a bhios innta.

comas féin, a chumail ás a' bhaile? Agus tha sàr-fhios agaibh gu'n dean dithis no thriùir do dh'Ifrinnich, ma bheirear caidreamh agus di-bheatha dhoibh le baile Anam-an-duine, ni's mò gu Emanuel a chumail uatha, agus gu Anam-an-duine a chosnadh dhuinne, na b'urrainn àrmait sam bith a dheanamh a chuireadh sinne 'na aghaidh."<sup>1</sup>

"Uime sin biodh an as-innleachd so air an do thoisich ar càirdean ann an Anam-an-duine, air a thoirt air aghart gu dìchiollach, leis gach seòltachd agus cuilbheairt a dh'fhaodair a smuaineachadh; agus biodh iad a' sior chuir tuille d'an daoine, ann an aon chruth no cruth eile, a mhealladh mhuinn-tir Anam-an-duine; agus an sin theagamh nach ruig sinne a leas cogadh a dheanamh riù; no ma dh'fheumair sin a dheanamh, mar is peacaiche iad, 's ann is neo-chomasaich a bhios iad air cur 'nar 'n-aghaidh. Agus a thuille air sin, abair ged thigeadh Emanuel d'an ionnsaidh a rithist, oir is e sin an ni is miosa b'urrainn tachairt, nach fhaod na dearbh mheadhonna ceudna fhogradh uatha aon uair eile? Nach fhaod e le 'n tuiteam a rithist ann am peacadh a bhi air fhuadach uatha gu siorruidh? Agus 'nan tarladh so, bheireadh e air falbh a reitheachan-cogaidh a chroinn-tabhaill, a cheannardan, agus a shaighdearan, mar sin dh'fhàgadh e Anam-an-duine ruisgte agus lomnochd. 'Nuair a thûr thréigear am baile mar so le 'Phrionnsa, nach fosgail e gheatachan duibh an sin le cheart deòin, agus bheir e caidreamh dhuibh mar anns na laithibh o shean? Ach gabhaidh a leithid so á dh'obair mhòr ùine."

An sin thubhairt Diabolus, "A Mhòrairean agus uachdaranan an t-sluic, agus m' fhior chàirdean dileas, is ann le mòr an-fhuras, mar is cubhaidh dhomh, a dh'éisd mi ribh an ùine fhada bha sibh

<sup>1</sup> Far a' bheil am peacadh a' faotainn caidreamh agus àrach cha'n eil ait' ann do smuainntibh mu'n t-Slànaighear.

a' labhairt. Ach tha mi cho dian-iarratach air ath-shealbh fhaotainn air mo bhaile iomraiteach Anam-an-duine, 's ciod sam bith a thachras, nach urrainn mi feitheamh ni's fhaide ri ceann-thàll comhairlean cho éisleineach riù so. Uime sin, cuir-ibh an cleachdad 'ur 'n-uile eòlas agus innleachdan, ann an cobhair leamsa, bho'n tha mi nis a' dol a dh'ath-aiseag Anam-an-duine mo bhaile féin."

'Nuair chunnaic tighearnan agus uachdaranan an t-slavic cho dian-thogarrach 'sa bha Diabolus air baile truagh Anam-an-duin' a sgrios, cha do chuir iad ni b'fhaide 'na aghaidh. Gidheadh, nam biodh iad air comhairle Apolion a' ghabhail, dheanadh iad am baile a' chlaoïdh ni bu ro ghoirte. Ach bha iad deònach na h-uile còmhnhadh a b'urrainn iad a dheanamh ris, gun fhios ciod am feum a bhiodh ac' air-san, 'nuair a bhiodh iad 'san tarruinn cheudna air an son féin. An deigh greis chonnsachaidh cho-dhùnadhbh a réir mar a sheòl na h-Ifrinnich, nach robh aon sam bith ni bu fhreagarraich air son na h-ionnsaidh so na feachd de Luchd-teagamh òillteil. B'e an àireamh a mheasadh iomchaidh a chum sin a dheanamh, mu thuaram fichead agus deich mìle fichead. Mar sin b'e 'n co-dhùnadhbh gus an tàinig a' chomhairle mhòr so, gu'n togadh Diabolus gun dàil saighdearan ann an tìr an Teagamh, a tha dlù do'n àite ris an abrar Tòm-geat'-Ifrinn, a chuireadh e an aghaidh baile truagh Anam-an-duine. Mar an ceudna shònraigheadh, gu'n deanadh na tighearnan so iad féin còmhnhadh ris anns a' chogadh, le 'n dol air ceann a dhaoine chum an stiùradh. An sin sgrìobh iad litir, agus chuir iad air a h-ais i a dh'ionnsaidh nan Ifrinneach a bha'n cleith ann an Anam-an-duine, agus so aon ni sònraicht' a bha innte—

"Bho ghainntir dhorch' uabhasach na h-Ifrinn, tha Diabolus maille ri uile cho'chomunn phrionns-achan an dòrchadais, a' sgrìobhadh a chum ar

buidhean dhìlis, an Anam-an-duine agus mu'n cuairt d'a bhallaichaibh, a' feitheamh a nis gu neo-fhoighidneach ri ar freagairt dhiabholaidh-ne, do'n as-innleachd mhi-rùnach agus ro nimheil sin an aghaidh baile Anam-an-duine.

“ A chàirdean dìleas, tha iadsan a ta maille ruinne ag iarraidh air gach aon agaibh-s’ a ta ann an Anam-an-duine, bhur ’n uile chumhachd, sheòltachd, agus ghliocas, maille ri comhairlibh mealltach a chleachdad, chum baile Anam-an-duine a tharr-uinn ni’s mó agus ni’s mó gu peacadh agus aindiadachd, chum is gu’n criochnaichear peacadh agus gu’m beir e bàs.

“ Oir is deimhinn leinn mar is gràineile, mar is peacaiche, agus mar is truaillidh a ta baile Anam-an-duine, gur ann is neo-thoilich a bhios Emanuel air a theachd g’ an cobhair, aon chuid le ’lathair-eachd no le ’chòmhchnadh ; seadh, mar is ro pheacaiche iad ’s ann is laige iad, agus mar sin ’s ann is neo-chomasaich iad air seasamh ’n-ar n-aghaidh-ne, ’nuair a bheir sinn an ionnsaidh air an sgríos. Seadh, faodaidh e bhi gu’n toir e air an Saddai cumhachdach sguir de bhi ’g an dion, agus gu’n toir e a cheannardan, a shaighdearan, a chròinn-tabhaill agus a reitheachan-cogaidh dhachaidh, agus am fàgail glan falamh ; an sin fosglaidh baile Anam-an-duine d'a dheoin duinne, agus faodaidh sinn tighinn air gu soirbh agus buadhachadh.

“ A thaobh an àma ’s an tig sinn air Anam-an-duine, cha do làn shuidhich sinn air fathast ; tha cuid againn dhe n aon bheachd ribh féin, gur e latha féille, no latha féille ’m òidhche, gun teagamh is ro fhearr.<sup>1</sup> A dh'aon chàr, bitibhb-s’ ullamh, agus an uair a chluinneas sibh fuaim ar druma-ne

---

1 “ Latha féille ’m òidhche.” Thugaibh an aire dhuibh féin, air eagal uair air bith gu’m bi bhur cridhe, air an ro-luchdachadh le gèocaireachd, agus le misg, agus le cùramaibh mu nithibh na bheathasa. Lucas xxi. 34.

an leth a muigh, bithibh-sa cheart cho ullamh air an troi-cheile is òillteil a dheanamh as an leth a stigh. (1 Pead. v. 8.) Mar sin bithidh Anam-an-duine gun mhearachd air a shàrachadh air a chul-thaobh agus air a bheulthaobh, agus cha bhi fios aige cò an làimh gus an tionndadh e air son còbhrach.

“ Tha sinne maille ris na legionaibh lionmhor a tha'n so a' cur fàilt oirbh, o ar cairtealaibh uabhasach anns an t-sloc ro sgreataidh, a' guidhe gu'n sòirbhich leibhse cho ifrinneach 'sa ta sinne sinn féin a dùrachadh sòirbheachadh. Chuireadh i so le Mi-naomh' am fear-iomchair litrichean.”

An sin phill Mi-naomha chum Anam-an-duine ; agus air dha dol mar a rinn e riomhe, gu tigh Dhò-bheairt, fhuair, e na h-Ifrinnich crùinn, a' feith-camh ri theachd-san air ais ; agus thug e seachad a litir dhoibh.

A nise b'e so an staid 'san robh baile truagh Anam-an-duine aig an àm. Thug e oilbheum d'a Phrionnsa, agus thréig se e ; le amaideachd thug e misneach do chumhachdan na h-Ifrinn a theachd 'na aghaidh, chum a léir-sgrios.

Is fior, bha roinn mhothachaidh aig Anam-an-duine air a pheacadh, ach fhuair na h-Ifrinnich an làmh a stigh a rithist ; ghlaodh e ri Emanuel, ach thréig esan e, agus cha tug a ghlaodhaich air ais fathast e. A bharr air sin, cha robh fhios aige am pileadh e a chaoidh tuille ; ni mò bha fhios aige air cumhachd agus dìchioll a nàimhdean, no an dian-thogradh chum an innleachd ifrinneach a dhealbh iad 'na aghaidh a chuir an gnìomh.

Bha iad gun amharus fathast a' cur achanaich an deigh achanaich a dh'ionnsaidh a' Phrionnsa, ach dh'fhan esan 'na thòsd. Dhearmaid iad ath-leasachadh, ni a bha réir miann Dhiabolus ; or bha fios aige, 'nan tugadh iad spéis do pheacadh 'nan eridhe, nach éisdeadh an Rìgh r'an ùrnaigh ; uime sin, dh'fhàs iad ni bu laige agus ni bu laige, agus

bha iad mar roithlean roimh na chuairt-ghaoith. Dh'éigh iad r'an Rìgh air son cobhrach, agus aig an àm cheudna ghabh iad na h-Ifrinnich 'nan uchd, uime sin, ciod a dheanadh rìgh dhoibh? Seadh, a réir coltais bha measgachadh a nis' ann an Anam-an-duine, bha na h-Ifrinnich agus dùthchasaich a' bhaile ag imeáchd air na sràidibh cuideachd. Thoisich iad eadhon ri bhi ann an sìth riù; oir smuainich iad, do bhrìgh gu'n do lagaithe an tinneas cho mòr iad, gu'm bu diomhain doibh a bhi cathachadh 'nan aghaidh. A bharr air sin, b'e laigse Anam-an-duine an dearbh nì a neartaich a nàimhdean; agus thug peacanna Anam-an-duine an cothrom do na h-Ifrinnich. Thoisich eascairdean a' bhaile ri bhi gealltainn dhoibh féin séilbh air; "cha robh mòran eadar-dhealachadh a nis' eadar dùthchasaich Anam-an-duine agus na h-Ifrinnich bha iad araon coltach ri bhi 'nan uachdaranan air a' bhaile.<sup>1</sup> Seadh, lionmhoraich agus dh'fhàs na h-Ifrinnich, agus shearg Anam-an-duine gu mòr. Fhuair còrr agus aon mhìle deug eadar dhaoin mhnatha agus chlann,<sup>2</sup> bàs leis a' ghalair ann an Anam-an-duine.

Ach a nis, mar bu mhiann le Saddai, bha neach anns a' bhaile d'am b'àinm Mion-rannsachadh, aig an robh mòr spéis do dhùthchasaich Anam-an-duine, agus bu ghnàth leis siubhal sios agus suas air feadh a' bhaile, a' coimhead agus ag éisdeachd, a dh'fheuchainn am b'urrainn da aithneachadh, an robh droch rùn an aghaidh a' bhaile no nach robh. Oir bha eagal daonnaidh air gun tàrladh olc air chor-

1 A léubhadair, a' bheil thu 'g aidmheil a bhi a' d' fhear-lean-mhainn air Criod? Feuch nach bi thu a measgachadh 'san t-saoghal, agus ag iarradh Dhé agus Mhamoin a chòrdadh. Cia minig, mo thruaigh! a tha sinn a' faicinn, "nach eil mòr eadar-dhealachadh eadar dùthchasaich Anam-an-duine agus na h-Ifrinnich." An e so do chor sa? "Cùimhnich, uime sin, cia uaith a thuit thu, agus gabh aithreachas, agus dean na ceud oibre." Taisb. ii. 5.

2 Deagh smuaintean, deagh bhreithnichean, agus deagh iarrasan

éiginn dà, an dara cuid o na h-Ifrinnich an leth stigh, no bho chumhachd éigin an leth a muigh.<sup>1</sup> A nise, thàrladh, air do Mhion-rannsachadh a bhi 'g eisdeachd an so 'san sud, gu'n tàinig e gu ionad d'an goirte Tòrr-na-gràinealachd, ann an Anam-an-duine, far am b'àbhaist do na h-Ifrinnich coinn-eachadh ; agus air dha briot a chluinntinn (oir b'e'n oidhche bh'ann) dhlùthraig e gu h-athaiseach chum éisdeachd ; agus cha b'fhada bha e 'na sheasamh aig ceann an tighe, gus an cual e neach ag ràdh le dearbhachd, nach b'fhad an ùine gus an gabhadh Diabolus sealbh a rithist air Anam-an-duine, agus an sin gu'n robh na h-Ifrinnich a' cur rompa an t-iomlan de dhùthchasaich Anam-an-duine a' chur gu bàs leis a chlaidheimh, agus ceannardan an Righ a mhàrbhadh agus a sgrios, agus a shaighdearan gu léir fhògradh ás a' bhaile.

Thubhairt e mar an ceudna, "gu'n robh fios aige gu'n rohh os ceann fichead mìle fear-cogaidh air ullachadh le Diabolus air son an rùin sin a thoirt gu crìch, agus gu'm bu ghearr an ùine gus am faiceadh iad uile le'n suilibh e." Nuair a chuala Mean-rannsachadh an sgeula so, chaidh e gun stad a dh'ionnsaidh tigh Mhorair-a'-bhaile agus dh'innis e dha mar a chuala e ; agus air dhasan fios a' chur air an fho-shearmonaiche,<sup>2</sup> dh'fhoillsich e an gnothach dha, agus thug esan air ball caismeachd do'n bhaile, oir b'e an dràsd am priomh shearmonaiche ann an Anam-an-duine, a chionn gu'n robh an t-Ard-rùnair 'san àm fo dhoilgheas.<sup>3</sup> Thug e fainear air bàll clag na searmoin a shéirm, agus chruinnich an sluagh : thug e earal ghearr dhoibh faire dheanamh, agus dh'innis e sgeul Mhion-rannsachaidh mar an t-aobhar air a son. "Oir," arsa Fear-na-coguis, "tha feall-chomhairle eagalach air a deilbh an aghaidh Anam-an-duine, gu ar mort

<sup>1</sup> Ceasnaichibh sibh féin.—<sup>2</sup> Thugadh caismeachd do'n Choguis agus do'n Tuigse.—<sup>3</sup> An Spiorad Naomh' air a chràdh.

uile ann an aon latha ; cha'n eil an sgeul so ri bhi air a' cur an suarachas" Bha mòr ghràdh aig Mion-rannsachadh a ghnà do dh'Anam-an-duine—is duine measarra tuigseach e—cha'n eil e 'na fhearr luathbheulach, no 'na neach a dh'aithriseas sgeul gun bhonn ; ach is neach e leis am math cùisean a sgrùdadh gu 'n cùl, agus nach labhair mu ni sam bith nach bi e dearbhte bhi ceart. Gairmidh mi air, agus cluinnidh sibh féin e." An sin thàinig e, agus dh'innis e a sgeul cho pòncaill, agus le leithid a dhearbhachdaidh làidir, 's gu'n do làn chreid Anam-an-duine gu'm b'i 'n fhìrinn a bh'aige. Mar an ceudna, thubhaint an searmonaiche, "A chuid-eachd, tha e ro-choltach gur i an fhìrinn a th'ann, oir bhrosnaich sinne Saddai gu féirg, agus le'r peacannaibh thug sinn air Emanuel am baile fhàgail ; bha tuille 'sa chòir de chomunn againn ri Ifrinnich, agus dhì-chùimhnich sinn ar caomh-thròcairean ; cha n-iognadh ma ta ged bhiodh an àmhad, araon an leth a stigh agus an leth a muigh, a rùnachadh agus a deilbh ar sgrios ; agus nach e so an t-aon àm 'san dàcha e so a dheanamh ? Tha 'n tinneas an dràsta anns a' bhaile, agus dh'fhàg e sinn glé lag. Is iomadh duine treidhireach a ta cheana màrbh ;<sup>1</sup> agus tha na h-Ifrinnich o cheann ghoirid air fàs ni's treise agus ni's treise. A thuille air sin, ars' am fo-shearmonaiche, dh'innseadh dhomh leis an deagh dhuine threidhireach so, gu'n do thuig e leis na chuala e, gu'n robh mòran litrichean o cheann ghoirid eadar deamhnan an t-sluic agus na h-Ifrinnich so, mu thimchioll ar sgrios-ne."

An uair a chual' Anam-an-duine so uile, agus nach b'urrainn iad cuir 'na aghaidh, ghuil iad gu goirt : agus thoisich iad as ùr ri bhi caoidh an amaideachd, agus a' dùblachadh an achanaichean a chum Shaddai agus a Mhic. Mar an ceudna,

<sup>1</sup> Deagh-iarrtasan.

dh'innis iad a' chùis do na ceannardaibh agus do na fir-chogaidh ann an Anam-an-duine, agus ghuidh iad orra bhi de dheagh mhisnich, agus iad féin ullachadh gu cath a chur ri Diabolus aon chuid tràth latha no tràth oidehche, na'm b'e 's gu'n tigeadh e, mar chaidh innse dhoibh, an aghaidh a' bhaile.

'Nuair a chuala na ceannardan so, air dhoibh fior ghràdh a bhi ac' a ghnà do dh'Anam-an-duine, chruinnich iad cuideachd chum an comhairle chuir r'a cheile cionnas a thilgeadh iad bun os ceann as-innleachdan ladarna agus ifrinneach Dhiaboluis agus a chairdean an aghaidh a' bhaile euslaintich, laig so Anam-an-duine, a tha air a thoirt gu mòr bhochdainn ; agus chòrd iad air na nithibh sòn-raichte so a leanas :

1. Gu'm biodh geatachan Anam-an-duine air an cumail dùinte, agus air an deanamh daingean le cloidheanaibh agus le glasaibh, agus gu'm biodh na h-uile neach a rachadh a mach no thigheadh a steach, air an ceasnachadh gu mion le ceannardaibh nam freiceadain, 1 Cor. xvi. 13, chum 's gu'm faigheadh iad a mach cò bha dealbh an sgrios, Tuir. iii. 40.

2. Gu'm biodh mion rannsachadh air a dheanamh air feadh Anam-an-duine gu h-iomlan, air son na h-uile seòrsa Ifrinneach ; agus gu'm biodh tigh gach duine air a rannsachadh bho chleith àrda gu ursainn, air dhoigh 's nam biodh e so-dheanta gu'm faighe an tuille soilleireachd air na h-uile 'nam measg-san aig an robh làmh anns na h-as-innleachdaibh so, Eabh. xii. 15, 16.

3. A bhàrr air so shònraigeadh, cia b'e air bith àite, no cò sam bith neach maille ris am faighe h-aon de na h-Ifrinnich, gu'n rachadh peanas follais-each a dheanamh air na h-uile de mhuinntir a' bhaile a thug fàrdach agus caidreamh dhoibh, chum

an nàire féin, agus rabhadh do mhuinntir eile,  
Ier. ii. 34; v. 26. Esec. xvi. 52.

4. A thuilleadh air sin rùnaicheadh le baile  
iomraiteach Anam-an-duine, gu'm biodh trasgadh  
follaiseach agus latha irioslachaidh air a chumail  
air fad a' bhaile gu h-ionlan, chum am Prionnsa  
fhìreanachadh, agus iad féin isleachadh 'na làthair  
air son an easaontasa 'na aghaidh-san, agus an  
aghaidh Shaddai, 'Athar, Ioel i. 14; ii. 15, 16. A  
bhàrr air sin shònraicheadh, gu'n rachadh na h-uile  
h-aon ann an Anam-an-duine nach deanadh an  
dìchioll ris an trasgadh so a chumail, agus iad féin  
irioslachadh air son an eiontan, ach a bheireadh  
fainear an gnothaichean saoghalta féin, no gheibhte  
a' siubhal air ais agus air aghaidh air na sràidibh, a  
ghlacadh mar Ifrinnich, agus gu'm fuiligeadh iad  
mar an leithid sin, air son an gniomharran ain-  
diadhaidh.

5. Os bàrr cho-dhùineadh, gu'n ath-nuadhaich-  
eadh iad an irioslachadh air son peacaidh, agus an  
achanaichean ri Saddai air son cobhrach, le'n uile  
dhùrachd; mar an ceudna, chuir iad rompa fios a  
chuir a dh'ionnsaidh na cùirte, mu thimchioll na  
h-uile ni a dh'innis Mion-rannsachadh dhoibh.  
Ier. xxxvii. 4.

6. Mar an ceudna shònraicheadh, gu'n rachadh  
tàing a thoirt do Mhion-rannsachadh, air son a  
dhìchill ann a bhi 'g iarraidh math am baile-san;  
agus a chionn gu'n robh e mar bu dual da, a' dùr-  
achdainn an sonas, agus mar an ceudna a bhi cur  
as d'an nàimhdibh, rinn iad e 'na Cheannard air  
luchd beachdachaidd gluasad an nàmhaid, chum  
math Anam-an duine.

'Nuair a cho-dhuin muinntir a' bhaile maille r'an  
ceannardaibh mar so, rinn iad rannsachadh mion  
air son Ifrinnich, rinneadh peanas follaiseach orra-  
san aig an d'fhuaradh aon sam bith dhiù. Choimh-  
ead iad an trasgadh, agus dh'ath-nuadhaich iad an

achanaichean chum am Prionnsa, agus chleachd Mion-rànnsachadh 'ùghdarras, agus an ni a dh'earb Anam-an-duine ris, gu firìnneach agus gu treibhdhireach; oir, thug se e fein thairis gu h-iomlan d'a dhreuchd, cha'n ann a mhàin 'san leth a stigh de'n bhaile, ach chaidh e mach a bheachdachadh, a dh'fhaicinn, agus a chluinntinn.

Agus beagan laithean an deigh sin, chaidh e gu Tòm-geat'-ifrinn, a dh'ionnsaidh tìr an Luchd-teagaimh, far an cuala e gach ni a chaidh a' labhairt ann an Anam-an-duine, agus thuig e gu'n robh Diabolus ach beag ullamh air son a thurais. An sin thàinig e air ais le cabhaig, agus air dha ceannardan agus seanairean Anam-an-duine a ghairm an ceann a chéile, dh'innis e dhoibh c'ait' an robh e, agus ciod a chuala agus a chunnaic e; agus nach mòr nach robh Diabolus ullamh gu triall air a thuras, agus gu'n d'rinn e seann As-creideamh, am fear sin a bhris am priosan uair-éigin ann an Anam-an-duine, 'na àrd-cheannard air 'fheachd; b'e 'n àireamh mu thimchioll fichead mìle, agus bu Luchd-teagamh an t-iomlan dhiù; agus gu'n robh Diabolus a' cur roimhe àrd-phrionnsachan an t-Sluic iochdraich a thoirt leis maille ris, mar cheannard-aibh os-ceann an Luchd-teagaimh. Dh'innis e dhoibh mar an ceudna, nach robh teagainh, nach tigeadh tuille de ghràisg an dubh-shluic maille ri Diabolus, a thoirt Anam-an-duine fo cheannsal.

Mar an ceudna thuirt e, gu'n do thuig e bho an Luchd-teagamh, am measg an robh e, gu'n d'rinneadh seann As-creideamh 'na cheannard air an iomlan de'n fleachd, a chionn 'nach robh a h-aon eile r'a fhaotainn ni bu dilse do'n ain-tighearnan; agus a chionn gu'n robh mi-rùn do-chasgaidh aige do dh'Anam-an-duine. "A thuilleadh air sin," ars' esan, "tha cuimhne aige air a mhasladh a thug Anam-an-duine dha, agus tha e cur roimhe e fein a dhioladh orra, agus a chionn gur urrainn esan

air dòigh ni's soirbhe agus ni's seòlta séisd a' chur ri baile Anam-an-duine, na's urrainn do dh'aon sam bith eile de na prionnsachan." Eabh. xii. 1.

## CAIBIDIL X.



### DRUMAIR DHIABOLUIS A TOIRT BAIRLINN DO DH'ANAM-AN-DUINE.

Rinneadh mion-rànnsachadh air son nan Ifrinneach 'san taobh a stigh de'n bhaile—Chuireadh Sànnnt agus Mi-nàire ann am priosan, agus dh'éug iad an sin—Thàinig feachd Leuchd-teagamh an aghaidh Anam-an-duine—Na ceannardan, na h-ofisgich, agus na brataichean—Chuir an aogais, agus fuaim an drama, mòr eagal air muinntir a' bhaile—Thug Diabolus ionnsaidh air Geata-na-cluaise, bhuaileadh air ais e, thug e gairm do'n bhaile—Ghuidh an luchd-àiteachaidh air an Ard-rùnair a chomhairle a thoirt dhoibh—A shreagrath—Ged bha Anam-an-duine air an sarachadh gu goirt, chuir iad rompa cur an aghaidh Dhiaboluis, agus càmpar a chur air le'n cròinn-thabhaill—Dh'sheuch e le miodal ri'n toirt fo ghéill—Fhreagair Morair-na-toile—Chuir Diabolus roimhe ionnsaidh ghaileach a thoirt—Bha Morair-na-toile agus Fear-na-h-inntinn ro ealanta 'n aghaidh nan Ifrinneach anns a' bhaile—Dh 'aontaich na ceannardan dol a mach agus an

ionnsaidh a thoirt air an nàmhaid, chuireadh an teicheadh orra agus leonadh iad—Thug Diabolus an ath-ghairm do'n bhaile—Freagradh Mhorair-na-toile—Thug Diabolus ionnsaidh obann air Geat'-a-mhothachaidh, agus chaidh e stigh do'n bhaile—Theich na ceannardan agus an daoine a dh'ionnsaidh a chaisteil.

AN nis' an uair a chuala ceannardan Anam-an-duine, maille ri seanairean a' bhaile, an naidheachd so, chunncas ionchuidh leo, na laghan a rinn am Prionns' agus a thug e dhoibh an aghaidh nan Ifrinneach a chur an gniomh, gun tuille moille. Uime sin, rinneadh rànnsachadh dìchiollach agus neo-leth-bhreitheach anns gach tigh an Anam-an-duine, air son an iomlan de na h-Ifrinnich. A nise fhuaradh dithis Ifrinneach ann an tigh Fhir-na-h-inntinn, agus ann an tigh Mhorair-na-toile. Ann an tigh Fhir-na-h-inntinn fhuaradh Sànn, ach dh'atharraich e 'ainm agus thug e Crionta-glic air féin. Ann an tigh Mhorair-na-toile fhuaradh Mi-nàire, ach dh'atharraich e 'ainm gu Sùgradh-gun-lochd. Rug ceannardan agus seanairean baile Anam-an-duine air an dithis so, agus chuir iad an làimh iad fo chùram Dhìlis fear-gleidhidh a' phriosain; agus thug an duine so a leithid do ghàrbh làimhseachadh dhoibh, agus luchdaich e le iarunnaibh iad, air dhòigh 's gu'n do thuit iad araon ann an tinneas-caithe ro thròm, agus fhuair iad bàs anns a' phriosan; thugadh am maighstirean mar an ceudna, a réir co-cheangal aon-sgeulach nan ceannardan agus nan seanairean, gu áite follaiseach gu peanas a dheanamh orra, chum an nàire féin agus ràbhadh do na chuid eile de bhaile Anam-an-duine.

A nise b'e so dòigh a pheanais anns na laithibh sin: air do na ciontaich a bhi air an toirt gu mothachadh air olc an gniomharran, dh'òrdaicheadh dhoibh an lochdan aideachadh gu follaiseach, agus an caithe-beatha a leasachadh gu faicilleach.

An deigh so dh'fheuch ceannardan agus seanairean Anam-an-duine ri tuilleadh Ifrinneach fhaot-

ainn a mach far an robh iad am falach, co-dhiù a b'ann an garaidhibh, an uamhaibh, an tuill, an cosaibh, no'n àite sam bith eile am faodadh iad a bhi, aon chuid anns a' bhaile no mu thimchioll a' bhalla. Ach ged a b'urrainn doibh an luirg fhaicinn gu soilleir, agus an leantainn eadhon gu beòil an tuill agus an gäraidhean, gidheadh cha robh e 'nan comas an glacadh agus ceartas a chur an gniomh orra, oir bha 'n slighean cho lùbach, an daingnichean cho làidir, agus iad féin cho lùgh-mhor gu tearmunn a ghabhail annta.<sup>1</sup>

Ach bha Anam-an-duine a nis' a' riaghladh cho smachdail os ceann nan Ifrinneach a dh'fhagadh, 's gu'm bu bhùidhe leo crùbadh 's na cùiltibh: roimhe so dh'fhaodadh iad imeachd gu follaiseach an àin-an-latha, ach a nise cha robh chridhe aca sin a dheanamh; bha muinntir Anam-an-duine 'nan còmpanaich aca uair-éigin, ach a nise mheas siad iad 'nan nàimhdibh fulteach. Rinn an thorfhais a thug Mion-rànnsachadh an deagh atharrachadh so ann am baile Anam-an-duine.

Air chionn so fhuair Diabolus ullamh am feachd a bha e a' cur roimhe thoirt leis a chum Anam-an-duine a sgrios, agus chuir e ceannardan agus oifigich eile os an ceann, mar a chunnaic e iomchuidh. B'e fein an Ceann-feadhna agus b'e As-creideamh àrd-cheannard na feachd.

1. B'e Dìan-chorraich an ceud Cheannard, bha esan 'na cheannard os ceann Luchd-teagamh-an>taghaidh;<sup>2</sup> b'e sgrios a b'fhear brataich dha, ghiùlain esan a' bhratach dhearg, agus b'e shuaich-eantas an Dragon Mòr Dearg. Tais. xii. 3, 4, 13, 15, 17.

1 Nuair a tha'n Criosdaidh air a mhosgladh gu mothachachd de chàl-sleamhnachadh, cha'n eil am peacadh cho eumhachdach 'sa bha e roimhe, ach gidheadh an uair a mhòthaicheas e an cogadh so 'na bhùill, bithidh aige ri glaodhaich a mach maille ris an abstol, "Och is duine truagh mi, cò a shaoras mi?"

2 Luchd-teagamh-creideamh-an>taghaidh. Luchd-teagamh-creideamh-na-gairme, &c. &c.

2. B'e Fearg an dara Ceannard, bha esan 'na cheannard os ceann Luchd-teagamh-na-gairme, b'e Dòrchadas a b'fhear brataich dhasan, ghiùlain esan a bhratach għlas, agus b'e shuaicheantas Nathair Theinnteach Itealach. Aire. xxi. 6.

3. B'e Damnadh an treas Ceannard, bha esan 'na cheannard os ceann Luchd-teagamh-gràis ; b'e Cion-beatha a b'fhear brataich dhasan, ghiùlain esan a bhratach dhearg, agus b'e 'shuaicheantas an Dubh-shloc. Mata vi. 22, 23. Tais. ix. 1.

4. B'e Do-shàsaichte an ceathramh Ceannard, bha esan 'na cheannard os ceann Luchd-teagamh-a-chreidimh ; b'e Slugadh a b'fhear brataich dhasan, ghiùlan esan a' bhratach dhearg, agus b'e 'shuaicheantas na Gialan-fosgailte. Gnà. xxvii. 20.

5. B'e Pronnasg an cùigeamh Ceannard, bha esan 'na cheannard os ceann Luchd-teagamh-na-buain-mhaireannachd ; b'e Losgadh a b'fhear brataich dhasan, ghiùlan esan a' bhratach dhearg mar an ceudna, agus b'e 'shuaicheantas Lasair-uaine-a'-bholaidh-bhreun. Salm xi. 6. Tais. xiv. 11.

6. B'e Pian an seathadh Ceannard, bha esan 'na cheannard os ceann Luchd-teagamh-na-h-aiseirigh ; b'e Cnàmh a b'fhear brataich dhasan, ghiulain esan a bhratach għlas, agus b'e 'shuaicheantas an Dubh-chnuimh. Marc. ix. 44, 46, 48.

7. B'e An-fhois an seachdamh Ceannard, bha esan 'na cheannard air Luchd-teagamh-slàinte ; b'e Mi-shuaimhneas a b'fhear brataich dhàsan, ghiùlan esan a' bhratach dhearg, agus b'e 'shuaicheantas Cruth aogaidh a' Bhàis. Tais. iv. 11 ; vi. 8.

8. B'e Uaigh an t-ochdamh Ceannard, bha esan 'na cheannard os ceann Luchd-teagamh-glòire, b'e Truailleachd a b'fhear brataich dhasan, ghiùlan esan mar an ceudna a' bhratach għlas, agus b'e 'shuaicheantas Cláigéann agus Cnàmhan Dhaoine Mhàrbha. Ier. v. 16.

9. B'e Eu-dochas a naodhamh Ceannard, bha esan 'na cheannard os ceann Luchd-teagamh-sonais; b'e An-earbsa a b'fhear brataich dhasan ; ghiùlan esan mar an ceudna a bhratach dhearg, agus b'e 'shuaicheantas Iarunn Teth agus Cridhe Cruaidh. Ier. ii. 25. 1 Tim. ii. 4. Rom. ii. 5.<sup>1</sup>

B'iad so a cheannardan, an armailtean, am brataichean, agus an dathan, agus b'iad so an suaicheantais. A nis' os an ceann so rinn Diabolus seachd ceannardan ni b'inbhiche, eadhon Beelsebub, Lucifer, Legion, Apolion, Piton, Cerberus, agus Belial ; b'e As-creideamh an t-àrd-cheannard, agus Diabolus féin an Rìgh.

Mar an ceudna rinneadh dhiù-san de na seann saighdearan a bha coltach riu féin, ceannardan air cheudaibh, agus de chuid eile dhiù ceannardan air ni bu mhò ; mar so rinneadh suas feachd As-creidimh.

Mar sin ghabh iad a mach o Thòm-geat-ifrinn (oir is ann an sin a bha a choinneamh aca), agus thàinig iad uaithe sin càlg-dhireach air an turas a chum baile Anam-an-duine. A nise mar a dh'ainmicheadh cheana, fhuair am baile (a réir mar bu mhiann le Saddai,) faireachadh o Mhion-rannsachadh gu'n robh iad a' tighinn. Uime sin chuir iad faire dhiongmalta air na geatachaibh, agus dhùblaich iad am freiceadain ; mar an ceudna chuir iad suas an cròinn-thabhaill ann an àitibh freagarrach, far am biodh e cothromach dhoibh clachan mòra<sup>2</sup> thilgeadh a mach chum cron a dheanamh air an àmhaid bhòrb.

Ni mó b'urrainn na h-Ifrinnich a bha sa' bhaile an cron a dheanamh a bha rùn orra ; oir bha Anam-an-duine na fhaireachadh a nise. Ach, mo

1 Tha ainmean nan ceannard agus iadsan os ceann an robh iad, a nochdadh dhuinn nan teagamhan d'an ro bhualtiche an creideach 'nuair a bheirear an ionnsaидh air le as creideamh.

2 Urnaighean agus achanaichean.

thruaighe! a mhuinnitir bhochd, ghabh iad eagal anabarrach an ceud sealladh a fhuair iad de'n nàimhdibh, agus an uair a chunnaic siad iad a' suidhe sios fa chomhair a' bhaile, gu h-àraid an uair a chual' iad fuaim an druma. (1 Pead. v. 8.) Bha so, a dh'innseadh na firinn, ro sgreataidh r'a chluinntinn, chuireadh e òillt air na h-uile duine mar uidhe seachd mìle mu'n cuairt, nam biodh iad 'nan dùisg agus ga chluinntinn. Mar an ceudna, bha luasgadh am brataichean ùamhasach agus cianail ri amharc orra.

'Nuair a thàinig Diabolus suas an aghaidh a' bhaile, tharruinn e 'n toiseach dlù air Geata-na-cluaise, agus thùg e ionnsaidh ghàrg air, a' smuain-eachadh gu'n robh a chàirdean ann an Anam-an-duine ullamh gus an gnothach a dheanamh an taobh a stigh; ach ghabh na ceannardan roimhe an sin. Mar sin air dha fhaicinn nach d'fhuair e'n còmhnhadh ris an robh sùil aige uatha, agus a chunnaic e 'àrmaitl air an sàrachadh leis na clachaibh a bha luchd nan cròinn-thabhaill a' tilgeadh orra, (oir an uair a bheir sinn fainear anmhuinn-eachd nan ceannardan, a thaobh an tinneis fhada thrioblaideich a shàraich Anam-an-duine, is treubhach a fhuaradh iad), b'èigin da teicheadh air ais bho'n bhaile, agus e-féin agus a dhaoin' a dhion ann an clais-bhlàir 'san raon, far nach ruigeadh croinn-thabhaill a' bhaile orra. Seum. iv. 7.

Chuir e rithist suas ceithir tòrran an aghaidh a' bhaile; thug e Tòrr-Dhiaboluis mar ainm air a' cheud fhear, a' toirt ainm féin air, a chum an tuilleadh eagail a chur air baile Anam-an-duine, dh'ainmich e na trì eile mar so: Tòrr-Alecto, Tòrr-Mhegara, agus Tòrr-Thisiphone, oir is iad so ainmean ban-ifrinnich eagalach an t-sluic iochdraich. Mar so thòisich e ri 'chleasan a chur an gniomh air Anam-an-duine, agus a chàramh mar ni ah leòghan air a chreich, a' feuchainn ri thoirt air tuiteam le

geilt roimhe. Ach, mar a thubhairt mi, chuir na ceannardan agus na saighdearan 'na aghaidh cho gramaill, agus rinn iad àr cho mòr, le'n cròinn-thabhaill, is gu'n tug iad air an teicheadh a ghabhail, a dh'aindeoin. Uime sin, thoisich Anam-an-duine ri misneach a ghlacadh.

A nis' air Tòrr-Dhiaboluis, a chuireadh suas air taobh tuath a' bhaile, chur an t-ain-tighearn an àird a bhratach, agus b' eagalach an sealladh i, oir dh'oibrich e innte le innleachd dhiabhlaidh, ann an dòigh suaicheantais, lasair dhian, agus dealbh Anam-an-duine a' losgadh innte.

An deigh do Dhiabolus so a dheanamh, dh'òrd-aich e d' a dhrumair dol na h-uile òidhche dlù do bhallaichaibh baile Anam-an-duine, agus gairm air son fosaidh ; dh'òrdaicheadh dha so a dheanamh 'san òidhche, oir anns an latha bha iad a' gabhail dha le'n cròinn-thabhaill ; oir thubhairt an t-ain-tighearna, gu'n robh e 'n geall labhairt ri baile Anam-an-duine a bha nise fo ùamh-chrith, agus dh'àithn e gu'n biodh an druma air a bualadh na h-uile òidhche, chum tre sgios gu'm biodh iad air an cur thuige gu aontachadh ris a sin, ged b'ann an aghaidh an toile.

Mar sin dh'éirich an drumair agus bhual e a dhruma. Ach 'nuair a leig e air an drumaireachd, nan sealladh neach ri baile Anam-an-duine, feuch dòrchadas agus bron, agus bha an solus air a dhòr-chachadh ann a speuraibh, (Isa. v 30.) Cha chualas riamh air thalamh fuaim ni b'uabhasaiche, ach guth Shaddai, 'nuair a labhras e. Ach O ! mar chriothnaich Anam-an-duine ! cha robh sùil aige ri dad a nise ach a bhi air a ghrad shlugadh suas.

'Nuair a bhual an drumair air son fosaidh, thuirt e, "Dh'iarr mo mhaighstear orm innseadh dhùibh, ma strìochdas sibh gu toileach, gu'm faigh sibh math na talmhuinn, ach ma bhios sibh rag-mhuinealach, tha e a' cur roimhe bhur glacadh le

làimh-laidir." Ach mu'n do sguir e do dhrumaireachd, dh'fhalbh sluagh Anam-an-duine a dh'ionnsaidh nan ceannard a bha 'sa chaistéal, ionnas nach robh a h-aon ann gu feart a thoirt air an drumair so, no gu freagradh a thoirt da ; mar sin cha do lean e ni b'fhaide an òidhche sin, ach phill e rithist a dh'ionnsaidh a mhaighstear gus a' chàmpa.

'Nuair a chunnaic Diabolus, nach b'urrainn e le drumaireachd, Anam-an-duine aomadh gu thoil, chuir e an ath òidhche a dhrumair as easbhuidh a dhruma, a leigeadh fhaicinn do mhuinntir a' bhaile gu'n robh a mhiann air cumhachan a thairgse dhoibh. Ach b'iad so na cumhachan, gairm do'n bhaile iad féin a striōchdadadh : ach cha tug iad aon chuid aire no éisdeachd dha, oir chuimhnich iad ciod a chosg e dhoibh an toiseach éisdeachd ris beagan fhacal.<sup>1</sup>

An ath òidhche chuir e Ceannard-Uaigh uaith, an Ceannard eagalach sin ; an sin thàinig an Ceannard-Uaigh dlù do bhallaibh Anam-an-duine agus rinn e an dùan so do'n bhaile.<sup>2</sup>

"O a luchd-àiteachaidh a' bhaile cheannaircich Anam-an-duine ! tha mis' a' toirt gàirm dhuibh, ann an àinm a' Phrionnsa Diabolus, gu'm fosgail sibh gun dàil geatachan bhur baile, agus gu'n toir sibh comas do'n trìath mhòr a thighinn a stigh. Ach ma bhios sibh fathast ceannairceach, sluigidh sinne suas sibh mar an uaigh, an uair a ghlacas sinn am baile leis an làimh làidir. Uime sin, thug-aibh fios dhomh an éisd no nach éisd sibh ri mo ghàirm.

"S e aobhar na gàirme so," ars' esan, "a chionn gur e mo thighearna bhur fior phrionnsa agus 'ur trìath, mar a dh'aidich sibh féin roimhe so. Ni mò

<sup>1</sup> Na freagair air ais e ! Rinn Eubha càlg-dhìreach an aghaidh so, agus thuit i. Na aontaich ri buaireadh.

<sup>2</sup> Bithidh eagal a' bhàis gu minig a' cur trioblaid air a chriosd-aidh 'nuair a bhios e air a chuartachadh le teagamhanaibh agus le eagalaibh.

bheir an ionnsaidh sin a thugadh air mo thighearna, 'nuair a bhuin Emanuel cho an-uasal ris, air a chòir féin a chàll, agus leigeadh dheth ionnsaidh a thoirt air a' chuid féin ath-chosnad. Smaointich ort féin ma ta, O Anam-an-duine ! cò aca 's ann air son sìth no aisith a tha thu ? Ma strìochdas tu gu sìochail, an sin bithidh ar seann chàirdeas air ath-nuadhachadh ; ach ma 's e 's gu'n diùlt thu agus gu'n dean thu àr-a-mach fathast, na biodh dùil agad ri ni ach teine agus claidheamh."

'Nuair a chuala baile fànn Anam-an-duine teach-daireachd an fhìr-ghairme so, bha ni bu mhò bhruaidlean orra, ach cha 'tug iad aon uair freagairt do'n cheannard, mar sin dh'fhalbh e mar thàinig e.

Ach an deigh dhoibh an comhairle chur r'a chéile, agus mar an ceudna ri cuid de 'n ceannardaibh, chaidh iad a rithist a dh'ionnsaidh an Ard-Rùnaire air son comhairle agus seòlaidh ; oir b'e an t-Ard-Rùnair so am priomh shearmonaiche, mar dh'àinmicheadh roimhe, ach cha robh e ann am fonn aig an àm ; agus ghuidh iad air na trì nithe a leanas a dheonachadh dhoibh ;

1. Gu'n sealladh e gu sòlasach orra, agus nach cumadh 's e e féin cho leth-oireach uapa 'sa bha e deanamh. Mar an ceudna gu'n aontaicheadh e ri éisdeachd riù an uair a leigeadh iad ris an còr truagh dha. Ach mar fhreagairt dha so dh'innis e dhoibh, " Nach robh e fathast ann am fonn, agus uime sin nach b'urrainn e dheanamh mar bu ghnà leis."

2. B'e an ath ni a dh'iarr iad, gu'n tugadh e a chomhairle dhoibh mu thimchioll an gnothaichean cudthromach aig an àm, a thaobh 's gu'n robh Diabolus a nis' air tighinn agus air càmpachadh fa chomair a' bhaile, leis cho math ri fichead mìle de Luchd-teagamh. A thuille air sin thubhaint iad gu'm bu daoine an-iochdmhor araon e-féin agus a cheannardan, agus gu'n robh déisinn orra rompa.

Ach thubhairt esan, “ Feumaidh sibh sealltainn ri lagh a’ Phrionnsa, agus fhaicinn ann an sin ciod a tha dh’fhiachaibh oirbh a dheanamh.”

3. An sin dh’aslaich iad gu’n deanadh a mhòrachd-san còmhnhadh riù ann an achanaich a chur gu Saddai, agus Emanuel a mhac, agus gu’n cuireadh e a làimh sgrìobhaidh féin rithe, mar chomharradh air gu’n ròbh e a’ co’ aontachadh riusan :—“ Oir,” ars iadsan, “ a Mhorair, is iomadh aon a chuir sinne uainn, ach cha chomas dhuinn freagairt sìthe fhaotainn, ach gu cinnteach faodaidh a h-aon le do làimh-sa rithe, math fhaotainn fathast air son Anam-an-duine.”

Ach b’e uile na thug e do fhreagairt dha so, “ Gu’n do chuir iad fearg air Emanuel agus mar an ceudna gu’n do chuir iad doilghios air féin, agus air an aobhar sin gu’m feumadh iad fatast compairteachadh d’an innleachdaibh féin.”

Bhuail am freagairt so a thug an t-Ard-Rùnair orra mar chloich mhuillinn ; seadh, bhrùth e iad air chör ’s nach robh fios aca ciòd a dheanadh iad, gidheadh cha bu dàna leo aontachadh aon chuid ri iarrtasaibh Dhiaboluis, no a cheannardan, (Tuir. i. 3.) An so bha Anam-an-duine ann an teanntachd mhòr ; bha a nàimhdean ullamh gu a shlugadh suas, agus dhearmaid a chàirdean comhnadh leis.

An sin thòisich Morair-a’-bhaile, d’am b’ainm, Morair-na-tuigse, ri mìneachadh, gus an do mhìnich mu dheireadh e comhfhurtachd o’n ni sin a thubhairt an t-Ard-Rùnair, ged bha e a réir coltais searbh agus mi-thaitneach ; oir mhìnich e mar so : “ Air tùs, an lòrg na thuirt mo Thighearn,” ars’ esan, “ feumaidh e bhi gu’n seachnad, gu’m fuiling sinne fathast air son ar peacannan. 2. Ach tha na briathran so mar gu’m biodh iad a ciallachadh gu’m bi sinn mu dheireadh air ar saoradh o ar nàimhdibh, agus an deigh beagan tuille dhoilgheasan, gu’n tig Emanuel agus gu’n toir e furtachd dhuinn.” A

nise bha Morair-a'-bhaile ni bu ro mhion ann an rànnsachadh briathran an Ard-Rùnaire, do bhrìgh gu'n robh mo Thighearna tuille 'sna fhàidh, agus a chionn nach robh a h-aon d'a bhriathraibh gun seadh, bha iad aig gach uile h-àm brìghoir gu ruig an lide bu lugha, agus bha comas aig muinntir a' bhaile an rànnsachadh, agus am mìneachadh cho math 'sa b'urrainn doibh.<sup>1</sup>

An sin chaithd iad a dh'ionnsaidh nan ceannardan, agus dh'innis iad dhoibh ciod a thuirt an t-Ard-rùnair, agus 'nuair a chuala iad e, bha iad gu léir a dh'aon bheachd ri Morair-a'-bhaile; air an aobhar sin thoisich na ceannardan ri misneach a ghabhail, agus ri ullachadh air son ionnsaidh threun a thoirt air càmp an'nàmhaid, chum cur ás do na h-Ifriann-ich gu h-iomlan, agus do'n Luchd-teagamh luainneach, a thug an t-an-tighearna leis chum baile truagh Anam-an-duine a sgrios.

An sin dh'fhalbh iad uile air bàll d'an àitibh féin, na ceannardan da'n àitibh féin, Morair-a'-bhaile d'a àite-san, am fo-shearmonaiche da àite-san, agus Morair-na'-toile d'a àite-san.<sup>2</sup> Bha fadachd air na ceannardaibh gu bhi an tarruinn ri obair air choir-eigin air son am Prionnsa, oir bu toigh leo gniomharran gàisgeil. Chuir iad an comhairle r'a chéile an ath latha, agus chuir iad rompa ceannarda 'Dhiaboluis a fhreagairt le cròinn-thabhaill; agus b'amhail a thachair mu éirigh na gréine an lath'r na mhàireach; oir ghabh Diabolus air féin tighinn na b'fhaigse a rithist, ach bha clachan nan cròinn-thabhaill dha féin agus d'a àrmait mar chonn-speachaibh. Oir mar nach eil ni sam bith a's mó a chuireas a ghrìs air baile Anam-an-duine na fuaim

<sup>1</sup> Aomaidh an Spiorad Naomh: an eridhe chum nan Sgriobturan a rànnsachadh, agus soilisichidh e ar tuigse chum an tuigseinn. Cia mòr a bheannachd comas a bhi againn am Bioball a léubhadh air ar son féin. Gu cinnteach is mòr a tha ri agairt orra-san leis an b'fìill a chumail bho muinntir eile.

<sup>2</sup> Cuiribh an aghaidh an Diabhoil, agus teichidh uaibh.

druma Dhiaboluis, mar sin cha'n eil ni sam bith a's mo a chuireas a dh'òillt air Diabolus na croinn-thabhaill Emanueil air an deagh chleachdadadh.<sup>1</sup> Uime sin, b'éigin do Dhiabolus an teicheadh a ghabhail an dara uair, agus dol ni b'fhaide ás na chaidh e roimhe, (Sachar. ix. 15.) An sin thug Morair-a'-bhaile fainear na cluig a shéirm, agus tàng a chur a dh'ionnsaidh an Ard-rùnaire le beul an fho-shearmonaiche, a chioinn gu'n robh ceannardan agus seanairean Anam-an-duine air an neart-achadh le 'bhriathraibh-san an aghaidh Dhiaboluis.

'Nuair a chunnaic Diabolus gu'n robh a cheannardan agus a shaighdearan, águs àrd thighearnan air an cur fo eagal agus air am bualadh sios leis na clachaibh a thainig o na cròinn-thabhaill, oir thubhairt e, "Feuchaidh mi'r'an glacadh le miodal, feuchaidh mi r'an tàladh gu mo lion."

Uime sin, an ceann tamaill thàinig e chum a' bhalla, cha'n ann le 'dhruma, no leis a' Cheannard Uaigh, ach a' labhairt cho mìn milis, 's gu'n saoilte gu robh e 'na phrionnsa séimh siothchail, gun rùn dioghaltais air bith a dheanamh air Anam-an-duine air son nan lochdan a rinn iad air, ach a mhain a' dùrachdainn leas agus buannachd a' bhaile agus a' luchd-àiteachaidh. Uime sin air dha gairm a thoirt do muinntir a' bhaile éisdeachd ris, labhair e mar a leanas:—

"O! a rùin mo chridhe, a bhaile urramaich Anam-an-duine, cia ionadh òidhche a chaithris mi, agus cia ionadh ceum annranach a rinn mi, a dh'fheuch' am faodainn math a dheanamh dhuit. (1 Pead. v. 8. Taisb. xii. 10.) Gu ma fada uamsa bhi 'g iarraidh, cogadh a dheanamh ribh; ma bheir sibh sibh féin thairis gu toileach agus gu siothchail dhomhsa. Tha fios agaibh gu'm bu leam-sa sibh o shean, (Mat. iv. 8.) Cuimhnichibh, mar an ceudna,

---

1 Briathran air an cleachdadadh 'na aghaidh le creideamh.

am feadh a bha mise 'nam uachdaran oirbh, agus a bha sibhse 'nur 'n iochdaranaibh agam-sa, nach robh ni a dh'easbhuidh oirbh de uile thaitneasaibh na talmhuinn, a b'urrainn mise, bhur tighearn agus 'ur prionnsa fhaotainn duibh, no b'urrainn mi dhealbh gu toilinntinn a thoirt dhuibh.<sup>1</sup> Thugaibh fainear, cha robh riamh cho liutha uair dhògh-ruinneach, dhorch, thrioblaideach, agus chràiteach agaibh, am feadh a bha sibh agam-sa, 'sa bh' agaibh o rinn sibh ar-amach 'nam aghaidh, ni mo bhitheas sìth gu bràth tuille agaibh, gus am bì sibh féin agus mise air aon sgeul mar a bha sinn roimhe. Biodh iompaidh air a cur oirbh ma ta, gu gabhail riumsa rithist, agus bheir mi dhuibh bhur seanna chòraichean, air an deanamh farsainn le pailteas de shochairean, air chor 's gu'm bi comas agus saors' agaibh, gach ni a tha taitneach a ghabhail, a chumail, agus a mhealtainn. Ni mò bhitheas a bheag de na mi-mhodhalachdaibh sin, leis an do chuir sibh tàmaitlorm, air an cur an ìre dhuibh leamsa am feadh a bhios grian is gealach ann. Ni mò ni aon sam bith de mo chàirdibh<sup>2</sup> gràdhach, a ta 'n tràthsa le eagal romhaibhse, 'nan luidhe am falach an garaidhibh, an tùill, agus an uaimhibh, ann 'an Anam-anduine, dochair oirbh ni's mò; seadh, bithidh iad dhùibh 'nan seirbhisich, agus bheir iad dhùibh d'am maoin, agus de ciod air bith a thig gu'n làimh.<sup>3</sup> Cha ruig mise leas tuilleadh a' ràdh, is aithne dhuibh féin iad, agus bha sibh air uairibh gle thoilinntinneach 'nan cuideachd; c'uime ma ta a bhiodh sinn a mach air a' chéile? Ath-nuaidhaich-eamaid ar seann eòlas agus ar càirdeas a rithist.<sup>4</sup>

"Tha'n spéis a ta agam dhuibh, 'g am chur thuige gu bhi labhairt cho saor ribh, mar a ta mar an

<sup>1</sup> Léubhaidh Satan na h-uile pònca gu tuaitheal.—<sup>2</sup> Peacaidhean.

<sup>3</sup> Toilinntinn a pheacaidh.—<sup>4</sup> Cha'n ath-nuadhaich, cha'n athnuadhaich fo phéin dàmnadh siorruidh.

ceudna eud mo chridhe air son mo chàirdean a ta maille ribh ; uime sin, na cuiribh mise gu tuille dragha no sibh féin gu tuille eagail ; oir bithidh sibh agam aon chuid le sìth no le cogadh. Na bithibh dha bhur deanamh féin suas le neart agus spionadh 'ur ceannardan, no 'smuaineachadh gu'n tig ar 'n Emanuel a dh'aithghearr gu'r cuideachadh, oir cha dean e stà' dhùibh.

" Tha mise air tighinn 'nur n-aghaidh le feachd chàlma ghàisgeil, agus uile àrd phrionnsachan an t-sluic air an ceann. A bhàrr air sin, tha mo cheannardan ni's luaithe na iolairean, ni's tréise na leòghainn, agus ni's ciocraiche air son creiche na madraigheallaidh an anmoiche. Ciod e h-Og o Bhasan? Ciod e Goliath o Ghat? agus ciod e ceud eile de'n leithidibh sin, ann an coimeas ris an fhear a's lugha de mo cheannardaibh-sa? Cionnas mata bhios dùil aig Anam-an-duine ri dol ás o mo làimh agus o m'fheachd ?"

Air do Dhiabolus crìoch a chur mar so air a chàinnt mhiodalach, bhrosgalach, chealgach, agus bhréugach ri Anam-an-duine, fhreagair Morair-a'-bhaile e mar a leanas :

" O Dhiaboluis, a' Phrionns' an dòrchadais, agus ùghdair gach uile chéilg, fhuair sinn deuchainn gu leòir de do mhiodal-sa, agus dh'fheuch sinn tuille 'sa chòir de'n chupan sgriosail sin cheana. Na'n eisdeadh sinn riuts' a rithist, agus mar sin àithn ar Saddai mòr a bhriseadh, gu dàimh a dheanamh riutsa, nach cuireadh ar Prionnsa cùl ruinn, agus nach tilgeadh e air falbh sinn gu bràth, agus air dhuinn a bhi air ar tilgeadh air falbh leis-san, an urrainn an t-àit' a dh'ullaich e air do shon-sa bhi 'na ionad fois air ar son-ne? Os bàrr, O thus' a ta falamh de gach uile fhìrinn, is fearr leinn bàsachadh le do làimh na aontachadh ri do chéilg mhiodalach, bhreugach."<sup>1</sup>

<sup>1</sup> Bheir féin-shiosrachadh air a' chreideach an-t-olc a th'ann a

'Nuair a chunnaic an t-an-tighearna nach deanta bheag de bhi seanachas ri Morair-a'-bhaile, las a dhian-chorraich, agus chuir e riomhe gu'n tugadh e ionnsaidh a rithist air baile Anam-an-duine le feachd de Luchd-teagaimh.

An sin ghàirm e air a' dhrumair, agus am feadh a bha e a' bualadh a dhruma, bha Anam-an-duine air chrith; an sin tharruinn e dlù le 'fheachd, agus chuir e a chuid daoine an òrdugh catha mar so. Shuidhich e an Ceannard An-iochd agus an Ceannard Pìan fa chomhair Geat'-a-mhothachaidh, agus dh'òrduich e dhoibh suidhe sios an sin air son a chath. Dh'òrduich e mar an ceudna, nam biodh feum air, gun tigeadh an Ceannard An-fhois g'an cuideachadh. Chuir e an Ceannard Pronnusg agus an Ceannard Uaigh aig Geata-na-sròine, agus dh'iarr e orra deagh aire 'ghabhail de'n taobh sin de bhaile Anam-an-duine. Ach shuidhich e am fear gruamach sin, an Ceannard Eu-dochas, aig Geata-na-sula, mar an ceudna chuir e suas a' bhratach eagalach an sin.

A nise bha 'n Ceannard Do-shàsaichte gu aire ghabhail de charbadan 'Dhiaboluis, agus dh'òrduicheadh dha mar an ceudna cùram a' ghabhail de na muinntir agus de na nithe sin a bhiodh aig àm sam bith air an toirt mar chobhartaich o'n àmhaid.

A nise bha Geat'-a'-bheoil aig luchd-àiteachaidh Anam-an-duine mar dhorus gu brùchdabh a mach air an àmhaid, uime sin rinn iad làidir e, oir is ann leis-san agus troimhe-san a chuir muinntir a' bhaile an achanaichean a dh'ionnsaidh Emanueil am Prionnsa; is ann o mhullach a gheata sin cuid-eachd a bha na ceannardan a' tilgeadh le'n cròinn-thabhaill air na nàimhdibh, agus rinn iad mòran dochainn air armait an ain-tighearna; uime sin, dh'iarr Diabolus nam biodh e so-dheante, Geat'-a'-bheoil a dhùnad le salachar.<sup>1</sup>

---

bhi 'g eisdeachd ri buairidhibh agus miodal Shàtain a thuigsinn. Bha e na bhréugaire o thus. Peacadh, 'se crioch nan nithe so, am bàs.

1 Feuchaidh Sàtan ri bacadh a chur air ûrnaigh.

A nise mar a bha Diabolus gu dìchiollach ag ullachadh air an taobh a mach gu ionnsáidh a thoirt air Anam-an-duine, bha na ceannardan agus na sàighdearan a cheart cho dian ag ullachadh 'san taobh a stigh de'n bhaile. Thog iad an aird an cròinn-thabhaill, chuir iad suas am brataichean, shéirm iad an tràmpaidean, agus shuidhich siad iad féin 'san òrdugh bu shàbhailt a mheasadh do dh'-Anam-an-duine, agus bu mhò dheant' a dhochann air an ànmhaid, agus thug iad àithne d'an saighdeiribh a bhi deas air son a chath' aig fuaim na tràmpaide. Ghabh Morair-na-toile mar dhreuchd a bhi faire an aghaidh nan ceannairceach a bha 'san taobh a stigh, agus na thàradh e dheanamh chum an glacadh, no an tachdadh 'nan tùill agus 'nan uamhaibh ann am ballachaibh baile Anam-an-duine. Agus a dh'innseadh na firinn, riamh o chaidh a smachdachadh air son a chionta nochd e uiread a threidhireas agus a threubhantas ri aon air bith anns a' bhaile, oir ghlac e aon d'am b'ainm Sùgach, agus a bhrathair Meadhrach, dithis mhac a sheirbhisich, Sùgradh-gun-lochd (oir ged do chaidh an t-athair a chuir an làimh, bha na mic fathast a gabhail còmhnaidh ann an tigh a Mhorair), tha mi 'g ràdh ghlac e iad, agus le 'làimh féin spàrr e iad ris a' chrann cheusaidh. Agus b'e so an t-aobhar air son an do chroch e iad, an deigh do'n athair a bhi air a chur fo chùram Dhìlis, fear-gleidhidh a' phriosain, thoisich a mhic r' an cleasaibh, agus bha iad 'gan giùlan féin ann an dòigh mi-chiatach a thaobh nigheanan am maighstir, ni a thainig gu 'chlusaibh. **A** nis' air do'n Mhorair a bhi neo-thoileach duine sam bith a chuir gu bàs gun seall-tainn roimhe, cha d' rinn e gréim orra gu h-obann, ach chuir e luchd-rànnsachaidh mach a dh'fhaicinn an e 'n fhirinn a bh'ann, gu'n robh iad ciontach; cha b'fhada gus an d'fhuair e fios, oir rug a dhithis sheirbhiseach, d'am b'ainm Sgrùd-gu-ghrùnnnd agus

Na-ceil-a-bheag, orra cuideachd ann an dòigh mhimhodhail thairis a's thairis, agus dh'innis iad sin d'am maighistear. Uime sin an uair a fhuair Morair-na-toile làn dhearbhachd gu'n robh a' chùis fior, thug e an da Ifrinneach òg so, (oir b' Ifrinneach an athair a thaobh gin) gu Geata-na-sùla, far an do thog e croich anabarrach àrd, calg-dhireach fa chomhair Dhiaboluis agus 'fheachd, agus an sin chroch e an dà shlaoightear òg, ann an dùbhlann do'n Cheannard Eu-dòchas, agus do bhratach egalach an ain-tighearna.<sup>1</sup>

A nise chuir an gniomh Criodail so, a rinn an gaisgeach treun Morair-na-toile, mòr athadh air a' Cheannard Eu-dòchas, dhì-misnich e feachd Dhiaboluis, chuir e geilt air na h-Ifrinnich ann an Anam-an-duine, agus chuir e neart agus misneach anns na Ceannardaibh a bhuineadh do'n Phrionns' Emanuel ;<sup>2</sup> oir leis a' gniomh so a rinn am Morair, thuig iadsan a bha mach, gu'n robh Anam-an-duine a' cur roimhe cogadh, agus nach deanadh na h-Ifrinnich 's an taobh a stigh de'n bhaile na nithe ris an robh sùil aig Diabolus. Agus cha b'e so an t-aon dearbhadh a thug an laoch, Morair-na-toile, air a threidhireas do'n bhaile, agus air a dhìlseachd d'a Phrionnsa, mar a chithear an deigh so.

A nis' an uair a thuig clànn Shàinnt a bha chòmhnaidh maille ri Fear-na-h-inntinn, (oir dh'fhàg Sànnnt clànn maille ri Fear-na-h-inntinn, 'nuair a chuireadh esan mar an ceudna am priòsan, agus b'iad an ainmean, Gramaich agus Gionaich ; bha iad so aige ri nighinn dhiolain do dh'Fhearna-h-inntinn, té d'am b'ainm Gramaich-ri-olc) ; tha mi 'g ràdh, 'nuair a thuig a chlànn-san cia mar a chàirich Morair-na-toile iadsan a bha fuireach

<sup>1</sup> Caiseamachd do luchd-aidmheil òga, agus mar an ceudna do sheann luchd-aidmheil. Ge b'e ni a tha tighinn dlù air neo-ghloine no sànn feumaidh e bhi air a spionadh as an anam, mu'n urrainn e sith a bhi aige.

<sup>2</sup> Tha claoiadh peacaidh na chomharradh air dochas de bheatha.

maille ris, dh'fheuch iad ri tarsainn às, air eagal gu'n tachradh a leithid cheudna dhoibh féin: ach air do Fhear-na-h-inntinn fios fhaighinn air a so rug e orra agus chuir e ann an geimhlibh iad 'na thigh gu madainn, agus air dha a chuimhneachadh gu'n robh lagh Anam-an-duine 'g òrduchadh na huile Ifrinneach a chur gu bàs, agus gun teagamh gu'm b'ann diù sin iadsan, gu h-àraig a thaobh an athar, agus tha cuid ag radh a thaobh am màthar mar an ceudna, ghabh e iad agus chuir e glasan-làmh orra, agus thug e iad chum an dearbh àit' anns an do chroch Morair-na-toile clann an fhir da'n goirte Sùgradh-gun-lochd, agus chroch e an sin iad.

Ghabh muinntir a' bhaile mar an ceudna mòran misnich as a' ghniomh so a rinn Fear-na-h-inntinn, agus chaith iad chum an dùlain gu tuilleadh de na h-Ifrinnich so a bha 'cur dragh air Anam-an-duine a ghlacadh; ach aig an àm sin stìog a' chuid eile agus laidh iad cho falaichte, 's gu'n robh e do-dheant' an cur an làimh; mar sin rinn iad faire dhùrachdach 'nan aghaidh.<sup>1</sup>

Mar a dh'innis mi roimhe, ghabh Diabolus agus 'fheachd cuid do sgàth agus do gheilt ann a bhi faicinn ciod a rinn Morair-na-toile, 'nuair a chroch e an dìthis Ifrinneach òg ud; ach ghrad thionndaidh a dhi-misnich gu dian chorraich agus caothaich, an aghaidh Anam-an-duine, agus rùnaich e cath a chur ris. Mar an ceudna, bha earbsa agus dòchas muinntir a' bhaile, agus nan ceannardan air am meudachadh, air dhoibh a bhi creidsinn gur iadsan a choisneadh an latha mu dheireadh, is ann bu lugha a bha dh'eagal orra às. Rinn am Fo-Shearmonaiche mar an ceudna, searmoin mu thimchioll, agus ghabh e mar cheann-teagaisg, "Gad, bheir

---

<sup>1</sup> Tha 'n còmhrag eadar creideamh agus as-creideamh da rìreadh dian agus goirt. Feumar cur ás dò chaoin shuarachas mu dhiadh-achd agus neo-chùram mu ghiùlan neach.

buidheann buaidh air; ach bheir esan buaidh mu dheireadh." Uaithe, sin nochd e ged bhiodh Anam-an-duine air a shàrachadh gu mòr air tùs, gidheadh gu'm faigeadh e gu cinnteach a' bhuaidh mu dheireadh. Gen. xlix. 19.<sup>2</sup>

An sin dh'òrduich Diabolus d'a dhrumair cais-meachd-chatha a bhualadh an aghaidh a' bhaile, agus shéirm na ceannardan a bha 'sa bhaile mar an ceudna caismeachd chatha 'nan aghaidh-san, ach cha robh druma aca, b'ann le trompaid airgeid a shéirm iad. An sin thàinig Diabolus agus a dhaoine dh'ionnsaidh a' bhaile gu ghlacadh, agus bhuail na ceannardan as a' chaisteil mайл ri luchd-nan-crainn-thabhaill aig Geat'-a'-bheoil, orra le'n uile neart. A nise cha robh dad r'a chluinntinn ann an càmpa Dhiaboluis ach caothach agus toibheum sgreataiddh; ach anns a' bhaile deagh bhriathran, ùrnaigh, agus seinn shàlm: fhreagair an nàmhaid le cuinnealaibh òillteil, agus le uabhas an druma; ach shéirm am baile le bualadh an croinn-thabhaill, agus le fuaim bìnn an tràmpaidean. Mar so mhair an cath ré mòran laithean an deigh a chéile, ach a mhàin gu'n robh beagan fosaidh aca an tràths' agus a rithist; agus ghabh muinntir a' bhaile an ùine sin g'an ùrachadh féin, agus na ceannardan g'an deasachadh féin air son an ath dheabhaidh.

Bha ceannardan Emanueil air an éidheadh le àrmachd airgeid, agus na saighdearan le àrmachd dhearbhta; bha sàighdearan Dhiaboluis air an éideadh le iarunn, gidheadh cha do chum e a mach na peilearan a thàinig o chròinn-tabhaill Emanueil. Bha cuid anns a' bhaile air an ciùrradh, agus cuid eil air an leòn gu goirt.

A nise b'e chùis bu mhiosa, gu'n robh lighichean gànn ann an Anam-an-duine, oir cha robh Emanuel a' fantuinn ann aig an àm. (Tais. xxii. 2. Sailm

<sup>1</sup> Fior bhunait dòchais.

xxxviii. 5.) Gidheadh le duileagaibh craobh e chumadh beò a' mhuinnitir leointe ; gidheadh lobh an lotan, agus bha cuid diù anabarrach deisinn-each. Chaidh iad so a leanas a leòn de mhuinnitir a' bhaile ; fhuair Morair-Réuson leòn anns a' cheann. Chaidh an gaisgeach Morair-a'-bhaile a leòn 'san t-sùil. Chaidh Fear-na-h-inntinn a leòn sa ghoile. Fhuair an duine còir am Fo-shearmon-aiche urchair dlù d'a chridhe, ach cha robh a h-aon diu so marbhtach. Mar an ceudna chaidh mòran de'n dream bu neo-inbhich<sup>1</sup> na iad so, cha'n e mhàin a leòn, ach a mhàrbhadh.

A nise chaidh aireamh mhòr a leòn agus a mhàrbhadh ann an càmpa Dhiaboluis.

Chaidh an Ceannard Dian-chorraich a leòn, agus mar an ceudna an Ceannard An-iochd. Thugadh air a Cheannard Dàmnadh an ruaig a ghabhail, agus dol da dhion féin ann an clais-bhlàir ni b'fhaide ás o Anam-an-duine ; chaidh mar an ceudna bratach Dhiaboluis a smàladh ris an lèr, agus chuireadh an eanchainn áfhear-brataich an Ceannard Mòr-chron, le peileir cloiche, ni a bha gu mòr dhoilghios agus näire d'a Phrionnsa Diabolus.

Chaidh mar an ceudna mòran de'n Luchd-teagaimh a mhàrbhadh gu buileach, ged chaidh gu leòir fhàgail beò dhiù gu thoirt air Anam-an-duine a bhi air chrith 's air thuraman. A nise rinn a' bhuaidh a bhi air taobh Anam-an-duine air an latha sin, misneach mhòr a thoirt do mhuinnitir a' bhaile agus do na ceannardaibh, agus chòmhdaich e càmpa Dhiabolus le neul, ach rinn so a luchd-cogaidh ni bu ro ghàirge. An sin ghabh Anam-an-duine clos air an ath latha, agus dh'òrduich iad na cluig a bhualadh, agus shéirmeadh na tròmp-aidean gu h-aoibhinn, agus rinn na Ceannardan iolach ghàirdeachais timchioll a' bhaile.

Mar an ceudna cha robh Morair-na-toile 'na

<sup>1</sup> Smuaintean ciatach.

thàmh, ach fhuaradh gu comharraichte treubhach e an aghaidh nan Ifrinneach anns a' bhaile, cha'n e mhàin gu'n robh e 'gan cumail fo gheilt, ach ghlac e mu dheireadh aon d'am b'àinnm Fear-leam-leat, slaoightear air an d'rinneadh iomradh roimhe; oir b'esan, ma tha cuimhne agad, a thug an triùir fhear gu Diabolus, a thug na h-Ifrinnich á cuid-eachd a' Cheannaird Bhoanergeis, agus a chòmh-airlich dhoibh gabhail aig an an-tighearna, gu cathachadh an aghaidh àrmait Shaddai. Ghlac Morair-na-toile mar an ceudna Ifrinneach comharaichte, d'am b'ainm Siùbhlach; bha an Siùbhlach so 'na theachdair' aig na slaoightearan ann an Anam-an-duine, agus b'abhaist dha bhi giùlan naigheachdan air ais agus air adhart eadar Anam-an-duine agus an càmpa; chuir am Morair air falbh an dithis so araon a dh'ionnsaigh Dhilis, maor a' phrìosain, le òrdugh an cumail ann an iarunn-aibh; oir bha rùn air an toirt a mach gu'n céusadh, an nuair bu mhò a dheanadh e dh'fheum do'n bhaile, agus is mò a bhiodh e chum mi mhisнич do chàmp an ànmhaid.

Mar an ceudna, ged nach b'urrainn Morair-a-bhaile dol mu'n cuairt mar bu ghnà leis, gidheadh thug e òrdugh o àm gu àm do mhuinntir a' bhaile, iad faire dheanamh, agus a bhi air am freiceadan, agus mar bhiodh aobhar air a shon, iad a bhi fearail tapaidh.

Mar an ceudna rinn Fear-na-cogais, an searmonaiche na bha 'na chomas gu a dheagh theag-asgan a chumail beò ann an cridheachaibh sluagh Anam-an-duine.

An ceann ùine ghoirid, cho-aontaich ceannardan agus càraidhean Anam-an-duine brùchdadhbh a mach air càmpa Dhiaboluis 'san òidhche, agus b'e sin amaideas a' bhaile (oir se'n òidhche do ghnà is fearr air son an ànmhaid gu cogadh, ach 'si is miosa air son Anam-an-duine) ach air adhart bhiodh iad,

bha'm misneach cho mòr, agus bha iad a' saoilsinn uiread de'n bhuaidh-làraich mu dheireadh a fhuair iad.

Mar sin 'nuair thàinig an òidhche a shònraich-eadh, thilg ceannardan treun a' Phrionnsa crann-chur co rachadh air thoiseach 'san ionnsaidh nuaidh agus chunnartaich so, an aghaidh Dhiaboluis, agus thuit an crannchur air a' Cheannard Creideamh, air a' Cheannard Féin-fhiosrachadh, agus air a' Cheannard Deagh-dhòchas, dol air thoiseach an àirm. ('S ann an uair a bha am Prionns' a' chomhnaidh 'sa bhaile a rinn e Féin-fhiosrachadh so 'na Cheannard.) An sin chaidh iad a mach gu misneachail agus chòmhlaich iad ri tròmalach feachd an nàimhdean. A nis' air do Dhiabolus agus d'a dhaoine a bhi fior-chleachdte ri obair 'san òidhche, air ball ghabh iad a' chaismeachd, agus bha iad cho ullamh gu cath a chur riu, a's ged bhiodh iad air fios a' chur rompa gu'n robh iad a' tighinn. Uime sin bhuailean air le'n uile neart, agus bha tròm-bluilean air gach taobh, rinn mar an ceudna druma-ifrinn tòirm òillteil, aig an àm cheudna shéirm tràmpaidean a' Phrionnsa gu ceòlmhor binn. Mar so thòisich an cath, agus bha 'n ceannard Do-shàsaichte a' gabhail càram de chàrbadaibh an nàmhaid, agus a' feitheamh gus am faigheadh e creach eigin.

Chog ceannardan a' Phrionnsa gu gaisgeil foghainteach, os ceann na dh'fhaodt' earbsa; leòn iad mòran, agus chuir iad an teicheadh air an iomlan de fheachd Dhiaboluis. Ach mar a bha na gaisgich churanta, an Ceannard Creideamh, an Ceannard Deagh-dhòchas, agus an Ceannard Féin-fhiosrachadh air an tòir, a' gearradh sios, agus a' dianleantainn an deigh an nàmhaid thuislich an Ceannard Creideamh agus thuit e, agus chaidh a chiurradh cho mòr a's nach b'urrainn e éiridh gus an d'rinn an Ceannard Féin-fhiosrachadh còmhnhadh

leis, agus chur so an daoine á òrdugh; bha an Ceannard mar an ceudna air a dhochann cho cràiteach a's nach b'urrainn e gun bhi 'g éigheach gu h-àrd; thug so air an dithis cheannardan eile dol nan neul, a' smuaineachadh gu'n robh an Ceannard Creideamh air a leòn gu bàs; chuireadh an daoine-san mar an ceudna troi chéile, agus cha robh toil aca cogadh a dheanamh.

A nis' air do Dhiabolus a bhi ro fhaicilleach, ged is ann air a chaidh aig an àm gus a so, air dha toirt fainear gu'n do stad an luchd-tòrachd, a' saoilsinn gu'n deach na ceannardan an dara cuid a leòn no mhàrbhadh, rinn e stad air tùs, an sin thionndaidh e mu'n cuairt, agus thàinig e air àrm a' Phrionnsa le dian-chorraich ifrinneach, agus air tachairt dha tighinn dìreach a measg an triùir Cheannardan, an Ceannard Creideamh, an Ceannard Deagh-dhòchas, agus an Ceannard Féin-fhiosrachadh, ghearr a's lot, agus bheubanaich e iad cho uabhasach, air chòr a's eadar mi-mhisneach agus as-òrdugh, agus na creuchdan a fhuair iad, agus mar an ceudna call mòran fala, gur gànn a bha iad comasach dol a dh'ionnsaigh a' bhaile rithist, ged bha na tri buidhnean a b'fhearr an Anam-an-duine maille riù.<sup>1</sup>

'Nuair a chunnaic tromalach arm a' Phrionnsa cionnas a bhudadhaicheadh an aghaidh an triùir cheannardan so, mheas iad gu'm b'e 'n gliocas an teicheadh a ghabhail anns an dòigh a b'fhearr agus bu tearuinte a b'urrainn iad, agus phill iad air an ais slighe Geat'-a-bheòil<sup>2</sup> agus mar sin chrìochnaich-eadh an iorghiull so. Thug obair na h-òidhche so

<sup>1</sup> Tha'n òidhche a' ciallachadh àm tréigsinn. 'Nuair a bhios sinn air ar cuartachadh le teagamhaibh agus le eagalaibh, bitheamaid air ar faicill roi fhéin-mhuinghinn, ach seitheamaid ri àm an Tigh-earn' air son fuasglaidh. 'Nuair a bheir sinn ionnsaigh air nàmhaid ar n-anman ann ar neart féin, seumaidh sinn earbsa gu'n téid creideamh, dòchas, agus féin-fhiosrachadh a leòn agus a lagachadh.

<sup>2</sup> Air uairibh bheir Sàtan air naomh a bhriathra féin àicheadh.

uiread a mhisneach do Dhiabolus, 's gu'n robh dùil aig' an ceann beagan laithean buaidh fhurasd agus iomlan fhaotainn os ceann Anam-an-duine; uime sin, thàinig e air an ath latha le mòr dhàandas a dh'ionnsaidh a' bhaile, agus dh'iarr e fosgladh, agus iad-féin a thoirt thairis gun dàil d'a riaghladh-san. Thòisich mar an ceudna na h-Ifrinnich a bha 'n taobh a stigh ri gluasad a rithist.

Ach fhreagair an gaisgeach Morair-a'-bhaile, agus thuirt e, a mheud 'sa gheibheadh e gur ann leis an làimh làidir a dh'fheumadh e fhaotainn, oir fhad 's bu bheò Emanuel am Prionnsa-san (ged nach robh e aig an àm maille riu mar bu mhiann leo) nach tigeadh an latha a dh'aontaicheadh iadsan ri Anam-an-duine a thoirt-suas do neach eile.

Agus air cluinntinn sin do Mhorair-na-toile, thuirt e, "A nàmhaid gach uile mhath, tha sinne luchd-àiteachaidh bochd bàile Anam-an-duine, sàr eòlach air do riaghladh agus t'uachdarachd-sa, agus air an truaighe sin a thig gu cinnteach an lorg ar striochadh dhutsa. Uime sin ged dh'fhuilic sinn dhutsa am feadh a bha sinn aineolach ar glacadh, (mar thuit an t-eun nach faca 'n riob' an làimh an eunadair), gidheadh o chaidh ar tionndadh o dhòrchadas gu solus, thionndadh sinn mar an ceudna o chumhachd Shàtain gu Dia. Agus ged dh'fhuilic sinn mòran calla le do chuilbheartaibh-sa, agus le seòltachd nan Ifrinneach a tha 'san taobh a stigh, agus ged thug sinne sinn féin mar an ceudna gu bhi ann an imcheist mhòir, gidheadh cha toir sinn sinn féin thairis dhutsa, cha leig sinn sios ar n-àrmachd, agus cha ghéill sinn do dh'an-tighearna òillteil mar thusa; cha ghéill; is fearr leinn bàsachadh ás an t-seasamh. Os barr, tha dòchas againn gu'n tig ri ùine furtachd o'n chòirt, agus uime sin cumaidh sinn suas an cath fathast a' t' aghaidh-sa."<sup>1</sup>

1 Is còir suil a bhi ri eobhar o'n Tighearna.

Rinn a chàinnt mhisneachail so a labhair an dithis mhorairean dànadas Dhiaboluis a mhaolachadh ann an tomhas, ged a las i fraoch a chorruich. Rinn i mar an ceudna muinntir a' bhaile agus na ceannardan a mhisneachadh; seadh, bha i 'na leigheas do chréuchd a Cheannaird Creidimh: oir tha fios agad, gu'm b'iomchuidh agus gu'm b'fheumail cainnt għramail mhisneachail a labhairt aig an àm-so, an uair a bha ceannardan a' bhaile, agus an luchd-cogaidh an deigh tighinn dachaidh air an ruaig, agus 'nuair a bha'n namhaid cho misneachail dàna leis a' bhuaidh a dh'eirich leo, a's gu'n tainig iad a dh'ionnsaidh a' bhalla, a dh'iarraidh fosglaidh.

Fhuaradh Morair-na-toile mar an ceudna gu treubhach, oir am feadh a bha na Ceannardan agus na saighdearan anns a' mhachair, bha esan fo àrmachd anns a' bhaile, agus cia b'e àite an d'fhuaire Ifrinnich, mhothaich iad cudthrom a làimhe thoirteil, agus faobhar a chlaidheimh ghéir sgaitich; leòn e mòran de na h-Ifrinnich, mar tha Connspaid, Cridheal, Beadaidh, agus Monmhorr; mar an ceudna rinn e bacach iomadh fear dhiusan bu neo-inbhiche, ged nach urrainnear an tràth-sa cunntas a thoirt mu neach sam bith a mhàrbh e às. B'e an t-aobhar gu'n d'fhuaire Morair-na-toile cothrom air so a dheanamh aig an àm-sa, gu'n robh na ceannardan eile 'san àraich a' cogadh ris an nàmhaid. Oir a nise, smuaintich na h-Ifrinnich a bha stigh, is e so an t-àm dhuinne gluasad agus buaireas a dheanamh anns a' bhaile; uime sin għrad thionail iad 'nan aon bhuidheann, agus thoisich iad ri ùspaird mar gu'm bu chuairt-ghaorth agus doinionn a bhiodh 'sa bhaile: uime sin, għabb esan an cothrom so gu bualadh orra le 'dhaoine 'gan gearradh agus 'gan sgathadh sios le misnich neo-sgħathach; ni a thug air na h-Ifrinnich grād sgapadh agus an daingnichean a thoirt orra.

Rinn an ghniomh treubhach so, a shoirbhich leis

a' Mhorair, dioladh ann an tomhas air son an eucoir a rinneadh le Diabolus air na ceannardaibh, agus leig e fhaicinn dhoibh mar an ceudna, nach robh Anam-an-duine gu bhi air thoirt thairis, air son cath no dha a chàll;<sup>1</sup> uime sin chaith aobhar uaill an aintighearn a lùghdachadh a rithist, tha mi ciallachadh, ann an coimeas ris na dheanadh e nan d'fhuair na h-Ifriannich uiread do bhuaidh air a' bhaile 'sa fhuair esan air na ceannardaibh.

Chuir Diabolus roimhe deuchainn eile a thoirt do dh'Anam-an-duine; oir smuainich e, bho'n bhuaidhich e orra aon uair gu'n rachadh aig air a rithist; uime sin dh'òrduich e d'a chuid daoine bhi deas air a leithid so a dh'uair de'n oidhche gu ionnsaidh as ùr a thoirt air a' bhaile, agus thug e teann-òrdugh, gu'n cleachdadadh iad an uile neart an aghaidh Geat'-a'-mhothachaidh, agus gu'm feuchadh iad ri briseadh a stigh do'n bhaile troimh-san; agus b'e 'm facal a thug e d'a chearnardaibh agus d'a shaigh-deiribh, '*Teine-ifrinn*.' "Agus," ars' esan, "ma bhriseas sinn a stigh mar tha mise a' miannachadh, aon chuid le roinn, no leis an iomlan d'ar feachd, na dì-chuimhniceadh iadsan a théid a stigh am facal. Agus na biodh dad r'a chluinntinn ann am baile Anam-an-duine ach '*Teine-ifrinn*, *Teine-ifrinn*, *Teine-ifrinn*.'" Bha 'n drumair mar an ceudna gu bhi bualach gun lasachadh, agus luchd-ionchar nam bratach gus na brataichean a' sgaoileadh; bha na sàighdearan cuideachd gu bhi cho cruadalach 'sa b'urrainn iad, agus an aire thoirt gu'n cogadh iad gu fearail misneachail an aghaidh a' bhaile.

Mar sin, 'nuair a thàinig an oidhche, agus a rinn-eadh na h-uile nithe ullamh, thug e grad ionnsaidh air Geat'-a'-mhothachaidh, agus an deigh tacan do chruaidh-ghleachd, dh'fhosgail e na geatachan gu farsuinn réith. Oir a dh'innse na firinn, cha robh na geatachan sin ach lag, agus mar sin cha bu duil-

<sup>1</sup> Cha'n eil ni sam bith ionann ri creideamh gu Sàtan a bhruthadh.

ich a thoirt orra géilleadh. 'Nuair a shoirbhich le Diabolus an fhad so, shuidhich e'n Ceannard Pìan agus an Ceannard An-fhois an sin ; agus dh'fheuch e ri fòirneadh air adhart, ach thàinig ceannardan a Phrionns' a nuas agus thug iad air gu'n robh e ni bu deacaire dha dol a stigh na bu mhiànn leis. Agus a dh'innse na firinn, rinn iad gach strìgh a bha nan comas ; ach air do'n triùir a b'fhearr agus a b'fhoghaintiche de na ceannardaibh a bhi air an leòn, agus mar sin neo-chomasach an còmhnaidh bu mhath leo dheanamh, (agus air do'n chuid eile tuilleadh 'sa chòir a bhi aca ri dheanamh leis an Luchd-teagamh, agus leis na ceannardaibh a thàinig an cois Dhiaboluis) chaidh buadhachadh orra le ain-neart, agus cha robh iad comasach air an cumail a mach as a' bhaile. Uime sin, thog daoine a' Phrionns' agus an ceannardan orra chum a' chaisteil, oir b'e sin daingneach laidir a' bhaile : agus rinn iad so ann an cuid air son an tearuinteachd féin, ann an tomhas air son tearuinteachd a' bhaile, agus gu h-àraig chum còir-rioghail Anam-an-duine a ghleidheadh do dh'Emanuel, oir bha leithid sin a chòir aig air caisteal Anam-an-duine.<sup>1</sup>

1 Tha e air a cheadachadh do Shàtan air uairibh buadhachadh an aghaidh a' Chriosdaidh ré tamuill le trioblaidibh an leth a muigh agus le àmgharaibh cuirp, agus làmh-an-uachdar fhaotainn air 'inn-tinn agus air 'fhaireachdann, amhul ann an cor Job, agus naomh urramach eile. An siu tha an t-anam air a' lionadh le teagamhaibh agus le eagalaibh, agus tha e air a thoirt gu staid iosail agus fhann, ach tha creideamh fathast a' cumail seilbh air a' chridhe, agus ann an àm iomchuidh bithidh am priosanach air a shaoradh o làimh an 'nàmhaid.

## CAIBIDIL XI.



## AMHLAICEADH AN LUCHD-TEAGAIMH.

Sgaoil na h-Ifinnich air feadh a' bhaile agus rinn iad ole gun chuimse —Bha Diabolus an corraich air leth ri Morair-na-toile, ach theich esan do'n chaisteal—Rinneadh Eagal-Dé na shear-gleidhidh air geataibh a' chaisteil—Sgriobh an t-Ard-rùnair achanaich air son Anam-an-duine—Chuir an Ceannard Creideamh an làthair na cùrite i—Bha Diabolus air bhoile an aghaidh a Cheannaird—Phill esan o'n chùirt le fios-freagairt fhàbharach, maille ri litrichibh do Mhorair-a'-bhaile agus do dhream eile—Chuir Diabolus agus a Cheannardan an chomhairle ra chéile—Chur iad rompa falbh o'n bhaile, agus ionnsaidh a thoirt air Anam-an-duine a sgrios le fòill—Fhuair an Ceannard Creideamh litir o Emanuel, ag òrduchadh dha a chionneachadh 'sa mhachair—Bhuail na Ceannardan agus Diabolus air a' chéile—Thàinig Emanuel le feachd ùr—Chuireadh an ruaig air Diabolus, agus mhàrbhadh an t-iomlan de'n Luchd-teagaimh—Chaidh Emanuel a rithist a stigh do'n bhaile—Ghabh-adh ris le mòr ghàirdeachas—An dòigh ghràsmhor anns an do ghiùlan se e féin d'an taobb—Bha Anam-an-duine gu dichiollach a' cumail fodha nan Ifrinneach a dh'han 'san taobb a stigh de'n bhaile—Dh'adhlaiceadh an Luchd-teagamh, gus nach d'fhagadh iarmad diù.

Air do na ceannardaibh teicheadh do'n chaisteal, fhuair an nàmhac, gun mhòran strìghe, sealbh air a' chuid eile de'n bhaile, agus air dhoibh iad féin a sgaoileadh chum gach oisinn mar chaidh iad air an aghart, dh'éigh iad a mach mar bha iad a' triall,

a réir àithne an an-tighearna, “*Teine-ifrinn, teine-ifrinn;*” air chor ás nach cluinnte dad ré seal ach gaoir òillteil “*Teine-ifrinn,*” maille ri tòirm eagalach druma Dhiaboluis.<sup>1</sup> A nise sheall na neòil dòrch os ceann Anam-an-duine, agus a thaobh coltais bha sgrios a' feitheamh air.<sup>2</sup> Chuir Diabolus mar an ceudna a shaighdearan air chairtealaibh ann an tighibh luchd-àiteachaidh a' bhaile. Bha tigh an Fho'shearmon-aiche, tigh Mhorair-a'-bhàile, agus tigh Mhorair-na-toile lòm-làn de'n Luchd-teagamh choigreach so.

Seadh, c'àite an robh cùil, bothan, sabhal, no fàil mhuc nach robh a nise làn de'n ghràisg so? Chuir iad muinntir a' bhaile mach ás an tighibh, agus laidh iad 'nan leapaichibh, agus shuidh iad aig am bùird. Mo thruaighe Anam-an-duine! Tha mothachadh agad a nis' air toradh a' pheacaidh, agus ciod an nimh a bh'ann am briathraibh miodalach Mhi-chùram-feòlmhor. Rinn iad mòr dholaidh air gach ni air an d'ràinig an làmhan; chuir iad am baile ri theine ann an iomadh àite,<sup>3</sup> agus mhìnnpronnt iad mòran naoidheanan;<sup>4</sup> seadh chuir iad ás do'n chlainn nach d'rugadh air siubhal am màth-raichean:<sup>5</sup> oir feumaidh tu thuigsinn nach b'urrainn a' chùis a bhi air atharrachadh dòigh a nise; oir ciod a choguis, na'n truas, na bhàgh, 'nan t-iochd a dh'fhaodhta earbsa bho luchd-teagamh choimheach?<sup>6</sup> Agus bhuin iad gu ro bhrùideil ri mòran de bhoirionnaich Anam-an-duine, eadar òg agus shean, air chòr 's gu'n d'eug iomadh diù, agus bha iad ri 'm faicinn 'nan laidh aig ceann gach sràide, agus anns gach àite leith-oireach de'n bhaile.

1 'Nuair a tha'n Criosdaidh air a thoirt ional le péin agus àmh-ghar, agus 'anam air a lionadh le teagamh agus eagal, an sin bith-idh *teine-ifrinn* 'na shuaim uabhasach dha.

2 Toradh eagalach a chùl-shleamhnachaidh.

3 Cionta. 4 Deagh smuaintean annmuinn.

5 Breithneachadh naomh mu mhath.

6 Is aonaranach da rìreadh cor an anam 'nuair a thae air a thoirt thairis na chreach do theagamhaibh spioradail.

'S ann a bha Anam-an-duine a nis', a réir coltais, 'na ionad còmhnuidh dhragoin, 'na shàmhla do dh'ifrinn, agus na dhubh-dhòrchadas. Bha e gu inbhe bhig mar an fhàsach neo-thorach ; cha robh dad a réir coltais ach eantagach, dris a's droighionn, agus luibhean fiadhaich a' còmhda-chadh aghaidh Anam-an-duine a nise. Dh'innis mi roimhe dhuit, gu'n d'fhuadaich an Luchd-teagamh Ifrinneach so daoine Anam-an-duine ás an leapaichibh ; agus a nis' innsidh mi dhuit, gu'n do lot siad iad, seadh, is beag nach do chuir iad na h-eanchainean ás a mhòr chuid diù, mar do chuir as an iomlan. Lot iad Fear-na-coguis gu goirt, agus dh'eargnaich a lotan air a leithid a dhòigh is nach robh fois aige a latha na dh'òidhche, ach bha e mar gu'm bitheadh e air bhioraibh, agus mar bhith gu'n do riaghail Saddai an t-iomlan, cha'n eil teagamh nach do thûr mhàrbh iad e. Bhuin iad ri Morair-a'-bhaile cho olc, a's nach mòr nach do dhàll iad e ; agus mur bith gu'n tug Morair-na-toile an caisteal air, bha a rùn orra ghearradh na bhloighdibh, oir bha iad 'ga mheas (a réir na beachd a bh'aige a nise) mar an t-aon duine bu mhiosa ann an Anam-an-duine an aghaidh Dhiaboluis agus a sgioba.<sup>1</sup> Agus, gun amharus, bha e treubhach, agus cluinnidh tu tuille de 'threubhantas an déigh so.

Dh'fhaodadh neach a nise siubhal ré iomadh latha ann an Anam-an-duine, agus gun ach gànn a h-aon fhaicinn air an robh coltas duine diadhaidh. Oh, an staid eagalach 'san robh Anam-an-duin' a nise ! Bha na h-ul' oisinn làn de Luchd-teagamh choigreach ; lion iad gach tigh le tòirm òillteill, le òranaiibh faoine, le sgéulachdaibh bhreugach, agus le cainnt thoibheumach an aghaidh Shaddai agus a' Mhic.<sup>2</sup> Mar an ceudna thàinig a nise na h-Ifriinnich sin a bha 'm falach anns na ballachaibh, agus

<sup>1</sup> Tha fuath air leth aig Sàtan do thoil air a naomhachadh.

<sup>2</sup> An t-anam làn de smuaintean diomhain agus de thoibheuman.

anns na tuill, agus anns na frògaibh, a bha 'm bail' Anam-an-duine, a mach agus dh'fheuch siad iad-féin, agus dh'imich iad gu follaiseach maille ris an Luchd-teagamh a bh' ann an Anam-an-duine. Seadh, bha ni bu mhò do dhànadas aca-san a nise gu bhi 'g imeachd nan sràiden, a' taogal thighean, agus iad féin a nochdadh gu follaiseach, na bha aig aon sam bith de mhuinntir chòir baile truagh Anam-an-duine.

Ach cha robh fois aig Diabolus agus aig a dhaoine coigreach ann an Anam-an duine; oir cha tugadh aoidheachd dhoibh mar thugadh do cheannardaibh agus do fheachd 'Emanueil; bha muinntir a' bhaile cho coimheach riu 'sa b'urrainn iad; ni mò a fhuair iad a bheag de na nithe a bhuineadh do mhuinntir Anam-an-duine, ach sin air an d'rinn iad gréim da'n aindeoin; dh'fhalaich iad na dh'fhaod iad uatha, agus an ni nach b'urrainn iad fhalach fhuair iad an aghaidh an toile. B'fhearr leo-san, na deòirean' bochda, an àit' a bhi aca 'nan cuideachd, ach bha iad 'nam braighdibh aca 'san àm, agus dh'fheumadh iad a bhi mar sin. (Rom. vii.) Ach thaisbean iad uiread 'sa b'urrainn iad do dh'fhuath dhoibh.

Bha na ceannardan mar an ceudna a' tilgeadh, gu'n lasachadh, le 'n croinn-thabhaill o'n chaisteal, ni a chuir dòilgheas agus corraich air an nàimhdibh. Thug Diabolus iomadh ionnsaidh air geatachaibh a chaisteil fhosgladh, ach rinneadh Eagal-Dé na fhear gleidhidh orra, agus bha e 'na dhuine cho misneachail, treun, a's gu'm bu diomhain da feuchainn ri sin a dheanamh, fhad 's bu bheò esan, uime sin, bha na h-uil' oidhearp a thug Diabolus 'na aghaidh gun tairbh' sam bith; gu cinnteach b'fhearr gur ann aig an duine sin a bha an t-iomlan de riaghadh Anam-an-duine.<sup>1</sup>

<sup>1</sup> Ged dh'fhaodas teagamhan agus eagal an Criosdaidh a shàrachadh ré ùine fhada, gidheadh far am beil eagal Dé a' gleidheadh a' chridhe, agus e fhathast air a shealbhachadh leis an Spiorad Naomha, cha'n urrainn Sàtan luadhachadh. Ier. xxxii. 40.

B'e so còr Anam-an-duine, dlù air da bhliadhna-gu-leth ; bha meadhon a' bhaile 'na ionad-cogaidh ; dh'fhuadaicheadh muinntir a' bhaile gu tùill a's gu oisinnibh, agus leagadh glòir Anam-an-duine sios anns an duslach ; ciod am fois ma ta a b'urrainn a bhi aig an luchd-àiteachaidh, ciod an t-sìth a b'urrainn a bhi aig Anam-an-duine ? Ged nach biodh an àmhaid ach air laidhe ùine cho fhada 'sa chòmhnrud an aghaidh a' bhaile, bu leòir e gu cur ás doibh le gort ; ach a nise tha iad 'san taobh a stigh, tha 'm baile 'na bhùth, 'na ionad-dion, agus 'na dhaingneach dhoibh, an aghaidh a' chaisteil ; 'nuair a bha 'm baile mar so 'na aghaidh féin, agus 'na dhìdean do ànimhdibh a' neirt agus a' bheatha : tha mi 'g ràdh, 'nuair a rinn iad feum de dh' àitibh daingnicht' a' bhaile, gu iad féin a dhion gus an glacadh, an creachadh, agus an tilgeadh iad an caisteil bun-os-ceann, bha so oillteil ; agus gidheadh b'e so còr bail' Anam-an-duine a nise.

An deigh do dh'Anam-an-duine bhi anns a' chòr mhuladach so, ùine cho fhad 'sa dh'ainmichi mi, agus nach do shoirbhich le aon achanaich de'n chuir iad a dh'ionnsaidh am Prionnsa ré na h-ùine so, thionail seanairean agus cinn-fheadhna Anam-an-duine an ceann a' chéile, agus an deigh meudeigin ùine a chaithe ann an caoidh an staid thruaigh, agus na breitheanas uabhasach a bha teachd orra, cho'aontaich iad achanaich eile a chuir a dh'ionnsaidh Emanueil air son cobhrach. Ach thuirt Eagal-Dé, gu'n robh fios aige-san nach do ghabh, agus nach gabhadh a Thighearn am Prionnsa, a chaoi dh achanaich o neach sam bith mu thimchioll nan cùisean so, mur biodh làmh sgrìobhaidh an Ard-rùnaire rithe, agus b'e so, ars' esan, an t-aobhar nach do bhuadhaich sibh roimhe so. An sin thuirt iad gu'n cuireadh iad achanaich eile, agus gu faigheadh iad làmh an Ard-rùnaire a chuir rithe. Ach thuirt Eagal-Dé a rithist, gu'n robh fios aige-

san nach cuireadh an t-Ard-rùnair a làimh ri ach-anaich sam bith nach do chuir e féin an òrdugh, agus a thuilleadh air sin, ars' esan, is aithne do'n Phrionnsa làmh an Ard-rùnaire seach na h-uile làmh eile air an t-saoghal: uime sin tha e do-dheanta a mhealladh le faoin-choltas sam bith: agus is e mo chomhairle-sa dhuibh, dol a dh'ionnsaidh mo thighearna, agus aslachadh air cuideachadh leibh. A nise bha e fathast a' chòmhnaidh 'sa chaisteal, far an robh na ceannardan agus na daoine fo'n àrmaibh air fad.

An sin thug iad mòr bhuidheachais do dh'Eagal-Dé, ghabh iad a chomhairl', agus dh'fhalbh iad gu mo thighearn, agus chuir iad an céill an t-aobhar mu'n tainig iad d'a ionnsaidh, is e sin ri ràdh, a thaobh 's gu'n robh còr Anam-an-duine cho brònach, na'm b'e toile a Mhòrachd, achanaich a chur an òrdugh air an son chum Emanuel, Mac Shaddai chumhachdaich, agus chum an Righ agus Athar trid-san.

An sin thubhaint an t-Ard-rùnair riu, "Ciod i an achanaich bu mhath leibh mis' a chur an òrdugh air bhur son?" "S e ar Tighearn e-féin," ars' iadsan, "is fiosraich mu chòr Anam-an-duine, agus cionnas a tha sinn air cùl-sleamhnachadh agus air claonadh o'n Phrionnsa; is aithne dhuit mar an ceudna cò a th' air teachd 'nar n-aghaidh, agus mar a ta Anam-an-duine a nis 'na ionad cogaidh. A bharr air a sin, is eòl do'm thighearn, an làimh-seachadh ana-cneasda a fhuair ar daoine, ar mnathan agus ar clann uatha; agus mar tha na h-Ífrinnich a thogadh 'sa dh'áraicheadh 'nar measg fhéin ag imeachd air sràidibh Anam-an-duine le ni's mò de dhàndas na muinntir a' bhaile. Uime sin, deanadh ar Tighearn, a réir gliocais Dé a ta ann, achanaich a chur an rian air son a sheirbheisich bhochda, chum ar Prionns' Emanuel." "Ro mhath," ars' an t-Ard-rùnair, "cuiridh mis' an òrdugh achanaich

air bhur son, agus cuiridh mi mar an ceudna mo làimh féin rithe." An sin thubhairt iadsan, "C'uin a ghairmeas sinn air a son bho ar Tighearn?" Fhreagar esan, "Feumaidh sibh-féin a bhi 'san làthair am feadh a bhithear 'ga deanamh; seadh, feumaidh sibh bhur dùrachd a chur rithe. Is i mo làmh agus mo pheann-sa a nì i, ach feumaidh gur leibhs' an dubh agus am páipear; air neo cionnas is urrainn sibh a' ràdh gur i blur n-achanaich-s' i? Ni mò tha feum agamsa air achanaich a chuir air mo shon féin, do bhrìgh nach tug mi oilbheum."

Thuirt e mar an ceudna, "Cha téid achanaich uamsa ann am ainm féin chum a' Phrionnsa, agus mar sin chum 'Athar trid-san, ach 'nuair a tha 'n sluagh d'am buin i gu h-àraig ag co-aontachadh ris a' chùis le'n cridhe 's le'n anam, oir feumaidh sin a bhi air ainmeachadh innte." Rom. viii. 26, 27.

An sin dh'aontaich iad gu toileach ris a sin a thubhairt an t-Ard-rùnair, agus chaith achanaich a chur an òrdugh air an son gu'n dàil. Ach b'i a cheist cò rachadh leatha? Chomhairlich an t-Ard-rùnair gu'n rachadh an Ceannard Creideamh leatha, oir gu'm bu duine deas-chainnteach e. Uime sin ghàirm iad air agus chuir iad a' chùis fa chomhair. "Ma ta," ars' an Ceannard, "tha mi ro dheònach; agus bacach 's mar tha mi, ni mi an gnothaich-so air 'ur son-sa cho ealamh, agus cho dìleas 's is urrainn domh." B'e so a leanas brìgh na h-achanaich :—

"O, ar Tighearn agus ar n-àrd Phrionns' Emanuel, a Phrionnsa chumhachdaich, fhad-fhulang-aich! Tha gràs air a dhortadh ann ad bheul, agus dhutsa buinidh tròcair agus mathanas, ge do rinn sinne ar-amach a' t' aghaidh. Tha sinne, nach airidh a so suas a bhi air ar n-ainmeachadh ort, no fòs iomchuidh air comhpairt fhaotainn de shochair-ibh coitcheann, a' guidhe ort, agus air t'Athair

1 Deanaibh urnaigh ann an creideamh.

tromhadsa, ar lochdan a thoirt air falbh. Tha sinn ag aimheil gu faodhadh tu ann an ceartas ar tilgeadh air falbh air son ar cionta, ach na dean e air sgàth t' ainme féin; ach gu ma fearr leis an Tighearna fàth a' ghabhail bho ar còr truagh air iochd agus tràcair a dheanamh oirnn.<sup>1</sup> Tha sinn air ar cuartachadh air gach làimh; a Thighearna, tha ar cul-sleamhnachadh féin a' toirt achmhasan duinn, tha na h-Ifirnich 'san taobh a stigh d'ar baile a' cur eagail oirnn, agus tha feachd sloc an dubh aigein 'gar claoih. Is e do ghràssan a mhàin is urrainn ar teasairginn, agus cha'n eil fhios againn cò dh'ionnsaidh a théid sinn, ach 'a t' ionnsaidh-sa.

"Os barr, O a Phrionnsa ghràsmhoir, lagaich sinn ar ceannardan, agus tha iad air call am misneach, tha iad tinn, agus o chionn ghoirid chuireadh gu mòr an ruaig air cuid dhiu, agus dh'fhuadaicheadh asan àraich iad le neart agus feachd an an-tighearna. Seadh, tha na ceannardan tréubhach sin as am mò a bha ar muinghinn roimhe, mar dhaoine leòinte. A thuilleadh air sin, a Thighearna, tha ar naimhdean beothail, agus tha iad làidir; tha iad a' deanamh ùaill agus ràiteachas, agus a' bagairt ar roinn 'nam measg féin mar chobhartaich. Mar an ceudna bhuail iad oirnn a Thighearna, le iomad mìle Fear-teagamh, ris nach eil fhios againn ciod a ni sinn; tha iad gu léir bòrb, an-iochdmhor, agus tha iad a' toirt dùbhlann duinne agus duitse.

"Dh'fhalbh ar gliocas-ne, chaidh às d'ar comas; a chionn gu'n do dhealaich thusa rinn ni mò tha bheag sam bith againn a dh'fhaodas sinn a ràdh is leinn-féin, ach peacadh, näire, agus amhluadh gnùise air son peacaidh. Gabh truas dhinn, O Thighearna, gabh truas dhinne, do bhaile truagh Anam-an-duine, agus tiorc sinn o làmhaibh ar nàimhdean. Amen."

<sup>1</sup> Gheibh ùrnaigh a chreidimh, fo threòdrachadh an Spioraid Naoimh grad fhreagairt, ge b'e air bith cho anmhuinn 's d'am bi i.

Chaidh an achanaich so, mar dh'ainmicheadh cheana, a sgrìobhadh leis an Ard-rùnair, agus ghiùlanadh i do'n luchairt leis an duine fhoghainteach an Ceannard Creideamh. A nise ghiùlan e i a mach air Geat'-a'-bheòil, oir b'e sin an dorus air an rachta a mach as a'bhaile ; agus chaidh e dh'ionnsaidh Emanueil leatha. Ge b'e air bith mar a ruith an t-iomradh cha'n eil fhios agam, ach chuala Diabolus e. Tha mise de'n bheachd so, a chionn gu'n do thilg an t-an-tighearn air bàll e air muinntir bail' Anam-an-duine, ag ràdh, "A bhaile cheannaircich agus rag-mhuinealaich, bheir mis' ort sgur a dh'aslachadh ; am bheil thu fathast ag achanaich ? Bheir mis' ort sgur."<sup>1</sup> Seadh, thuig e cò'n teach-dair' a chaidh leis an achanaich a dh'ionnsaidh a' Phrionns' agus bha maraon eagal agus caothach air.

Uime sin, dh'aithn e a dhrum' a' bhualadh a rithist, ni ris nach b'urrainn Anam-an-duin' éisd-eachd ; ach 'nuair a b'àill le Diabolus a dhrum' a' bhualadh dh'fheumadh Anam-an-duine 'fhuaim fhulang. Mar sin, bhuaileadh an druma, agus chruinnich na h-Ifrinnich ri chéile.

An sin thubhairt Diabolus, "O Ifrinniche tréuna, biodh fhios agaibh, gu bheilear a' caitheadh foille oirnn ann am baile ceannairceach Anam-an-duine ; oir ged tha sinn a sealbh air a' bhaile, mar tha sibh a' faicinn, gidheadh tha na truaghanna sin cho dàna ladarna 's gu bheil iad fathast a' cur gu cùirt Emanueil air son còbhrach. Tha mi toirt fios dhuibh air so, chum 's gu'm bi beachd nis fearr agaibh fathast cionnas a bhuineas sibh ri baile truagh Anam-an-duine. Uime sin, O Ifrinniche dhileis, sàrachaibh bail' Anam-an-duine ni's mò agus ni's mò, agus deanaibh cron orra le bhur cuilbheartaibh, éignichibh am mnathan truaillibh an òighean, màrbh-aibh an clànn, cuiribh na h-eanchainean as an

<sup>1</sup> Tha fuath aig Sàtan do dh'ùrnaigh agus tha eagal air roimh a buaidh.

seanna mhuinntir, cuiribh am baile ri theine, agus deanaibh na h-uile droch-bheart eile a dh'fhaodas sibh ; agus biodh sin aca-san mar dhuais uamsa, air son an ceannaire aingidh 'nam aghaidh."

Tha thu faicinn gu'm b'e so an t-òrdugh, ach thàinig ni-éigin 'san rathad a bhac e bho bhi air a chur an gniomh, oir chà deach a bheag a dheanamh fathast ach a bhi fo bhuaireas.

'Nuair a sguir Diabolus a labhairt mar so, chaidh e suas gu geataibh a' Chaisteil agus dh'òrduich e dhoibh, air am beatha na geatachan fhosgladh, a chum 's gu'n tàradh e-féin agus a dhaoine a steach.

Thubhairt Eagal-Dé ris, (oir b'ann air-san a bha curam a' gheata,) "Nach rachadh an geata fhosgladh dha-san, no do na daoine a bha maille ris."

Thuirt e a bhàrr air sin, "An deigh do dh'Anam-an-duine fulang ré seal, gu'm biodh e air a dheanamh fairfe, air a neartachadh, agus air a shocracha dh."

An sin thubhairt Diabolus, "Thugaibh thairis dhomh-sa ma ta na daoine a chuir achanaich 'nam aghaidh, gu h-àraid an Ceannard Creideamh,<sup>1</sup> am fear a ghiùlain i gu bhur Prionnsa ; thugaibh thairis an slaoightear sin dhomh, agus fàlbhaidh mi bho'n bhaile."

An sin dh'éirich Ifrinneach suas d'am b'ainm Aimideach, agus thubhairt e, "Tha mo thighearna, a' toirt taиргse mhath dhuibh, is fearr dhuibh gu'n rachadh aon duine dhìth, na gu'm biodh am baile gu h-iomlan air a sgríos."

Ach thubhairt Eagal-Dé ris: "Cia fhada bhios Anam-an-duine air a chumail a mach ás a' ghàinn-tir, an dheigh dha a chreideamh a thoirt thairis do Dhiabolus ? 'S ceart cho math dhuinn am baile chàll ris a' Cheannard Creideamh ; oir ma chailleas sinn an darna h-aon diù caillidh sinn an t-aon eile." Ach cha tubhairt Aimideach a bheag ris a so.

<sup>1</sup> Cha-n urrainn Sàtan creideamh fhulang.

An sin fhreagair Morair-a'-bhaile agus thubhairt e, "O an-tighearna sgriosail, biodh fhios agad, nach éisd sinne ri h-aon de d' bhriathraibh, tha sinn a' cur romhainn cur a' t' aghaidh cho fhad 's a bhios ceannard, duine, crann-tabhaill, agus clach r'a tilg-eadh ort ri 'm faotainn am baile Anam-an-duine."

Ach thuirt Diabolus, "A' bheil dòchas agaibh, a' bheil sibh a' feitheamh, a' bheil sùil agaibh ri cobhair agus saorsainn? Chuir sibh gu Emanuel, ach tha ar n-aingidheachd a' leantainn cho teann ribh is nach leig i le ùrnaighibh neo-chiontach teachd o bhur bilibh.<sup>1</sup> A' bheil sibh am barail gu'm buadhaich sibh, agus gu 'n soirbhich leibh 'san ni so? Failnichidh sibh ann bhur n-iarrtas, cha téid leibh 'nur oidheirpibh; oir cha mhis' a mhain a ta 'n ur 'n aghaidh, ach 'ur n-Emanuel. Seadh, is esan a chuir mise 'nur 'n-aghaidh chum bhur ceannsachadh. Cò ris ma ta tha sibh ag earbsa, no cia leis a théid sibh ás?"

An sin thubhairt Morair-a'-bhaile, "Pheacaich sinn gun amhuras, ach cha dean sin còmhnad sam bith riutsa, oir thubhairt ar n-Emanuel-ne, agus sin ann am mòr dhìllseachd. "An tì a thig a m' ionnsaidh, cha tilg mi air chòr sam bith a mach e." Dh'innis e dhuinn mar an ceudna, O! ar nàmhaid, gu mathar gach uile ghné pheacadh agus thoibheum do chloinn nan daoine. "Uime sin cha dana leinn géill a thabhairt, ach bitidh sùil againn ri tròcair, agus feithidh sinn rithe."

Air chionn so bha an Ceannard Creideamh air pilleadh air ais o'n chùirt, o Emanuel, gu caisteal Anam-an-duine, agus thug e d'an ionnsaidh pacaid litrichean. Air do Mhorair-a'-bhaile a chluinntinn gu'n robh an Ceannard Creideamh air teachd, thàr e ás o thòirm beuchdaich an an-tighearna, agus dh'fhàg se e a' sgàlartaich ri balla a' bhaile, no ri geataibh a' chaisteil. Chaidh e an sin suas far an

<sup>1</sup> Tilgidh Sàtan suas na peacannan a chaidh seachad.}

robh an ceannard a' fuireach, agus air dha fàilt a chur air, dh'fheòraich e cia mar a bha e, agus ciod an deagh naigheachd a bha 'sa chuir? Ach an uair a dh'fharaid e sin de'n Cheannard Creideamh lion a shùilean. An sin thubhairt an Ceannard, "Tog do mhisneach, mo thighearna, oir bithidh gach cùis gu math ri ùine." Thug e an sin tarruinn air a' phacaid litrichean agus chuir e seachad i; ach ghabh Morair-a'-bhaile agus a' chuid eile de na ceannardan sin mar chomharradh air deagh sgéula. A nise do bhrìgh gu'n robh àm gràsmhor air teachd, chuir e fios air uile cheannardaibh agus sheanaraibh a' bhaile a bha 'sa chaisteal, agus air an fhreiceadan a dh'innse dhoibh gu'n robh an Ceannard Creideamh air pilltinn o'n chùirt, agus gu'n robh ni-éigin aige ri chuir an céill dhoibh. An sin thàinig iad uile agus chuir iad fàilte air, agus dh'fhaighnich iad ris mu thimchioll a thuras, agus ciod an deagh naidheachd a bha 's a chùirt? Fhreagair e iad mar a fhreagair e Morair-a'-bhaile roimhe sin, gu'm biodh gach ni gu math mu dheireadh. A nis' an uair a chuir an Ceannard fàilt' orra mar so, dh'fhosgail e a' phacaid, agus thug e a mach na h-uiread de litrichibh dhoibhsan air an do chuir e fios. Bha cheud litir do Mhorair-a'-bhaile, anns an robh air ainmeachadh:

"Gu'n robh am Prionnsa Emanuel toilichte, a chionn Morair-a'-bhaile bhi cho fìrinneach agus dileas 'na dhreuchd, agus air son an iomagan mhòr a bh' air as leth baile agus muinntir Anam-an-duine; mar an ceudna, dh'iarr e air fios a bhi aige gu'n do thaitinn e gu math ris gu'n robh e cho treun as leth a' Phrionns' Emanueil, agus gu'n ghabh e a chùis-san os làimh cho dileas an aghaidh Dhiaboluis. Dh'ainmich e mar an ceudna aig deireadh na litreach gum faigheadh e dhuais gu h-aithghearr."

<sup>1</sup> Is taitneach leis an Tighearna oibre creidimh agus saothrich-ean gràidh. An àm iomchuidh buainidh an creideach mur fannaich e. (Eabh. vi. 10. Gal. vi. 9.)

Bha 'n dara litir do'n duine urramach Morair-na-toil, anns an robh air ainmeachadh, "Gu'n robh sàr fhios aig a Phrionnsa Emanuel cia cho gaisgeil misneachail'sa bha e as leth onoir a Thriath, an uair a bha e-féin as an fhianais, agus an uair a bha àinm fo dhimeas le Diabolus. Dh'ainmicheadh mar an ceudna, gu'n robh a Phrionnsa buidheach air a chionn gu'n robh e cho dìleas do dh'Anam-an-duine, ann a bhi cumail smachd agus caithris cho geur air na h-Ifriannich a bha fathast am falach 'nan tùill anns a' bhaile iomraideach sin. Dh'ainmich e mar an ceudna, "Gu'n do thuig e gu'n d'rinn a' Morair le 'làimh féin mòran càsgraidd air cinn-iùil nan ceannairceach an sin, ni a lagaich gu mòr misneach an àmhaid, agus a chuir deagh eisempleir roimh an iomlan de bhaile Anam-an-duine, agus nach b' fhada gus am faigheadh e a dhuais."

Bha 'n treas litir do'n fho'-shearmonaiche, anns an robh air ainmeachadh, "Gu'n robh a Phrionnsa buidheach air, gu'n do choimhlion e a dhreuchd cho treidhireach agus cho dìleas, agus gu'n do chuir e an gniomh an ni a dh'earbadh ris le 'Thriath, ann a bhi 'g earalachadh, a' cronachadh, agus a' toirt rabhaidh roi-làimh do dh'Anam-an-duine a réir reachdan a' bhaile. Dh'ainmich e mar an ceudna, gu'n do thaitinn e gu math ris gu'n do ghairm e gu trasgadh, gu saic-aodach agus luathire, an uair a rinn Anam-an-duine ceannaire: mar an ceudna a chionn gu'n do chuir e air son cobhair a Cheannaird Boanergeis gu cuideachadh leis ann an obair cho cudthromach, agus nach b' fhada gus am faigheadh esan mar an ceudna a dhuais."

Bha 'n ceathramh litir do dh'Eagal-Dé, anns an robh air a chuir an céill, "Gu'n tug a Thriath fainear gu'm b' esan a cheud fhear de dh'uile mhuinntir Anam-an-duine a dh'fhoillsich céilg Mhi-churam-fheòlmhoir, an dearbh neach sin a

dh'aobharaich le 'chuilbheartaibh claonadh agus dol air ais na diadhachd ann am baile beannaichte Anam-an-duine. Os-barr leig a Thriath ris da, nach do dhì-chuimhnich e fathast a dheòir agus a thuireadh air son còir Anam-an-duine." Mar an ceudna ghabh a Thriath beachd air gu'n d'rinne mach am Mi-chùram-feòlmhor so, aig a bhòrd féin a measg nan aoidhean, 'na thigh féin, an àirde a shubhachais, eadhon an uair a bha e 'g iarraidh a dhroch-bheairt a thoirt gu buil an aghaidh Anam-an-duine. Thug Emauel mar an ceudna fainear, gu'n do sheas an neach urramach so, Eagal-Dé, gu gramail aig geataibh a' chaisteil an aghaidh uile bhagraidhean agus ionnsaidhean an an-tighearna, agus gu'n do chuir e muinntir a' bhaile air seòl chum an achanaich a chur gu'm Prionnsa, air dhòigh's gu'n gabhadh esan rithe, agus gu'm faigheadh iad freagairt sìthe, agus nach b'fhada gus am faigheadh e a dhuais."

An deigh so, dh'fheuchadh litir a chaidh a sgrìobhadh gus an iomlan de mhùnnitir Anam-an-duine, a' cur an céill, "Gu'n tug an Triath fainear cho tric 'sa bha iad a' cur achanaich d'a ionnsaidh, agus gu faiceadh iad tuille de thoradh an dìchill 'san àm ri teachd." Mar an ceudna, "Gu'n robh e toillichte gu'n robh an cridhe agus an inntinn a nise fa dheòigh cho dian-shuidhichte air-san agus air a shlighibh, air dhòigh 's nach deanadh aon chuid miodal no cruaidh-chas, an toirt gu striochdadadh do dh'ionnsaidhibh cuil-bheartach an iochdmhor Dhiaboluis." Dh'ainmicheadh mar an ceudna aig deireadh na litireach, "Gu'n d'fhàg an Triath baile Anam-an-duine ann an lamhaibh an Ardrùnaire, agus fo stiùradh a Cheannaird Creideamh, ag ràdh, 'Feuchaibh gu'n toir sibh fathast géill d'an riaghlaadh-san, agus an àm iomchuidh gheibh sibh bhur duais.'"

An deigh do'n ghaisgeach, an Ceannard Creid-

imh, a litrichean a thoirt seachad dhoibh-san d'am buineadh iad, dh'fhalbh e gu ionad còmhnaidh an Ard-rùnaire, agus rinn e conaltradh ris an sin ; oir bha iad gle mhòr aig a' chéile, agus bha ni bu mhò dh' fhiorsachadh aca cia mar thàrladh do dh' Anam-an-duine na bh' aig an iomlan de mhuinntir a' bhaile. Mar an ceudna bha mòr spéis aig an Ard-rùnair do'n Cheannard Creideamh, seadh, is iomadh greim sòghair a chuireadh d'a ionnsaidh o bhòrd mo Thighearna ; mar an ceudna rachadh deagh-ghean a thaisbeanadh dhasan an uair a bhiodh a' chuid eile de dh' Anam-an-duine fo thùirse. An deigh ròinn ùine chaithheadh ri seanachas chaidh an Ceannard g'a sheòmar gu gabhail mu thàmh. Ach goirid an deigh sin chuir mo Tighearn air son a Cheannaird a rithist ; thàinig an Ceannard d'a ionnsaidh, agus chuir iad fàilt air a chéile. An sin thubhairt an Ceannard ris an Ard-rùnair, " Ciod a th' aig mo Tighearna ri 'g ràdh r'a òglach ?" Air do'n Ard-rùnair a thoirt a leth-taobh, agus comharradh no dha eile dhe a dheagh-ghean a thaisbeanadh dha, thuirt e, " Rinn mi thus' a' t' Ard-cheannard air uile àrmaitibh Anam-an-duine, ionnas uaithe so a mach, gu'm bi na tha de dbaoine anns a' bhaile fo do smachd-sa, agus treòraichidh tu mach agus a steach iad. Uime sin stiùraidh tu an cogadh air son do Phrionns', agus air son Anam-an-duine, an aghaidh Dhiaboluis.<sup>1</sup>"

A nise thòisich muinntir a' bhaile ri beachd a ghabhail air a' mhaoidhean a bh'aig a' Cheannard, araon 'sa chùirt agus mar an ceudna air làimh an Ard-Rùnaire an Anam-an-duine ; oir cha robh duine sam bith a chuireadh roimhe comasach air

<sup>1</sup> 'Nuair a nithear Creideamh 'na flear-riaghlaidh os ceann Anam-an-duine bitidh an Luchd-teagairbh air an ceannsachadh gu h-aithghearr. Thoir fainear, tha 'n Spiorad Naomh' a' toirt na h-aithne so do Chreidimh, freagarrach do'n chumhachd a shuaradh tre Mhac Dhé, a dh'fhuilic air ar son-ne, agus air son ar slàinte.

sòirbheachadh, no leithid a naigheachd mhath a thoirt o Emanuel, sa thug esan. Uime sin, air dhoibh bròn a dheanamh nach d'rinn iad ni bu mhò dh'fheum dheth 'n àm éigin, chuir iad fios, le 'm fo'-searmonaiche, chum an Ard-Rùnair, a' ghuidhe gu'm biodh na h-uile nith a bhuineadh dhoibh air an cur fo riaghladh, fo chùram, fo ghleidheadh, agus fo stiùradh a' Cheannaird Creideamh.

An sin dh'fhàlbh an searmonaiche air a' ghnoth-aich sin, agus fhuair e am freagrairt so bho bheul a thighearna, gur ann aig a' Cheannard Creideamh a bhiodh riaghladh an ionlan de'n àrmaitl rìoghail air son math Anam-an-duine, an aghaidh nàimh-dean an rìgh. An sin chròm se e-féin gu lär, agus thug e buidheachas d'a thighearn', agus phìll e agus dh'innis e 'n naigheachd do mhuinntir a' bhaile. Ach rinneadh so cho uaigneach 'sa ghabhadh deanamh, a chionn gu'n robh neart mòr fathast aig na naimhdibh 'sa bhaile.

An uair a chunnaic Diabolus cho neo-sgàthach 'sa sheas Morair-a'-bhaile 'na aghaidh, agus a mhothaich e cho fòghainteach 'sa bha Eagal-Dé, ghabh e mòr-chorraich, agus ghàirm e comhairle chogaidh air bàll gu dioghaltais a dheanamh air Anam-an-duine. An sin chruinnich uile Phrionns-achan an t-sluis an ceann a chéile, agus seann As-creideamh air an ceann, maille ri uile cheannardaibh 'fheachda, agus chuir iad an comhairle r'a chéile ciod a dhéanadh iad. A nise be sùim na comhairle so, cionnas a ghlacadh iad an caisteal, a chionn as eugais-san nach robh làn-uachdararanachd aca air a' bhaile. Uime sin, chomhairlich fear mar so, agus fear eile mar sud ; ach a thaobh 's nach robh iad aon-sgeulach nam beachd dh'éirich Apolion, ceann-suidhe na comhairle, agus thubhaint e, " Mo bhràithrean, fàlbhamaid o'n bhaile a dh'ionnsaidh a' chòmhnaird a rithist oir cha dean e stà sam bith dhuinn fantainn an so, a chionn gu bheil an caisteal

fathast ann an làmhaibh ar nàimhdean, oir tha e do-dheante dhuinn a ghlacadh, cho fhad 'sa bhios cho liuga ceannard treun ann, agus am fear neossgàthach sin, Eagal-Dé a' gleidheadh a gheatachan. A nis, an uair a dh'fhàlbhas sinn a dh'ionnsaidh a' chòmhnaird, is buidhe leosan beagan lasachaidh, agus theagamh gu'm fàs iad mi-chùramach a rithist, agus bheir a bhi mar sin buille ni's trùime dhoibh na's urrainn duinne a thoirt; agus theagamh gu'n dean ar dol-ne a mach ás a' bhaile na ceannardan a tharruinn as ar deigh, agus tha fhios agaibh nach robh e nasgaidh dhoibh an uair a chòg sinn roimhe riù 'san àraich. A bhàrr air sin, nam faigheamaid an tarruinn a mach, dh'fhaodamaid luchd-feall-fhalach a chuir air cùlthaobh a' bhaile, a bhrùchdadadh a stigh agus a' ghabhadh sealbh air a' chaisteal."

Ach sheas Beelsebub suas agus fhreagair e, ag ràdh, " Tha e do-dheanta an tarruinn air falbh uile bho'n chaisteal ; fanaidh cuid g'a ghleidheadh ; uime sin, is diòmhain duinn an oidheirp a thoirt air an dòigh-so, mur bì sinn cinnteach gu'n tig iad uile mach." Uime sin cho-dhùin e, gu'm b'e 'n dòigh bu fhreagarraich a b'urrainn iad a dhealbh, an ni sin a chomhairlich Apolion roimhe, eadhon, muinntir a' bhaile a thoirt gu peacachadh a rithist. " Oir," ars' esan, " cha'n e sinne bhi 'sa bhaile, no 'san àraich, no ar cogadh, no ar màrbhadh air an daoinibh, a's urrainn sealbh a thoirt dhuinn air a' bhaile; oir cho fad 'sa bhios aon 'sa bhaile is urrainn o chorra-mheur a thogail 'n-ar n-aghaidh-ne, théid Emanuel 'na aobhar,<sup>1</sup> agus ma théid esan 'nan aobhar tha fhios ciod a thacharas duinne. Uime sin, ars' esan, is i mo bharail-sa nach eil seòl air an dòcha iad a bhi air an toirt fo dhaorsa dhuinnce na dòigh a dhealbh gu thoirt orra peacachadh, (2 Pet. ii. 18—21.) Nam biodh sinne air ar Luchd-

<sup>1</sup> Cha'n urrainnear Anam-an-duine ghlacadh mar aontaich an luchd-âiteachaidh ri peacachadh.

teagamh uile fhàgail aig a bhaile, ars' esan, dhean-amaid a cheart cho math 'sa rinn sinn o nach b'urrainn sinn sealbh agus uachdararanachd a thoirt dhoibh air a' chaisteal: oir is ann a ta Luchd-teagamh tacan o làimh coltach ri cunnailibh an aghaidh an cuirear le argamaidibh. Gu cinnteach nam b'e 's gu'm faigheamaid do'n daingneach iad, agus sealbh a thoirt dhoibh air, choisneadh sinn an latha. Uime sin fàlbhamaid a dh'ionnsaidh a' chòmh-naird, (cha'n ann le dùil gu'n lean na ceannardan ann an Anam-an-duine sinn;) agus cuireamaid an tùs ar comhairle a rithist ri ar n-Ifriinnichibh dhileas a ta fathast 'nan daingnichibh ann an Anam-an-duine, agus cuireamaid an tarruin iad ris a' bhaile bhràth dhuinn, oir mar dean iadsan e, cha tig an latha nithear e." Thug na nithe so a labhair Beel-seub, air a' chomhairle gu h-iomlan a bhi de dh'aon bheachd ris-san, is e sin ri ràdh, gu'm b'e 'n dòigh air a' chaisteal a ghlacadh, a thoirt air a' bhaile peacachadh.

An sin thubhaint Lucifer, "Tha comhairle Bheelsebuib barraichte: Thugamaid air falbh ar feachd o Anam-an-duine, agus na cuireamaid eagal orra ni's mò, aon chuid le sanasaibh, le bagraibh, le fuaim ar druma, no le meadhonaibh dùsgaidh sam bith eile. A mhàin laidheamaid 'san àraich astar 'bheag o làimh, agus bitheamaid mar nach biodh feart againn orra (oir tha mi faicinn nach eil eagalan ach 'gam mosgladh, agus a' toirt orra iad-féin àrmachadh ni's mò.) Tha cuilbheart eile agam mar an ceudna ann am bheachd,<sup>1</sup> tha fios agaibh gur baile màrgaidd Anam-an-duine, agus baile aig am bheil tlachd ann am malairt; uime sin, ciod nan gabhadh cuid d'ar n-Ifriinnich orra gur muinntir iad a thainig á tir chéin, agus nan tugadh iad leo euid d'ar bathair-ne gu féill Anam-an-duine gu reiceadh, bu choma ciod am fiach air an reiceadh

<sup>1</sup> Thoir an aire dha so.

iad e, ged a b'ann air a leth-luach. A nise biodh iadsan a bhios ri ceannachd mar so aig am féill-san seòlta agus dileas duinne, agus théid mis' an ràthan gu'n dean e cùis. Tha dithis ar leam a ta barraichte air son a' ghnothaich so, eadhon Glic-mu'n-pheigh-inn-agus-gòrach-mu'n-phùnd, agus Glac-an-sràbh-'s-leig-cead-do'n-bhoitean ; agus cha'n eil an dara fear idir air dheireadh air a' cheud fhear. Mar an ceudna, ciod, ged a chuireadh sibh maille riusan Saoghal-blasda, agus Math-'san-àm ; tha iad 'nan daoine suairce agus seòlta, agus 'nam fior chàirdean agus nan luchd-cuideachaидh leinne. (Tais. iii. 17.) Gabhadh iad so, agus cuid eile, os làimh a' chuis so maille ruinne, agus biodh ro chùram mòran ghnothaichean air Anam-an-duine, agus fàsadh iad làn agus saoibhir, agus is e so an rathad gu buadh-achadh orra; nach eil cuimhne agaibh gu'n do bhuadhaich sinn mar so air Laodicea, agus cia lionmhòr iad aig an àm-sa a ta sinn a' cumail 'san ribe cheudna? A nis 'nuair a thòisicheas iad air fàs làn, dì-chuimhnichidh iad an staid, agus mur cuir sinne eagal orra, theagamh gu'n tuit iad nan cadal, agus mar sin gu'n dearmaid iad am faire air a' bhaile, am faire air a' chaisteal, cho math ri 'm faire aig na geatachaibh, agus faodaidh sinn air an dòigh so Anam-an-duine a luchdachadh cho mòr le pailteas, is gur éigin doibh an caisteal a dheanamh 'na thigh-tasgaidh, an àite bhi 'na dhaingneach agus 'na ionad-còmhnaidh shaighdearan, air a neartachadh 'n-ar n-aghaidh-ne. Mar so, ma gheibh sinn ar bathar agus ar maoin a' chur an sin, tha mi a' meas gu'r beag a bhios uainn de'n chaisteal a chosnadhdh. A bhàrr air sin, na'm b'urrainn sinne a lionadh le leithid sin a' sheòrsa bhathair, agus na'n tugadhmaid an sin ionnsaidh obann air, bhiodh e cruaidh air na ceannardaibh dion a ghabhail ann. An aithne dhuit an cosamhlachd.—Mùchaidh mealltaireachd beairtis am facal ; agus a rithist, an uair

a ta 'n cridhe air a ro-luchdachadh le geòcaireachd agus le misg, agus le ro-chùram mu nithibh na beatha so, thig na h-uile olc orra gu h-oban." Luc. viii. 14. xxi. 34, 35, 36.

" Tuille eile, a thighearnan," ars' esan, " tha sàr fhios agaibh, nach eil e furasd do mhuinntir a bhi air an lionadh leis na nithibh a bhuiteas duinne, gu'n chuid d'ar n-Ifriannich-ne a bhi aca 'nan luchdmuinntir, 'nan tighibh agus 'nan seirbhis. C'ait' am beil fear de mhuinntir Anam-an-duine a ta làn de'n t-saoghal-so aig nach eil 'nan seirbhisich agus 'nan luchd-frithealaidh, Ana-caitheamh, no Stròdh-alachd, no cuid eile d'ar bannal Ifrinneach, mar a ta Mi-stuamachd, Spòrsalachd, Mòr-chuis, no an leithidean sin? A nis' is urrainn iad so caisteal Anam-an-duine a ghlacadh, no chuir na smùid, na dheanamh mi-ionchuidh mar dhaingneach do dh'-Emanuel, agus ni aon chuid diù sin an gnothaich. Seadh, faodaidh iad so a dheanamh air ar son-ne ni's luaithe na feachd fhichead mìle fear. Uime sin, is i mo chomhairle-sa gu'm falbh sinn gu sàmhach, gu'n ionnsaidh tuilleadh a thoirt air a' chaisteal, gu h-àraig aig an àm-so, agus feuchamaid ri ar cuilbheart nodha, agus faiceamaid an toir sinn orra iad-féin a dhìtheachadh."<sup>1</sup>

Chaidh a' chomhairle so a mholadh gu mòr leis an iomlan, agus mheasadh nach robh na bheireadh barrachd oirre ann an ifrinn, eadhon, Anam-an-duine a thachdadh le lànachd de'n t-saoghal so, agus a chridhe a luchdachadh le nithibh matha na beathe so. Ach faic mar a chòmhlaich cùisean a

<sup>1</sup> Air do Shatan fhaicinn nach do bhuidhaich teagamhan agus eagalan air Anam-an-duine, tha e an geall sheuchainn ciod a ghabhas deanamh le sòirbheachadh saoghalta. Tha comhsamhlachd fior nàdurrach air a tharruinn air a' chunnart d'am bheil beairteas agus socair a' sagail an shir-aidmheil buailteach. Tha esan da rireadh glic-mu'n-pheighinn, &c., a chuireas 'anam an cunnart sgrios air son buannachdan an t-saoghail. " Ciod an tàirbhe a ta ann do dhuine ged chosuadh e an saoghal uile agus anam féin a eall."

chéile. Dìreach 'nuair a bha a' chomhairle Ifrinn-each so air sgaoileadh, fhuair an Ceannard Creideamh litir o Emanuel, ag innseadh dha gu'n coinnicheadh se e air an treas latha an deigh sin 'san àraich, anns na còmhnradaibh tiomchioll Anam-an-duine. "Mise a choinneachadh 'san àraich, ars' an Ceannard! Ciod a tha mo Thriath a' ciallachadh leis a so? Cha'n urrainn mi a thuigsinn ciod a tha e ciallachadh le mise a choinneachadh 'san àraich. Uime sin, ghiulain e an litir a dh'ionnsaidh an Ard-rùnaire a dh'fheòraich a bheachd-san mu tim-chioll (oir bha mo Thighearna 'na fhear-seallaidh anns gach cùis a bhuiineadh do'n Righ, agus air son math agus comhfhurtachd Anam-an-duine.) Mar sin dh'fheuch e an litir do mo Thighearn, agus thubhairt e "Air mo shon-sa dheth, cha'n eil mi tuigsinn ciod is brìgh dh'i." An sin ghabh mo Thighearn' i agus leubh e i, agus air dha stad beag a dheanamh, thubhairt e, "Bha comhairle mhòr aig na h-Ifrinnich an diugh an aghaidh Anam-an-duine; bha iad an diugh a' dealbh léir-sgrios a' bhaile; agus is e sùim an comhairle, Anam-an-duine a chuir 'na leithid do rathad, is ma's e's gu'n gabh se e, cha'n eil teagamh nach sgrios se e-féin.<sup>1</sup> A chum so tha iad ag ullachadh airson am baile fhagail, a' cur rompa dol a dh'ionnsaidh na h-àraich a rithist, agus laidhe an sin gus am faic iad an sóirbhich le'n cuilbheart no nach soirbhich. Ach biosa deas maille ri daoinibh do Thighearna gu bualadh air na h-Ifrinnich; oir bithidh am Prionnsa 'san àraich, air an treas là, mu għlasadh an latha, mu éiridh na gréine, no roimhe sin, le feachd chumhachdach. Mar sin bithidh esan air am beulthaobh, agus bithidh tusa air an culthaobh, agus eatorraibh le chéile cuirear ás do'n àrmait-san."

'Nuair a chuala an Ceannard Creideamh so dh'fhalbh e dh'ionnsaidh a' chuid eile de na ceann-

<sup>1</sup> Thig Dia ri am na h-airce.

ardaibh, agus dh'innis e dhoibh gu'n dh'fhuair e e litir ho làimh Emanueil; agus cionnas a mhinich an t-Ard-rùnair dha i. Mar an ceudna dh'innis e dhoibh, ciod an t'ullachadh a dh'fheumadh e-féin agus iadsan a dheanamh, chum a ni bha'n rùn an Tighearn a choilionadh. An sin bha aiteas air na ceannardaibh, agus dh'aithn an Ceannard Creideamh, gu'n rachadh tròmpadairean an Rìgh uile suas gu barra-bhallaibh a' chaisteil, agus gu'n deanadh iad an ceòl bu taitnich' a bha 'nan innleachd an sin, ann an éisdeachd Dhiabolus agus an iomlan de bhaile Anam-an-duine. Rinn na tròmpadairean mar sin. An sin chlisg Diabolus, agus thuirt e, "Ciod is ciall da so? cha'n e caisimeachd ullachaидh gu cath, no caisimeachd air son na ruaige, no caisimeachd catha a ta ann?" Ciod a tha na daoine gun chiall sin a' smuaineachaidh, gu'm biodh iad fathast cho sunntach aighearach?" An sin thubhairt aon diù féin, "'Sann a tha so air son aoibhneis am Prionnsa Emanuel a bhi teachd a shaoradh Anam-an-duine; oir tha e air ceann feachd, agus tha 'm fuasgladh so dlù air làimh."

Mar an ceudna bha iomagan nach bu bheag air muinntir Anam-an-duine mu'n cheòl bhinn so, a rinn na tròmpaidibh; thubhairt iad ri cach a chéile, "Cha'n urrainn e bhi gu' bheil so chum cron duinne." An sin thubhairt na h-Ifrinnich, "Is fearr duinn am baile fhàgail, agus leis a sin a dheanamh, bithidh sinn ni's comasaiche air cath a chur ris an nàmhaid, ma thig iad oirnn le feachd o'n taobh a mach." Mar sin għluais iad air falbh air an dara latha bho Anam-an-duine, ach chàmpaich iad fa chamhair Geata-na-sùla, air dhòigh cho uabhasach 'sa bha 'nan comas. Cha b'urrainn iad fantainn 'sa bhaile, a choinn nach robh sealbh aca air an daingneach làidir, agus a chionn gu'm biodh e ni bu chothromaiche dhoibh còmhrag, agus mar an ceudna an teicheadh a' għabbail, nam b' eigin

e, nam biodh iad air càmpachadh 'san achadh fhosgait. A bhàrr air sin, bhiodh am baile 'na uaigh dhoibh, an àit' a bhi 'na ionad dòn, nan robh am Prionnsa air teachd agus air an cuartachadh gu dlù ann. Uime sin, theich iad do'n raon, a chum gu'm biodh iad far nach ruigeadh na croinn-thabh-aill orra, leis an robh iad gu mòr air an trioblaid-eachadh am feadh a bha iad 'sa bhaile.

Air do'n àm a bhi air teachd anns an robh na ceannardan gu bualachd air na h-Ifriannich, dh'ullaich siad iad-féin gu dùrachdach air son catha ; oir dh'innis an Ceannard Creideamh an òidhche roimhe sin do na ceannardaibh, gu'n coinnicheadh iad am Prionns' am màireach 'san raon. Uime sin, rinn an sgeul so, gu'm faiceadh iad am Prionns' am màireach 'san raon, mar ola do theine lasrach, iad ni bu ro thogarraiche gu dol an aghaidh an nàmhaid ; oir bha iad féin agus am Prionnsa ré ùine fhada bho chéile, mar sin bha iad ni bu dian-iarrataiche air son na h-oibreac'h. Air do'n uair teachd, tharruinn an Ceannard Creideamh maille ris na ceannardaibh eile, a mach an àrmailtean as a' bhaile mu'n tainig an latha. Agus air dhoibh uile a bhi ullamh, chaidh an Ceannard Chreideamh air cheann na feachd, agus thug e am Facal catha do na ceannardaibh, agus thug iadsan e do na h-oifigich agus do na sàighdeiribh a bha fodhpà ; agus b' e'm Facal, "Chlaidheamh Phrionnsa Emanueil agus sgiath a Cheannaird Creidimh ;" is e sin ann an canan Anam-an-duine, "Facal Dé agus Creidimh." An sin thoisich a chàrraid agus thug na ceannardan an ionnsaidh air càmpa Dhiaboluis air gach taobh.

A nis dh'fhàg iad an Ceannard Féin-fhiosrachadh 'sa bhaile, do bhrìgh nach do shlànaich na lotan a rinneadh air leis na h-Ifriannich 'san iorghuill mu dheireadh ; ach an 'nuair a thuig e gu'n robh na ceannardaibh an tarruinn, ghrad ghàirm e air a chrasgaibh, dh'eirich e, agus ghabh e 'sna buinn a

chum a chatha, ag ràdh, “ An laidh mis’ an so, ’nuair a ta mo bhràithrean ’sa bhlàr, agus an uair a dh’fhoillsicheas Emanuel am Prionnsa e-féin ’san raon d’a sheirbhisich ? Ach ’nuair a chunnaic an nàmhac an duine a’ tighinn le ’chrasgaibh ghabh e tuille sgàth : agus thubhairt e ciod a mhisneach a ta aig muinntir Anam-an-duine ’nuair a ta iad a’ cogadh ruinne air an crasgaibh. Ach, mar thubhairt mi, thoisich na ceannardan ri cath agus bu treubhach a chleachd iad an àirm, a’ sior dheanamh iolach mar bha iad a’ bualadh bheumannan, “ Claidheamh Phrionnsa Emanueil agus sgiath a Cheannaird Creidimh.”

A nise ’nuair a chunnaic Diabolus gu’n robh na ceannardan air teachd a mach, agus gu’n do chuartach iad cho gaisgeil a dhaoine, cho-dhuin e nach ruigte leas a bhi ’g earbsa sìon uatha, aig an àm-so, ach garbh-bheuman, agus cruas an claidheimh dà-fhaobhair. Uime sin, bhual e mar an ceudna air feachd a Phrionnsa leis an iomlan de àrmait sgriosail; mar sin thoisich an cath. B’ iad an ceud bhuidhean ris an do choinnich Diabolus anns a’ chath, an Ceannard Creidimh air an darna làimh, agus Morair-na-toile air an làimh eile ; a nis bha builean Mhorair-na-toile mar bhuilean cruaidhe, agus bhual e le ’ghairdean treun air Luchd-teagamh-an-taghaidh, oir b’iadsan freicead-an-dionaidh Dhiaboluis, agus chum e còmhraig riù ré ùine mhath, a’ gearradh ’sa sgathadh sios gu teoma. A nis’ an uair a chunnaic an Ceannard Creideamh an Morair an tarruinn, bhual e-féin le sgairt air a bhuidheann cheudna, mar sin chuir iad gu mòr as-òrdugh iad. Chaidh an Ceannard Deagh-dhòchas an dàil Luchd-teagamh-na-gàirme, a bha ’nan daoine calma, ach bha ’n ceannard ’na laoch gaisgeil ; rinn an Ceannard Féin-fhiosrachadh mar an ceudna cuid do chobhair ris, mar sin chuir e an teicheadh air Luchd-teagamh-na-gàirme. Bha cuid

eile de na h-àrmaitibh a' dian-chòmhrag air gach taobh, agus chog na h-Ifrinnich gu foghainteach. An sin dh'òrduich an t-Ard-rùnair gu'n rachadh tilgeadh leis na cròinn-thabhaill o na chaisteal; agus b'urrainn a chuid daoine clachan a thilgeadh air leud ròineig. Ach an ceann tacan, thoisich iadsan d'am b'éigin an ruaig a ghabhail roimh cheannardan a' Phrionnsa, ri cruinneachadh a rithist, agus thàinig iad gu misneachail air culthaobh feachd a Phrionnsa; uime sin thoisich àrmait a' Phrionnsa ri gabhail geilt; ach air dhoibh cuimhneachadh gu faiceadh iad aghaidh am Prionnsa an ùine ghearr, ghlac iad misneach, agus chuireadh cath anabarrach cruaidh. An sin rinn na Ceannardan iolach, ag ràdh, "Claidheamh Phrionnsa Emanueil, agus sgiath a Cheannaird Creideimh;" agus leis a so dh'aom Diabolús air ais, a smuaineachadh gu'n robh tuilleadh cobhrach am fagus, ach cha tainig Emanuel fathast am follais. An sin dh'aom iad beagan air an ais air an dà thaobh, agus ré an fhosaidh so, mhisнич an Ceannard Creideamh a dhaoine, a' labhairt riù ann an cainnt dhrùidh teach mar a leanas:

"A shàighdearan, agus a bhràithrean 'san oidheirp so, tha e a' cur aoibhneas orm a bhi faicinn feachd cho curanta, treun 'san raon air son Emanuel, agus cho dileas 'nan gràdh do dh'Anam-an-duine. Nochd sibh sibh-féin gus a nis, mar bu chubhaidh dhuibh, 'nur daoine firinneach, misneachail an aghaidh àrmaitean Dhiaboluis; air chòr 's ge mòr am moit, nach eil mòran fàth uaill aca fathast air son na bhruannaich iad. A nis, bithibh misneachail mar a b' àbhaist, agus bithibh treun, fearail a mhàin an aon uair so; oir beagan mhionaidean an deigh do'n ath chath toiseachadh, chi sibh bhur Prionnsa 'ga thaisbeanadh féin 'sa bhlàr; oir is éigin duinn an dara ionnsaidh so a thoirt air an an-tighearna so Diabolus, agus an sin thig Emanuel."

Cha luaithe chuir an Ceannard crioch air labhaint

r'a shaighdeiribh, na thàinig neach d'am b'ainm Cabhag 'na dheann-ruith o'n Phrionnsa, a dh'innse dha gu'n robh Emanuel am fagus. 'Nuair a fhuair an ceannard an naigheachd-so, chuir e 'n céill i do na h-oifigich eile, agus thug iadsan a rithist fios d'an saighdeiribh oirre. Uime sin, dh'eirich na ceannardan, agus an daoine mar dhream a thogadh' o na mairbh, agus bhual iad air an namhaid, agus ghlaodh iad mar a rinn iad roimhe "Claidheamh Phrionnsa Emanueil agus sgiath a Cheannaird Creideamh."

Mar an ceudna ghrad-ghluais na h-Ifriannich, agus rinn iad gach strìth a bha 'nan comas, ach chàill iad a nis am misneach, agus thuit mòran de'n luchd-teagaimh fuar màrbh air an làr. 'Nuair a bha iad còrr agus uair a thím ann a' mire chatha, sùil d'an tug an Ceannard Creideamh, chunnaic e Emanuel a' tighinn, agus thainig e le 'brataichibh a' snàmh anns a ghaoith, le tràmpaidibh a' séirm, agus bu ghànn a bhean casan a dhaoine ris an làr, leis cho luath 'sa bha iad a' tighinn a dh'ionnsàidh nan ceannardan a bha 'san streup.<sup>1</sup> An sin thionndaidh an Ceannard Creideamh a dhaoine mu'n cuairt le'n aghaidh ris a' bhaile. Thainig Emanuel air an taobh eile, agus chuireadh na naimhdean eatorra le chéile; an sin thoisich iad ri cath as ùr, agus cha b'fhada gus an do chòmhlaich Emanuel agus an Ceannard Creideamh a chéile, a' saltradh sios nam màrbh fopa mar bha iad a' teachd air an aghaidh.<sup>2</sup>

Ach 'nuair a chunnaic na ceannardan gu'n robh am Prionnsa air tighinn, agus gu'n do bhual e air na h-Ifriannich air an taobh eile, agus gu'n d'fhuair an Ceannard Creideamh agus a' Mhòrachd eatorra iad, rinn iad àrd-iolaich, agus fhreagair an talamh

1 'Nuair a ta na nàimhdean eadar Criost agus creideamh, tuitidh iad gun teagamh.

2 Ni creidimh cruaidh-ghleachd ri Satan, ach cha toir e buaidh gu h-iomlan air gus am bi an Slanaighear e féin an làthair.

do'n fhuaim, ag ràdh, "Claidheamh Emanueil, agus sgiath à Cheannaird Creideamh." A nis' 'nuair a chunnaic Diabolus gu'n robh e-féin agus 'àrmailtean air an cuartachadh cho teamn leis a Phrionnsa agus le 'àrm rioghail, chuir e-féin agus tighearnan an t-sluic cùl r'am feachd, thàr iad as, agus dh'fhàg siad iad gu tuiteam le làimh Emanueil, agus le làimh a Cheannaird urramaich an Ceannard Creideamh. Mar sin thuit iad gu léir sios màrbh roimh na Phrionnsa, agus 'fheachd rioghail; cha d'fhagadh fiù aon Fhear-teagamh beò; laidh iad màrbh sgaoilte air an lèr mar aolaich.

Nuair a bha an cath seachad, agus a stòl na h-uile nithe 'sa chàmp, thainig ceannardan agus seanairean Anam-an-duine an ceann a chéile a dh'fhàilteachadh Emanueil an taobh a muigh de'n bhaile, agus dh'fhàiltich iad a bheatha, a 'cur mìle furan air, a chionn gu'n robh e air tighinn a rithist gu criochaibh Anam-an-duine. Dan. viii. 1. Mar sin sheall e orra le féith-ghàire, agus thubhairt e, "Sìth gu'n robh dhuibh." An sin rinn iad ullamh gu dol suas a dh'ionnsaidh a' bhaile; agus chaidh iad-féin agus am Prionnsa agus am feachd ùr a thug e leis a chum a' chogaidh gu Anam-an-duine, agus bha iad cho aoibhneach a chionn e bhi air pìlltinn gu gràsmhor dh'an ionnsaidh, 's gu'n d' fhosgail iad uile gheatachan a' bhaile chum am Prionns' a ghabhail a steach.<sup>1</sup>

Agus b'e so an dòigh agus an rian 'san deach e a' steach do dh'Anam-an-duine:—

1. Mar thubhairt mi, chaidh uile gheatachan a' bhaile: seadh, agus geatachan a' chaisteil fhosgladh gu farsainn réidh; shuidhich na ceannardan iad-féin aig geataibh a' bhaile, gu fàilte a chuir air mar thigeadh e a' steach an sin; agus mar bha e a' tarruinn dlùt, thubhairt iad, "O gheatachan, tog-

<sup>1</sup> Tha làthaireachd Chriosd da rìreadh taitneach do'n anam a bhafad air a shàrachadh le eagalaibh agus le teagamhnaibh.

aibh suas bhur cinn, agus bithibh air bhur togail suas a dhorsas siorruidh, agus thig Righ na glòire stigh." Agus thubhairt iad a rithist, "Cò e Righ na glòire." Agus fhreagair siad iad-féin, ag ràdh. "An Tighearna laidir agus cumhachdach, an Tighearna treun an cath. Togaibh suas bhur cinn a gheatachan, agus bithibh air bhur togail suas, a dhorsan siorruidh," &c.

2. Dh'òrduicheadh mar an ceudna dhoibh-san a b'ealanta aig ceòl air feadh Anam-an-duine, seinn fad an rathaid o gheataibh a bhaile chum a' chaisteil, a thaisbeanadh an urram d'a Mhòrachd bheann-aichte; an sin fhreagair na seanairean agus a' chuid eile de mhuinnitir Anam-an-duine a chéile, mar bha Emanuel a' dol a stigh do'n bhaile, gus an d'ràinig e geatachan a' chaisteil, le òranaibh agus fuaim thròmpaidibh, ag ràdh, "Chunnaic iad do thriall, a Dhé, eadhon triall mo Dhé, mo Righ, 'san ionad naomhd. Mar sin dh'imich an luchd-séinn air thoiseach, an luchd-ciùil 'nan deigh, am meadhon mhaighdean a bualadh thiompan."

3. Fhritheil na ceannardan, a reir an inbhe, air a' Phrionnsa mar chaidh e stigh air geataibh Anam-an-duine; chaidh an Ceannard Creideamh air thoiseach,<sup>1</sup> agus chaidh an Ceannard Deagh-dhòchas maille ris; thainig an Ceannard Gràdh nan deigh-san, maille ri cuid de chòmpanaichibh, agus lean an Ceannard Foighidinn 'nan deigh uile, agus thainig na ceannardan eile, cuid air an làimh dheis, agus cuid air an làimh chlì, an cuideachd Emanuel a steach do dh'Anam-an-duine. Agus ré na h-ùine so uile bha 'n t-iomlan de na brataichibh air an sgaoileadh, na tròmpaidean a' séirm, agus na sàighdearan gun sguir a' deanamh iolaich għairdeachais. Mharcaich am Prionnsa féin a steach do'n bhaile fo làn àrmachd, a bha gu h-iomlan de dh'òr buailte,

<sup>1</sup> Theid creideamh air thoiseach, àgus leanaidh deadh oibre an comhnaidh an Slanaighear 'nuair a theid e stigh do'n anam.

agus 'na charbad, aig an robh a phuist de dh'airgiod, 'iochdar de dh'òr, 'uachdair de phurpuir, agus a mheadhon air a chomhdachadh le gràdh air son nigheanan Anam-an-duine.

4. Bha lilidhean agus blàthan air an sgapadh air feadh nan sràidean gu léir, a bh' air an deanamh iongantach maiseach le meuraibh agus le géugaibh de na craobhaibh uaine a bha fàs ceithir-thimchioll a' bhaile.<sup>1</sup> Bha gach dorus air a lionadh le muinn-tir, a rinn deagh-mhaiseach beulthaobh an tighean le ni-éigin neònach agus ro bharraichte a thaisbeannadh urram do dh'Emanuel mar bha e gabhail seach-ad air na sràidibh ; mar an ceudna chuir iad féin fàilt air 'san dol seachad, le iolaich agus caithream ghàirdeachais, ag ràdh, “ Beannaichte gu robh am Prionns' a ta teachd ann an ainm Shaddai 'Athar.”

5. Chuir seanairean Anam-an-duine a rithist fàilt air Emanuel aig geataibh a' chaisteil, eadhon, Morair-a'-bhaile, Morair-na-toil', am Fo-shearmon-aiche, Eòlas, agus Fear-na-h-inntinn, maille ri cuid eile de mhaithibh an àite ; chròm siad iad féin sios da, phög iad duslach a chas, thug iad tàing, bheannach agus chliùthraig iad a Mhòrachd, air son nach do ghabh e fàth 'nan aghaidh air son am peac-annan, ach an àite sin gu'n d'rinn e iochd orra 'nan truaighe, agus gu'n do phil e do'n ionnsaidh le tràcairibh, a' thogail suas am baile gu bràth. Mar so thugadh air aghaidh e dh'ionnsaidh a' chaisteil, oir b'e sin an lùchaint rioghail, agus an t-àite 'san robh e gu còmhnaidh a ghabhail ; a bha air ullachadh air son a Mhòrachd le lathareachd an Ardrùnaire, agus le obair a Cheannaird Creideimh Mar sin chaidh e stigh.

6. An sin thainig sluagh Anam-an-duine d'a ionnsaidh do'n chaisteal a dheanamh bròin, caoidh, agus tuiridh air son an aindiadachd, leis an d'fhògair iad e as a' bhaile. Mar sin 'nuair a

1 Deagh smuaintean aoibhneach.

thàinig iad, chròm siad iad féin gu làr seachd uairean, mar an ceudna rinn iad caoidh le àrd-ghul, agus dh'iarr iad mathanas air a' Phrionnsa, agus ghuidh iad gu'n daingnicheadh e a ghràdh do dh'Anam-an-duin' a rithist, mar o shean.

Fhreagair am Prionnsa mòr agus thubhairt e riù, "Na guilibh, ach imichibh, ithibh nithe sultmhòr agus òlaibh nithe deagh-bhlasda, agus cuiribh cuibhrionnan d'an ionnsaidh-san do nach d'ullaicheadh ni sam bith, oir is e aoibhneas 'ur Tighearna bhur neart. Tha mise air pilltinn gu Anam-an-duine le caomh-thròcairibh, agus bitidh m'ainm air àrdachadh agus air a dheanamh urramach leis." Mar an ceudna ghabh e an luchd-àiteachaidh ud 'na uchd agus phòg se iad. A thuilleadh air sin, thug e slàbhraidih òir agus fàinne, do sheanaraibh agus do mhaoir baile-Anam-an-duine. Chuir e mar an ceudna cluais-fhailean, seudan, làmh-fhailean, agus nithe eile a dh'ionnsaidh am mnathan.<sup>1</sup> Bhuilich e fòs ioma ni luachmhòr air clann dhligheach Anam-an-duine.<sup>2</sup>

An deigh do dh'Emanuel am Prionnsa, na nithe so uile a dheanamh air son baile iomraiteach Anam-an-duine, an sin thubhairt e riù, air tùs, "Nighibh 'ur n-aodach, an sin cuiribh umaibh 'ur seudan, agus a rithist thigibh d'am ionnsaidhsa gu caisteal Anam-an-duine." Eccl. ix. 8. Mar sin chaidh iad a dh'ionnsaidh an tobair a chaidh fhosgladh air son tigh Iudaih agus Ierusaleim chum ionnlaid ann; agus nigh iad ann an sin, agus rinn iad an aodach geal, agus thàinig iad a rithist a dh'ionnsaidh a' Phrionnsa do'n chaisteal, agus anns an uidheam so sheas iad 'na fhianais. Sach. xiii. 1. Tais. vii. 14, 15.

A nise bha sonas agus gàirdeachas air feadh Anam-an-duine gu h-iomlan; oir dheònaich am

<sup>1</sup> Breithneachadh naomha an anama.

<sup>2</sup> Smuaintean òg ànmhainn agus naomha.

Prionns' a ritist dhaibh a làthaireachd, agus solus a' ghnuise; mar an ceudna shéirm na cluig agus dhealraich a' ghrian orra gu taitneach ré tamaill.

Bha Anam-an-duine a nise ni bu dùrachdaiche ag iárraidh léir-sgrios a thoirt air na h-uile a dh'fhàgadh do na h-Ifrinnich a bha fantainn anns na ballachaibh, agus anns na tuill a bha aca anns a' bhaile, oir gus an latha 'n diugh fhuair cuid diù as le'm beatha bho làimh an luchd-tòireachd ann an Anam-an-duine. Cha robh Morair-na-toile riamh 'na chùis eagail cho mòr dhaibh 's a bha e nis; a chionn gu'n robh a chridhe ni bu ro-shuidhichte air an rànnsachadh a mach agus an geur-leanmhainn gu bàs; bha e air an tòir a latha agus a dh'oidhchle, ionnas gu'n chuir e iad ann an teanndachd ro chruaidh, mar chithear an deigh so.<sup>1</sup>

An deigh do chùisibh bhi air an cur an rian an fheadh so ann an Anam-an-duine, dh'òrduicheadh leis a' Phrionnsa bheannaichte, Emanuel, gu'n cuireadh muinntir a' bhaile gun dàil, cuid-éigin air leth gu dol a dh'ionnsaidh a chòmhnaird a thiodhlaic-eadh nam màrbh a bha an sin, a thuit le claidheamh Emanueil agus le sgiath a' Cheannaird Creideamh, air eagal gu'n eireadh droch bholtrach dhiù a thruailleadh an àilidh agus a dheanadh cròn air Anam-an-duine. Mar an ceudna, a chum is cho fad 'sa bha e an comas a' bhaile, gu'n gearradh iad as àinm agus bith, agus cuimhneachan nan naimh-dean sin, an Luchd-teagamh, o smuaintibh a bhaile ionraiteich sin, agus a luchd-àiteachaidh.

Uime sin thugadh òrdugh le Morair-a'-bhaile, a bha na charaid glic agus dìleas do dh'Anam-an-duine gu'n rachadh muinntir mu thimchioll a' ghnothaich fheumail so; agus shònraigheadh Eagal-Dé agus Tréidhireach'nan luchd-coimhid os ceann na muin-

<sup>1</sup> 'Nuair a tha an t-anam air a' shoillseachadh le làthaireachd an Tighearna, théid dùrachd as fir a chleachdadh ann an rànnsachadh air son peacaidh agus a chum buaidh a thoirt air.

tir a bha gus na mairbh adhlacadh. Bha cuid gus na h-uaighean fhosgladh, cuid gus na mairbh adhlacadh, agus cuid eile gu dol air ais agus air aghaidh air feadh nan raon, agus mar an ceudna timchioll chriochan Anam-an-duine, air eagal gu'n robh claireann no cnàimh, no mìr cnàimhe Fir-teagaimh, fathast r'a fhaotainn air uachdair an talmhuinn an àit' air bith teann air làimh ; ni ma fhuaradh dh'òrduicheadh do'n luchd-siridh comharradh a chuir suas làimh ris, chum gu'n amaiseadh an luchd-adhlacaidh air, agus gu'n tiodhlaiceadh iad e ás an t-sealladh, a chum gu'm biodh ainm agus cuimhne Fir-theagaimh Ifrinneach air an dubh-adh a mach o bhi fo neàmh ; agus a chum, nan gabhadh e deanamh, nach biodh fhios aig a' chlann agus aca-san a bha gu bhi air am breith ann an Anam-an-duine, ciod a bh'ann an claireann, no ann an cnàimh, no ann am mìr cnàimhe Fir-teagaimh.<sup>1</sup> Rinn an dream a shònraicheadh a chum na crìche sin, mar a dh'áithneadh dhoibh, thiodhlaic iad an Luchd-teagamh, agus gach claireann agus cnàimh, agus gach mìr cnàimhe, do luchd-teagaimh, ge b'e àit' an d'fhuair siad iad, agus ghlan iad na raointean. Thiodhlaic iad mar an ceudna an airm-chatha maille riù féin, a bha nan innealaibh guineach bàis, (b'iad am buill-àirm saighdean, gathan, faircean, leusan-teine, agus an leithidean sin;) thiodhlaic iad mar an ceudna an éididhean-chogaidh, an suaicheantais agus am brataichean, maille ri bràtach Dhiaboluis, agus na h-uile ni eile a b'urrainn doibh fhaotainn a mheas iad a bhi aig Fear-teagamh Ifrinneach.


Mar so thiodhlaic iad na h-uile seòrsa Luchd-teagaimh anns na raontaibh timchioll Anam-an-

---

<sup>1</sup> Is còir gach fuigheall de na teagamhaibh leis am beil an creideach air a chuaireachadh a thoirt air falbh, ma ghabhas e deanamh a thaobh gu bheil e chum eas-urram do ar Tighearna, agus cronail do ar 'n anama.

duine; ach thàr na prionnsachan agus na ceannardan, maille ri seann As-creideamh am priomh cheannard, as. Mar an ceudna ghlac Sìth-Dhé a dhreuchd féin a rithist, agus ghnàthaich se e' mar anns an àm a chaidh seachad.

### CAIBIDIL XII.



#### GLACADH AN LUCHD TEAGALMH.

Rùnaich Diabolus ionnsaidh eile a thoirt air Anam-an-duine le àrmait de Dhaoine-fulteach agus de Luchd-teagamh—Mean-chùntas mu'n àrmait so—Rainig iad fa chomhair Anam-an-duine—Ghuidh muinnitir a' bhaile air Emanuel an tearnadh—Sheol am Prionnsa do na ceannardaibh mar a dheanadh iad—Mhair an scéisd ùine fhada—Mu dheireadh dh'òrdúich Emanuel do na ceannardaibh dol a mach a chath ri Diabolus agus ri àrmait—Sgap an Luchd-teagamh 'nuair a chunnaic iad daoine a Phriónnsa—Rinneadh priosanaich de na Daoine-fulteach—Chaidh ceathar de Luchd-teagamh a steach do dh'Anam-an-duine, agus thug Anamh aras aoidheachd dhoibh—Ghlac Morair-na-toil iad—Mar dh'fheuchadh agus mar chuireadh gu bàs iad—Ghlacadh tuilleadh de na h-Ífrinnich—Dh'òrdúich Emanuel do mhuinnitir a' bhaile comhlachadh 'na lathair-san—Labhair e riu, dh'aithris e agniomharran fialaidh, a' taisbeannadh a mach a ghráidh d'an taobh-san—A gealltann gu'n atharraichear iad gu rioghachd 'Athar, agus gu'n cuirear suas am baile a rithist ann an sin air dhòigh tro

ghlòrmhor—Tha e a' cò-dhunadh le bhi 'g innse dhoibh ciod a tha iad gu dheanamh gus an tig e rithist a cho-lionadh na h-oibreach mòra so.

A nis, an uair a ràinig an t-aintighearna, maille ri 'sheanna charaid As-creidimh Tom-geat'-ifrinn, chaideh iad air ball sios do'n t-sloc, agus air dhoibh féin agus d'an còmpanaichibh, co-chaoidh a dheanamh ré tamaill air son an cruidh-fhortain, agus am mòr chall a dh'fhuilic iad anns a' chogadh ri Anam-an-duine, mu dheireadh las fraoch am féirge, agus rùnaich iad dioghaltas a dheanamh air son a' challa so ; uime sin, ghairm iad comhairle air bàll chum gu'n smuainicheadh iad fathast ni b'fhaide ciod a dheanadh iad an aghaidh baile iomraiteach Anam-an-duine, oir cha robh a dh'fhoighidinn ac' a dh'fheitheadh ri fhaicinn ciod a' chrioch gus an tigeadh comhairle Lucifer agus Apolion, oir mheas an ciocras do-chasgadh gach latha mar bhliadhna, gus am biodh iad air an sàsachadh le corp agus anam, le feòil, cnàmhan, agus le uile shòghmhorachd Anam-an-duine. Uime sin, rùnaich iad ionnsaidh eile thoirt air a bhaile le àrmait, de Daoine-fulteach àgus de Luchd-teagamh.

Tha'n Luchd-teagamh air an sloinneadh a réir an gnè, cho math is a réir na dùthcha 'san d'rùgadh iad ; 'se is gnè dhoibh a bhi cur an teagamh uile fhirinnibh Emanueil, agus is e Tìr-an-teagamh is dùthaich dhoibh, a nis tha 'n tìr sin 'na laidhe fada, fada gu Tuath, eadar Tìr-an-Dòrchadais agus Gleann-Sgàile-a'-Bhàis. Oir ged a tha na duthchannan so air uairibh air an ainmeachadh mar nach biodh annt' ach an aon dùthaich ; gidheadh gu cinnteach is da thìr iad, a tha gle dhlù da chéile ; agus tha Tìr-an-teagamh 'na laidhe eatorra, agus is iad dùthchasaich na tire-so, a thàinig maille ri Diabolus a sgrios Anam-an-duine.

Is muinntir na Daoine-fulteach a th'air an sloinneadh a réir nàimhdeis an gnè, agus a réir an iarrtais an-iochdmhor a th'aca gu Anam-an-duine

sgrios. 'Se Tìr-gràin-do-mhath ainm na dùthcha, tha na h-earrannan is faid' as dh'i astar mhòr o Thir-an-teagamh, gidheadh tha iad araon a' còmh-lachadh aig an tòm d'an goirear Tòm-geat'-ifrinn; Tha 'n sluagh so an còmhnaidh an co-bhòinn ris an Luchd-teagamh, oir tha iad gu h-aon-sgeulach, a' cur an teagamh creideamh agus dìlseachd mhuinntir Anam-an-duine, agus mar sin tha iad araon coimhionann freagarrach air son seirbhis am Prionnsa.

An sin thog Diabolus àrmait eile anns na duth-channan so an aghaidh Anam-an-duine, anns an robh cùig mìle fichead fear. Dhiu so bha cùig mìle deug do Dhaoine fuitteach, agus deich mìle dè Luchd-teagamh; agus rinneadh seann As-creideamh a rithist 'na àrd-cheannard air an fheachd.

B'iad ceannardan an Luchd-teagamh, cùignear de na seachd cinn-fheadhna bh'air an armait Ifrinneach mu dheireadh, agus is iad so an ainmean, Beelsebub, Lucifer, Apolion, Legion, agus Cerberus; agus rinneadh fo cheannardan agus fir-bhrataich anns an armait, de chuid eile de na ceannardaibh a bh'orra roimhe. Ach cha robh a bheag a dh'earbs' aig Diabolus ann an treubhantas an Luchd-teagamh anns an ionnsaigh so, oir chuireadh dearbhadh air am misneach roimhe, agus chuir muinntir Anam-an-duine an ruáig orra, ach 'sann a bha 'n t-iomlan de dhòchas 'na Dhaoine-fuitteach, oir bha iad uile nan slaoighearan borba, agus b'eòl dha gu'n d'rinn iad gniomharran gaisgeil roimhe so.

A thaobh nan Daoine-fuitteach, b'iad so an ceannardan-san.

1. Bha 'n Ceannard Cain os ceann nan Daoine-fuitteach Farmadach agus Feargach, ghiùlan 'fhear-brataich a bhratach dhearg, agus b'e shuaicheantas cuaille dubh a mhoirt. Gen. iv. 8.

2. Bha 'n Ceannard Nimrod os ceann nan Daoine-fuitteach Aintighearnail agus fhòirneartach; ghiùlan

'fhear-brataich-san a' bhratach dhéarg, agus b'e shuaicheantas Cù Mòr lùirg. Gen. x. 8, 9.

3. Bha 'n Ceannard Ishmael os-ceann nan Daoine-fuilteach sgeigeil agus fanaideach ; ghiùlan 'fhear-brataich-san a bhratach dhearg, agus b'e shuaicheantas neach a fanaid air Isaac 'Abrahaim. Gen. xxi. 9, 10.

4. Bha 'n Ceannard Esau os ceann nan Daoine-fuilteach a thalaich air gu'n sealbhaicheadh neach eile a bheannachd ; mar an ceudna os an ceann-san a bha air son am falachd a dhioladh air mùinnitir eile ; ghiùlan fhear-brataich-san a bhratach dhearg, agus b'e shuaicheantas neach a' deanamh feall-fhalach a chum Iacob a mhort. Gen. xxvii. 42—46.

5. Bha 'n Ceannard Saul os ceann nan Daoine-fuilteach Farmadach-gun-chion-fath agus a tha mallaichte borb ; ghiùlan fhear-brataich-san a bhratach dhearg, agus b'e shuaicheantas trì gathan fulteach air an tilgeadh air Daibhidh neo-chiontach. 1 Sam. xviii. 10.

6. Bha 'n Ceannard Absalom os ceann nan Daoine-fuilteach a mharbas athair no caraid, air son glóir an t-saoghail so ; mar an ceudna os an ceann-san a chumas beul-briagha ri neach gus an troimh-lot iad e le'n claidhmhibh ; ghiùlan 'fhear-brataich-san a' bhratach dhearg, agus b'e shuaicheantas am Mac an dian thoir air ful 'Athar. 1 Sam. xix. 10 ; xx. 23. 2 Sam. xvi. 16, 17.

7. Bha 'n Ceannard Iudas os ceann nan Daoine-fuilteach a reiceas beatha neach air son duais, agus mar an ceudna os an ceann-san a bhrathas caraid le pòig ; ghiùlan 'fhear-brataich-san a bhratach dhearg, agus b'e shuaicheantas deich buinn fhichead airgid agus tobha na croiche. Mata xxvi. 14, 16.

8. Bha 'n Ceannard Pàp' os ceann aon bhuidhean ; oir tha 'n t-iomlan de na spioradan so air dol an co-bhoinn fodha-san ; ghiùlan 'fhear-brataich-san a bhratach dhearg, agus b'e shuaicheantas am post,

an lasair, agus an t-ionracan ceangailte innse.  
Tais. xiii. 7, 8. Dan. xi. 33.<sup>1</sup>

A nis b'e 'n t-aobhar air son an d'ath-chruinnich Diabolus feachd eile cho ealamh, gu'n do chuir e mòran tuille muinghinn 'na Daoine-fuilteach, na chuir e roimhe 'na Luchd-teagamh, ged a rinn iadsan mar an ceudna gu minig mòr sheirbhis dha 'na dhaingneachadh ann a rioghachd. Ach chuir e gu tric dearbhadh air na Daoine-fuilteach so, agus b'ainmig a phill an claidheamh falamh. A thuilleadh air sin, b'eòl dha gu'n leumadh iad so mar mhadraidh air neach sam bith, air athair, màthair, bràthair, piuthar, prionnsa, uachdaran, seadh, na air Prionnsa nam Prionnsa. Agus b'e an t-aon ni bu mhò a thug a misneach dha, gu'n d'fhuadaich iad Emanuel féin uair-eigin á rioghachd a Chruinne-ché ;<sup>2</sup> agus c'arson, ars'esan, nach fhaod iad fhuadach o Anam-an-duine ?

Mar sin threòraicheadh an àrmait so, an aghaidh Anam-an-duine le'n àrd cheannard, As-creidimh. A nis thug Mean-ranusachadh, Ceann-feadhn'-an-luchd-beachdachaidh, sgeul gu Anam-an-duine gu'n robh iad a' tighinn : uime sin dhùin iad an geatachan, agus chuir siad iad-féin anns an t-suidheachadh dion' a b'fhearr a b'urrainn iad.

Mar sin thug Diabolus àrmait air an aghaidh, agus chuitaich e Anam-an-duine ; shuidhicheadh

<sup>1</sup> Is luchd geurleanmhuiinn (faic Salm cxxxix. 19.) na Daoine-fuilteach, daoine a tha, fo bhuaidh na h-inntinn-fheòlmhor, a' taisbeanadh an nàimhdeas an aghaidh Dhé. Ged tha 'n Criosdaidh air a shaoradh o chumhachd Shàtain, gidheadh feumaidh iadsan uile leis an àill am beatha a chaitheadh gu diadhaidh ann an Iosa Criosd earbsa gu'm fuiling iad geur-leaumhuinn air son na còrach. Is iad an ceannardan an dream sin a bha am measg an luchd-geurleanmhuiinn bu nàimhdeile, bho Chain a mharbh a bhràthar, chum a' Phàpa—mu'm bheil e air a' ràdh ann an Leabhar an Taisbeanaidh e bhi air mhisg le fuil nan naomh.

<sup>2</sup> Chuir an t-Abstol Peadar an ceart ni so as leth nan Iudhach o shean, " An duine so, a thugadh thairis le comhairle chinnteach agus roimh-eolas Dé, ghlac sibhse, agus le làmhaibh dhìroch dhaoin-e chéus agus mharbh sibh e." Gniomh. ii. 23.

an Luchd-teagamh mu'n cuairt do Gheat'-a-inhooth-achaidh, agus shocraich na Daoine-fuilteach iad-féin fa chomhair Geata-na-sùla agus Geata-na-cluaise.

'Nuair a shuidhich an àrmait so iad-féin, chuir As-creideamh bàirlinn gàrg, an ainm Dhiaboluis, 'na àinm féin, an ainm nan Daoine-fuilteach, agus an àinm chàich a bhìa maille ris, gu Anam-an-duine striochdadhbh, a' bagairt 'nan seasadh iad fathast 'nan aghaidh, gu'n Loisgeadh iad air ball am baile le teine. Oir cha robh na Daoine fuitteach cho mòr an air son gu'n striochdadhbh Anam-an-duine, 'sa bha iad gu'm biodh e air a sgrios, agus air a ghearradh á tìr nam beò. Tha e fior, gu'n do chuir iad fios d'an ionnsaidh striochdadhbh, ach eadhon ged bha iad air sin a dheanadh cha riaraicheadh e na daoine so : feumaidh iadsan fuil, fuil Anam-an-duine, no gheibh iad bàs ; agus is ann uaithe sin a tha iad air an sloinneadh. Uime sin, ghléidh Diabolus na Daoine-fuitteach<sup>1</sup> so gus a nis, a chum gu'm biodh iad air an toirt an aghaidh Anam-an-duine, 'nuair a dh'fhàiligeadh na h-uile meadhon eile. Salm xxii. 16. Isaiah lix. 7. Ier. xxii. 17.

'Nuair a fhuaireann muinntir a' bhaile am barnaigeadh searbh so, dhùisg e caochla smuaintean anna ; an ùin' bu lugha na leth-uair cho-aontaich iad am bairlinnean a' ghiùlan a chum a' Phrionnsa an deigh dhoibh sgrìobhadh aig iochdar, "O Thighearna bho dhaoinibh fuileachdach saor Anam-an-duine." Salm lix. 2.

Mar sin smuainich e air, mar an ceudna ghabh e beachd air an achanaich ghoirid a sgrìobh muinntir Anam-an-duine aig iochdar, agus ghàirm e air a Cheannard urramach Creideamh, agus dh'iarr e air an Ceannard Foighidinn a thoirt maille ris, agus an taobh sin de Anam-an-duin' a bh' air a chuart-achadh leis na Daoine-fuitteach a dhòn. (Eabh.

<sup>1</sup> Cha'n 'eil ni a thoilicheas luchd-géurleanmuinn ach Anam-an-duin' a' sgrios.

vi. 12, 15.) Mar sin chaidh an Ceannard Creideamh agus thug e leis an Ceannard Foighidinn, agus dhòn iad le chéile mar a dh' àithneadh dhoibh, an taobh sin de dh' Anam-an-duine a bha air a theannachadh leis na Daoine-fuilteach.<sup>1</sup>

An sin dh' àithn Emanuel do'n Cheannard Deagh-dhòchas, do'n Cheannard Gràdh, agus do Mhorair-na-toile, cùram a ghabhail do'n taobh eile de'n bhaile an aghaidh an Luchd-teagamh ; "agus cuiridh mi-féin," ars' am Prionnsa, " mo bhratach air barra-bhalla bhur caisteil." (Isai. lix. 19.) Air dha so a dheanamh, dh' àithn e gu'n cuireadh an Ceannard treubhach sin Féin-fhiosrachadh a dhaoine an òrdugh ann an àite na féille, agus gu'n cleachadh e iad gach latha ri lùgh-chleasaibh cogaidh fa chomhair mhuinntir Anam-an-duine. A nis mhair an séisdeadh ré ùine fhada, agus is iomadh ionnsaidh gharbh a thug na nàimhdean, gu h-àraig na Daoine-fuilteach, air Anam-an-duine ; agus is iomadh làimhseachadh goirt a thug iad do chuid de mhuinntir a' bhaile, gu h-àraig do'n Cheannard Féin-àicheadh, neach, mar bu chòir dhomh innse dhuibh roimhè so, dh'an d'òrduicheadh cùram a ghabhail de Gheata-na-cluaise agus de Gheata-na-sùla an aghaidh nan Daoine-fuilteach. Bu duine òg an Ceannard Féin-àicheadh so, ach bu duine treun e, agus b' ann de ghnà-mhuinntir Anam-an-duin' e, mar a bha an Ceannard Féin-fhiosrachadh mar an ceudna ; agus rinn Emanuel, aig a dhara pilltinn g'an ionnsaidh, na cheannard e os ceann mìle de mhuinntir Anam-an-duine. Air do'n cheannard so a bhi 'na dhuine ro ghaisgeil, agus toileach e-féin a chur an cunnart air son math a' bhaile, thug e iomadh caismeachd ghàilbheach do na Daoine-fuilteach, agus chuir e iomadh deabhaidh ghoirt riù, mar an ceudna mhàrbh e cuid dhiu ; ach anns

<sup>1</sup> Le creideamh agus foighidinn, bheirear buaidh air geur-leanmhinn; le féin aicheadh tha cumhachd an nàmhaid so air a lagachadh.

a' chòmhrag fhuair e iomadh athaillt 'san aodann, agus ann an àitibh eile de 'chorp.

Mar sin an deigh beagan ùine chaitheamh chum dearbhadh a chur air creideamh, dòchas, agus gràdh baile Anam-an-duine, ghairm Prionnsa Emanuel a cheannardan agus 'fhir-chogaidh an ceann a chéile, agus ròinn e iad nan dà bhuidhean, agus dh' àithn e dhoibh aig àm suidhicht, gu ro mhoch air a mhaduinn, brùchdad a mach air na naimhdibh ; ag ràdh, "Buaileadh aon leth agaibh air an Luchd-teagamh, agus an leth eile air na Daoine-fuilteach. Sibhse a théid a mach an aghaidh an Luchd-teagaimh, glacaibh agus màrbhaibh a mheud diu 's is urrainn duibh ; ach sibhse a theid a mach an aghaidh nan Daoine-fuilteach, na màrbhaibh iad, ach glacaibh beò iad." Rom. xii. 14. Mata v. 44.

Mar sin chaidh nà ceannard a mach mar a dh' àithneadh dhoibh an aghaidh nan naimhdean : Chaidh an Ceannard Deadh-dhòchas, an Ceannard Gràdh, maille ris a Cheannard Neo-chiontas, agus ris a Cheannard Féin-fhiosrachadh, a mach an aghaidh an Luchd-teagaimh ; agus chaidh an Ceannard Creideamh, agus an Ceannard Foighidinn, maille ris a Cheannard Féin-aicheadh, agus each a bha dol an co-bhòinn riu, a mach an aghaidh nan Daoine-fuilteach.

'Nuair a chuimhnich an Luchd-teagamh, an lunndraigeadh mu dheireadh a fhuair iad, cha do leig a ghealtachd dhoibh seasamh ri cath, ach ghabh iad an ruaig roimh dhaoine a Phrionnsa, - a lean air an tòir agus a mhàrbh mòran diu, ach cha b'urrainn doibh amas orra uile. A nis chaidh cuid dhiubhsan a theich dhachaigh, agus shiubhail a chuid eile dhiù mar fhògaraich, air faontradh air ais agus air aghafat air feadh na dùthcha, far an do ghnàthaich iad mòran de'n cleasaibh Ifrinneach air an t-sluagh bhòrb ; oir cha do chathaich an sluagh so 'nan aghaidh,<sup>1</sup> uime sin rinn iad tràillean diù. Mar an

<sup>1</sup> Cha chathaich As creideamh gu bràth an aghaidh Luchd-teagaimh.

ceudna nochdadadh siad iad féin an déigh so 'nan cuideachdan fa chomhair Anam-an-duine, ach cha'n fhanadh iad ann ; oir nan taisbeanadh an Ceannard Creidimh, an Ceannard Deadh-dhochas, no an Ceannard Féin-fhiosrachadh iad féin, thàradh iadsan as.

Rinn iadsan a chaidh an aghaidh nan Daoine-fuilteach, mar a dh'aithneadh dhoibh, cha do mhàrbh iad a h-aon diù, ach thug iad a chruaidh ionnsaidh air an cuartachadh. Ach 'nuair a chunnaic na Daoine-fuilteach, nach robh Emanuel anns a' bhlàr, cho'-dhùin iad nach mò na sin a bha e ann an Anam-an-duine ; uime sin, 'nuair a chunnaic iad na nithe a rinn na ceannardan mheas iad nach robh anna ach toradh mi-riaghailteach am mac-meamna bòrb agus amaideach féin, mar sin rinn iad tàire orra an àite eagal a ghabhail rompa, ach mu dheireadh chuartaich na ceannardan iad, aig an àm cheudna thàinig iadsan a chur an ruaig air an Luchd-teagamh, 'gan cobhair ; mar sin an déigh beagan stréup, dhùirigeadh na Daoine-fuilteach an ruaig a ghabhail mar an ceudna, ach air chionn so bha e ro an-moch, oir ged a tha iad cronail agus an-iochdmhor far am faigh iad buaidh, gidheadh cha'n 'eil ach gealtairean anns na h-uile Dhaoine-fuilteach, 'nuair a chòmhlaicheas iad ri'n sëise, mar sin ghlac na ceannardan iad, agus thugadh a dh'ionnsaidh Emanueil iad.

'Nuair a thugadh iad fa chomhair a' Phrionnsa, agus a cheasnaccheadh iad, chunnaic e gu'n d'thàinig iad á trì caochla Siòrrachdan, ged is ann á aon tìr a thàinig iad uile.

1. Thàinig aon seòrsa dhiù á Siòrrachd-an-duine-dhoill, agus is ann tre AINEOLAS a rinn iad a ni a rinn iad. 1 Tim. i 13—15.

2. Thàinig seòrsa eile dhiù á Siòrrachd-an eud-dhòill agus is ann tre SHAOBH-CHRABHADH a rinn iad an ni a rinn iad.

3. Thainig an treas seòrsa dhiù á baile a Mhì-rùin, ann an Siorrachd-an-fharmaid, agus is ann tre **FHUATH** agus **GHAMHLAS** a rinn iad an ni a rinn iad.

A thaobh a cheud seòrsa dhiù so, a thàinig á Siorrachd-an-duine-dhòill, (Gniomh ix. 5, 6,) 'nuair a chunnaic iad an t-àit' an robh iad, agus cò an aghaidh an do chathaich iad, chriothnaich, agus ghuil iad mar a sheas iad 'na lathair; agus a mheud diù 'sa dh'iarr tràcair bhean e ri 'm bilibh le a shlait rioghail.<sup>1</sup>

Bha iadsan a thàinig á Siorrachd-an-eud-dhoill (Eoin viii. 40—43,) a' cumail a mach gu'n robh e dligheach dhoibh an ni a rinn iad a dheanamh, a chionn gu'm bu bhaile Anam-an-duine aig an robh a laghan agus a chleachdainean eadar-dhealaichte o gach aon mu'n cuairt dha; is ro bheag dhiù so a b'urrainnear a thoirt gu olc an slighe fhaicinn, ach iadsan a chunnaic agus a dh'iarr tràcair fhuair iad mar an ceudna deagh-ghean.

A nis cha d'rinn iadsan a thàinig á baile a Mhì-rùin, ann an Siorrachd-an-Fharmaid, (Tais. ix. 20, 21.) aon chuid guil, deasbaireachd, no aithreachas, ach sheas iad a' cnàmh an teangan tre mhòr-dhoil-ghios agus chaothach, a chionn nach fhaigheadh iad am miann air Anam-an-duine. Thug e air gach aon fa leth de'n t-seòrsa so mu dheireadh, maille ris a' chuid sin de'n là sheòrsa eile nach d'iarr gu tréidhireach mathanas air son an lochdan, e féin a cheangal ann am bànn gu freagairt air son na rinn. e an aghaidh Anam-an-duine, agus an aghaidh a Righ, aig a' mhòd<sup>2</sup> mhòr agus choitcheann a tha gu bhi air a chumail air son ar Tighearn an Righ, far an suidhich e féin, air son dùthaich agus rioghadh a' Chruinne-cé.

1 'Sann bho aineolas,- saobh-chràbhadh no mi-rùn a tha na h-uile geur-leanmhainn ag eirigh. Tha tràcair air a nochdadadh do'n cheud dithis—'s urrainn mòr chumhachd Dhé Saul a thionndaidh gu bhi na Phòl—fear géur-leanmhainn gu bhi na naomh.

2 Là a bhreitheanais.

Agus an fhad so mu thimchioll an dara feachd a chuireadh le Diabolus a' sgrios Anam-an-duine.

Ach bha ceathrar de'n Luchd-teagamh, an déigh siubhal air allaban air feadh na dùthcha ré tamall, air dhoibh fhios a bhi aca gu'n robh Ifrinnich fathast anns a' bhaile, a bha cho dàna 's gu'n deach iad a steach nam measg do dh'Anam-an-duine. Chaidh iad gu tigh fear d'am b'ainm An-amharas,<sup>1</sup> seann Ifrinneach ann an Anam-an-duine, agus fior nàmhaid guineach do'n bhaile sin, agus ro theoma a measg nan Ifrinneach an sin. Thug e caidreamh dhoibh agus dh'fhòir e orra leis na nithibh a b'fhearr a bha 'na thigh. An ceann tamall beag dh'fheòraich seann An-amharus de'n Luchd-teagamh an ann á aon bhaile thàinig iad uile? (Oir bha fhios aige gur ann a aon rìoghachd a thàinig iad,) fhreagair iadsan, "Cha'n ann, no a aon siorrachd;" "oir is Fear-teagamh-an-taghaidh mise," arsa fear dhiù; "Is Fear-teagamh-na-gàirme mise," arsa fear eile; "Is Fear-teagamh-slàinte mise," ars' an treas fear; "Agus is Fear-teagamh-gràis mise," ars' an ceathramh fear. "Ro mhath," ars' an seann duine uasal, "thigibh o'n t-siorrachd is àill leibh, tha mi làn-chinnteach gu bheil sibh de dh'aon rùn riomsa, agus tha sibh di-beathte uamsa." Mar sin bha iad toilichte gu'n d'fhuair iad fasgadh ann an Anam-an-duine. "Cia meud," ars' An-amharus, "a thàinig maille rìbh gu séisdeadh Anam-an-duine?" "Thàinig," ars' iadsan, "deich mìle de Luchd-teagaimh, agus cùig mìle deug de dhaoine fuitteach." "Tha na daoine fuitteach so," ars' iadsan "an co'chrioch ri bhur dùthaich-ne; ach tha sinn a' cluinntinn gu'n do ghlacadh na huile h-aon de na truaghanan bochd le feachd Emanueil." "Deich mile!" ars' an seann duine uasal, "Tha mis' ag innse dhùibh gu'm bu mhòr an

<sup>1</sup> Ged a tha As-creideamh air shuadach air falbh, gidheadh ma dh'fhanas An-amharus gheibh te gamh fasgadh.

àrmait sin. Ach cionnas a thachair nach tug sibh buaidh air bhur naimhdibh, air dhuibh a bhi cho lionmhor ann an àireamh?" "B'e ar 'n àrd-cheannard," ars' iadsan, "an ceud duine thàr as." "Ach cò b'e," arsa fear-an-tighe, "an t-àrd cheannard gealtach sin?" "B'e uair-eiginn Morair-a-bhaile ann an Anam-an-duine," ars' iadsan, "Ach guidheamh ort na gairm àrd-cheannard gealtach dheth, oir cha d'rinn a h-aon eile bho'n aird-an-ear gus an aird-an-iar, ni's mò de sheirbhis do bhur prionnsa Diabolus na As-creideamh; agus 'nan glacadh iad e chaidh a chrochadh gu'n teagamh."

"Mo chreach," ars' an seann duine uasal, "nach robh deich mìle de Luchd-teagamh air an deagh àrmachadh an tràths ann an Anam-an-duine, agus mi féin am cheannard orra, an sin chithinn ciod a b'urrainn mi a dheanamh." "Is truagh!" ars' iadsan, "nach fhaiceamaid sin; ach ciod e am math a tha'n sin?" "Feuchaibh nach dean sibh bruidhean ro labhar," ars' An-amharus, "Feumaidh sibh a bhi ro thosdach, agus aire a ghabhail dhibh féin am feadh a tha sibh an so, no glacair sibh, do bhrìgh gu bheil am Prionnsa agus an t-Ard-rùnair, an ceannardan agus an sàighdearan, uile anns a' bhaile an tràths. Agus a thuille air sin, tha Morair-na-toile ann, ar nàmhac ro an-iochdmhor-ne, agus rinn am Prionnsa fear-gleidhidh nan geatachan dheth, agus dh'àithn e dha mion rannsachadh a dheanamh leis na h-uile dhichioll, air son an iomlan de na h-Ifrinnich agus cur as dhoibh; agus ma's e 's gu'n eirmis e oirbhs', màrbhaidh e sibh, ged a bhiodh 'ur cinn de dh'òr."

Ré na h-ùine so uile sheas aon de shàighdeara dìleas Mhorair-na-toile, d'am b'ainm Dìchioll, aig farchluais fo uinneag seann An-amharuis.

Bu duine an sàighdear so anns an robh làn mhuinghinn aig a' Mhorair, agus dh'an d' tug e mòr speis, a' chionn gu'm bu duine misneachail e,

agus de shaothair neo-sgithichte ann an rannsachadh air son Ifrinnich chùm an glacadh. 2 Pead. i. 10.

Chuala 'n duine so an t-iomlan de'n chonaltradh ; uime sin, chaidh e dh'ionnsaidh a Mhorair, agus chuir e an céill dha e. "Am bheil iad an sin?" ars' am Morair ; "is math is aithne dhomh An-amharas, oir bhà e féin agus mise glé àraid ré àm ar cùl-sleamhnachaidh ; ach cha'n 'eil fhios agam c'ait' am bhèil e chòmhnaidh an dràsd." "Tha fhios agam-sa," arsa Dìchioll, "agus feuchaidh mi an rathad dhuit gu àite còmhnaidh." Mar sin dh'imich am Morair agus Dìchioll le chéile.

A nis chaidh Dìchioll air thoiseach, agus dh'fheuch e an t-slighe dha gu àite còmhnaidh An-amharuis. "Eisd a Mhorair," arsa Dìchioll, an aithneadh tu guth an t-seann duine 'nan cluinneadh tu e ?" "Dh'aithneadh gu math," ars' am Morair, "ach is iomadh latha bho nach fhaca mi e. Mar an ceudna 's aithne dhomh, gu bheil e ro chuilbh-eartach ; gu ma h-e dha nach téid e ás uainn. Cia mar dh'eirmiseas sinn air an dorus ?" ars' am Morair. "Leig eadar mis' agus sin," arsa Dìchioll." Mar sin sheòl e an rathad a chum an doruis. Bhris am Morair an dorus air a' cheud tarruinn, chaidh e steach, ghlac e iad nan cùignear, agus thug e thairis iad do Dhileas, am maor, gu'n cuir am priosan. Dh'innseadh an sgeul so do Mhorair-a'-bhaile air a' mhaduinn, ni a thug mòr thaitneas do'n Mhorair, cha'n ann a mhàin a chionn gu'n do ghlacadh an Luchd-teagamh, ach do-bhrìgh gu'n do chuireadh an làimh seann An-amharas, oir bha e 'na mhòr thrioblaid do dh'Anam-an-duine, agus na thur bhruaillean do Mhorair-a'-bhaile. Oir ged is ioma tòir a bh'air, cha do ghlacadh e riagh gus a so.

B'e an ath ni na priosanaich a thoirt gu deuchainn. Bha làn chomas aig Morair-na-toile am màrbhadh 'nuair a ghlac e iad, ach mheas e aig an àm so gur mò bhiodh e chum onair a' Phrionnsa,

comhfhurt Anam an-duine, agus mi-mhisneach an nàmhaid, an toirt gu ceartas follaiseach.

Air do'n latha bhi air a chomharrachadh, shuidh am mòd ann an talla 'bhaile, oir b'e sin àit a' bhreitheanais; thugadh na priosanaich ceangailt ann an slàbhraiddhibh 'nan làthair; ghàirmeadh an luchd-breith; mhionnaicheadh na fianaisean, agus dh'fheuchadh na priòsanaich air son am beatha. 'S iad an t aon luchd-breith a dh'fheuch Cion-firinn, An-iochdmhor, Uabhar, agus a' chuid eile de'n còmpanaich a dh'fheuch iad so.

Air tùs thugadh seann An-amharas an làthair a' mhoid, agus léubhadh a' chùis-dhitidh dha mar a leanas :

An-amharais, " Tha thu an so air do chasadid fo ainm An-amharus a' t'fhear-sàrachaideh air baile Anam-an-duine, (oir is Ifrinneach thu a thaobh nàduir,) agus mar an ceudna mar neach aig a'm bheil fuath do'n Phrionns' Emanuel, agus rùnaich baile Anam-an-duine a sgrios. Mar an ceudna tha thu air do chasadid air son a bhi toirt aoidheachd do naimhdibh an Righ, an deigh nan laghan fallain a rinneadh calg-dhireach an aghaidh sin : Oir, 1. Chuir thu an teagamh firinn a theagaisg agus a staid : 2. Ann an guidhé gu'm biodh deich mìle de Luchd-teagamh ann : 3. Ann an gabhail roimh an nàmhaid, ann an aoidheachd, agus ann am misneach a thoirt dhoibh. Ciod a tha thu 'g ràdh ris a' chùis-dhitidh so ? Am bheil no nach 'eil thu ciontach ? "

" A Mhorair," ars' esan, " cha'n aithne dhomh ciod is ciall do'n chùis-dhitidh so, oir is e An-amharas is ainm do'n duine a tha air a chasadid, agus cha'n e sin m'ainm-sa ; 'se is ainm dhomhsa Faighneachd-mu'n-chòir. Gu cinnteach tha fuaim an darna h-aon coltach ris an aon eile, agus is aithne dhuit-sa Mhorair gu bheil mòr eadar-dhealachadh eatorra le chéile; oir tha mi 'n dùil gu'm faod duine, eadh-on, anns na h-amannaibh is miosa, agus sin mar

an ceudna, a measg nan daoine is miosa feòrachadh mu thimchioll nithe, gu'n bhi ann an cunnart a bheatha.”<sup>1</sup>

An sin thubhairt, Morair-na-toile, oir bha e air aon do na fianaisean : “ A Mhorair, agus sibhs’ a bhreitheamhna urramach, agus a luchd-riaghlaidh Anam-an-duine, chuala sibh uile gu’n d’àicheadh am priosanach air beulthaobh a’ mhòid ’ainm ; ach tha fhios agam-sa gur e an dearbh dhùine an aghaidh am bheil a chùis-dhìtidh, agus gur e An-amharas fhior ’ainm. Is aithne dhomh e bho cheann còrr is deich-bliadhna-fichead, oir bha e féin agus mise (is làire leam a’ ràdh) ’nar còmpanaich gle àraig, ’nuair a bha Diabolus ’na uachdaran air Anam-an-duine ; agus tha mi toirt fianais gur Ifrinn-each e a thaobh làduir, fior nàmhac do ar Prionnsanne, agus neach aig ami bheil mòr ghàmhlas do bhaile beannaichte Anam-an-duine. ’S minig a bha e ’nam thigh-sa ri àmanna ceannaire còrr agus fichead òidhche an déigh chéile ; agus bu ghnà leinn a bhi conaltradh an tràth sin mar bha e féin agus a Luchd-teagamh a’ conaltradh bho chean ghoirid. ’S iomadh latha bho nach fhaca mi e roimhe ; thug teachd Emanueil do dh’Anam-an-duine air a chairtealan atharrachadh ; ach is e so an duine a Mhorair.”

An sin thubhairt na Breitheamhnan, “ bheil ni sam bith tuille agad ri ràdh.”

“ Tha,” ars’ an seann duine, “ tha sin agam ; oir cha do labhair ach aon fhianais fathast a’ m’ aghaidh, agus cha’n ’eil e laghail do’ dh’Anam-an-duine, duine air bith a’ chur gu bàs á beul aon fhianais.” An sin sheas Dìchioll suas agus thug e fianais air na chunnaic agus na chuala e, mar a chuireadh an céill cheana.

---

1 Faodaidh Ana-creidich agus ana-criosdaidhean a bhi air an gabhail an àite luchd-fiosrachaidh mu’n shirinn, ach bithidh iad air am faotainn a mach agus air a dhearbhadh orra nach eil annta aghaidh an-amharais.

An sin thuirt na Breitheamhnán, “An-amharais, tha fianais eile an so a’ t’aghaidh, agus tha a theisteanas iomlan : 1. Mhionnaich e gu’n ’tug thu cairtealan do na daoin so, agus gu’n do bheathaich thu iad ged bha fhios agad gu’m b’Ifrinnich, agus nàimhdean do’n Righ iad. 2. Mhionnaich e gu’n do ghuidh thu gu’m biodh deich mìle dhiù ann an Anam-an-duine. 3. Mhionnaich e gu’n do chomhairlich thusa dhoibh a bhi ro thosdach agus an aire ghabhail dhiù féin, air eagal gu’m biodh iad air an glacadh le seirbhisich an Righ. Tha so uile a’ dearbhadh gur Ifrinneach thu ; oir ’nam bu charaid do’n Righ thu, ghlacadh tu féin iad.”

An sin fhreagair An-amharus, “Bu choigrich na daoine a thàinig a dh’ionnsaidh mo thighe-sa, agus thug mi steach iad, agus an d’tàinig e gu bhi ’na chiont’ ann an Anam-an-duine aoidheachd a thoirt do choigrich ? Tha e fior mar an ceudna, gu’n do bheathaich mi iad, agus c’arson a biodh cron air fhaotainn do m’fhialaidheachd ? A thaobh an aobhair a bh’agam air son a bhi guidhe deich mìle dhiù a bhi ann an Anam-an-duine, cha d’innis mi riabh sin aon chuid do na fianaisibh, no dhoibh féin. Dh’fhaodainn a bhi guidhe gu’m biodh iad air an glacadh, agus mar sin a’ durachdainn gu math do dh’Anam-an-duine, air son na tha dh’fhios aig neach sam bith eile air. Mar an ceudna dh’iarr mi orra an aire ghabhail nach tuiteadh iad ann an làmhaibh ’nan ceannardan, ach dh’fhaodadh sin a bhi a chionn nach bu toil leam gu’m biodh neach air bith air a chur gu bàs, agus cha’n ann a chionn gu’n robh toil agam gu’n rachadh naimhdean an Righ as.”

An sin fhreagair Morair-a’-bhaile, “Ged bu ghniomh math aoidheachd a thoirt do choigrich, gidheadh gu’m bu cheannairc aoidheachd a thoirt do nàimhdibh an Righ Agus a thaobh ni sam bith tuilleadh a thuirt thu, cha’n ’eil thu ach a feuch-

ainn ri seapadh as agus dàil a chur ann an ceartas a' chuir an gniomh. Ged nach biodh ni sam bith tuille air a dhearbhadh a' t'aghaidh ach gur Ifrinn-each thu, feumaidh tu a réir an lagha bhi air do chuir gu bàs ; ach cairtealan a thoirt do dh'Ifrinn-ich, am beathachadh, cuideachadh leo, agus an dòn, seadh, Ifrinnich eilthireach, iadsan a thàinig o thìr chéin, a dh'aon ghnothach a sgrios Anam-an-duine, cha'n fhaodar so fhulang."

An sin thubhairt An-amharus, "tha mi faicinn cia mar thàrlas ; feumaidh mise bàsachadh air son m'àinm, agus m'fhialaidheachd." Agus mar sin dh'fhan e 'na thosd.

An sin ghairmeadh an Luchd-teagamh elthir-each gu beulthaobh a' mhòid, agus b'Fhearr-teagamh-an-taghaidh an ceud fhear a thugadh an làth-air ; mar sin léubhadh a chùis dhìtidh, agus a chionn gu'm bu choigreach e, dh'innseadh a sùim dha le eadar-theangair ; eadhon, Gu'n robh e an sud air a chasad mar nàmhac guineach do dh'Emmanuel, làn do mhi-rùn do dh'Anam-an-duine, agus 'na eascaraid d'a theagascgaibh fallain, 1 Eoin iv. 19.

Thubhairt e, "Gu'n robh e 'g aideachadh gu'm b'Fhearr-teagamh-an-taghaidh e, agus gu'm b'e sin an t'aidmheil anns an robh e riamh air oideachadh." Agus, ars' esan, "Ma dh'fheumas mi bàsachadh air son m'aidmheil, bàsaicheam mar fhianais air son mo chreidhimh, agus mar sin is ann is lugha tha e cuir a chùram orm."

An sin fhreagair am breitheamh, "Se bhi cur an teagamh an taghaidh a bhi tilgeadh bun os ceann aon de theagasan mòr an t-soisgeil ; eadhon, uile-fhiosrachd, cumhachd, agus toil Dé, a bhi toirt air falbh còir Dhé air a chréutair féin, a bhi lagachadh creidimh Anam-an-duine, agus a bhi fàgail slàint an urradh ri oibrigh, agus cha'n ann ri gràs ; mar an ceudna tha e toirt na bréige do'n Phacal, agus a' cur mi-shuaimhneas air inntinnibh muinntir

Anam-an-duine, uime sin, a réir nan laghanna is ro òirdheirce, feumaidh e bhi air a chuir gu bàs.”

An sin ghàirmeadh Fear-teagamh-na-gàirm, air beulaobh a' mhòid; is glé bheag eadar-dhealachadh a bh'eadar cùis dhìtidh an fhir so agus an fhir eile, a mhàin gu'n do chuireadh gu sònraighe as a leth a bhi 'g aicheadh gàirm Anam-an-duine.

Dh'fheòraich am breitheamh dheth ciod a bh'aige ri ràdh?

Fhreagair e, “nach do chreid e riamh gu'n robh a leithid a ni ann is gàirm shònraighe agus chumhachdach o Dhia do dh'Anam-an-duine, ach mar a bha iad air an gàirm legàirm choitcheann an Fhacail, no leis a sin féin ach mar a tha e 'gan comhairleachadh an t-olc a thréigsinn, agus an ni sin a ta ceart agus math a dheanamh, agus ris a so tha gealladh de shonas air a cho-cheangal.”

An sin thuirt am breitheamh, “Is Ifrinneach thu, agus dh'àicheadh thu earrann mhòr do dh'aon de fhìrinnibh ro dhearbhta Prionnsa Anam-an-duine; oir ghàirm esan, agus chuala am baile gàirm ro shònraighe agus chumhachdach 'Emanueil, leis an robh e air a bheothachadh, air a dhùsgadh, agus air a shealbhachadh 'le gràs neamhaidh gu bhi miannachadh co-chomunn ri Phrionnsa, seirbhis a dheanamh dha, a thoil a choilionadh, agus amharc ri 'shonas de ghean math-san a mhàin. Agus air son do dhì-meas de'n deagh theagascg so feumaidh tu a bhi air do chuir gu bàs.”

An sin ghàirmeadh Fear-teagamh-gràis, agus léubhadh a chùis-dhìtidh: fhreagair esan, “Ged is ann o Thìr-an teagamh a thàinig e, gu'm bu shliochd Phariseach 'athar, a chaith a bheatha gu measail a measg a choimhearsnaichean, agus gu'n do theagaisg e dha-san a bhi creidsinn, agus mar sin tha agus bithidh mi a' creidsinn, (ars' esan) nach bi Anam-an-duine gu bràth air a thearnadh gu saor tre ghràs.”

An sin thubhairt am breitheamh, “ Tha lagh a’ Phrionnsa soilleir air a phùinc so: 1. Cha’n ann o oibribh: 2. Le gràs a ta sibh air bhur tearnadh. Rom. iii. Eph. ii. Agus tha t’aidmheil-sa air a bhònntachadh air oibribh na feòla; oir is iad oibre an lagh oibribh na feòla. A thuilleadh air sin, anns na chuir thus’ an céill, spùinn thu Dia de ’ghlòir, agus thug thu i do dhuine peacach; spùinn thu Criod dhe féum do-sheachainte, agus éifeachd na rinn agus na ghabh e os-làimh, agus thug thu iad so araon do dh’oibribh na feòla. Rinn thu tàir air obair an Spioraid Naoimh, agus dh’àrdaich thu toil na feòla, agus na h-inntinn a tha beò a réir na feòla, agus na h-inntinn a tha beò a réir an lagha. Is Ifrinneach thu, mac Ifrinneach; agus feumaidh tu a bhi air do chuir gu bàs.”<sup>1</sup>

Air bàll fhuaradh ciontach iad leis an luchdbreith. An sin thubhairt an Seanachaидh, “ Fhuaradh sibhse a’ phriosanacha air beulthaobh a mhòid, ciontach de lochdan mòr an aghaidh Emanueil ar Prionnsa-ne, agus an aghaidh sonais baile iomraitteach Anam-an-duine: lochdan air son am feum sibh a bhi air bhur cur gu bàs.

Mar sin thugadh a mach bìnn an céusadh: b’e ’n t-àite anns an robh iad uile gu bhi air cuir gu bàs, an t-ionad anns an do chuir Diabolus an òrdugh àrmait mu dheireadh an aghaidh Anam-an-duine; ach An-amharus na aonar, a chaidh chrochadh aig ceann Sràid-na-dò-bheart, direach fa chomhar a dhoruis féin.

’Nuair a fhuair Anam-an-duine an fhad so cùibhteas an naimhde bha cur mi-shuaimhneas orra, thugadh òrdugh teann do Mhorair-na-toile, maille ri Dìchioll a sheirbhiseach, rannsachadh air son nan Ifrinneach a bha fathast beò anns a’ bhaile,

---

<sup>1</sup> Cha’n ’eil e air a chiallachadh gu bheil *daoine* gu bhi air an cuir gu bàs air son am barailean cràbhach, ach nach fhaodar a cheadachadh do mhearrachdaibh fantainn anns an inntinn.

agus na bha 'nan comas a dheanamh chum an glacadh. B'iad so ainmean cuid dhiù, Amaideach, Dearmad-math, Eagal-tràileil, Cion-gràidh, Cion-muinghinn, Feòlmhor, agus Leisg. Mar an ceudna dh'òrduicheadh dha clann An-amharais a ghlacadh, agus a thigh a leagadh; b'e Teagamh a mhac bu shine; b'iad an ath fheadhaiñn Beò-a-réir-an-lagha, Cion-creidinh, Fiar-bheachd-mu-Chriosd, Bearran-gealladh, Mothachadh-feòlmhor, Beò-air-fair-eachadh, agus Féin-speis. Bha iad so uile aige ri aon mhnaoi, agus b'e Cion-dòchais a b'ainm dh'i; b'e seann As-creideamh bràthair a h-athar, agus 'nuair a dh'éug seann Doilleir a h-athair, dh'àraich esan i, agus thug e i do dh'An-amharus mar-mhnaoi.

A nis ghlac Morair-na-toile, maille ri Dìchioll a sheirbhiseach, Amaideach air na sràidibh, agus chroch se e ann an Cumhang-gun-tùr, direach fa chomhair a thighe féin. B'e so Amaideach leis am b'àill gu'n tugadh Anam-an-duine thairis an Ceannard Creideamh do làmhaibh Dhiaboluis, air chumha gu'n tugadh e air falbh 'fheachd as a' bhaile. Mar an ceudna ghlac e Dearmad-math aon latha am feadh a bha e dripeil air an fhéill, agus chuir e gu bàs e a réir an lagha. A nis bha duine bochd onorach ann an Anam-an-duine, d'am b'ainm Meamhrachadh, neach air nach robh mòr mheas ann an laithibh a' chùl-sleamhnachaidh; ach a tha nis gle mheasail aig maithibh a' bhaile.<sup>1</sup> Bha iad toileach an duine so àrdachadh gu h-urram; a nis bha mòr-shaoibhreas roimhe so aig Dearmad-math ann an Anam-an-duine, agus an uair a thàinig Emanuel chuireadh air leth e gu feum a' Phrionnsa; chaidh sin a thoirt a nis do Mheamhrachadh chum a chuir gu buil air son math a' bhaile, agus 'na dheigh-san d'a mhac Breithnich-ceart; bha am Breithnich-ceart so aige ri Cràbhadh, a bhean, nighean an t-Sheanachaidh.

<sup>1</sup> Tha meamhrachadh tàrbhach do'n anam.

An deigh so ghlac am Morair Beàrr-an-gealladh ; a nis bu shlaoightear comharraichte e so, oir le 'rianaibh-san bha mòran de chùineadh an Righ air a mhilleadh, uime sin, rinneadh eisimpleir follais-each dhe. Chuireadh an toiseach e air stòll-nam-meirleach, agus an sin sgiùrsadh e leis a chloinn agus leis na seirbhisich ann an Anam-an-duine, agus an deigh sin chrochadh e. Faodaidh gu'm b'i iongantas air cuid air son cho an-iochdmhor 'sa chaithd buintinn ris an duine so, ach tha iadsan a tha nan luchd-malairt onorach ann an Anam-an-duine làn sheadhail dhe ciod an dolaidh mòr a dh'fhaodas aon bhearradair gheallaidhean a dheanamh ann an ùine ghearr do'n bhaile. Agus ar leam-sa gu'm bu chòir buintinn mar so ris na h-ùile h-aon de 'ainm agus de 'chaithe-beatha.

Mar an ceudna ghlac e Mothachadh-feòlmhor, agus chuir e am priosan e, ach bhris e am priosan agus thàr e as, agus cha d'fhàg an daoidhean ladarna fathast am baile, ach tha e am folach anns na h-uaimhean Ifrinneach trath latha, agus a' taghal thighean dhaoine onorach a' m' oidhche. Uime sin, chuireadh suas rabhadh follaiseach an àite na féille ann an Anam-an-duine, a' cur an céill cò sam bith a gheibheadh a mach, a ghlacadh agus a mhàrbhadh Mothachadh-feòlmhor, gu'm biodh e air a cheadachadh dha uidhe aig bàrd a Phrionnsa an còmhnuidh, agus gu'm biodh e air a dheanamh na fhear-coimhead 'ionmhais Anam-an-duine. Dh'fheuch iomadh neach ris a so a dheanamh, ach dh'fhartlaich orra, ged a chunncas gu tric e.

Ghlac am Morair Fiar-bheachd-mu-Chriosd, agus chuir e am priosan e, far an d'éug e le tinneas-caitheamh athaiseach.

Mar an ceudna ghlacadh Féin-spéis, ach a chionn gu'n robh mòran chàirdean aige ann an Anam-an-duine, chuireadh dàil 'na bhìnn a chuir an gniomh ; ach mu dheireadh sheas Féin-aicheach suas agus

thuirt e, ma's e 's gu bheil an leithidean so a shlaughtearan gu bhi air an ceadachadh ann an Anam-an-duine, bheir mi thairis mo dhreuchd. An sin ghlac se e bho'n t-sluagh, agus thug e thairis e d'a shaighdearaibh, far an do chuireadh gu bàs e. Ach bha cuid ann an Anam-an-duine a rinn gearan air a so, ged nach fhaodadh a h-aon diù labhairt a mach, a chionn gu'n robh Emanuel anns a' bhaile. Dh'innseadh an gniomh treun so a rinn an Ceannard Féin-aicheadh do'n Phrionnsa, uime sin rinn e na Mhorair e ann an Anam-an-duine. Mar an ceudna fhuair Morair-na-toile mòran cliù bho Emanuel.

An sin ghabh am Morair Féin-aicheadh misneach, agus lean e air tòir nan Ifrinneach maille ri Morair-na-toile ; agus ghlac iad Beò-air-faireachadh agus Beò-a-réir-an-lagha, agus chuir iad am prìosan iad gus an d'éug iad. Ach air do Chion-creidimh a bhi na cheatharnach clis, sgaireil ; cha b'urrainn doibh riamh a chur an làimh, ged a thug iad an ionnsaidh gu minig.<sup>1</sup> Uime sin, fanaidh e féin agus beagan eile dhiubhsan is cùlbheartaich dhe'n t-shliochd Ifrinneach ann an Anam-an-duine, gus an tig an t'àm anns an sguir Anam-an-duine dhe bhi chòmh-nuidh ann an rioghachd a Chruinne-cé. Ach dh'fhan iad 'nan tùill agus 'nan uaimhean ; agus nam b'e 's gu'n nochdad a h-aon diubh iad féin dh'eireadh am baile gu h-iomlan nan aghaidh, seadh, ghlaodhadh eadhon a chlànn bheag féin ann an Anam-an-duine nan deigh mar an deigh mearlach, agus dhùraichdeadh iad an clachad gu bàs. Rainig Anam-an-duine a nis air tomhas éiginn de shìth

<sup>1</sup> Gu cinnteach is cionta mòr an gealladh a chuir am mi-shùim. Tha e deacaircuir asdo Mhothachadh-fèdlmhòr. Far an còmhnaich Emanuel anns a' chridhe bàsaichidh Fiar-bheachd-mu-Chriosd. Do na h-uile dhroch-thograighean 'se Féin-spéis is dorra a thoirt fo cheannsal, ach 's urrainn Féin-aicheadh cuir ás da. Fanaidh as-creideamh fathast ; tha aig a' chreidmheach fathast ri òsnaich fo dhroch-eridhe de dh'as-creideamh, agus bitidh sin aige ri dheanamh gus an coimhlionar a chogadh, agus gus an cuir an truaillidheachd so neo-thruailleachd uimpe.

agus de shàmhchair, ghabh a Phrionnsa còmhnuidh an taobh a stigh d'a chriochaibh, mar an ceudna rinn a' cheannardan, agus a shàighdearan, an dleasdanas, agus thug Anam-an-duine an aire do'n mhalairt a bh'aige ris an tìr chéin ; mar an ceudna bha e gle bhicheanta 'na ghnothaichibh. Isa. xxxiii. 17. Phil. iii, 20. Gnath. xxxi.

'Nuair a fhuair Anam-an-duine cuidheas uir-ead de'n naimhde a bha cuir mi-shuaimhneas orra, chuir am Prionnsa fios d'an ionnsuidh, agus shuidhich e latha anns an còmhluicheadh e an sluagh uile ann an àite na féille, gus an d'thugadh e àithne dhoibh mu thimchioll cuid a ghnothaichean mu'n àm ri teachd, agus nam b'e 's gu'n d'thugadh iadsan fainear iad, a bhiodh gu tearuinteachd agus comh-fhurtachd dhoibh an deigh so, agus gu dìteadh agus léir-sgrios an cuid Ifrinneach dhùthchasach. Mar sin air an latha shuidhicheadh chruinnich muinntir a bhaile an ceann a chéile ; thainig Emanuel a nuas 'na charbad, maille ri 'cheànnardaibh uile a' feith-eamh air le mòr ghreadhnachas. An sin ghairmeadh tosd, agus an deigh beagan chomharraighean gràidh a thaisbeanadh da chéile, thoisich am Prionnsa, agus labhair e mar a leanas :

" Anam-an-duine, ànnsachd mo chridhe, is mòr agus is lionmhòr na sochairean a bhullich mis' ort ; sgar mi thu bho chàch, agus ròghnaich mi thu dhomh féin, cha'n ann air son t'airidheachd, ach air mo sgàth féin. Mar an ceudna shaor mi thu, cha'n e a mhàin bho uamhas lagh m'Athar, ach o làimh Dhiaboluis. Rinn mi so do bhrìgh gu'n robh gràdh agam dhuit, agus a chionn gu'n do shuidhich mi mo chridhe ort chum math a dheanamh dhuit ; mar an ceudna chum gu'm biodh na h-uile nithe a dh'fhaodadh a bhi na amladh ann do shlighe gu Phàras air an toirt as an rathad, thug mi làn riarrachadh air son t'anma, agus cheannaich mi dhomh féin thu ; le luach, cha'n ann le nithibh truaillidh,

mar a ta airgiod agus òr, ach le luach fala, m' fhuil féin, a dhoirt mi gu saor chum do cheannach dhomh féin. Mar sin, O Anam-an-duine, réitich mi thu ri m'Athair, agus thug mi còir dhuit air na h-ionadaibh-còmhnaidh a th'ann am baile rioghaill m'Athar, far am bheil nithe nach fhaca sùil, agus nach tainig ann an cridhe duine a bhreithneachadh.

“ A thuilleadh air sin, O Anam-an-duine, tha thu a' faicinn ciod a rinn mi ! agus cionnas a thug mi thu a mach a làmhan do naimhde ; a dh'ionnsaidh an do theich thu gu ceannairceach o m'Athair, agus leis an robh thu toileach a bhi air do shealbhachadh, agus mar an ceudna air do sgrios. Thàinig mi 'ga d'ionnsaidh air tùs le mo lagh, an deigh sin le mo shoisgeul, a chum do dhùsgadh agus a' nochdadadh dhuit mo ghloir. Agus is aithne dhuit féin ciod a bha thu, ciod a thuirt thu, ciod a rinn thu, agus cia lion uair a rinn thu ceannairec an aghaidh m'Athar agus a'm' aghaidh féin ; gidheadh, thàinig mi 'ga d'ionnsaidh, ghiulain mi le do chleachdainibh, dh'fheith mi ort, agus an deigh sin uile ghabh mi riut eadhon dhe mo dheagh-ghean agus dhe mo ghràs ; agus cha cheadaichinn dhuit a bhi air do chàll, mar bu mhiannach leat féin a bhi. Mar an ceudna chuairtich mi thu, agus chuir mi fo àmhghar thu air gach taobh, chum do sgìtheachadh dhe do shlighibh, agus do chridhe a thoirt a mhàin le cràdh, a chum a bhi toileach gabhail ri math agus ri sonas. Agus an uair a thug mi buaidh iomlan ort thionndaidh mi i chum do bhuannachd. Eph. ii, 5, 6.

Mar an ceudna tha thu a' faicinn ciod a' chuid-eachd de dh'àrmait m'Athar a shuidhich mi an taobh a stigh do d' chriochaibh ; ceannardan, luchd-riaghlaidh, sàighdearan, fir-chogaidh, innealan-cogaidh, agus innleachdan urramach, chum cosg agus ceannsal a chuir air do nàimhdibh : 's aithne dhuit ciod a tha mi a' ciallachadh, O Anam-an-duine. Is iad sud mo sheirbhisich-sa, agus mar an ceudna

do sheirbhisich-san, Anam-an-duine, chum do dhìon, do ghlanadh, do neartachadh, agus t'uidheamachadh, air mo shon féin, agus a chum t-ullachadh air son beannachd, glòir, agus làthaireachd m' Athar sa ; oir chruthaicheadh thusa, Anam-an-duine, chum a bhi air t' uidheamachadh fa'n comhair so.

A thuilleadh air so, tha thu a' faicinn, cionnas a dhì-chuimhnich mi do chùl-sleamhnachadh minig, agus a leighis mi thu. Gu cinnteach, bha fearg orm riut, ach phill mi m' fhearg air falbh, a chionn gu'n do ghràdhaich mi thu fathast, agus tha mo chorraich air sguir ann an sgrios do naimhdean, O Anam-an-duine. Ni mò thug do mhathas dha t'ionnsaidh mi a rithist an deigh dhomh m' aghaidh fhalach, agus mo làthaireachd a thoirt air falbh uat air son t'eusontais. 'S ann uat féin a bha slighe a chùl-sleamhnachaidh, ach 's ann uamsa bha slighe agus meadhona t-ath-aiseag gu slàinte. 'S mise shuidhich callaid agus balla, 'nuair a bha thu tois-eachadh ri tionnda gu nithe anns nach robh tlachd agamsa. 'S mis' a rinn do mhilis searbh ; do latha na h-oidhche ; do shlighe mín draighneachail ; agus mar an ceudna a chuir gu h-amhluadh na h-uile bha 'g iarraidh do sgrios. Is mis' a chuir Eagal-Dé air obair ann an Anam-an-duine. Is mis' a bheothaich do Choguis agus do Thuigse, do Thoil, agus t' Aignidhean, an deigh do chrionadh mòr agus doil-ghiosach. Is mis' a chuir beò annad, gu mi féin iarraidh, chum agus gu'm faigheadh tu mi, agus air dhuit m' fhaotainn, gu'm faigheadh tu do shlainte, do shonas, agus do shlànaighearachd féin. Is mis' a sgiùrs' na h-Ifrinnich á Anam-an-duine, an dara uair, a thug buaidh orra, agus a sgrios iad fa chomhair do shùl.

"A nis, Anam-an-duine, tha mi air pìlltinn a' t' ionnsaidh ann an sìth, agus tha t'eusontais a' m' aghaidh-sa mar nach biodh iad idir ann ; agus cha tachair dhuit mar anns an àm a chaidh seachad,

ach buinidh mi ni's fearr riut na aig do cheud tòis-eachadh. Oir fathast tamall beag, O Anam-an-duine, (ach na bi-sa fo thrioblaid a thaobh an ni a tha mi 'g ràdh) leagaidh mise baile iomraiteach so Anam-an-duine a chum an làir;<sup>1</sup> agus giùlainidh mi a chlachan, 'fhiodh, a bhallaich, a dhuslach, agus a luchd-àiteachaidh, a dh'ionnsaidh mo dhùthcha féin, eadhon, gu rioghachd m' Athar; agus cuiridh mise suas an sin e 'na leithid a neart agus a' ghlòir, nach fhac e riamh a leithid 'san rioghachd 'sa bheil e an dràsd. Cuiridh mi suas an sin e air son àite còmhnaidh do m' Athair,<sup>2</sup> oir is ann a chum na crìche sin a chaith a thogail air tùs ann an rioghachd a Chruinne-cé; agus an sin ni mi e na chuspair iongantais, na chuimhneachan de thròcair, a bhios a sior-ghabhail iongantais á thròcair féin. An sin chi dùthchasaich Anam-an-duine nithe, nach fhac iad an samhail idir an so; an sin bithidh iad co-ionann riu-san dh'an robh iad nan iochdrain an so. Agus bithidh a leithidh a cho-chomunn agad an sin, O Anam-an-duine, riumsa, ri m' Athair, agus ri t' Ard-rùnair, nach comasach dhuit a shealbhachadh an so, agus nach b'urrainn duit a mhealtainn gu bràth anns a' Chruinne-cé, ged bhiodh tu beò ann ré mhile bliadhna.

'S an ionad so cha bhi eagal ort O Anam-an-duine, aon chuid á mortairean, no á Ifrinnich, agus á am bagairt ni's mò. Ann an sin cha bhi feall-chomhairlean, comh-chuilbheartan, na droch-bheartan air an dealbh a t' aghaidh ni's mò, O Anam-an-duine! Cha chluinn thu droch-thuair sgeul no fuaim druma Ifrinnich ann an sin ni's mò! Ann an sin cha'n fhaic thu na fir-bhrataich Ifrinneach, ni mò chì thu bratach Dhiaboluis! Ann an sin cha chuirear tòrr Ifrinneach sam bith suas a t' aghaidh,

1 Bas a chuirp.

2 An as-eirigh gu beatha shiorruidh.

ni mò thogair suas bratach Ifrinneach gu mishuaimhneas a chuir ort. Cha bhi feum agad air ceannardaibh, air àirm-chasgraiddh, air sàighdeiribh, agus air fir-chogaiddh an sin. Ann an sin cha chòmhlaich thu ri bròn no cràdh, ni mo bhios e comasach do dh'Ifrinnich air bith snagadh gu do sgiortaibh, cladhach triomh do bhallachan, no bhi air am faicinn a rithist an taobh a stigh dhe d' chriochaibh tre an uile shiorruidheachd. Bithidh beatha 'san àite sin do ghnà taitneach agus sior mhaireannach.

"Ann an sin, O Anam-an-duine, còmhlaichidh tu ri mòran dhiusan a bha coltach riut féin, agus a bha nan luchd co'pairt dhe t'àmhgħaran ; eadhon, iadsan a thagh mise, a shaor mi, agus a chuir mi air leth, mar a rinn mi ortsa, fa chomhair cùirt agus baile rioghal m' Athar. Bithidh iad so uile aoibhneach annadsa agus bithidh tusa mar an ceudna subhach 'nuair a chì thu iadsan.

"Tha nithe ann an sin, O Anam-an-duine, a dh'ullaich m' Athair agus mise, nach fhacas riamh bho thoiseach an t-saoghail, thaisgeadh suas iad aig m' Athair, agus shéulaicheadh iad a' measg ionmhasan air do shon-sa, 'gus an tig thu 'g an sealbhachadh.

"Dh'innis mi dhuit roimhe gu'n atharraichinn Anam-an-duine agus gu'n cuirinn suas e an ionad eile, agus far an suidhich mi e, tha a chòmhnaidh an dream leis an ionmhuinn thus, agus a tha deanamh gàirdeachais annads' an dràsd, ach ni's mò mhòr 'nuair a chi iad thu air t'àrdachadh gu urram. An sin cuiridh m' Athair iad air do shon ; agus tha am broillichean na 'n càrbadan gu t'iomchair annata. Agus marcaichidh tusa O Anam-an-duine, air sgiathraighean na gaoithe, Salm lxviii. 17, stiùraidh agus treòraichidh iad thu gus an toir iad thu a dh'ionnsaidh an àite sin, (an uair a bhios do shùilean air an làn-shoillseachadh) is e do rogha cala.

“ Agus mar so, O Anam-an-duine, nochd mi ciod a nithear riut an deigh so, ma’s urrainn duit a thuigsinn ; agus innsidh mi dhuit a nis ciod e do dhleasdanas agus cia mar is còir dhuìt thu féin a chleachdadadh ‘san àm a ta làthair, a réir agus mar a tha e air a chuir sios ann an sgriobtuiribh na firinn, gus an tig mise dha do thoirt dh’am’ ionnsaidh féin.

“ Air tùs, àithneam dhuit na trusganan<sup>1</sup> a thug mise dhuit mu’n do tharruinn mi air falbh uat mu dheireadh, a chumail ni’s gile agus ni’s glaine a so suas. Is anart grinn iad dhiù féin, ach féumaidh tus’ an cumail geal agus glan. Bithidh so na ghliocas agus ’na urram dhuit-sa, agus na mhòr ghlòir dhomhsa. ’Nuair a tha do thrusganan geal, measaidh an saoghal gur leamsa thu. ’Nuair a tha do thrusgana geal, tha mo thlachd-s’ ann do shlighibh ; oir an sin bithidh t’imeachd sios agus suas cho lainnireach, ’s gu’n cuir dealradh a bhoillsgeadh iongantas air sùilibh na bhios ’san làthair. Uime sin, sgeudaich thu féin a réir m’ iarrtais-sa, agus dean cas-cheuma dìreach dha do chasaibh le mo lagh-sa, an sin gabhaidh do Righ mòr thlachd ann ad aille, a chionn ’gur esan do Thighearna, agus thoir-sa aoradh dha.

“ A nis, a chum gu’n cùm thus’ iad mar dh’iarr mis’ ort, dh’ullaich mi (mar dh’innis mi roimhe dhuit) tobar fosgait chum do thrusgana ionnlaid ann. Uime sin thoir an aire gu’n ionnlaid thu tric ann am thobar-sa, agus na imich ann an trusganaibh salach ; oir bithidh t’imeachd ann an trusganaibh salach araon na eas-urram dhomhsa, agus na an-shocair dhuit féin.<sup>2</sup> Sach. xiii. 1. iii. 3, 4. Uime sin, na biodh mo chulaidh-sa, do chulaidh-sa, a chulaidh a thug mise dhuit air a salachadh leis an fheòil. Iudas 23. “ Biodh

<sup>1</sup> Fireantachd nan naomh.

<sup>2</sup> Glaine caithe-beatha air a làn mholadh.

t'earradh's gach àm geal ; agus na biodh dìth ola ùngaidh air do cheann." Ecles. ix. 8.

" O Anam-an-duine ! shaoir mi thu gu minig o as-innleachdaibh, feall-chomhairlibh, ionnsaidhibh, agus ceannaircich Dhiaboluis, agus air son an t-saoraidh mhòir so uile cha'n 'eil mi 'g agairst ni sam bith uat, ach a mhàin gu'n thu olc iocadh dhomh an éirig mo mhatha, gu'n cuimhnicheadh tu mo ghràdh, agus buanachadh mo chaoimhneis do mo bhaile ionmhainn Anam-an-duine, chum do bhrosnachadh guimeachd a réir nan sochaire a bhuilicheadh ort. O shean cheangladh na h-iobairtean le còrdaibh ri adharcaibh na h-altrach òir. Thoir fainear ciod a th' air a ràdh riut O mo bhaile beannaichte Anam-an-duine.

" O Anam-an-duine ! bha mi beò, fhuair mi bàs, tha mi beò, agus cha'n fhaigh mi bàs ni's mò air do shonsa. Tha mise beò chum 's nach bàsaich thusa. Do bhrìgh gu bheil mise beò bithidh tusa beò mar an ceudna. Rinn mi thu réidh ri m'Athair le fuil mo chrànn-chéusaiddh, agus air dhuit a bhi air do dheanamh réidh bithidh tu beò tromham-sa. Ni mi ùrnaigh air do shon, cogaidh mi air do shon, buanaichidh mi air math a dheanamh dhuit a ghná.

" Cha'n urrainn ni sam bith do dhochann ach peacadh a mhàin ; cha'n urrainn ni sam bith mise chràdh ach peacadh : cha'n urrainn ni sam bith t'irioslachadh fa chomhair do naimhdean ach peacadh : O Anam-an-duine ! bi air t'fhaicill roimh pheacadh.

Agus am bheil fhois agad, O Anam-an-duine ! c'arson a cheadaich mi air tùs, agus a tha mi ceadachadh fathast do dh'Ifrinnich còmhnaidh a ghabhail ann do bhallaichaibh ? Tha chum do chumail a' t' fhaireach, a chum dearbhadh a chuir air do ghràdh, a chum do dheanamh caithriseach, agus a chum toirt ort meas a bhi agad fathast air mo cheannardaibh urramach, air an sàighdearaibh, agus air mo thròcair.

" Mar an ceudna chum gu'n cumair a'd' chùimh-ne fathast ciod an staid thruagh anns an robh thu roimhe so, tha mi a' ciallachadh an uair a bha, cha'n e cuid ach an t-iomlan diù air an sgiùrsad gu còmh-naidh a' ghiabhair-an taobh a stigh dha do chaisteal.

" O Anam-an-duine! ged a mhàrbhainn-sa na h-Ifrinnich uile an taobh a stigh do d' bhallaichan, tha mòran an taobh a muigh a bheireadh tusa gu daorsa; oir ged a bhiodh iad so uile an taobh a stigh air an gearradh as, gheibheadh iadsan a tha'n taobh a muigh a'd' chadal thu, agus ann an tiota shluigeadh iad suas Anam-an-duine.<sup>1</sup> Uime sin cheadaich mi dhoibh a bhi beò annad, cha'n ann gu do dhochann (ni a ni iad fathast ma dh'éisdeas tu riu, agus ma ni thu seirbhis dhoibh) ach a chum math a dheanamh dhuit, ni a dh'fheumas iad a dheanamh, ma ni thu faire agus ma chathaicheas tu 'nan aghaidh. Uime sinn biodh fhios agad, ciod air bith nì chum am buair iad thu, nach e a th'ann am rùn-sa gu'n iomanadh iad thu, ni's fhaide as, ach gu'n tugadh iad thu ni's dlùithe do m'Athair, chum gu'm foghlumadh tu cogadh, chum gu'm biodh a bhi 'g achanaich air a dheanamh taitneach dhuit; agus gu'm biodh tu air do dheanamh beag ann ad shealladh féin. Eisd gu dùrachdach ris a so.

" Uime sin, O Anam-an-duine, nochd dhomhsa do ghaol, agus na tughadh iadsan a ta an taobh a stigh dhe do bhallaichaibh air falbh do ghràdh uaithe-san a shaor t'anam. Seadh, deanadh sealladh de dh'Ifrinneach do ghaol dhomhsa ardachadh. Thàinig mi aon uair, da uair, trì uairean chum do shaoradh o nimh nan sàighdean sin a bheireadh do bhàs; seas air mo thaobh-sa, do charaid, an aghaidh nan Ifrinneach, agus seasaidh mis' air do shon-sa an làthair in' Athar, agus an làthair a chùirt-san uile. Gràdhaich mis' an aghaidh buaireadh, agus

---

<sup>1</sup> Caithris air a moladh.

gràdhaichidh mis' thus a dh'aíndheoin t' anmhainn eachdan.

" Cuimhnich, O Anam-an-duine ! ciod a rinn mo cheannardan-sa, mo shaighdearan, agus m' innealan-cogaidh air do shon. Chog iad air do shon, dh'fhuiling agus ghiulain iad mòran bho do làimhsa chum math a dheanamh dhuit, O Anam-an-duine ! Mar bitheadh iad agad gu do chobhair's cipnteach gu'n cuireadh Diabolus as dhuit. Uime sin, altrum agus beathaich iad. Am feadh a ni thusa gu math; bitidh iadsan gu math, 'nuair a ni thusa gu h-olc, bitidh iadsan euslan, tìnn, agus lag. Na fag mo cheannardan-sa gu tìnn, O Anam-an-duine ! oir ma bhitheas iadsan gu tìnn, cha'n urrainn duit-sa bhi slàn ; ma bhitheas iadsan lag, cha'n urrainn duit-sa bhi làdir ; ma bhitheas iadsan fànn, cha'n urrainn duit-sa bhi gaisgeil agus treùn air son do Righ, O Anam-an-duine !<sup>1</sup> Cha mhò dh'fhaodas tu smuaineachadh a bhi a gnà beò a réir seallaidh, feumaidh tu bhi beò air m' f hocal. Feumaidh tu a chreidsinn, O Anam-an-duine, 'nuair a ta mis' as an làthair, gu'm bheil mi fathast 'ga do ghràdhachadh agus 'ga do ghiùlan air mo chridhe gu sìorruidh.<sup>2</sup>

" Uime sin, cuimhnich, O Anam-an-duine ; gur tu m' aon-gràidh-sa ; mar a theagasgais mi dhuit faire, cathachadh, ùrnaigh, a dheanamh, agus cogadh an aghaidh mo naimhdean, is amhail a tha

1 Tha Anam-an-duine gu bhi beò air focal Dé.

2 Anns an iomlan de'n chainnt shoisgeulach so, tha na h-uile uail, agus féin-mhuinghinn gu buileach air an dùnadh a mach. Tha sinn a' faicinn ann an deiligeadh an Tighearna ris an anam, trècair o thoiseach gu dheireadh. Tha geallannan ro mhòr agus luachmhor de thròm chudthrom glòire shiòr-mhairreanach air a chuir fa chomhair a' Chriosdaidh, fada os ceann ni sam bith is urrainn e iarraidh no smuaineachadh ; oir cha'n fhaca sùil, agus cha chuala cluas, agus cha 'thàinig e riamh ann an eridhe duine, na nithe a dh'ullaich Dia dhoibhsan aig am bheil gràdh dha. 1 Cor. ii. 9. Ruitheamaid le foighidinn an réis a chuireadh romhainn, ag àmharc air losa, agus a cuimhneachadh a gnàth, " A réir mar a ta esan a ghàirm sibh naomha, bithibhse naomha mar an ceudna 'nar uile chaitheadh beatha, 1 Pead. i. 15.

mi nis ag àithneadh dhuit creidsinn gu bheil mo  
ghràdh-sa seamhach dhuit. O Anam-an-duine,  
cionnas a shuidhich mi mo chridhe, agus mo  
ghràdh ortsá; dean faire, feuch cha chuir mi  
eallach eile ort. Cum gu daingean an nì a ta agad,  
gus an tig mi.

A' CHRIOCH.

l

## G A E L I C   B O O K S,

PUBLISHED BY THORNTON & COLLIE,  
19 ST DAVID STREET, EDINBURGH.

---

- Bunyan's Pilgrim's Progress, 12mo, large type, 3s.  
Bunyan's Holy War, with 12 beautiful Wood Cuts, 3s.  
Bunyan's Grace Abounding, 2s.  
Bunyan's Water of Life, 1s.  
Bunyan's Sighs from Hell, 2s.  
Bunyan's Visions, or World to Come, 1s. 6d.  
Bunyan's Come and Welcome, 2s.  
Boston's Crook in the Lot, with Life of the Author,  
18mo. new Edition, 1s. 6d.  
Boston's Fourfold State, 12mo, 4s.  
Doddridge's Rise and Progress, 12mo. 3s. 6d.  
Burder's Village Sermons, new edition, *revised*, 18mo.  
Russell's Seven Sermons, 18mo.  
Gray's Great Salvation, 18mo. 1s. 6d.  
Willison's Sacramental Catechism, *in the press*.  
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo. 1s. 6d.  
Peden's Two Sermons, together with his Letter to the  
Prisoners in Dunottar Castle, and Thoughts upon  
the Covenant of Redemption ; with an Account of his  
Life, 18mo. 6d.  
M'Alpine's Gaelic and English, and English and Gaelic  
Pronouncing Dictionary, *cloth*, 9s. 6d.  
M'Intyre's Songs, 2s.

*Gaelic Books, Published by Thornton & Collie.*

Macgregor's Songs and Hymns, 6d.

M'Kenzie's Beauties of Gaelic Poetry, new edition. 12s

A History of the Church, from the Birth of Christ, to  
the end of the last Century By the Rev. Duncan  
M'Callum, Minister of Arisaig, 8vo. 6s.

Bible Stories, with 24 Wood Cuts, 4d.

Psalm Book in Gaelic and English, in parallel col-  
umns, beautifully printed in 18mo. 1s. 6d.

A History of the Animals mentioned in the Bible ;  
with Wood Cuts, 9d.

Guthrie's Trial of a Saving Interest, 2s.

Dyer's Christ's Famous Titles, 2s. 6d.

Life of Joseph, 1s. 6d.

Brown's Short Catechism, 1½d.

Shorter Catechism, 18mo. large type, 1d.

Ditto ditto in Gaelic and English, 1½d.

Proof Catechism, 2d.

Mother's Catechism, 1½d.

Ditto ditto in Gaelic and English, 4d.

Dr Thomson's Sacramental Catechism, 6d.

Colquhoun's Sacramental Catechism, 6d.

Buchanan's Hymns, 3d.

Watts' Divine Songs, with Cuts, 1½d.

The History of Prince Charles, with Portrait, fc.  
8vo. 5s.

Gaelic Songs,—A Selection of the most Popular Jaco-  
bite Songs, with Portrait of Prince Charles, 12mo. 9d.

Gaelic Melodist, a Selection of the most Popular Songs,  
32mo. 4d.

